



Oss. 274

With the Translator's compliments.

Mary MacKellar



TUILLEADH DHUILLEAG
BHO M' LEABHAR-LATHA

A dhùthaich nan Gàidheal nan creag 'us nam beann,
Nam mòr-chuan, a' cheathaich 's na gaoith,
Tir an daraich 's a' ghiuthais 's nan tuithean neo-ghann,
An ruadh-bhuis 'na h-earba 's an laoigh.

A dhùthaich na doineann, nan gleann 'us nan sliabh,
Gur h-naibhreach a dh' éireas do thonn,
A thìr mo luchd-gaoil, gu 'n robh saors' annad riamh,
'S tha mo shìnnnsir 'n an suain ann a d' fhonn.

—CIOBAIR ETTRICK.

A dhùthaich nan òran 's nan òg-mhnathan lurach,
S iad teò-chridheach banail, làn mire gun ghò,
'S fir uasal ghlan shocair nach gluaisear le giorraig,
Us nàmh cha 'n fhaigh buaidh air na laoich ud ri 'm beò.

—BEATTIE.



F. G. Foster

1877

TUILLEADH DHUILLEAG
BHO M' LEABHAR-LATHA

MU

CHUNNTAS MO BHEATHA ANNS
A' GHAILIDHEALTACHD

BHO 1862 GU 1882

UILLEAM BLACKWOOD AGUS A MHIC
DUNEIDEANN 'US LUNNAINN
MDCCCLXXXVI



DO

MO GHайдHEIL RIOGHAIL,

AGUS GU SONRUICHTE DO CHIUIMHNE MO DHEADH FHEAR-

FRITHEALAIDH AGUS MO CHARAIDE DILEAS,

IAIN BRÙN,

THIA MI A' COISREIGEADH LE BUIDHEACHAS A

CHUNNTAIS SO AIR NA CHAITHI MI' 'AN

ALBAINN DE BHLIADHNACHAN

MO BHANTRACHAIS.

VICTORIA R. I.

ROIMHRADH AN EADAR-THEANGAIR.

AIR d' a Mòrachd Rìoghail a' Bhan-rìgh làn-fhios a bhi aice air an spéis a tha aig clann nan Gàidheal dhi, araon mar bhean-uasail agus mar Uachdaran ; bha i toileach gu 'm biodh cothrom aca air a bhi' leughadh na 'n cainnt bhlasda fhéin am meas a tha aicese orrasan mar shluagh rìoghail, dìleas, gaisgeil, agus an spéis a tha aice do na glinn shiochail, agus na beanntan aosda, anns an d' fhuair i cho liugha sòlas. Air son sin chuir i 'an earbsa riumsa a leabhar "Tuilleadh Dhuilleag" a thionndadh gu Gàidhlig. Thug mi oidhearp air sin a dheanamh cho math 's a b' urrainn mi agus tha mi an dòchus gu 'n taitinn e ri mo luchd dùthcha.

MAIRI NIC EALAIR.

AN ROIMH RATH.

CHAIDH móran toileachaidh a thoirt do 'n ùghdar leis a' bhlàths agus a cho-fhaireachdainn leis an deachaidh gabhail ris an leabhar bheag "Ar beatha anns a' Ghàidhealtachd," a chuir i a mach bho chionn chóig bliadh'n-deug le a chunntas simplidh mu na làithean sona nach di-chuinibhearr am feasd—na làithean a mheal i còmhladh ris-san a lion a beatha le soillse agus le sòlas. Cha 'n 'eil fear-ullachaidh caoimhneil an leabhair sin a nise 'an tìr nam beò, ach air a shon sin, bha cuideachadh càirdeil air a thoirt seachad aig an àm so. Tha an t-ùghdar—ann a bhi 'cuimhneachadh mar a chaidh gabhail ris an leabhar bheag eile—a' smuaineachadh gu 'n dìnisg am fear so a cho-fhaireachdainn cheudna, oir am feadh 's a tha e ag innse mu bheatha air an d' thàinig atharruchadh mór tha e a' nochdadh mar a bha na turasan agus na tachartais mu 'm bheil i a' sgriobhadh a' togail a h-imritinn agus

a' misneachaidh a cridhe briste brùite. Agus ann an iarmailt ghlain na Gàidhealtachd, agus anns an t-sàmh-chair a tha 'n sin, mar a bha sluagh simplidh nam beann a' teagasg dhi an iomadh dòigh creideamh a bhi aice ann an Dia, agus a bhi làn-striochadh ri 'thoil.

Tha an t-ùghdar aig an àm cheudna ag iarruidh 'bhi cur an céill a taingealachd dhoibhsan uile a tha air an ainmeachadh anns an leabhar so, air son na dìlseachd agus a' chaoimhneis leis an do chuidich iad toileachas-inntinn a thoirt dhi anns gach àite agus mu gach nì mu 'm bheil an leabhar so 'toirt cunntas cho simplidh.

OSBORNE,

*An dara latha fìchead de 'n
Dùdlachd, 1883.*

CLAR-INNSIDH.

	SLIOS
TOGAIL CÀRN A' PHRIONNSA,	1
TURUS A DH' FHAICINN AN T-SEAN CHÙIRN AIR CO-AINM	
LATHA-BREITH A' PHRIONNSA,	3
AR CEUD TURUS GU CÀRN A' PHRIONNSA AN DÉIGH DHA 'BHI	
CRIODHNAICHTE,	4
TURUS GU BLÀR-ATHULL ANN AN 1863,	4
TUBAIST A DH' ÉIRICH D' AR CARBAD,	8
TOIRT A' CHÒMHDUICH DHETH IOMHAIGH A' PHRIONNSA	
'AN ABAREADHAIN,	14
TURUS GU INBHIRMARC,	21
AN CEUD TURUS GU DUN-CHAILLINN,	27
AN DARA TURUS DO DHUN-CHAILLINN,	41
FOSGLADH OBAIR-UISGE ABAREADHAIN,	60
OIDHCHE SHÀMHNA,	62
TURUS GU FLOORS AGUS DO DHÙTHAICH CRIÒCHAN SHAS-	
UINN,	64
TURUS GU GLEANN-FIDICH,	80
TOIRT A' CHÒMHDUICH BHARR IOMHAIGH A' PHRIONNSA 'AM	
BAIL'-MHOIREIL,	93
AN CEUD TURUS GU AIRIDH 'GHLAS-UILLT,	95
TUMADH NAN CAORACH, 1868,	98
BAISTEADH GAIDHEALACH, 1868,	99
BAISTEADH EILE AN 1868,	101
A BHANTRACH GHRANNT, 1869,	102

TURAS GU INBHER-THRÒSAICH, 1869,	103
RUSGADH NAN CAORACH,	133
GEALLTANAS - PÒSAIDH AIR A THOIRT LEIS A' BHAN-	
PHRIONNSA LIÙSAIDH DO MHARCUS LATHURNA,	135
DIDÒNUICH COMANNACHAIDH CHRATHIE, 1871,	136
AM BEUM-SLEIBHE, 1872,	140
TURAS GU LUCHAIRT AN RÒID-NAOIMH AN DUNÉIDEANN,	146
TURUS GU DUN-ROBAIN AN 1872,	160
AN T-OLLA TORMAID MACLEÒID,	190
TURAS A DH' INBHIRLÒCHAIDH, 1873,	216
TIGHINN-DACHAIDH A MHÓRACHD RÌOGHAIL DIÙC DHUN-	
ÉIDEANN LE A MHNAOI ÒIG,	256
FALBH PRIONNSA CHUIMRIDH BHO OBAIR-GHEALLAIDH AN	
UAIR A BHA E DOL DO NA H-INNSEAN,	258
TURUS GU INBHER-AORA,	261
TIODHLACADH GAIDHEALACH,	292
TOIRT A' CHÒMHDUICH BHARR IOMHAIGH A' PHRIONNSA-	
CÉILE 'AN DUNÉIDEANN, 1876,	296
TOIRT BHRATAICHEAN ÙRA DO REISEAMAID NAN SCOTACH	
RÌOGHAIL, 1876,	302
TURAS GU LOCH MARUIDHE,	306
TURAS GU BROXMOUTH,	329
BÀS AN RIDIRE TÓMAS BIDDULPH AIG MÒINTEACH OBAIR-	
GHEALLAIDH,	344
CROIS-CHUIMHNEACHAIN A CHUIREADH SUAS AIR SON BAN-	
PHRIONNSA ALICE, ARD BHAN-DIÙC HESSE,	347
BÀS PRIONNSA IMPIREAL NAM FRANGACH,	349
TIGHINN-DACHAIDH A' MHÓRACHD RÌOGHAIL DIÙC GHAL-	
LABH LE A MHNAOI ÒIG,	356
CÀRN A MHÒRACHD RÌOGHAIL DIÙC GHALLABH,	358
SGRÌOB GU AIRIDH GHLINN GHEALADAIR,	360
BUAIDH TEL-EL-KEBIR, AGUS TIGHINN-DACHAIDH A' MHÓR-	
ACHD RÌOGHAIL DIÙC ALBANI LE A MHNAOI ÒIG,	361
AN CO-DHUNADH,	367

NA DEALBHAN.

DEALBH A MÒRACHD RÌOGHAIL A' BHAN-RÌGH, 'S an toiseach.

"	MHR IAIN GRANNT,	.	.	.	<i>ri aghaidh slios</i>	3
"	A. M. R. A' BHAN-PHRIONNSA EILIDH,	.	.	.	"	21
"	MHR IAIN BRÙN,	.	.	.	"	29
"	A. M. R. A' BHAN-PHRIONNSA LIÙSAIDH,	.	.	.	"	41
"	AN T-SEANALAIR GREY,	.	.	.	"	61
"	NA BAN-MHORAIR CHURCHILL,	.	.	.	"	81
SHARP, CU-CHAORACH LEIS A' BHAN-RÌGH,	"	91
AIRIDH GHLAS-UILT,	"	95
DEALBH A. M. R. A' BHAN-PHRIONNSA BEATRAIS,	"	147
NOBLE, CU-CHAORACH LEIS A' BHAN-RÌGH,	"	317
CROIS-CHUIMHNE A. M. R. BAN-PHRIONNSA ALICE,	"	347
AIRIDH GHLINN GHEALADAIR,	"	361

TOGAIL CÀRN A' PHRIONNSA.

BAILE-MHOIREIL,
*Diardaoin, an t-aona latha fichead de cheud
mhìos an Fhoghair, 1862.*

GHABI sinn an rathad aig aon-uair-deug. Bha each beag Choire-Mhuilsi a' tarruing a' charbàdain anns an robh mise, agus am Brùnach 'n a cheann. Thàinig Bertie a nall bho Birkhall, agus chaidh e leinn d' a chois. Rug an dà bhalachan bheag oirnn air an rathad, a dhol leinn gu Creag Lùragain ; agus bha iad fhéin, agus an dà chaileig, air eich bheaga ; chaidh mise suas gu ruig am fior mhullach, anns a' charbad. Dh' fhàg sinn am frith-cheum agus ghabh sinn an rathad air an robh na cairtean a' dol suas. Bha an Granntach agus Donnachadh ri cùl a' charbaid 'g a chuideachadh air adhart.

Fhuair sinn mo leanaban gaoil (Beatrais) romhainn air a' mhullach. Bha an sealladh a bha ri 'fhaicinn mu 'n cuairt cho àillidh, an latha cho soilleir, agus am fraoch badanach cho bòidheach dearg—ach subhachas no toilinntinn cha robh ann dhòmhsha ! bha gach sòlas air dol bàs !

Tha dà fhichead troidh air leud ann an làrach a' chùirn, a tha ri bhi air a chur suas 'an so air a' mhul-

lach mar chuimhneachan air m' Ailbeart gaoil fhéin. Bithidh e ri 'fhaicinn sios fad a' ghlinne. Chuir mise agus mo shia-nar dhilleachdan bochda clachan air; agus tha na ceud litrichean de ar n-ainmeannan fhéin, agus de aimmeannan an triùir nach robh 's an fhianuis, ri bhi air an gearradh air clachan mu 'n cuairt dhe. Bha mise ga m' fhaireachdaiinn fhéin glé luaisgeanach, agus lagchuiseach.

Tha còig troidhean deug thar fhichead ri bhi ann air àirde, agus tha an sgrìobhadh a leanas ri bhi air—

MAR CHUIMHNEACHAN GRÀDHACH

AIR

AILBEART AM PRIONNSA-CÉILE,
MÓR AGUS MAITH,

THA SO AIR A THOGAIL LE 'BHANDRAICH BHRÒNAICH,

VICTORIA R.

AN T-AONA LATHA FICHEAD DE CHEUD MHÌOS

AN FHOGHAIR, 1862.

“Rinn esan tlim fada a cho-lionadh ann
An ùine ghoidid, air dha 'bhi air a dheanamh foirfe,
Oir thoilich 'anam an Tighearna;
Uime sin gheas e gu 'thabhairt air falbh
Bho chuideachd nan aingidh.”

—*Gliocas Sholamh*, iv. 13, 14.

Chaidh sinn d' ar cois gu ruig an t-àite 's an robh an rathad a' fàs garbh. Bha mise glé sgith leis a' cheud oidhrip so air coiseachd an fhraoich.



John Granchy

TURUS A DH' FHAICINN AN T-SEAN CHÙIRN AIR
CO-AINM LATHA-BREITH A' PHRIONNSA.

Baile-Mhoireil,
An siathamh latha thar fhichead de cheud
mhìos an Fhoghair, 1862.

Chaidh mi 'mach aig dà-uair-dheug anns a' charbadan. Bha Bertie a' falbh d' a chois, agus an dà chaileig air eich bheaga. Chaidh sinn a choimhead air a' charragh a tha 'g a thogail mar chuimhneachan air mo ghaol: thill Bertie ann an sin, agus ghabh sinne air ar n-adhart anns a' charbad troimh an fhraoch, mu 'n cuairt do 'n-bhaile-bheag, agus a mach Creag-ghobhan, gus an do ràinig sinn dlùth air an t-sean chàrn a chaidh a thogail 'an 1852. Thuirt an Granntach rium: "Bha mi 'smuaineachadh gu 'm bu toil leibh a bhi 'an so an diugh — air co-ainm an latha breith aige-san." Tha a leithid a dh' fhìor chreidimh làidir aig an t-sluagh mhath, agus shimplidh so, 's gun robh esan de 'n bharail nach bu chòir an latha gràidh so, no eadhoin an ceathramh latha deug de mhìos meadhoin a' gheamhraidh 'bhi 'n an laithean bròin. "Cha 'n e sin," ars esan, "an solus anns am feum sinn amharc air."

Choisich sinn sìos rathad Tigh-na-cóinnich; bha am fraoch cho bòidheach dearg; us bha an latha cho àillidh, agus cho grianar.

AR CEUD TURUS GU CÀRN A' PHRIONNSA AN
DÉIGH DHA 'BHI CRÌOCHNAICHTE.

BAILE-MHOIREIL,

An naodhamh latha deug de 'n Chéitein, 1863.

Chaidh mise 'us Eileag agus an t-Ollamh Robastanach a mach anns a' charbad bheag. Bha Dònull Stiùbhard 'an ceann an eich (cha robh Iain Brùn gu math) agus bha an Granntach 'n ar déigh.

Ràinig sinn an Càrn air mullach Creag Lùragain. Is e Carragh breaghà barra-chaol a th' ann, air a thogail gu snasail de chloich *granite*, gun aol idir. Tha an sgriobhadh air a ghearradh gu grinn agus air a dheadh chur air. Tha rathad math air a dheanamh gu mullach a' chnuic.

TURUS GU BLÀR-ATHULL ANN AN 1863.

BAILE-MHOIREIL,

*Dimàirt, an còigcamh latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1863.*

Aig fichead mionaid roimh ochd ràinig sinn Peairt, far an do ghabh sinn ar tràth-maidne, agus an d' fluair sinn sinn fhéin 'ath-sgeadachadh. Aig fichead mionaid 'an déigh naoi, dh' fhàlbh mi le Eileag Augusta Bruce, agus Seanalair Grey, gu dol gu Blàr-Athull; chaidh sinn seachad air Dùn-Chaillinn—àite nach faca sinn bho 'n

bhliadhna 1844—agus gu dearbh is àillidh a shuidh-eachadh; ghabh sinn seachad air Baile-Chloichridh agus troimh chathadh ciatach Chille-Chragaidh—troimh an deachaidh sinn 'n ar carbad gu tric ann an 1844; ghabh sinn seachad air Fas-choill—àite Mhr Butter—agus dìreach air adhart gu Blàr-Athull. Fhuair sinn caog-shealladh fad as de bheul Ghlinn-Teilt agus de Shin-Chaillinn; rinn e tinn mi anns an àm, agus tha mi tinn fhathast 'n uair a chuimhnicheas mi air.

Bha beagan sluaigh 'g ar feitheamh aig àite-stad carbad-na-smùid — giomanaich ghàidhealach an Diùc bhochd. Bha a' Bhan-diùc ghràdhach ann le Morair Tullibardine, agus Caippean Drummond Megginch. Thàinig tioma air a' Bhan-diùc an uair a chunnaic i mi, agus ghuil i an uair a shuidh i leam 's a' charbad—ghabh Eileag agus càch air an adhart anns a' charbad-bhàta anns an deachaidh *sinne* air an turus roimhe bho chionn dà bhliadhna!

Ghabh sinn dìreach a dh' ionnsuidh an tighe a ràinig sinn roimhe air an naodhamh latha de mhios deireannach an Fhoghair bho chionn dà bhliadhna, agus sinn cho sòlasach 's cho àrd-inntinneach. Thug a' Bhan-diùc mi do 'n cheart sheòmar anns an robh sinn air an latha sin, agus an déagh dhuinn beagan bruidhne a dheanamh mu thrioblaid dhóruinnich¹ an Diùc chaidh i 'dh' fheòraich an robh e deas gu 'm' fhaicinn. Thill i gu grad, agus lean mise i sìos na staidhreachan, agus air adhart troimh thrannsa làn de chròicean fhiadh. Chaidh sinn troimh an trannsa cheudna leis an Diùc

¹ Bha tinneas nach gabhaidh leigheas air.

ann an 1861. Bha e 'n a sheasamh an uair a chaidh mi stigh do 'n t-seòmar, agus bu bhrònach ri 'fhaicinn an t-atharrachadh mór a bh' air.

Phòg e mo làmh, 's thug e dhomh an ròs geal a tha e air a ràdh a b' àbhaist do Thighearnan Athuill a thabhairt do 'n Uachdarain Rìoghail an uair a thigeadh iad g' an amharec. Shuidh mi tòine bheag leis ann an seòmar anns an robh iomadh isneach, agus gach seòrsa culaidh sheilg. Bha iad sin uile gun mhath dhàsan gu bràth tuille—b' e 'n dà latha e mo thruaighe! Bha e cho toilichte m' fhaicinn.

Chaidh sinn a rithist suas an staidhir, agus ghabh sinn ar tràth-maidne anns an t-seòmar anns an do ghabh sinn e air an latha aoibhneach sin nach dì-chuimhnich mise am feasd, agus air an robh mi cho làn dòchais agus sòlais.

An uair a bha sinn aig a' bhòrd thàinig an Diùc a steach agus aon de chleòcanan tiugha MhicDhùghail Inbhernis air. Bha Mrs Drummond leinn, agus an òg-bhean mhaiseach cheanalta, Miss Moncreiffe a tha gu bhi 'n a ban-chliamhuinn aig a' Bhan-diùc. Bha a mhaighdean uasal Nicghriogair anns a' chaisteal ach cha 'n fhaca sinn i.

Cha 'n fhóghnadh leis an Diùc bhochd ach dol leam ga m' fhaicinn air falbh, agus chaidh e do 'n charbad leis a' Bhan-diùc 's leam fhéin. An uair a ràinig sinn choisich e beagan mu 'n cuairt agus e 'toirt seòlaidh do chàch air gach ni 'dheanamh mur bu chòir e bhi.

Phòg mise a' Bhan-diùc agus thug mi mo làmh dhàsan; ag ràdh "Gu 'm beannuicheadh Dia thu a

Dhiùc chaoimh." Bha na ceart dhaoine aige an sin a bh' ann air an latha thoilichte a bh' againn dà bhliadhna roimh sin. Dh' fheòraich e am faodadh iad aon iolach a thoirt mu 'm falbhainn, agus air dha cead 'fhaotuinn chaidh e fhéin air an ceann. O! cho cianail 's a bha 'n iolach sin dhòmhsa ! 'us mi 'cuimh-neachadh air an àm a dh' fhàlbh, an uair bho chionn dà bhliadhna a bha mo ghaol leam, agus e cho làidir fallain, agus mise cho aoibhneach 'n a chuideachd. Bha mi 'tòiseachadh ri faotuinn thairis air mo bhròn air son bàs mo mhàthar ghràidh, 'us sinn ag coimhead le 'leitheid a dh' fhiughar ri ionadh turus sòlasach a bha sinn an dùil a ghabhail an cuideachd a chéile anns na bliadhna chan bha romhainn. Bha an Diùc an uair sin cho slàn 'us cho làidir, choisich e leinn fad an rathaid, stad sinn aig crìoch na h-oighreachd aige fhéin far an d' òl iad uile ar deoch-slàinte. Thug e an sin cuireadh eridheil dhuinn gu tighinn a rithist cho tric 's bu mhiann leinn. Mu 'n do dhealaich sinn, thug e fhéin agus a dhaoine iolach àrd a réir cleachdadhl nan Gàidheal, agus cho-fhreagair an sluagh againne a' chaismeachd le aoibhneas. Bha pìoban mór a' nuallanaich mu 'n cuairt dhuinn, agus gach ni cho làn aighir, agus maise ! Bha mise—mar nach bu chòir dhomh—air mo thogail, a' smuaineachadh air na sòlasan de 'n t-seòrsa cheudna a bha romham. O ! cho beag 's a tha dh' fhios againn air na tha air thoiseach oirnn, cho neo-chinnteach 's a tha ar beatha, bha mo chridhe lagsa glé iosal an diugh, ach bha mi cho duilich airson an Diùc bhochd¹ 's gu 'n do chuir a bhi

¹ Dh' éug e latha no dhà an déigh na sean bhliadhna' tiare 1864.

bruidhinn urrad ris, mo bhròn fhéin a' null 's a' nall,
Rinn sin dhomh nach robh an turus cho aonaranach no
cho goirt 's a' bhiodh e air chor eile.

Rug sinn air càch aig Stanley 'us ghabh sinn air
adhart an carbadan fosgailte gu Aboyne. Bha Eileag,
Alfred, agus mo chagaran gaolach leam fhéin. Bha
am feasgar glé fhuar. Ràinig sinn dhachaidh aig fichead
mionaid an déigh sia. Thachair Bertie agus Alix anns
an dorus oirnn, agus dh' fhan iad tacan leinn. Tha e
cho iongantach leam iadsan a bhi 'an Abar-Gheallaidh!
's nach 'eil ach beagan bhliadhna chan bho 'n is i mo
mhàthair ghaoil a b' àbhaisd a bhi 'féitheamh oirnn.

TUBAIST A DH' ÉIRICH D' AR CARBAD.

*Dicriadaoin, an seachdamh latha de mhìos
deireannach an Fhoghair, 1863.*

Bha a' mhaduinn ceòthar. Le sac air mo chridhe
chuir mi romhain comhairle Alice a' ghabhail, agus
feuchainn ri dol gu Clobha. Dh' fhalbh mi leatha
fhéin agus le Eileag anns a' charbad—aig leth-uair
an déigh dà uair dheug—gu Allt-na-Giùbhsaich. An
uair a ràinig sinn sin, theasaich sinn beagan de
bhrot, 'us bhruich sinn buntàta, agus ghabh sinn
ar tràth-nòin. An deigh sin mharcainn sinn suas
thairis air Monadh - a - Chaipeal fo' sgàth - fhrasan
sneachd a bha 'tighinn oirnn gu math tric. Bha na
monaidhean uile còmhduichte le sneachd, agus b'

àillidh an sealladh sléibhteán uaine Chlóbha le 'n crùin gheala, agus aiteal na gréine a' boilsgeadh orra eadar na frasan. Ghabh sinn ùine fhada 'dìreadh 's bha mise glé sgìth mu 'n do ràinig sinn, agus mi ga m' fhaireachdain fhéin cho cianail, agus cho aonaranach. 'N uair a bha sinn a' teirneadh bha solus na gréine, agus i air a h-uillinn 's an iar, a deàrsadh air Loch Muic, 's bu bhreagha ri 'fhaicinn e. Chuir e na mo chuimhne-se ioniadhl latha sona a chaith mi an sin, anns na làithean a dh' fhalbh.

Stad sinn aig Allt-na-Giùbhsaich, air ar rathad dhachaidh agus rinn sinn *tea* ann. Cha robh an Granntach leinn, bha e air falbh le Vicky.¹ Thog sinn oirnn a rithist bho Allt-na-Giùbhsaich aig fichead mionaid roimh sheachd. Bha 'n t-srian aig Mac-a-Ghobha² agus am Brùnach 'n a shuidhe làmh ris. Bha Uilleam (an gille beag dubh aig Alice) air cùl a' charbaid. Bha 'n oidhche air tuiteam an uair a dh' fhalbh sinn, ach bha na lòchrain laiste mar a b' àbhaist. Bha atharrachadh mór air tighinn air Mac-a-Ghobha bho chionn greise, ach air an oidhche so bha e coltach ri bhi 'n a bhreislich bho dh' fhalbh sinn. Chaidh e caochladh uairean far an rathaid, agus thachair sin uair de na h-uairean 'an àite cunnartach, thug Alice glaodh aisde, agus theirinn am Brùnach far a' charbaid a sheòladh an rathaid do Mhac-a-Ghobha. Cha robh Alice idir socrach mu 'n chùis. Ged a bha an rathad cho còmhnaid

¹ Thainig i fhéin agus Fritz beagan làithean roimhe sin a dh' fhuir each do Abar-Gheallaigh le 'n cuid cloinne.

² Fhuair e *pension* 'an 1864 agus dh' eug e 'an 1866 'an déigh a bhi aona-bliadh'-deug thar fichead anns an t-sheirbhis Rioghail.

agus cho leathann bha eagal oirnn leis mar a bha am Brùnach ag cumail suas an t-soluis, nach robh Mac-a-Ghobha 'g a fhaicinn ceart. An uair a bha sinn mu dhà mhìle bho Allt-na-Giùbhsaich, dìreach mu fhichead mionaid an déigh dhuinn sin fhàgail thòisich an carbad gun fhios gun fhaireachadh ri aomadh thairis a dh' ionnsuidh an dara taoibh. Ghlaodh sinn "ciod e' th' air aimhreit?" Bha tiota againn a dh' uamhann iomaguinich, ghlaodh' Alice agus 'am priobadh na sùl bha an carbad air a thaobh agus sinne uile air ar tilgeadh air an lèr. Anns an tòine gheàrr sin, bha tòm agam air smuaineachadh "Saoil am bithidhmid air ar marbhadh" agus chuimhnich mi gun robh nithean air mo chùl a bu mhath leam 'fhàgail ann an òrdugh ni b' fheàrr na 'bha iad. Bha na h-eich 'n an sìneadh air an talamh agus am Brùnach ag glaodhaich le eagal "A Dhia uile-chumhachdaich dean tràcair oirnn! Có a chunnaic riamh roimhe a leithid sò! Shaoil leam gu 'n robh sibh uile air 'ur marbhadh." Bha aodach Alice ann an lùib a' charbaid, ach shrachd iad e, agus fhuair i anns a' mhionaid gu 'cosan. Bha Eileag an sàs cuideachd, agus i 'cur eagal orm leis a ghearan mhuladach a bh' aice; ach le còmhnhadh a' Bhrùnaich cha b' fhada gus an d' fhuair i saor. Rinn mise cinnteach iad nach robh mi-fhéin air mo ghoirteachadh, agus bha mi 'g ràdh riutha gu 'm bu chòir dhuinn a' chuid a b' fheàrr a dheanamh de chruaidh-fhortan nach gabhadh leasachadh. Bha Mac-a-Ghobha 'n a dhearg bhreislich, 's e gu dol á chiall, thàinig e mu dheireadh far an robh mi fhiéin, a dh' fheòraich an d' éirich dad dhomh.

Bha na h-eich 'n an luidhe fad na h-ùine so air an talamh, agus dh' fheumadh ni-eiginn a bhi deanta gus am faotuinn air an cois. Le ciùine shocrach a bha ciatach ri 'faicinn, chum Alice an solus ris a' Bhrùnach fhad 's a bha e—'s e 'cur oillt air Mac-a-Ghobha—ag gearradh nan sìntean. Fhuair na h-eich an sin air an cois agus cha robh dochunn sam bith orra. Cha robh dòigh againn air faotuinn dhachaidh, ach le Mac-a-Ghobha 'chur air ais leis an dà each a dh' fhaotuinn carbad eile. Bha m' aodann-sa air a bhruthadh gu dona, agus séid ann 's bha m' òrdag dheas air at 'us pian mór innse, gus an do għluais iad a null 's a nall i 's ann a shaoil leam a bha i briste. Chomhairlich Alice dhuinn suidhe anns a' charbad, a' deanamh cùl-taice dhe 'n ùrlar aige. Rinn sinn mar sin, agus chuir sinn breacain-uachdair thairis oirnn. Bha Uilleam beag 'n a shuidhe air ar beul-thaobh le lòchran, agus currachd a' chleòca aige mu 'cheann. Bha lòchran eile aig a' Bhrùnach agus e a' frithealadh oirnn air gach dòigh le cùram nach gabhadh sgitheachadh. Ghoirtich e fhéin a għluin a' leum as a' charbad, cha robh ni againn ri' ol ach beagan a dh' fhion-dearg; agus 's ann leis a ghlan iad m' aodann-sa agus mo làmh. Mu 'n gann a dh' eirich an tubaist so dhuinn thuirt mi ri Alice gu 'm b' anna-barrach an gnothuch nach b' urrainn mi so innseadh do Ailbeart gaoil; agus 's i 'n fhreagairt a thug ise orm : "Tha fios aige air uile, 's tha mi cinnteach gu 'n robh e ri faire thairis oirnn." Bha mise glé thaingeil nach ann le gòraiche 's am bith a rinn mi fhéin a thachair so; no le dol leud ròine far an rathaid anns an do chleachd mi dol le m' għraddh,

no air falbh bho an ni a bha e daonnan a' faicinn ceart dhuinn a dheanamh.

Cha robh e ro thoilichte leinn smuaineachadh air fuireach cho fada ri taobh an rathaid, ach cha robh an oidhche fuar, agus bha cuimhne agam air mar a b' àbhaisd do mo ghaol a ràdh ruinn: gu 'm bu chòir a' chuid a b' fheàrr a dheanamh de gach ni nach gabhadh leaseachadh. Bha dòchas againn airson tacain gu 'm beireadh na h-eich bheaga againn oirnn; ach chuimhnich am Brùnach gu 'n deachaidh iad air adhart roimhinn. Bha sinn a' bruidhinn fad na h-ùine air a' chruaidh-fhortan so a dh' éirich dhuinn; agus a' feuchainn ri thuigisinn ciamar a thachair e, agus cho tràcaireach 's a bha sinn air ar teàrnadh, 's bha sinn uile dh' aon inntinn ag ràdh nach biodh e sàbhailte dhòmhsha gu bràth tuille Mac-a-Ghobha a thoirt a mach anns an dorchadas leis a' charbad.

An déigh dhuinn suidhe mar sin fad leth-uair chuala sinn guthan dhaoine fada uainn, agus fuaim chasan each a' tighinn ni bu dlùithe, agus ni bu dlùithe dhuinn. Rinn sinn toileachadh an uair a chunnaic sinn gu 'm b' iad na h-eich bheag againn fhéin a bh' ann. Bha móran aig Ailbeart airson MhicUaraig; bha e daonnan a mach leis mar 'tha e am bicheantas a nis leinn fhéin. Air an oidhche so ghabh e eagal gu 'n robh rud-eigin air aimhreit an uair a bha sinn cho fada gun tilleadh; chual e Mac-a-Ghobha 'doł dhachaidh leis na h-eich, agus 'n uair a chunnaic e na soluis a null 's a nall bha e cinnteach gu 'n d' éirich mi-fhortan dhuinn; mharcainch e an sin air ais a choimhead air

ar son, ni a bha glé smuainteachail dha: mur bitheadh e air sin a dheanamh dh' fheumadhmaid suidhe an sud gu deich uairean; chaidh sinn 's a' mhionaid air na h-eich agus ghabh sinn dhachaidh. Bha 'm Brùnach 'an ceann an eich agamsa, agus an eich aig Alice; cha leigeadh e as a ghréim orra air eagal gu 'n éireadh an athithubaiste dhuinn. Bha Alasdair Grannt an ceann nan eachan aig Eileag agus Uilleam, agus bha MacUaraig air thoisearch oirnn le solus, ach bha 'n oidhche cho soillear's gum faiceamaid gun lòchran idir. Choinnich sinn an carbad a bha 'tighinn g' ar n-iarraidh, air a' bhruthach, far am bheil cadh'-chliath garadh droma iaruinn nam fiadh, os-cionn Tigh-na-togalach. Bha grùn de ghillean-stabuill 'an euideachd Mhic-a-Ghobha gu togail a' charbaid a chaidh a bhristeadh, agus dà each aca leò gu 'thoirt dhachaidh. Roghnaich sinne marcachd a dh' ionnsuidh an tighe agus ràinig sinn aig fichead mionaid roimh dheich uairean. Cha robh fios aig neach dhiubh ciod a thachair gus an d' innis sinn fhéin dhaibh e. Bha Fritz agus Louis aig an dorus agus ghabh iad uile maoim an uair a chual iad mu 'n għnothu, agus an uair a chaidh sinn suas an staidhir rinn iad urad a dh' othaill umainn. Għabb mise beagan a dh'eanaraich agus a dh'iasg na mo sheòmar fhéin, agus fluair mi stail a chur air mo cheann. Chunnaic mi càch a rithist airson tiota beag agus chaidh mi a laidhe gu math an-moch.

TOIRT A' CHÒMHDUICH DHETH IOMHAIGH A'
PHRIONNSA 'AN ABAREADHAIN.

*Diardaoin, an treas latha deug de mhìos
deireannach an Fhoghair, 1863.*

Bha mise glé luaisgeanach agus dhùirichdinn nach robh agam ri dol troimh an deuchainn chruaidh so. Dh' éirich mi ni bu mhoiche na b' ábhaist dhomh, agus bha mi 'g ùrnuigh airson neirt. Bha a' mhaduinn gu math gruamach, chaidh an triùir a b' òige de 'n chloinn (ach mo leanaban) agus Uilleam bràthair a b' òige Louis Prionnsa Hesse; na mnathan-coimheadachd agus na daoine uaisle air adhart romham. Thug mise m' aghaidh air an turus 's mi glé chianail agus aonaranach a' faireachduim cho neònach gun mo ghaol. Bha Alice 'us Eileag agus Louis còmhlaith rium. Cha b' urrainn dhuinn an carbad a chumail fosigailte. Choinnich Vicky agus Fritz sinn aig Aboyne agus chaidh an dà chàraid leam do charbad-na-smùid; bha na Prionnsachan 'an deiseachan gàidhealach. Bha mise mar gu 'm biodh seachran na m' cheann, gu mi-fhortanach bha 'n dìle uisge ann. Bhiodh e ro dhuilich agus glé bhrònach leamsa lan-chùnnatas a thoirt air na thachair air an latha sin; ach aig deireadh mo sgeòil bheir mi cùnnatas chàich air. Bha Vicky 'us Alice còmhlaith rium, agus bha am mór-shluagh, a bha 'g imeachd 'n 'an sreathan troimh shràidean dòmhail Abareadhain, caoimhneil, ach bha iad uile cho sàmhach 'us cho muladach, agus uime sin cho neo-choltach ris na tìmeannan beannaichte a dh' fhàlbh 's a b' urraim dhaibh a bhi. Gu mi-fhortanach

bha 'n dìle uisge ann fad na h-ùine. Tha 'n t-àite anns am bheil an Ìomhaigh air a cur suas glé bheag, agus air aon taobh ro theann air an drochaid, ach 's e *Marochetti* fhéin a thagh e. Bha mise air chrith cho luath ris an duilleig, 'n uair a thainig mi as a' charbad; cha robh neach ann mar a b' àbhaist ga mo stiùireadh, no a dh' innseadh dhomh ciod 'bu chòir dhomh a ràdh. O! mo léireadh, bha e tuille 's uamhasach dhòmhhsa, mo thruaigh! Fhuair mi òraid a' Phrobhaist—air a sìneadh dhomh—agus rinn mi ridire dheth, le claidheamh an t-Seanalair Grey, a' cheud aon a rinn mi bho 'n thàinig ceann air gach ni. Chaidh sinn a rithist suas air àrd- urlar fliuch gun chòmhdaich air bith thairis air, agus e dìreach fa chomhair na h-Ìomhaigh. Bha an dealbh glé ghrinn agus coltach ri m' ghràdh, ach bha e coimhead ro ional, agus beag airson a bhi air a bhlàr-a-muigh. Bha an ùrnuigh aig Prionnsapal Caimbeul glè fhada—ni a bha gu math deuchainneach 's an t-uisge cho tróm, ach bho na leubh mi i feudaidh mi 'ràdh gn'm bheil páirt dhi glé mhath.

Bha mise cho lag-chuiseach, an uair a chaidh an còmhdaich 'thoirt far an dealbh agus an uair a riun iad taisbeanadh nan arm bha mi duilich nach robh failte sam bith ann le drumachan, le dùdaichean, no le piòban móra. Bha e air a thoirmeasg do 'n luchd-ciùil cluich sam bith a dheanamh. Dh' fhàg mise iad ann an úine ghoirid.

'N an seasamh air an talamh air ar beulthaobh bha Löhlein,¹ Mayet, an Granntach, am Brùnach, Cowley, P.

¹ B' e Löhlein gille-frithealaidh a' Phrionnsa-Chéile. B' e Mayet an

MacFhearchair, D. Stiùbhart, Nestor,¹ an Rosach, agus MacPhedroin. Thug sinn leinn iad sin uile—agus an uair a bha iadsan a' sin c' arson nach robh mo ghràdh dlùth dhòmhhsa. O! b' e an giòthach muladach e! Ghabh mi mo thràth-nòin leis na caileagan ann an seòmar a bha shuas a' staidhir, 'us fhritheil na gilleann-bùird againn fhéin oirnn. An déigh sin, dh' fhalbh sinn mar a thàinig sinn. Choinnich Alfred sinn ann an sin, agus chaith e leinn gu carbad-na-smùid, far an do dhealaich e fhéin agus Prionnsa Uilleam Hesse ruinn.

Bha e gu math dorranach an latha 'fhaicinn cho breagha an uair a ràinig sinn Aboyne, far an do ghabh sinn beannachd le Vicky agus Fritz.

Ghabh sinn air adhart dhachaidh bho sin, ann an carbad fosgailte, agus ràinig sinn Baile-Mhoireil aig leth uair an deigh sia.

Bha mise sgìth; agus taingeal gu 'n robh an gnothuch uile thairis—ach O! bu ghoirt a bhi 'cuimhneachadh an turnis gun m' Ailbeart gaoil 'us mi 'smuaineachadh air na bhiodh againn de bhruidhinn air na h-uile ni a thachair, anns na làithean a dh' fhalbh!

[Tha an cùnnatas so a leanas mu òrdugh greadhnachais an latha ud air a thoirt bho 'n phairear-naigheachd 'Scotsman' air a cheathramh latha deug de mhìos deir-eannach an Fhoghair, 1863.

dara gille-frithealadh aige; 'us bha e aig an àm so aig Prionnsa Leopold. B' e Cowley eunadar a' Phrionnsa-Chéile bho 1848; 's e saighdear a bh' ann roimhe, 's bha pension aige.

¹ B' e Nestor Tirard fear cur an òrdugh falt na Ban-rìgh bho 1846.

'S ann glé shimplidh agus sàmhach a bha 'n t-ullachadh a bh' air a dheananbh airson na Ban-righ nam prionnsachan, agus nam Ban-phrionnsachan, aig ceann-ionaid an rathad-iaruinn air taobh an ear-thuath a' bhaile. Bha dà bhrataich mhóir an crochadh tarsainn air taobh a stigh fosgladh an rathaid, agus bha ùrlar an trannsa a bha 'dol dh' ionnsuidh an rathaid-chòmhduichte ann an Sràid Guild, cuibhrichte le eudach dubh-dhearg. Bha na daoine-uaisle a leanas a' feitheamh aig àite-stad carbad-1.a-smùid, agus rinn iad di-beathta a bhuidheann rioghail an uair a rèinig iad : 'S e sin Diùc Richmond ; Probhaist Abareadhain, agus iadsan a tha 'an dreuchd fodha ; Iarla Abareadhain ; Morair Saltoun ; an Ridire J. D. H. Elphinstone ; an Ridire Alasdair Bannerman ; Morair Barcaple ; Mr MacThómais á Banchory ; Coirneal Fris-eal, Chaisteal Fhriseal ; Coirneal Friseal òg, Chaisteal Fhriseal ; Mr Leslie, Warthill, B.P. ; Mr Irvine á Drum, Fear-gairm na Siorramachd ; Còirneal Mac-Fhearchair Invercauld ; an Siorram Mac-Dhàibhidh ; Mr Iain Webster ; agus móran de luchd-riaghlaidh agus luchd-dreuchd an rathad-iaruinn.

An uair a dh' fhág iad ceann-nidhe an rathad-iaruinn chaidh am mór-shluagh' an òrdugh mar a leanas, ghabh iad air adhart Sràid Guild, Regent Quay, Sràid Marischal, Sràid a' Chaisteil, agus Sràid an Aonaidh, a dh' ionnsuidh an àite anns an robh an dealbh-chuimhneachan air a chur suas :—

Am police,

Buidheann de shaighdearan nan each,
Fear-gairm agus Maighstir thighean eiridinn an
luchd-ceairde aonaichte,
Prionnsapal agus Ard-luchd-teagaisg Oil-thigh Abareadhain.
Ard-chlachair a' bhaile,

Diùc Richmond, Fear-gairm, agus Siorram, na Siorramachd,
agus Luchd-ionaid na dream a chosd ris an dealbh-chuimhneachan
a chur suas,

Am Probhaist,

Luchd-dreuchd, agus Luchd-comhairle a' bhaile.

Luchd-coimheadachd na Ban-righ agus an teaghlaich rioghail.
A' Bhan-tighearna Augusta Bruce 'am frithealadh air a Bhan-righ,
A' Bhan-iarla Hoenthal 'am frithealadh air Ban-phrionnsa
Crùn Phrussia,

A' Bhan-bharan Schenk 'am frithealadh air Ban-phrionnsa Hesse.

An Ridire Seòrus Grey,
 Na Prionnsachan Alfred, Artair, agus Leopold,
 A' Bhan-tighearna Churchill, àrd-bhean-choimheadachd na Ban-rìgh,
 A' Bhan-phrionnsa Eilidh,
 A' Bhan-phrionnsa Liùsaidh,
 Prionnsa Crùn Phrussia
 Prionnsa Louis Hesse,
 Ban-phrionnsa Louis Hesse,
 Ban-phrionnsa Crùn Phrussia,
 A' BHAN-RÌGH,
 Freiceadan de shaighdearan nan each.

Ghabh a' mhór-chuideachd so air adhart troimh na sràidean dumhlaichte gun diog á ceann duine mar gu 'm biodh gach neach airson nach rachadh ni a dheanamh nach biodh taitneach leis a' Bhan-rìgh. 'N uair a ràinig iad aitreabh còisir comunn na h-àirdé tuath chaidh a' Bhan-rìgh, na prionnsachan, 'us na Ban-phrionnsachan, an Ridire Tearlach Phipps,¹ Morair Tearlach Fitzroy, Maidsear-seanalair Hood, Dr Jenner, Seanalair Grey, agus mnathan-uaisle us daoine-uaisle na coimheadachd, bho 'n carbadan do 'n trannsa agus as a sin do sheòmar-cluich an tighe, seòmar àrd breagha air am bheil cumadh leth nibhe ris a cheann a's dluithe ri Terrace an Aonaidh. Thug am Probaist an sin an òraida a leanas do 'n Bhan-rìgh.

DO A MÒRACHD RO ÒIRDHEARC A' BHAN-RÌGH.

Tha an òraida so, ann an irioslachd, bho iochdarain dhileas agus dhleasdanach na Ban-rìgh, a chuidich dealbh - cuimhne a Mhòrachd Rioghail am Prionnsa-Céile a chur suas 'an Abareadhain.

MA'S E TOIL 'UR MORACHD RIOGHAILE,

Tha sinne, iochdarain dhileas agus dhleasdanach 'ur mòrachd, a chuidich dealbh - cuimhne a Mhòrachd Rioghail am Prionnsa-Céile a chur suas 'an Abareadhain, ag iarraidh cead air tarruing dlùth ann an irioslachd a dh' innse mu 'n cheangal ghràdhach a tha againn ri pearsa agus riaghlaidh 'ur Mòrachd Rioghail.

¹ Fear-gleidhidh mo sporain shòrnichte fhéin. Dh' éug e, gu m' mhór dhoilgheas, air a cheathramh latha fishead de cheud mhios an Earraich, 1866. Bha e againn fad fhichead bliadhna, agus bha e glé dhileas agus cho gaolach air a' Phrionnsa ghràidh us orm fhéin.

Thug sinne an diugh gu crlech an obair air an do thòisich sinn araon ann am bròn, agus ann an taingealachd air son cuimhne a' Phrionnsa ainmeal sin, a chaidh a thoirt uainn le toil dhiomhair an Fhreasdail, neach a bhios sinne—maille ri uile iochdarain 'ur Mòrachd—a' caoidh ri ar beò.

Cha 'n 'eil feum air cuimhneachan sam bith a chumail beò ainm aon a chuir a leithid de sgèimh air an inbhe is àirde anns an tìr, le àrd-shoilearachd 'inntinn, a dheadh bheusan, agus an t-eud flor-ghlan agus tuigseach a bh' aige air son gach ni a bha gu math a' mhór-shluaign; tha a chuimhne crùinte le urram air feadh an t-saoghal, mar nach robh cuimhne móran de phrionnsachan riamh roimhe; agus tasgaidh an rloghachd mhór so 'eiseamplair, mar ionmhas priseil. Gidheadh tha eòir shònruichte air e 'bhi air a ghleidheadh an cuimhne anns an earrainn so de 'n Rloghachd Aonaichte air an robh am Prionnsa uasal so ag cur de dh' onair 's gu 'n robh e 'g a taghal bho bhliadhna gu bliadhna, agus anns a' bhaile so a fhuair de dh' fhàbhar le a ghibhtean àrda a bhi air an nochdadhl ann, 'an dòigh cho àraidh an uair a bha e 'n a Fhearr-riaghlaidh air a' Chomunn Bhreatannach, a tha air son adhartachadh ealdhain, agus bha gach inbhe de 'n t-sluagh deònach air gu 'm bitheadh cuimhneachan a mhàireadh air a chur suas 'n ar measg a nochdadhl an urram agus a' ghràidh a dhùisg e 'n ar eridheachan.

Tha sinn fhéin glé mhothachail air cho geàrr's a thàinig aú cuimhneachan a chuir siunn suas air an ni bu chòir dha 'bhi. Ach tha sinn ro thaingeil gu 'n d' thàinig 'ur Mòrachd a mach gu caoimhneil aig an àm so a rithist a thoirt cothrom do 'n t-sluagh dhileas, air an ùmhachd dhligheach a thairgse am follais; agus tha sinn ag gabhail na h-oidhrip so a rinn 'ur Mòrachd air tighinn, mar dhearbhadh air sibh a bhi toilichte leis an ni bheag so a rinn sinn, a chum a bhi 'nochdadhl ar bròin agus bithidh sinn gu bràth taingeil do 'ur Mòrachd air son an dearbhaidh so a thoirt dhuinn.

Gu 'n robh an Dia uile-chumhachdach bho 'm bheil gach neart a' sruthadh a' toirt comhfhurtachd do chridhe 'ur Mòrachd, agus a' soirbh-eachadh leis gach ni 'tha sibh a' rùnachadh agus a' deanamh air son math an t-sluaign; Gu 'n deònaicheadh esan gach rogha fabhair do 'ur teaghlaich rioghail, agus gu maireadh fhathast ré iomadh bliadhna a' bheannachd a tha aig iochdarain 'ur Mòrachd ann an sibh a bhi 'rioghachadh thairis orra. Is i so ar n-athchuinge dhùrachdach gun sgur.

An ainm luchd-cuidichidh an Dealbh-cuimhne 'chur suas,

ALASDAIR MACAINDREA,
Probhaist Abareadhain, Fear-cathrach a' Chomuinn.

ABAREADHAIN, an treas latha deug
de mhìos mu dheireadh an Fhoghair, 1863.

Air do 'n òraid so 'bhi air a toirt do 'n Bhan-rìgh shìn i am freagairt a leanas do 'n Phrobhaist :—

Bhean an òraid chaoimhneil agus thairisneach so gu mór rium, agus tha mi 'toirt buidheachais dhuibh bho m' uile chridhe. Cha ghabh cainnt cur air na faireachdainnean leis an do riinn mise suas m' innseann gu tighinn an so an diugh, gu bhi na m' fhanuis air coisrigeadh an Dealbh-cuimhne so, a dh' innseas do na linntean ri teachd mu 'n ghràdh, agus mu 'n mheas a bh' aig sluagh na dùthcha agus a' bhaile so, air mo chéile mór agus gràdhach. Ach an uair a bha an t-urram so 'g a chur air a chuimhne-san cha b' urrainnn dhòmhlsa fuireach aig an tigh gun oidhrip a thoirt air a bhi 's an làthair, a dh' iunse dhuibh mo mhór thaingealachd air son 'ur caoimhneis agus 'ur gràidh ; agus aig an àm cheudna an cothrom a ghabhail air innse ann am follais mu 'n urram neo-chriochnaichte, am mór-mheas, agus an teas-ghaol a tha 'lionadh mo chridhe air a shon-san a chaill mi, agus thilg an call sin neul dorcha thairis air na tha romham de m' bheatha. Cha dìchuimhniach mise am feasd na nithean mu 'n do labhair sibh cho faireachdail—gur ann 's a' bhaile so a thug e 'n òraid chomharaichte sin seachad air beulthaobh a' Chomuinn Bhreatannaich bho chionn beagan bhliadhnachan ; agus gur ann do 'n t-siorramachd so a chleachd sinn tighinn bho chionn ionadhl bliadhna a chaitheamh cuid de na làithean 'bu toilichte dhe ar beatha.

An déigh do 'n Bhan-rìgh am freagairt so a shineadh do 'n Phrobhaist, dh' òrduish an Ridire Seòrus Grey dha dol air a ghlùinean agus air do 'n Bhan-rìgh claidheamh an Ridire Seòrus a ghlachdadh, bhean i ri guallainn a' Phrobhaist leis, ag ràdh :— éirich a Ridire Alasdair Mhicaindrea.

'N uair a bha so thairis dh' fhalbh a' Bhan-rìgh agus a' bhuidheann rioghailean gu léir a dh' ionnsuidh an àrd-ùrlair a chaidh a chur suas air an son. 'N uair a chunnaic iad a' Bhan-rìgh thug a h-uile aon de 'n mhór-chuideachd a bha muigh dhiubh am bonaidean. Bha a' Bhan-rìgh fad na h-ùine coltach ri bhi làn de thróm bhròn agus glé iosal 'n a h-inntinn ; ghabh i gu taobh-beóil an àrd-ùrlair, na Prionnsachan air a cùlthaobh 's iad eudaichte 'an breacan rìoghail nan Stiùbhartach, agus na Ban-phrionnsachan ann an gùntan gorma sioda, 'am bonaidean geala 's an cleòcanuan dorcha glas. Thòisich Prionnsapal Caimbeal air gnothuch an latha le ùrnuigh, agus lean e oirre fad dheich mionaidean, ged a bha 'n sluagh 'n an seasamh ceann-ruisgte fodh 'n dìle uisge. Nochd a Bhan-rìgh i fhéin mì-fhoighidin ri fad na h-ùrnuigh, 's cha b' iognadh e.



Aelassa

1865

'N uair a sguir e dhi, thugadh sanus seachad agus 'an tiota bha 'bhratach a dh' fholaidh an dealbh air a ruith suas gu mullach a' chroinn-bhrataich, agus bha obair an latha criochnaichte.

Sheall a' Bhan-rìgh gu geur air an dealbh-chloiche agus air dhi a ceann a chromiadh ann am fàilte ris a' mhór-shluagh dh' fhàg i an t-àrd-ùrlar agus lean a' bhuidheann rioghail i. An déigh do'n chuideachd uasail an tràth-nòin a ghabhail anns a' chòisir-chomuin, chaidh am mór-shuagh a rithist an òrdugh agus ghabh iad air adhart air an rathad a thàinig iad gu àite-stad carbad-na-smùid 'an Sràid Guild. Dh' fhàg a' Bhan-rìgh Abar-eadhain aig trì uairean.]

TURUS GU INBHIRMARC.

*Dimàirt, an naodhamh latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1865.*

'N uair a dhùisg mi 's a' mhaduinn, bha mi glé lag agus luaisgeanach a' smuaineachadh air an turus a bha romham, bha 'n t-atharrachadh a thàinig air gach ni cho muladach. Dh' fhàg mi 'n tigh aig aon-uair-deng le Eileag agus Sìne Churchill. Bha an Granntach agus am Brùnach' 'n an suidhe air taobh - beòil a' char-baid, mar a b' àbhaist dhaibh anns na làithean sona a dh' fhalbh. Ghabh Seanalair Grey air adhart romhainn, agus rug sinn air aig drochaid Muic, far an robh na h-eich bheaga againn 'g ar feitheamh. Bha ceathrar ghilleann leinn, agus bha triùir dhiubh sin—Mac-a-Ghobha, Mòrgan, agus MacUaraig, leinn 'an 1861. Bha fior bhruthainn ann an uair a bha sinn a' dìreadh na Polaich. Fhuair mise troimh an fhéithe gu gasda, ach bha 'n t-each aig Sìne Churchill a' sìor dhol fodha. Chaidh

sinn thar an Tanair agus an déigh direadh astar beag ri taobh Beinn Chian stad sinn a ghabhail ar tràth-nòin, agus chaith Seanalair Grey air adhart a choinneachadh Morair Dalhousie. Bha dithis dhe na forsairean aige air tighinn a dheanamh an rathaid dhuinn. An déigh suidhe tacan beag 'us ar n-anail a leigeadh chaith sinn a rithist air na h-eich 'us dhùrich sinn suas ri guallainn Beinn Chian 'us ghabh sinn air adhart. Bha e gu math ceòthar a null uainn 'us choisich sinn greis, agus an déigh sin mharcach sinn sios an cathadh breagha ris an abrar Allt-an-Fhàraidh ; ach cha d' thug an sealladh an toilinntinn dhòmhsha 'thug e 'n uair a chunnaic mi roimhe e, cha toir ni air bith togail air m' inntinn a nis. Thachair Morair Dalhousie oirnn agus Seanalair Grey aig lochdar a' chathaidh agus fhuair sinn fàilte chridheil. Beagan ni b' fhaide air adhart, aig a' bhothan far an do ghabh sinn ar tràth-nòin an 1861 thachair piuthar Morair Dalhousie, a' Bhan-mhorair Cairistiona Maule oirnn 's i a' marcachd. Thill i leinn 's an déigh dol beagan shlatan air adhart, theirinn sinn aig an tobar. Tha e breagha da rìreadh air a thogail de chlachan geala 's e air cumadh sean Chrùn Albainn. Tha clàr air am bheil an sgriobhadh a leanas air a chur a stigh ann an aon de a phuist : "Bha a' Bhan-rìgh Victoria agus am Prionnsa-Céile aig an tobar so, agus dh' òl iad dhe 'uisge ùrachail air an flicheadamh latha de mhìos-meadhoim an Fhoghair, 1861, a' bhliadhna anns an do thuit an tróm bhròn air a Mòrachd Rioghail." Tha an tobar ag éirigh as a' ghrùnnnd 'n a ghucagan bòidheach, agus mu' n cuairt

dhe—còmhnhard ris an talamh—tha an sgriobhadh a leanas air a ghearradh anns an t-seann litir Shasunnaich :

“ Dean fois, fhir-turais an so bho d-fhalbhau ;
Òl, ‘us dean ùrnuigh air son Ban-rìgh Albainn.”

Dh’ òl sinne dhe ’n uisge le cridheachan gle bhrònach, a’ cheart fhuaran bho ’n d’ òl mise le m’ Ailbeart gaoil bho chionn cheithir bliadhna. Shìn an Granntach an t-searrag-pòcaid aige dhomh—fear a thug mi fhéin dha, agus as an d’ òl sinn air an latha sin roimhe ! Thog Morair Dalhousie an tobar mar chuimhneachan air an latha sin, agus bha tighinn ann a rithist dhomhsa cho sòluimte ri turus-cràbhaidh ; ghabh sinn beagan *tea* an déigh sin goirid bho ’n tobar agus fhuair sinn an sealladh a b’ àillidh a ghabhadh faicinn de ’n ghleann fharsuing bhòidheach so. Bha e air a lasadh suas le grian an fheasgair agus e cho blàth ri latha sàmhraidi gun deò gaoithe ann, agus an speur a’ fàs ni bu deirge ’s ni bu deirge. Agus ’n uair a sheall sinn air na monaidhean sios troimh ’n ghleann bha ’n deàrsadh maiseach orra ’is tric leò a bhi orra ’s an fheasgar. Bha na gillean ’n an éideadh gàidhealach agus na h-eich bheaga ’n an grunnan mu ’n cuairt de ’n fhuaran thall ’us a bhos a’ sealltuinn cho grinn, ach bha gach ni cho neònach leamsa, cho mhi-nadurra ’us cho cianail. Thog sinn oirnn a rithist a’ marcachd agus ghabh sinn an ceart rathad air an deachaidh sinn air adhart roimhe bho chionn cheithir bliadhna, seachad air seann chaisteal Inbhirmare. Bho ’n a bha ùine gu leòir againn mharcaich sinn gu Loch Liath : cha d’ rinn sinn ach ’fhaicinn uainn air an uair roimhe : cha’ n’ eil ann ach loch beag, ach tha

e fior bhòidheach, bha deàrsadh na gréine cho maiseach air, 's chuir e na m' chuimhne an ceann is fhaide air falbh de Loch-Muic. Mharcaich sinn as a sin a dh' ionnsuidh an tighe: bha cuimhne cho math agam air seòmar-na-cuideachd 's rinn 'fhaicinn a rithist gach ni cho ùr dhomh. Thug a' Bhan-mhorair Cairistiona suas an staidhir sinn, bha 'n dà bhean-fhrithealaidh, 'us Eileag, 'us Ban-mhorair Churchill, agus am Brùnach uile anns an aon trannsa, air falbh bho 'n chòrr de 'n tigh. Bha mise glé sgìth, agus cianail, 's ann a bha mi mar gu 'm bithinn air chall. Cha robh mi riamh roimhe an tigh aineoil na m' aonar, gun mo mhàthair no mo chompanach leam, agus bu bhrònach leam a bhi 'smuaineachadh air. Bha leanabh gràdhach leam, ach dh' fhalbh an fheadh-ainn ghaolach a bha cho fada os mo chionn! agus bu chruaidh a bhi ag ionndrainn an cul-taice! 'S iomadh turus a dh' fhaicinn luchd-eòlais a ghabh mise le m' fheudail cho toilichte, ged a dh' fheudadh a bhi againn ri dol troimh nithean nach biodh furasda leinn 's a bhiodh foirmeil, bha 'n sòlas cho mór againn ann a bhi 'an cuideachd a chéile, agus sinn mar gu 'm b' eadh 'n ar saoghal dhuinn fhéin.

Bha 'n dinnear gu h-iosal ann an seòmar bòidheach 's bu mhath mo chuimhne air; cha robh aice ach Morair Dalhousie, a' Bhan-mhorair Cairistiona, an Seanalair, Ban-mhorair Churchill, Eileag, agus mi fhéin: cha d' fhuirich mise gu h-iosal ach ùine ghoirid. An déigh na dinneir chaidh mi suas an staidhir le Eileag agus Sine Churchill, agus an déigh sin chaidh mi mach greis le Sine: bha am feasgar glé bhlàth.

*Diciadaoin, am ficheadamh latha de mhios
meadhoin an Fhoghair.*

Maduinn àluinn, ghabh mi mo thràth-maidne na m'
sheòmar-suidhe fhéin 's gun leam ach Eileag. Bha am
Brùnach a' frithealadh oirnn, tha e daonna deas a
dheanamh gach ni 'theid iarruidh air. Chaidh sinn a
mach aig aon-uair-deug 'us chuir mise dà chraoibh,
chuir Eileag té cuideachd—an àite a h-athar beannuichte
mo thruaighe! Dh 'fhalbh sinn an déigh sin air na
n-eich a bha sinn a' marcachd an dé 'us chuir sinn ar
'n aghaidh air an rathad dhachaidh, Chaidh Morair
Dalhousie 'us a' Bhan-mhorair Cairistiona, agus buidh-
eann de na forsairean aca, leinn 'us ghabh sinn ath-
ghoirid seachad air an tobar, cha do theirinn sinn
idir aige 'us ghabh sinn a mach ri Allt-an-Fhàraidh.
Thill sinn air an rathad a ghabh sinn a' tighinn, stad
sinn aig a chrìch 'us thàinig sinn far na 'n each, agus
ghabh sinn ar tràth-nòin an taice chlachan móra a bha
'n sin. Bha Morair Dalhousie¹ còir glé chaoimhneil
agus fialaidh ruinn. Ghabh iad beannachd leinn an
déigh ar tràth-nòin 'us thill iad dhachaidh. Chaidh
Seanalair Grey air adhart air thoiseach oirnn, cha
robh e ach aon uair a latha 'n uair a shuidh sinn ri ar
tràth-nòin, agus bho 'n a bha e cho tràth shuidh sinn
greis mu 'n do thòisich sinn ri teirneadh a' bhruthaich,
chuir e smuaineachadh ormsa a' chuimhneachadh gu 'm
b' e so co-ainm a cheud latha' chaidh sinn do Inbher-
marc. Theirinn sinn an rathad a dhirich sinn, 's chaidh

¹ Dh' éug e' an 1874.

sinn thairis air an Tanair. 'S an déigh dol greis air adhart stad sinn a rithist oir cha robh sinn air son cabhagachadh dhachaidh, agus bha fios againn nach biodh an carbad 'g ar feitheamh na 'n ruigeamaid romh 'n uair aig an d' òrduich sinn e. Fhuair sinn ar *tea*, 'us thug sinn greis air tarruing dhealbh, agus an sin mharcaich sinn air adhart. Bha 'n iarmait air fàs dorcha agus gruamach, agus 'an tiota bhual fras thróm fhiadhaich uisce oirnn. Bha sinn direach aig an àm sin a' dol thairis air a' bhoglach, ach chaidh againn air gu math. Rinn e turadh an uair a bha sinn a dol thairis air a Phòlaich. Bha sealladh breagha ri fhaicinn 'n uair bha sinn a tearneadh do 'n ghleann anns am bheil "Gàirn" agus "Muic" a' ruith, agus chuir e na mo chuimhne an turas sona mu dheireadh a bh' againn an 1861, stad Ailbeart gu bruitheann ris a' Ghranntach mu 'n là fhàidh, agus thuirt e ris "Theagamh gu 'm bi thu fhéin 'us mise marbh mu 'm bi iad air an cur 'an òrdugh!" Bha aghaidh na dùthcha fa 'r còmhair an diugh mar a bha i 'an latha sin; ach na h-uile ni eile air' atharrachadh cho mór.

Fhuair sinn dhachaidh aig deich mionaidean an déigh seachd 's bha e 'sior shileadh air an uisce.

AN CEUD TURAS GU DUN-CHAILLINN.

*Diluain, an naodhamh latha de mhìos
deireannach an Fhoghair, 1856.*

Maduinn dhorcha chèothar bhagarach! Bha e glé mhi-thaitneach leam ach cha robh comas air. Thachair do 'n t-side a bhi mar sin uair no dha air amanan sònruichte anns na làithean sona a dh' fhalbh, ach theireadh m' Ailbeart gaoil nach gabhadh a' chùis atharruchadh, 's gu 'm b' fheudar fhàgail mar a bha e, agus a' chuid a b' fheàrr a dheanamh dhe. Ghabh an triùir bheag againn an tràth-maidne leam. Bha mi cho duilich a bhi' fàgail mo rùn beag agus Leopold bochd na mo dhéigh. Dh' fhàg mi aig deich uairean le Eileag 'us Sine Ely agus na seirbhisich àbhaisteach na 'n suidhe air toiseach a' charbaid, chaidh an Seanalair Grey air adhart uair gu leth air thoiseach oirnn, ghabh sinn eich duais aig Baile-Chaisteil. Bha 'bheag no mhór a dh' uisge ann fad na h-ùine 's thug sinn air n-aghaidh air an t-sìneadh fhada rathaid tha dol gu ceann-uidhe Spiteil Ghleann-Sith agus bha mi fhein 'g a shaoilsinn ni b' fhaide na bha e riagh roimhe. Bha ceò tróm air na monaidhean. Dh' atharruich sinn eich ann an sin agus mu chairteal na h-uaire an déigh dhuinn' fhàgail stad sinn a ghabhail ar tràth-nòin anns a' charbad. An déigh beagan moille, thionndaidh sinn gu Srath-Arduil dh' fhàg sinn rathad Bhùlär-Gaibhre, agus ghabh sinn gu tuathanachas Bhaile-Charmaig. Beagan mu 'n do

ràinig sinn sin thachair Mr Small Keir Cheann-Drogain¹ oirnn agus mharcaich e air thòiseach oirnn gu tigh an tuathanaich. Fhuair sinn Seanalair Grey romhainn ann an sin, agus na h-eich bheaga againn. Bha Ban-diùc Athuill ghràdhach ann an sin agus a' mhaighdeann uasal Nicghriogair leatha. Thàinig sinn as a' charbad agus chaith sinn air son greis bheag do'n tigh far an do ghabh sinn fion 'us briosgaidean uatha. Chaidh sinn an sin air muin nan each—mise air mo dheadh Fyvie, 'us Eileag air Brechin, agus thog sinn oirnn a mach ris a' bhruthach. Bha ceò tróm ann 'us mhill sin oirnn an sealladh breagha a bha sinn an dùil ri 'fhaicinn. Bha seòrsa rathaid againn an toiseach ged a bha e garbh, ach mu'n deachaidh sinn fada cha robh againn ach céum chaorach, agus is ganu a bha sin fhéin againn; dol thar fhraoch 'us chlachan a mach ris a' mhonadh chas. Cha b' urrainn do Mhr Keir cunail ris na gàmagan fada aig a' Bhrùnach, agus aig Fyvie, a bha air thoiseach air càch uile; b' fhendar dha leis a sin tuiteam air deireadh 's chaidh an gille-seilg aige a shealltuinn an rathaid dhuinn. Bha 'n dile uisge ann, agus ceò dùmhail. Thug uair 'us beagan mhionaidean sinn a dh' ionnsuidh na crìche far an do thachair dithis de dhaoine Dhunn-Chaillinn ruinn, Iain Macghriogair maor-coille an Diùc, agus Griogair Macghriogair ard-ghille-seilg na Ban-diùc, chaidh Iain Macghriogair air thoiseach a dheanamh an ratháid dhuinn. Bha a' Bhan-diùc 'us a ban-charaid leinn 's iadsan a' marcachd

¹ Chaidh athair a' dheanamh aithnichte dhomh 'an Dun-Chaillinn 'an 1842.



John Brown

1868

cuideachd, ghabh sinn air adhart tromh choilltean giubhais, agus uisge fuathasach a' dortadh oirnn an dràsd 's a rithist. An déigh dol seachad thar crioch Dhun-Chaillinn chaidh sinn seachad air Loch Oisne mu 'n do ràinig sinn Loch Orduigh. Bha sinn 'an sin aig ceithreamh 'an déigh sia, agus sruth asainn leis cho tróm 's a shil e 's ann aig fichead mionaid roimh cheithir a dh' fhàg sinn Baile-Charmaig. Thnit an oidche gu math tràth le olcas na side, chaidh sinn a stigh do thigh-seilg a bha 'n sin agus fhuair sinn *tea* 'us uisge-beatha fhuair Eileag ruith thiormachaiddh a thoirt oirre fhéin, bha direach sileadh aisde. Dh' fhàg sinn Loch Orduigh aig seachd 'an dà charbad 's cha robh marcaiche idir romhainn. Chaidh Eileag, Ban-mhorair Ely, agus Nieghriogair ann an aon charbad, agus Seanalair Grey leòtha, na shuidhe air an toiseach. Lean a' Bhan-diuc 'us mise iad ann an carbad air an robh currachd-mullaich, agus bha am Brùnach agus an Granntach na chùl. Bha e cho dorcha ris an teàrr, agus bha againn ri dol tromh choille, 's feumaidh mi aideachadh gu 'n robh sgàth orm.

Cha deachaidh sinn ro fhada 'n uair a chunnaic sinn gu'n robh sinn air rathad gu math garbh 'us ghabh mise geilt ged nach do ghabh mi diog orm. Thug geug craobh a bhonaid bhàrr a' Ghranntaich agus b' fheudar dhuinn stad gus an deachaidh am Brùnach air ais le lòchran 'g a faighinn. Bha an stad sin seamhsail dhuinne oir fhuair esan a mach gu 'n robh sinn air rathad docharach. Bha an Granntach 'us an Brùnach ag ràdh ri chéile "Cha rathad carbaid 'tha 'n so, tha e làn de thuill 's de chlachan." Thàinig a bhean uasal Nic-

ghriogair far an robh sinn ag ràdh nach robh fios aice ciod a dheanadh i, gu 'n robh an gille carbaid gun leus fradhaire leis mar a bha 'n t-uisge a' sradadh 'n a eudan' 'us gu 'n do chaill e a rathad agus gu 'n robh sinn a nis air rathad air an robh fiadh 'g a chairteadh, cha b' urrainn do neach againn a ràdh ciod e a rachadh a dheanadh. Cha robh fhios co dhiùbh a dh' fheuchamaid ris a' charbad a thionndadh—ni a fhuair sinn a mach a bha eu-comasach—no' dh' fhuasgladhmaid each as a' charbad agus marcaiche a chur gu Loch-Orduigh a dh' iarruidh cuideachaidh. Mu dheireadh thall thuirt Seanalair Grey ruinn gu 'm feudadhmaid dol air adhart ged nach b' urrainn do neach innse c' àit an faigheamaid a mach as an rathad so. Thug an Granntach leis aon de lòchrain a' charbaid agus choisich e air thoiseach air na h-eich 'us bha am Brùnach n' an ceann 's thug so misneach dhòmhaisa. Ach bha 'n rathad glé gharbh 's bha againn ri dol troimh a leithid de thuill dhomhainn làn uisge, mu fhichead mionaid an deigh sin chunnaic sinn solus 'us chaidh sinn seachad air tigh, aig an do stad sinn a dh' fheòraich c' àite an robh sinn, oir bha sinn a nis air tighinn air rathad math. Thug e fuasgladh mór dhuinn a chluinntinn gu 'n robh sinn air an rathad cheart. Dhìrich an Granntach 'us am Brùnach a rithist air cùl a' charbaid agus ghabh sinn air adhart gu luath air an rathad mhór. Dìreach mu 'n d' ràinig sinn an tigh aig an do stad sinn ghlaodh Seanalair Grey a dh' fheòraich de 'n Bhan-diùc ciod e an rathad a bha i a' smuaineachadh a bu chòir dhuinn a ghabhail, agus fheagair am Brùnach e, 'n a h-ainm ag ràdh, "Cha 'n 'eil

fios aig a' Bhan-diùc c' àit am bheil sinn," oir bha e cho dorcha 's nach b' urrainn dhi na àiteachan air an robh i eòlach aithneachadh, mu dheireadh aig ceithreamh roimh naoi uairean ràiniig sinn an tigh beag clùmhar grinn, a th' aig a' Bhan-diùc 'an Dun-Chaillinn. Tha e direach taobh 'muigh a' bhaile agus páirccean farsuing breagha mu 'n cuairt da. Bha da ghille 'n an deiseachan gàidhealach a' feitheamh ruinn aig an dorus agus an stiùbhard leòtha. Mu 'n gann a dh' inntrich sinn an dorus bha sinn air meadhoin na staidhre, oir bha 'n tigh air a thogail ri taobh bruthaich. Thug a' Bhan-diùc mise do m' sheòmar fhéin—seòmar beag grinn—agus tha am fear aig mo bhean-éididh Màiri Aindrea¹ anns an ath-dhorus ris. Bha Eileag gu h-àrd an staidhir làmh ris a' mhaighdean uasal Nic-ghriogair air an dara taobh de sheòmar-cuideachd an tighe a tha air a thoirt dhòmhsa air son seòmar suidhe, agus tha seòmar na Ban-diùc air an taobh eile dhe. Tha am Brùnach—an t-aon seirbhiseach eile a tha 's an tigh —a cadal gu h-iosal, agus an Granntach ann an tigh a mach. Bha 'n Seanalair agus Ban-mhorair Ely ag cadal 's an tigh òsda. Ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an deigh naoi 'an seòmar beag dinnearach a bha shios an staidhir, cha robh aig a bhòrd ach Eilidh a' Bhan-diùc a mhaighdean uasal Nicghriogair agus mi fhéin. Bha na h-uile ni cho sànfhach 's cho laghach. Bha a' Bhan-diùc agus Nicghriogair ag gearradh na feòla dhuinn agus tri seirbhisich a' frithealadh. Bha iad cho caoimhneil, agus bha sinn ag còmhradh mu thachartais ar

¹ Dh' fhàg i mo sheirbheas an 1866.

turais. Bha Eileag agus na h-uile h-aon eile ach a' Bhan-diùc 's mi fhéin cho fliuch 's a b' urrainn doibh a bhi. Dh' fhan a' Bhan-diùc agus a ban-charaid greis leinn agus an deigh dhoibh ar fàgail thug mise tacan air sgriobhadh 's iongantach ri ràdh gur ann a cheithir bliadhna gus an dingh a bha mise roimhe aig Blàr, agus a mharcainn sinn suas Gleann Teilt. Ach O an caochladh a tha ann dhòmhnsa !

*Dimàirt, an deicheadh latha
de mhìos mu dheireadh an Fhoghair.*

Maduinn fhliuch gun choltàs turaidh, chaidil mi gu math ach dhùisg mi le sac tróm air mo chridhe. Ghabh Eileag 's mi fhéin ar tràth-maidne shios an staidhir —am Brùnach a' frithealadh oirnn gach latha, maduinn dhorcha dhoireanta 's an dìle uisge ann. Chaidh mi 'n àirde gu mo sheòmar-suidhe agus thug mi greis air sgriobhadh, bha na h-uile ni cho sàmhach, gun ni a chuireadh gluasad no dragh orm ann.

Ghabh Eileag 'us mise ar tràth-nòin leis a' Bhan-diùc agus le a bancharaid Nicghriogair.

Dh' fhàlbh sinn aig ceithir uairean a dh' ionnsuidh an tuathanachais ghrinn dh' an ainm St Colme a th' aig a' Bhan-diùc mu cheithir mile bho Dhùn-Chaillinn ; a' Bhan-diùc 'us mise an aon charbad, agus Eileag 'us Sìne Ely agus Nicghriogair 's an fhear eile. Chaidh sinn thairis air na h-uile ni mu 'n àite gu mion, tha e cho choltach ris na tuathanachais bheaga a th' againn fhéin' an Osborne agus Windsor oir is e lethbhreac na 'n rudan a bh' againne anna sin, a thagh a' Bhan-diùc air son an

àite so, agus thug m' fheudail de chomhairlean di mu 'n chùis 's gu 'n robh sinn le chéile duilich nach robh esan ann an sin 'g a fhaicinn.

Ghabh sinn *teas* 's an tigh a chaidh a thogail ann. Tha a' Bhan-diùc air an dara taobh dhe gu léir a chumail dhi fhéin, agus tha i cur roimpe 'bhi 'fuireach ann air uairean gun neach leatha ach a bancharaid Nicghriogair. Chaidh sinn bho sin a dh' ionnsuidh nam bà-theach—a tha làmh ris na stàbuill—tha iad air an lasadh suas le *gas*, 'us chunnaic sinn iad a leigeadh a chruidh. Bha crodh breagha ann de sheòrsa siorrachd Inbher-Àir agus banaruichean glé laghach. Tha Bhan-diùc a' cumail na h-uile ni ann 's an òr-dugh 's am bu mhath leis an Diùc e bhi. Thill sinn dachaidh aig beagan 'an déigh seachd. Cha d' rinn e turadh fad na h-úine, thòisich clag na h-àrd eaglais air bualadh aig ochd uairean 'us ghabh mise iongantas gus an d' innis a' Bhan-diùc dhomh gu 'm bu sheann chleachdadhl e—an clag-smàlaidh a bh' aca anns na làithean a dh' fhàlbh. Bha fuaim cho tiamhaidh aige. An dinneir dìreach mar a bha i 'n dé.

*Diciadaoin, an t-aona latha
deug de mhìos deireannach an Fhoghair.*

Maduinn bhochd bhog fhliuch eile. An uair a bha mi aig mo thràth-maidne, bha mi duilich a chluinntinn mar a bha casan a' Bhrùnaich bhochd air an gearradh Diluain leis an fhéileadh aige 'bhi fliuch. Bha iad air an gearradh direach a 'm bac na h-easguit ged nach do ghearrain e facal mu 'dheighinn; 's bha iad an diugh

air at 's air ainteas cho mór 's gur gann a b' urrainn e gluasad. Thuirt an léigh gu 'm féumadh e a lurga a chumail an àird cho math 's a b' urrainn e, agus nach feudadh e a bheag de choiseachd a dheanamh, ach cha do thoirmeasg e dha dol a mach leis a' charbad bho 'n a bha e fhéin cho toileach dol ann. Cha deachaidh mise 'mach 's a' mhaduinn idir, 'us rinn mi suas m' inntinn air son fuireach gu Dihaoine, an dòchas ris an t-side a dhol ni b' fearr. Thog an latha beagan mu 'n do ghabh sinn ar tràth-nòin 's chuir sinn uile romhainn a dhol a' mach. Rinn sinn sin 'us chum e gn math na thuradh. Dh' fhàlbh sinn aig leth-uair an déigh trì 's a' cheart òrdugh 's an robh sinn an dé. Cha robh ceò 's am bith ann, agus leis a' sin ged nach robh grian ann, fluair sinn sealladh math de 'n dùthaich mu 'n cuairt, agus is àillidh i ri faicinn. Ghabh sinn air adhart air rathad Blàclair gu Loch Pollnaich far an deachaidh sinn a stigh do 'n choille 'tha 'cinntinn ri taobh an loch. Chum sinn air adhart air rathadan carbaid a bha dol troimh an fheur ann an sin agus ri bun Creag na 'm Bearn gus an do ràinig sinn Loch Orduigh. Bha an rathad tróm agus garbh leis an uisce ach bha e glé bhòidheach. Dh' fhàg sinn an rathad so an déigh dhuinn dìreadh greis. Tha lochain gun àireamh 's an àite so, agus ghabh sinne ceithir thiomchioll do Loch-a-Challa agus troimh na liosan a tha 'n sin agus air adhart air rathad coillteach eile a tha breagha ged a tha e glé gharbh, agus tha e tighinn a mach air an rathad mhór a tha dol gu Blàr-Gaibhre. Ghabh sinn an déigh sin mu 'n cuairt do thri lochain nan Lus—'s e

sin Creag na 'n lus, Clach-an-ime — agus an Lochan is mothà dhe 'n trì. Tha iad glé bhòidheach 'us coille gun cheann, gun chrioch mu 'n timchioll. Thill sinn air ais air rathad Bhlàr-Gaibhre, agus troimh Dhun-Chaillinn, bha 'n sluagh cho siobholt ann 's gu 'n do chuir mi romham an toileachadh so a thoirt dhoibh. Chaidh sinn thar na drochaide air an do choinnich fichead de ghàidheil Athull sinn bho chionn dà bhliadhna thar fhichead 's iad air tighinn gu ar treòrachadh gu àite an Diùc. Ghabh sinn air adhart air an rathad àrd gus an d' ràinig sinn an Drochaid Ghrànnnda air oighreachd an Ridire Uilleam Stiùbhard Ghràntullich. Thàinig sinn as na carbadan 'an so 'us choisich sinn a dh' ionnsuidh na drochaide fodh am bheil abhainn Bhraithain a' ruith cho breagha am measg nan creag. Bha tuil innte leis cho flinch 's a bha an t-sìde, agus bha am meall mór uisge a bh' innte a' dortadh sios le' leithid a dh' fhuaim 's gu 'm bòdhradh e neach a bhi 'g a éisdeachd. Thill sinn bho sin 'us ghabh sinn troimh bhaile beag an Inbhir, gu "Tigh an Aonarain" a tha air bruachan abhainn Bhraithain, air oighreachd Dhun-Chaillinn 's e tigh beag làn de sgàthain a tha 'n so. Tha dath air na ballachan aige, 's tha e' sealltuinn ri eas eile de 'n Bhraithain. Cha mhór nach do dhorchaich an oidhche mu 'n do ghabh sinn ar *tea* ann. Chaidh a thogail le Séumas, an dara Diùc Athullach, anns a' cheud bliadhna mu dheireadh. Chaidh sinn air ais a rithist troimh Dhun-Chaillinn 's bha 'n sluagh ri iollach 'n uair a chunnaic iad sinn. Bha an turadh ann 'us fhuair sinn dhachaidh aig leth-uair an déigh

sia uairean. Ghabh Ban-mhorair Ely agus Seanalair Grey an dinneir leinn. An déigh na dinneir thàinig a' Bhan-diùc 'na h-aonar do mo sheòmar suidhe-sa agus léugh i dhuinn greis. Thug mise 'an déigh sin tacan air sgriobhadh 'us fhritheil an Granntach dhomh 'an àite a' Bhrùnaich oir bha aigesan ri fois a ghabhail air son a choise.

Diardaoin, an dara latha deug de mhìos-deireannach an Fhoghair.

Latha turaidh gun uisge idir ann ach mo chreach! gun ghrìan. Tha eas a' Bhrùnaich móran nis fearr agus tha an léigh a' smuaineachadh gu 'm feud e coiseachd thar a' mhonaidh am màireach.

Tha sinn a' faotuinn tràth-maidne fior mhath ann an so, tha 'n t-uachdar 's an t-im cho chiatach. Tha ban-chòcaire glé mhath aig a' Bhan-diùc, is Ban-Albannach i. Agus bha mise aig gach tràth a' smuaineachadh air mar thaitneadh gach ni a bh' ann ri m' ghaol Ailbeart. Theireadh esan daonnaン gun robh gach nì ni bu bhlasda ann an tighean beaga.

Fhuair sinn móran de chòcaireachd Albannach, dà sheòrsa eanaraich, agus an "Taigeis" dhùthchasaich air am bheil a leithid de mheas. Bhlais mi oirre 'n raoir agus thaitinn i riùm gu math. Bha a' Bhan-diùc cho toilichte gu 'n do ghabh mi i.

Aig ceithreamh an déigh dà-uair-dheug ghabh Eileag 'us mise sràid leis a' Bhan-diùc anns na páirccean mu 'n cuairt do 'n tigh agus chunnaic sinn an àrd-Eaglais. Tha iad air Eaglais sgìreachd a dheanamh de phàirt dhi

's tha 'n còrr dhi a coimhead breagha ged a tha a balla briste. Chunnaic sinn an uaigh aig Madadh-alluidh Bhàideanach. Mac an dara Rìgh Raibeart. Tha clachan cuimhne eile ann cuideachd ach tha iad briste sios, 's air dol a dholaidh. Tha 'n cladh air taobh a stigh na h-eaglais, agus ris an taobh dheas dhi, choisich sinn ri taobh abhuinn Tatha, anns am bheil abhuinn Bhrathain a tuiteam, ghabh sinn air adhart fo sgaile chraobhan breagha gu ruig an lios Americanach agus an sin mu 'n cuairt air a' bharra-bhalla 'tha sealltinn a stigh do 'n phàirce anns an robh na bùthan air an eur suas an uair a thug an Diùc a chuirn mhór dhuinn an 1842. Be Morair ghleann Liobhann e 'n uair sin. Be sin ar ceud turas agus ar ceud eòlas air a' ghàidh-ealtachd 'us air cleachdainean gàidhealach agus bu chiatach an sealladh e! Och nan och! agus sinne an so còmhladh an diugh—le chéile na ar bàntaichean.

Thill sinn air ais troimh 'n ghàradh chàil aig leth-nair an déigh aon nair. An déigh an tràth-nòin àbhaistich chaidh mi mach aig fichead mionaid roimh cheithir. Bha Eileag 'us a' Bhan-diùc agus a' mhaigh-dean nasal Nieghriogair leam anns a' charbad, 'us chaidh sinn gu Loch Ordnigh ghabh sinn an rathad air am bu chòir dhuinn a bhi, an oidhche a chaidh sinn air seacharan troimh 'n choille, agus seachad air lochaín Rotameall agus Dhuibhleith. Bha e glé fhuar, ach bha'n speur gun neòil, agus feasgar breagha ann; bha an lochan a' sealltuinn cho bòidheach leis na beanntan a null uaithe agus a choille ag cinntinn gu ruig an cladach. Chaidh sinn air son tacain 'an còbal, agus

dh' iomair Griogair Macghriogair an t-àrd-ghille-seilg i, ghabh sinn ar *teas* fodh sgàile na 'n craobhan. Bha 'm feasgar glé fhuar, agus an oidhche a' tuiteam cho lalamh, "Mar chlach a theid le gleann, feasgar fann fogharaidh." Fhuair sinn dhachaidh gu sàbhailte air an rathad a bha' Bhan-diùc toileach sinn a ghabhail an oidhche roimhe ach bha 'n t-eagal air a' ghille-charbaid a thaobh na bha chreagan ann! Fhuair sinn dhachaidh aig naoi uairean, cha robh aig an dinnear ach a' Bhan-diùc agus Nicghriogair bha Christie a' frithealadh oirnn, an gille-pearsa ciatach gàidhealach a bh 'aig an Diùc, agus tha e nise na stiùbhard tighe aig a' Bhan-diùc. Bha Seòras MacMhuirich am piobaire agus Tearlach MacLaubhrain an gille-coise leis—dà ghille bhreagha ann am breacan nan Athullach, léugh a' Bhan-diùc tacan dhuinn an déigh na dinneir.

*Dihaoine, an treas latha deug de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair.*

Maduinn àillidh, 'us boisgeadh soilleir na gréine a' lasadh suas gach nì. Bha 'm piobaire 'cluich na h-uile latha anns a' ghàradh fhad 's a bha sinn ri 'r tràth-maidne. Chuir mise craobh, dìreach mu 'n d' fhalbh sinn aig deich uairean, agus bhruidhinn mi ri m' sheann fhear-eòlais Uilleam Duffach iasgair na Ban-diùc, b' àbhaist falt 'us feusag fhada dhubb a bhi air, ach tha e nise air fàs liath. Chaidh Mr Carrington a dheanamh aithnichte dhomh, tha e air a bhi na rùn-chléireach aig ceithir ginealaichean de theaghlaich Athull. Ghabh an Seanalair Grey, Ban-nhorair Ely, agus a' mhaighdean

uousal Nicghriogair air adhart beagan air thoiseach oirnn. Chaidh Eileag 's a' Bhan-diùc 'us mise 'n an déigh ann an carbad cheithir each 's bha 'm Brùnach 's an Granntach 'n an suidhe air a thoiseach. Bha 'n t-side breagha 'us fhuair sinn sealladh ciatach air na monaidhean àillidh a bha null uainn, mar a bha sinn a dol air adhart air rathad Inbhirnis, oir is e sinn an rathad gu Blàr-Athull.

Chaidh sinn troimh Bhail-an-Luig àite beag anns am bheil ceann-uidhe aig an rathad iaruinn. Tha 'n Tadha mu cheathramh a' mhive fodha so aig àite ris an abrar Laganiochdrach, a' coinneachadh ris an Teamh-thuil. Bha mi eòlach air na h-ainmeanan sin bho 'n a bha mi 'n so an 1844. Chunnaic sinn am bruthach àrd 'os cionn Laganiochdrach, air am bheil carragh-cuimhne an Diùc ri bhi air a thogail. Ghabh sinn eich dhuais mu aona-mìle-deug bho Dhun-Chaillinn direach gu h-ìosal fo chroit-an Lòin aite Chaitpean Iain Moireach. Chunnaic sinn Baile-Chloichridh air falbh uainn air an làimh chli. Dh' flàg sinn rathad Inbhirnis an sin, agus thionndaidh sinn gu ar làimh dheis a mach ri uchdaich gu math eas ris an abrar Dun-a-bhäird àite mac an fhir eachdraidh Mr Napier, seachad air Eadar-dà-thoghar, a tha air òighreachd an Diùc, agus thairis air càthar fiadhaich a chuir na m' chuimhne Abar-àrdair dlùth air Baile-Mhoireil. Le amhare mu 'n cuairt dhuinn fhuair sinn deadh shealladh an so air Sin-Chaillinn, Beinn Laoimean, agus Beinn Laghair, 's e gleann Bhriathrachain a theirear ris a ghleann so, 'us tha 'n abhainn bheag bho 'm bheil e a toirt ainm ag

coinneachadh na Fearnait agus an déigh sin 's e n Ardhuil a theirear rithe. Tha sinn a' faicinn gualainn de Bheinn-na-glaoidh air falbh a null ris an làmh chli.

Ghabh sinn ar tràth-nòin anns a' charbad aig deich mìonaidean an déigh dà-uair-dheug, mu cheathramh a' mhìle bho 'n Tigh cadh'-chliadh an iar aig àite Mr Keir an Ceann - Drogain. Bha na h-eich bheaga againn an so romhainn, agus bha Seanalair Grey, Ban-mhoraùr Ely, agus a' bhean uasal Nieghriogair 'g ar feìtheamh. Thog sinn oirnn a' marcachd an déigh sin, 's chaidh Mr Keir leinn da chois, ghabh sinn seachad air an tigh aige fhéin, agus a mach troimh 'n chadh'-chliath an ear. Chaidh sinn seachad troimh 'n bhaile bheag ris an abrar an "t-Aonach Dubh" agus suas ris an uchdaich chas, a tha dol air adhart gu àite Mhr Small an Doire-nan-eun. Chaidh sinn seachad ri taobh an tighe aige. Bha e fhéin bho 'n tigh ach thàinig dithis àrd bhreagha dhe' dhaoine a dheanamh an rathaíd dhuinn, 'us bha dithis de dhaoine Mhr Keir leinn cuideachd. Thionndaidh sinn thar a' mhonadh 'an so troimh ghleann fiadhaich làn fraoich, agus a rithist a mach ri monadh feuraich ris an abair iad an Làrach 's a tha dìreach 'os-cionn an Spiteil. Air sealltuinn dhuinn 'u ar déigh bha 'n sealladh àluinn—aon sreach de mhonaidhean ag éirigh 'os-cionn sreach eile, agus gorm air leth air gach aon diubh. An déigh faotuinn thar a' mhullaich stad sinn a dheanamh *tea* aig mu fhichead mionaid roimh cheithir. Shuidh sinn air an fheur ach b' éigin dhuinn feitheamh gus an d' thàinig coire a dhichuimhnich sinn, b' fheudar cur ga iarruidh a



Aurist



dh' ionnsuidh an Spiteil. Chuir sin beagan moille oirnn. An deigh na *tea* a bhi seachad choisich sinn greis mu 'n deachadh sinn a' mharcachd a rithist. Bha mo chridhe goirt a bhi faicinn na bha am Brùnach bochd a' fulang de phian gu sònruichte an uair a bha e' dìreadh 's a teirneadh a' mhonaidh. Cha b' urrainn da coiseachd luath 'us bha e cho chrùbach ach cha ghéilleadh e. Nochd e a chomas-giòlain cho mhór aig an àm so, 's gun robh eridhe gaisgeil aige. Sheas e an aghaidh cobhair sam bith a ghabhail, agus cha tugadh nì air an cùram a bh' air a cheann a thréigsinn. Ghabh sinn ar cead de 'n Bhan-diùc chaoimh agus de a ban-charaid. Thill iad anns a' charbad gu Ceann-Drogain 'us dhùrich sinne ri "Uilinn an Deamhain" mu 'n robh e tur dorcha agus bha sinn 'am Baile-Chaisteil aig leth-uair an déigh seachd uairean. Fhuair sinn na h-eìch againn fhéin an sin 'us ràinig sinn Baile-Mhoireil aig leth-uair an deigh ochd.

AN DARA TURUS DO DHUN-CHAILLINN.

*Diluain, an ceud latha de mhìos mu dheireadh
an Fhoghair, 1866.*

Bha maduinn bhreagha ann, dh' éirich mi moch 'us ghabh mi mo thrath-maidne ni bu luaithe na 'n t-àm àbhaisteach. Dh' fhàg mi 'n tigh aig ceathramh roimh dheich uairean le Liùsaidh 'us Sine Ely, am Brùnach, agus an Granntach 'am frithealadh mar a b' àbhaisd.

Chaidh Artair air adhart le Seanalair Grey. Thachair móran cruidh oirnn air an rathad, a thaobh gum b'e latha féill Bhaile-Chaisteil a bh' ann. Bha an latha teth 'us a' ghrian boisgeil, agus Balla-Chùирн ag amharc cho fiadhaich agus cho breagha. Ach mar a chaidh sinn air adhart dhorchair an iarmaitl, agus bha rud-eigin a dh' ionmaginn oirnn gu 'n sileadh e. Choisich sinn suas ri uilinn an Deamhain. Agus an uair a bha sinn mu mhile gu leth bho 'n Spiteal stad sinn 'us ghabh sinn ar tràth-nòin ainns a' charbad, agus tharruing sinn beagan dhe na sealluidhean a bha ri fhaicinn mu 'n cuairt. Bha na h-eich againn romhainn a null ri taobh tuath an Spiteil "Gòrdan" d'am fheitheamh-sa, "Brechin" do Liùsaidh agus "Cromar" do Shìne Ely. Bha fear ann do dh' Artair ach cha do mharcraich e idir e, agus bha fear eile ann do 'n Ghrannntach, no a dh' aon sam bith eile bhiodh sgìth. Thàinig Ban-diùc Athull ghràidh 'us a' mhaighdean uasal Nicghriogair 'g ar coinneachadh gu ruig a' so. Agus 'n uair a ràinig sinn an t-àite far am bheil an rathad a' tionndadh ris a' mhonadh thachair Mr Keir 'us a mhac ruinn agus Mr Small Dhoire-nan-eun, duine làidir breagha, aig am bheil pearsa eireachdail. Tha e mu dhà bhliadh' deug thar fhichead a' dh' aois, agus tha a cheart dithis àrd chiatach de 'dhaoine a bha leinn an uraidh a' coiseachd air thoiseach oirnn. Se monadh glé chas ri' dhìreadh a tha 's an fhear a theirinn sinn 'an sin 's bha 'n latha anabarrach teth. Bha 'n dùthaich glé bhreagha ri' faicinn mu 'n cuairt ged nach robh an latha ro shoilleir 'us ged a bha tromadas 'us mùchadh mór 's an iarmaitl. Ghabh sinn

an rathad air an deachaidh sinn air adhart roimhe ach leis cho tróm 's a shil an t-uisge bha 'n grùnnnd glé fhliuch. Stad sinn tacan 's an dol seachad aig Doire-nan-eun a bhruidheann ri piuthar Mhr Small,¹ òg-bhean uasal àrd thomalta. An déigh sin ghabh sinn air adhart gu àite Mhr Keir. Tha gàidhlig aig na h-uile neach 's an àite so agus tha cuid dhuibh aig nach eil focal idir Beurla. An déigh dhuinn tighinn air grùnnnd Mhr Keir theirinn sinn bhàrr nan each agus choisich sinn beagan shlatan air adhart ri taobh abhuinn Ard-thuil far an robh teine aca air fhadadh agus an coire ag goil 'g ar feitheamh. Bha breacain sgaoilte air an lèr aca agus an *tea* deas, bha bean Mhr Keir 'an sin agus an dà nighean. Is boireannach còir sàmhach a' bhean, nighean do 'n Ridire Niall Meinear a chunnaic mi aig Beallach an 1842. Cha d' fhan ris an *tea* leam ach na mnathan uaisle 's an uair a bha i thairis choisich sinn suas a dh' ionnsuidh an tighe 's tha e glé ghrinn comhfhurtail. Dh' fheith sinn greis ann an sin. Chunnaic sinn Maidseir Balfour bho Fernie aig an dorus, tha e' dol a' phòsadh na té 's òige de nigheanan Mhr Keir. Mu cheathramh an déigh còig dh' fhalbh mi 's a' charbad agam fhein le Liùsaiddh 'us a' Bhan-diùc, fhuair sinn air adhart gu socrach agus gun mhoille sam bith le eich na Ban-diùc air a' cheart rathad a ghabh sinn 'n uair a dh' fhàg sinn Dun-Chaillinn an uiridh. Fhuair na h-eich deoch aig tigh leth an rathaid aig Bail-an-luig 'us ràinig sinn Dun-Chaillinn gu tearuinte

¹ Chaidh an athair a' dheanamh aithnichte dhomh 'an 1842 'an Dun-Chaillinn, 'se duine mór a bh' ann.

aig deich mionaidean roimh sheachd uairean. Tha mise far an robh mi roimhe, Liùsaidh anns an t-seòmar a bh' aig Eileag, agus Artair anns an t-seòmar is dlùithe do'n fhear a bh' aig a' Bhrùnach an uraidh agus a th' aige am bliadhna cuideachd. Tha càch uile mar a bha iad roimhe agus na h-uile ni cho clùmhar, cho sìtheil, agus cho chomfhurtail.

DUN-CHAILLINN,
*Dimàirt, an dara latha de mhìos mu dheireadh
 an Fhoghair.*

Latha ciùin gruaimach 'us an ceò 'n a mhill air na monaidhean, ghabh mi mo thràth-maidne leis a' chloinn. Tha Aindrea MacThòmais a' frìthealadh air Artair. Tha Aimili¹ 'us Anna Dhònullach² 'an so leamsa: tha iad ag cuideachadh Liùsaidh, ach tha i fhéin cho làmhchair 's gu 'n dean i na h' uile ni air a son fhéin.

Chaidh mise mach leis a' Bhan-diùc aig leth-uair an déigh aon-uair-deug. Ghabh sinn troimh choilltean Polnidh s' air adhart seachad air tigh Uilleam Duffaich agus sios fad an rathaid fodh sgàile chraobhan breagha. Chuir iad pàirce Windsor na m' chuimhne 'se Ailbeart gaoil a ghabhadh an tlachd anna, ghabh sinn sràid ghoirid an déigh sin 'ns thug sinn sùil a stigh do'n t-seann chaibeal bhriste. Dh' fhalbh mi anns a' charbad

¹ 'S ann a Carlsruhe 'an rioghachd Baden a tha mo bhean éididh a's àirde Aimili Dittweiler 's tha i agam bho chionn cheithir bliadhna fishead.

² Tha Anna agam bho chionn seachd bliadhna fishead. B'e Mitcheall an Gobha 'bha 'n Clach-an-tùirn team air Abar-Ghealaich a h-athair, bha i pòsda aig Iain Dònulach a bha na ghille againn agus air an tug mi cùnnatas anns an leabhar a chuir mi' mach roimhe.

aig fichead mionaid roimh cheithir leis a' Bhan-diùc agus Liùsaidh, lean Sìne Ely agus Nicghriogair sinn ann am fear eile, 'us ghabh sinn air adhart gu cadh'-chliath Chraoibh air an rathad gus an Lochan far an deachaidh sinn air na h-eich bheag againn' us mharcaich sinn fad uair gu leth air feadh na coille chiataich ach bha a leithid de cheò ann 's de chiùchranach uisge 's nach bu leir dhuinn ni ach na' bha làmh ruinn. Tha móran 'an so de na h-eoin ris an abrar na cabair-choille 'us chunnaic sinn fear dhiubh. Theirinn sinn gu St Colme ach dìreach mar a dh 'éirich dhuinn an uiridh cha b' urrainn dhuinn ni de 'n dùthaich àillidh fhaicinn. Ghabh sinn ar *tea* ann an so, as na soitheachan a thug mi fhein do 'n Bhan-diùc. Tha na seòmraichean a th' aice ann an so air an cur 'an òrdugh anabarruch grinn. 'S e' thigeadh ri m' rùn Ailbeart.

Bha 'n dinneir mar a bha i an dé, agus fhritheil am Brùnach.

*Diciadoain, an treas latha
de mhìos mu dheireadh an Fhaghair.*

Dìreach an déigh tilleadh bho sgriob dheich 'us tri fichead mìle a chaidh leinn gu sealbhach. Rinn sinn an t-astar 'an deich uairean gu leth, agus feuchaidh mi ri cùntas a thoirt air. Chuir a' Bhan-diùc fios an àird aig naoi uairean 's a' mhaduinn gun robh i a smuaineachadh gu 'n togadh an latha ged a bha an ceò cho' tróm 's a bha e an dé, agus gun robh i toileach sinn a' dhol leis na h-eich aice fhéin cho fada 's a b' urrainn dhuinn an toirt, 's na 'm fanadh an latha dorcha gu 'n

tilleadhmid air ais an sin. Dh' aontuich mise gu toilichte leis a sin. Dh' fhalbh Artair mu'n do ghabh sinn ar tràth-maidne gu Cille - Chragaidh le Ban-mhorair Ely 'us Seanalair Grey. Thog sinn oirnn aig ceathramh an déigh deich agus deadh ullachadh againn leinn. Bha Liùnsaidh, a' Bhan - diùc 'us a banchairid agus mise'n ar n-eudach-marcaichd bho 'n is e bu sgiobalta. Bha 'n ceò glé thróm an uair a dh' fhalbh sinn 'us siobannich uisge ann 's cha b' urrainn dhuinn sealladh sam bith' fhaotuinn air an dùthaich. Ghabh sinn thairis air drochaid Tatha air adhart troimh Dhun-chaillinn-beag ri taobh na Brathain, agus troimh an Inbher, anns am b' àbhaisd do Niall Gobha am fidhleir a bhi 'fuirreach, agus an déigh sin ri taobh na Tatha mu choinneamh St Colme, 's ann aig tuathanachas Innis-mhic-Rannachain ceithir mìle bho Dhun-Chaillinn a tha iad ag ràdh a tha a' ghàidhealtachd a' toiseachadh agus is e so aon de chriochan Athull. Chaidh sinn troimh choilltean àillidh de dharach 'us de fhaibhili agus de fhrithe-choille, na 'm biodh creagan àrda os cionn pàirce Windsor bhiodh so glé eholtach ris. Tha erioch Dhail-ghiùbhsaich, a toiseachadh mu mhile bho so. 'S le Mr Stiùbhard a tha nis ann an Cape of Good Hope an òighreachd. Tha dà lios mheasan a tha sònruichte ri 'm faicinn ann, a h-aon aig gach ceann dhe 'n àite 's na craobhan a' lùbadh le measan annta mar a chithear iad anns a' Ghearmailt. Thàinig an Ceannàrd oirnn an déigh sin—an tigh a bh' aig Ban-mhorair Ghleann-Liobhain màthair an Diùc nach mairrionn ann an làithéan a bàntrachais. Dìreach seachad air a' so tha Lag-

aniochdrach far an bheil an Teamhlàthuile agus an Tatha ag coinneachadh.

Dh' inntrich sinn a nise srath Tatha, 's bha òighreachd an Diùc againn fhathast air an taobh air an robh sinne. 'S i abhuinn mhór bhreagha' tha 'n abhuinn Tatha; tha móran a dh' oighreachdan beaga air an taobh thall a' measg na coille. Cha robh an ceò cho dùmhail 's bha e, 's bha 'n turadh ann 's bha sinn a' faotuinn sealladh ni b' fearr air an dùthaich mu 'n cuairt. Chuir fear tigh òsda Dhun-Chaillinn—bràthair Fisher Bhail-a-chaisteil—eich duais 'g ar coinneachadh aig Sgiota, beagan seachad air Baile-nan-ceard far an d' atharraich sinn eich an 1842 agus b' e so an ceart rathad a ghabh sinn an uair sin. Tha a nise rathad iaruinn grànnnda le a ghleadhraich a ruith troimh 'n ghleann àillidh so, bho Dhun-Chaillinn gu ruig Abar-Pheallaidh. Chaidh sinn seachad dlù air caisteal Ghràntullich is leis an Ridire Uilleam Stiùbhard ach a tha air mhàl aig Maharajah Duleep Singh. Is e seann chaisteal neònach a tha ann, glé cholلتach ri Abar-Gheallaidh agus rathad fodh sgàile chraobhan a' gabhail da ionnsuidh. Dh' aithnich a h-aon no dha sinn aig Abar-Pheallaidh baile beag bòidheach a tha mu choinneamh caisteal a' Mheinnearaich. Thàinig sinn an déigh sin a' stigh air àite 's an robh enuic àrda bhreagha choillteach 's bha 'n iarmait móran ni bu shoilleire. Bha sinn air òighreachd Bhraid-Albainn 'us a' tarruing dlù ri Beallach, ghabh sinn seachad ris an làmh chlì air Bolfrax far am bheil, siomarlan Mhorair Bhraid - Albainn a' fuireach fhathast. Bha cadh'-chlìath shònruichte Bheallaich

ris an làimh dheis agus is math mo chuimhne air dol a stigh roimpe; ach bho nach robh toil againn sinn fhéin a dheanamh aithnichte, agus nach b' urrainn dhuinn a' dhol troimh 'n chadh'-chliath gun chead iarruidh agus ar n-ainmeanan a thoirt dhoibh, ni air son ionadh reusan nach robh sinn toileach a dheanamh, stad sinn goirid bho thigh a' ghàradair 'us leig boireannach a bha 'n sin sinn troinbh chadh'-chliath a bha làmh ri gearasdan beag, ach cha robh fios aice cò sinn. *Thàinig sinn as a' charbad' an so 'us sheall sinn sios air an tigh; sgaoil an ceò cho mhór 's gum b' urrainn dhuinn gach ni a bha mu 'n cuairt' fhaicinn agus 'an so ann an uaigneas—gun fhios do neach bha mise 'sealltuinn—'s cha b' ann gun tróm smuaintean no gun ghluasad a bhi air mo chridhe—air an àite 's an d' fhuair sinn a leithid a dh' fhàilté chridheil bho chionn cheithir bliadhna fichead bho Mhorair Bhraid-Albainn còir' an dòigh cho prionnsail 's nach gabhadh bàrr toirt air, ann an eireachdas agus 'an àilleachd. Cha robh Ailbeart na mi fhéin ach trì bliadhna fichead a dh' aois—bha sinn òg agus sona. Cia liutha a h-aon a bha leinn an latha sin nach eil a làthair an diugh! Bha mi glé thoilichte an t-àite fhaicinn aon uair eile. Cha 'n 'eil coltas atharrachadh sam bith air.* Bha na h-uile ni a' sileadh le truimead a cheò. Tha Bealach mu dha mhile thar fhichead bho Dhun-Chaillinn.

Chaidh sinn do 'n charbad a rithist 'us shuidh a' Bhan-diùc cho teann ormsa 's a b' urrainn dhi los nach

* Tha na tha eadar na rionnagan so, air a thoirt-bho 'n leabhar a chuir mi 'mach roimhe.

biodh amharus aig neach gur mise a bh' ann. Ghabh sinn as a' sin air adhart troimh choilltean breagha, anns an robh easan beaga 'us thionndaidh sinn a stigh do bhaile 'Cheannamhoir far an robh féill aca. Ghabh an carbad troimh 'n mhórshluagh ach cha d'aithnich iad neach a bh' ann ach a' Bhan-diùc. Bha ceòl aca 'us bùthagan beaga anns an robh goireasan 'g an reic, agus be 'n sealladh bòidheach 'fhaicinn na bha de chrodh 'us a dh' eich bheaga cruinn, air a' bhruthach uaine fodh 'n eaglais. Ràinig sinn an drochaid ann an tiota an déigh sin, 'us chunnaic sinn Loch Tatha le a thaobhan coillteach 's e cho boisgeal shoillear ged a bha 'n ceò ann, chuir so a rithist an tìm a dh' fhalbh na m' chuimhne. Tha 'n loch so sia mile deug air fad, agus an 1842 chaidh ar 'n-iomradh suas gu' cheann. Bha pìoban mór ann ri ceòl, agus an luchd iomradh a' gabhail na 'n iorram 'an gàidhlig. Bha MacDhùghaill a' stiùradh agus sheòl e dhuinn an dearbh bhràiste Lathurnach a bh' air a thoirt a' broilleach Raibeart Bruce.

A null ris an làmh dheis bha sinn a' faicinn na páirce ciataich a tha glé choltach ri áite Sassunach. Stàd sinn aig "Tigh-seilg" a' Mhoirich ach an àite eich atharrachadh an sin, ghabh sinn cóig míle suas an loch a bha cho fiòrghlan, agus cho sàmhach 's gun robh an t-ath-shoillse a bh' air bho na beanntainn mar gu 'm bu dealbh e tarruingte le làmh duine, stad sinn 'an so agus thàinig sinn as a' charbad 'us shuidh sinn air a' chladach a tha làn éiteagan geala' us thug sinn leinn euid dhiubh; ghabh sinn ar tràth-nòin aig leth uair an déigh aon uair agus rinn sinn beagan tarruing an déigh sin.

Thug a' ghrian a nis buaidh àir a' cheò agus sgap i e, 's bu breagha 'bha 'n loch a' sealltuinn le a thaobhan coillteach agus gach caochladh dath air duilleagan nan craobh.

Aig leth-uair an déigh dá uair chaidh sinn a rithist do ar carbadan. Dh' atharraich sinn na h' eich 'us thill sinn air ais ri uchdach chas. Ghabh sin thairis air ab-huinn Liobhann agus a stigh gleann Liobhann. 'S e gleann àlltà breagha a tha ann le enuic arda uaine, 'us creagan 'us craobhan air am bheil deadh chuimhne agam bho 1842—'s e latha ceòthar a bha 'n sin cuid-eachd; bha 'n ceathach a' sgaoileadh' os cionn nan cnoc agus a nuas ri 'n eudainn. Chaidh sinn seachad air móran a dh' àiteachan beaga dhaoin' uaisle—Tigh ghleann Liobhann is le Caimbealach Troup. A null ris an làmh chlì tha baile beag Fairstrichill àite an Ridire Raibeart Meinearach agus àite ùr ris an abair iad Tigh Dhun-abhuinn. Tha tighean còmhnuidh beaga grinn eile an sud 's an so mu 'n cuairt, cuid leotha fhéin 'us cuid nan grùnnan dhiubh, bha craobhan breagha de *sycamore* agus de sheòrsachan eile mu thaobh na h-aibhne. Ghabh sinn an dèigh sin seachad air baile beag Cois-a-bhile agus a mach rathad a' mhonaidh air bruthach eas 'us àllt a ruith aig a bhun, a chuir leis na bha de choille uime Allt mhic-Iain-Ruaidh na m' chuimhne. Chaidh sinn seachad air an t-sean chaisteal a bh' aig Stiùbhartaich Ghart 'us thàinig sinn air càdhar fiadhuich lóm 's a rithist air adhart ri bun Shin-Chaillinn—aon de na monaidhean àrda agus aig mullach an rathaid thàinig sinn air lochan beag ris an abrar an Ceannarduiche.

Beagan an déigh so theirinn sinn a rithist sios am bruthach do choille agus thàinig sinn gu drochaid Choinneachainn far an d' atharraich sinn eich. Bha fior bheagan sluaigh cruinn ann an so, ach bha iad glé mhdhail 's cha d' thàinig gin diubh na 'r còir. Bha 'm Brùnach agus an Granntach leinn mar a' b' àbhaist agus b' i am barail-san gun d' aithnich an sluagh sinn. Thill sinn an sin a' dhol dachaidh aig fichead mionaid roimh cheithir, agus bha cuartachadh mór againn ri' dheanamh. Ghabh sinn air adhart air rathad àrd os-cionn Loch Teamhthuil 'us troimh choille bheithe' tha fàs air na enuic coltach ris mar tha i aig Birkhall. Cha 'n 'eil 's an loch ach tri mile air fad. Bha e glé shoillear ann an so a rithist. Thàinig sinn as a' charbad 'us ghabh sinn ar *tea* aig sròn àrd a tha 'n so, air am bheil "Sealladh na Ban-rìgh," mar ainm, 's ann air mo shonsa' chaidh ainmeachadh ged nach robh mi idir aig an àite an 1844. Cha deachaidh deanamh na *tea* leinn. Cha ghabhadh an teine dhuinn agus cha ghoileadh an coire, gus mu dheireadh thall ruith am Brùnach do thigh beag a bha goirid uainn 'us fhuair e deuran beag a dh' uisge teth ach bha e far na goil mu 'n d' ràinig e sinne leis agus cha robh an *tea* math. Bha sinn glé anmoch a rithist mu 'n d' fhuair sinn na uile ni' chur nan àiteachan fhéin.

Bha 'n oidhche' tuiteam gu luath oirnn, 'us chaidh sinn an tiota seachad air Alleine àite an Ridire Raibeart Mac-a-Chóimbaich agus an déigh sin aig leth-uair an déigh sia dh' atharraich sinn eich aig drochaid Gharraidh ann am meadhoin Chille-Chragaidh ach cha b' urrainn dhuinn ni fhaicinn leis cho anmoch 's a bha e, agus leis

cho dorcha 's cho fluch 's a bha 'm feasgar. Chaidh sinn troimh Bhaile-Chloichridh far an d' aithnich iad siun ach fhuair sinn gu sàmhach air adhart gus an d' ràinig sinn Bail-an-lùig aig beagan an déigh sheachd uairean. Bha eich na Ban-diùc 'g ar feitheamh ann an sin 'us fhuair sinn na lòchrain a' lasadh, chuir an sluagh còir dà choinnil anns gach uinneig a bh' aca. Bha iad air son bruthaist Athullach a thoirt dhuinn ach cha do ghabh sinn e, thòisich euid dhe 'n t-sluagh ri tighinn ro theann air a' charbad agus thionndaidh aon duine sùil an lòchrain aige ormsa, ach dh' fhan am Brùnach làmh rium 'us chaidh e eadar mise 's am boisgeadh, cha bu chòir dhuinn thar uair a' ghabhail a dol dhachaidh as a so, ach chaidh móran de mhoille a' chur oirnn air an rathad. Thuit am breacan dà uair as a' charbad 'us b' fheudar stad 'g a thogail 's e 'n gille-carbaid a bha 'n a mharcainch toisich againn agus bha e 'giùlan an lòchrain a thug mise do 'n Bhan-diùc—leth-blreac an fhir a bhios am marcaiche toisich agam fhéin ag giùlan—ach a thaobh noch robh e eòlach air an t-seòrsa so, cha robh e 'g a chumail ceart 's bha e' sior dhol as air. B' fheudar stad dà uair 'g a lasadh, 's leis na h-uile moille a bh' ann cha d' fhuair sinn dhachaidh gu ceathramh an déigh naoi. Feumaidh gu 'n d' rinn sinn ceithir mìle deug 'us trì fiehead a dh' astar agus fhuair sinn móran toilichidh de 'n sgriob.

*Diardaoin, an ceathramh latha de mhìos mu
dheireadh an Fhoghair.*

Gu m' mhór dhorran, tha ceò tróm an diugh a rithist air

na sléibhteann, ach tha 'n turadh ann. Thàinig a' Bhan-diùc a dh' fharraid dhiom am biodh dad agam an aghaidh greis dànnsaidh a bhi aig na seirbhìsich 's an fheasgar. Thuirt mise gu dearbh nach bitheadh, 's gur ann a rachainn fhéin ann cuideachd. Aig ceathramh roimh dha-uair-deug mharcaich mi tacan anns a' phàirce, ghabh sinn mu 'n cuairt do "Chnoc-an-Easbuig" agus suas ri "Suidhe-an-Righ" a tha gu math àrd a' measg chraobhan breagha faibhili, darach, guibhas Albannach, agus learag, tha e glé choltach ri Windsor 'us chuir e na m' chuimhne na craobhan ciatach a chunnaic mi aig Belvidere agus 'an Reinhardtsbrunn ann an coille Thuringia. Ged nach robh a' mhaduinn an diugh cho fior thróm 's a bha an dithis mu dheireadh 'us ged a bha turadh ann cha b' urrainn dhuinn faicinn ro fhada air falbh uainn leis an scleò ceathaich a' bh' air na monaidhean. 'S cha 'n fhaigheadhmid ach plathadh an dràsd 's a rithist troimh 'n cheò de 'n chnoc chreagach choillteach bhreagha sin a tha 'g éirigh os cionn na huile ni, Creag na 'm bearnn.

Theirinn sinn bho "Shuidhe-an-Righ" seachad air a' ghearasdan, agus air an t-seann tigh a bha air son coinsheilg an dòbhrain. Chunnaic sinn bean Mhr Fisher ann an sin—màthair Agnes Brierly a bha 'n a Ban-mhàighstir air sgoil na 'n caileag aig Loch-na-gàr dlùth air Baile-Mhoireil. Thill sinn a stigh aig goirid an déigh aon uair 'an dùil gu 'n togadh an latha 's gu 'n rachadh e ni b' feàrr ach an àite sin 's ann a thoit 's a dhùin e ni bu duibhe na bha e riamh.

Chaidh mi mach aig fichead mionaid roimh cheithir

anns a' charbad leis a' Bhan-diùc agus a' mhaighdean uasal Nieghriogair. Lean Sìne Ely sinn 'us ghabh sinn seachad air an Loch is motha de na Lochain agus air tuathanachas Laighwood air adhart gu Loch Cluanaidh, chaidh sinn mu 'n cuairt dhe 'n loch. Chunnaic mi seann chaisteal Chluainidh 'us stad mi a tharruing a dhealbh. Tha e air eilean beag anns an loch agus is le Morair Airlie e. Cha 'n 'eil breaghad mhór sam bith 's a' chuid so de 'n dùthach ach tha e boidheach le coille agus tha i aig an àm so cho maiseach le iona-dath an duillich. Bha ceathach tròm a null naànn 'us thill sinn gu Dun-Chaillinn air rathad Coupar-Aonghus. Bha 'n turadh ann, ach bha 'n iàrmaitl cho tiugh 's a b' àbhaist do cheò tróm Windsor a bhi, stad sinn a ghabhail ar *tea* aig Newtyle tuathanachas a th' aig a' Bhan-diùc ma dhà mhìle bho Dhun-Chaillinn agus tha i faotuinn tuirneip is rudan eile as air son erodh na h-àiridh. Fhuair sinn dhachaidh aig eòig mionaidean roimh sheachd, ghabh sinn troimh 'n bhaile 'us bha 'n sluagh ri h-iollach mu na dorsan agus a' chlànn ri móran glaodhaich.

An dinneir an diugh mar a bha i 'n de.

Chaidh sinn aig leth-uair an déigh deich troimh na trannsachan iosal gu talla na 'n seirbhiseach far an robh an dànnsadhbh gu 'bhi. Bha seirbhisich na Bhan-diùc ann uile agus bha na mnathan aca ann leis na fir-phòsda. Bha na gìlllean-seilg ann cuideachd agns Iain Macghriogair am maor-coille aig am bheil uile choilltean òigh-reachd Athull fodh' chùram. Bha 'n gàradair ann agus feadhain de 'n ochdnar dhaoine dhe 'm bheil dithis mu seach ri faire mu 'n tigh na h-uile dà uair de

'n oidhche. Bha na seirbhisich againne uile ann ach an Granntach agus dithis dhe na gillean, cha robh mise toilichte nach d' thàinig iad ach thuirt na gillean nach robh brògan aca 'bha freagarrach air son dànnsad 's nach b' urrainn doibh leis a sin tighinn. Bha Sìne Ely ann 'us Mr Keir agus bu bheò a dhanns a' phaidhir. Cha d' rinn Seanalair Grey ach seal tuinn a stigh air son tiotan, bha droch cnatan air. Chluich na fidhlearan gu gasda 'us chum iad an deadh thim 'us chaidh an dànnsad air adhart gu h-aighearach gun mhoille, gun bhristeadh, cha robh ruidhle anns nach robh Liùsaidh air an ùrlar, agus Artair cuideachd, chaidh sean Clarice i fhéin a dhànnsa 's i sin an Searbhanta-pearsa Fhrangach a bh' aig a' Bhan-diùc. Cha 'n 'eil i nis a deanamh ni sam bith 'ach tha i fuireach dlùth air làimh anns na tighean a tha air an togail de clachan creadha.

*Dihaoine, an còigeamh latha de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair.*

Ged a bha beagan ceathaich ann bha 'mhaduinn glé shoilleir, dh'éirich a ghrian gu boilsgeil agus sgaoil an ceò. Aig fichead mionaid roimh aon uair dh' fhalbh mi leis a' Bhan-diùc agus Liùsaidh a dhol gu Loch Orduigh agus lean an da bhean uasal eile sinn. Bha sinn fad an turais gun chinnt air ciamar a bhiodh an t-side againn, bha 'n ceò ag iarruidh an làmh an uachdar ach bha a' ghrian le a gathan aigh a' sior fhaotuinn buaidh, thigeadh an speur gorm am fradharc, shioladh an ceò air falbh as an t-sealladh agus chrathadh gach cnoc agus coille na sgàilean uatha. Ghabh sinn air

adhart ri taobh loch Chreag Luis, agus loch Chlach anime agus thionndaith sinn ri taobh àllt Rithe-a-chip—suas ri uchdaich chais air an robh coille bhreagha a' fàs agus ghabh sinn seachad air dithis de thighean-seilg Dhiùc Atholl dha 'n ainm Ruithe-a-chip agus an Ruithe-mòr agus tha iad le chéile air an suidheachadh. An déigh dol seachad orra sin thàinig sinn air càthar fiadhaich mu 'n d' ràinig sinn coilltean cuir agus coilltean nàdurra Loch Orduigh, agus ann an so ghabh sinn ar tràth-nòin air an fheur, gu math dlùth air an tigh-sheilge. Bha soitheach deasaichte de shithinn aig a Bhan-diùc leatha. Chum iad teth e agus bha e glé thaitneach leinn. Thàinig a' ghrian a mach agus bha 'n latha cho blàth bhreagha—an speur cho gorm, agus na soluis cho boisgeil mu 'n cuairt agus shuidh sinn greis a' tarruing dhealbh. Thog an sluagh còir càrn a' measg na 'n craobh far an do ghabh sinn ar cuid *tea* an uiridh.

Thog sinn oirnn aig ceithir uairean agus ghabh sinn an rathad a tha' dol air adhart gu Tullichmhaid agus a mach as a' choille aig tigh cadha-chliath Hardie dlùth air drochaid a tha ann an sin, stad sinn aig àite fior bhòidheach air a chuairteachadh le coilltean, cnoc-an, agus àiridhean a bha cur na m' chuimhne an Laucha Grund aig Reinhardtsbrunn. Mu choinn-eamh so aig àite ris an abrar an Ruidhe-rainnich las sinn teine 'us fhuair sinn ar *tea*, ghabh sinn an déigh sin air adhart gu rathad àrd St Colme agus suas sràid na drochaide troimh 'n bhaile, air adhart gu crois a' mhargaidh far ann bheil iad a' cur suas tobar mar

chuimhneachan air an Diùc, chaidh sinn a' dh' fhaicinn an tigh bhainne, agus thill sinn dachaидh d' ar cois aig ceathramh roimh sheachd uairean, ghabh mise tacan fois air suidheachan seimheanachd, bha mo cheann glé ghoirt; ach dh' fhàs e ni b' feàrr an déigh na dinnearach.

*Disathurña, an sìathamh latha de mhòs
mu dheireadh an Fhoghair.*

Bha 'mhaduinn cho àluinn bhoisgeil shoilleir 's gur ann a bha i a' cur dorrain orm. An déigh ar trath-maidne a ghabhail, aig leth-uair an déigh naoi uairean dh' fhàg sinn dachaيدh aoidheil na Bhan-diùc chaoimhneil agus gu dearbh bu duilich leinn e. Bha na h-uile ni 's an dachaيدh àigh sin cho làn càirdealachd 'us sìth, cho sàmhach agus cho chlùmhòr. Bha m' fhuireach ann an so cho taitneach 's gur ann a bha e mur aiteal na gréine a dearsadh troimh neul tràم mo bhàntrachais. Dh' fhalbh Liùsaidh agus a' Bhan-diùc anns a' charbad agamsa, ghabh càch air adhart air thoiseach oìrrnn. Bha euid de luchd dreuchd sònruichte na Bhan-diùc 'n an sreach ri' taobh an rathaid air an deachaidh sinn a mach bho 'n tigh anns a' charbad. Ghabh sinn an rathad àbhaisteach gu Loch Orduigh seachad air an tigh-sheilg gu ceann an ear an loch, bha chuid mu dheireadh de 'n rathad glé gharbh agus tróm, chaidh sinn 'an sin air muin nan eacha beaga againn aig leth-uair 'an déigh aon-uair-deug 'us ghabh sinn air adhart air ar turas. Bha 'n spéur gun neul air, agus cha robh deò gaoithe ann 's bha bruthainn mhór ann a dh' fhàgadh neach

tinn, ghabh sinn air adhart air seòrsa de rathaid chairtean. Bha àllt Ruithe-a-chip a ruith a mach as a' ghleann àluinn troimh an robh sinn a' marcachd fodh ghuallain Benachalla. Bha Mr Gordon am fear aig am bheil sealg an Ruithe-mhóir a mach air enoc fad uainn air taobh thall a' ghlinne. Mharcaich sinn air adhart troimh na coilltean, bha 'n latha gu math ceòthar. An déigh dol air adhart Beagan mhìltean ràinig sinn cladach an ear Loch Oisne agus ghabh sinn air adhart beagan cheudan slat ri taobh Loch Oisne beag. Lean sinn a rithist air adhart air an rathad a ghabh sinn an latha a bha 'n t' uisge cho tróm againn an uiridh a dol gu Dun-Chaillinn—gus an do ràinig sinn erioch Chinn-drogain aig ceathramh roimh aon uair. Thachair Mr Keir 'us a mhac agus aon de na gillean-seilg aige oirnn ann an so. Mharcaich sinn seachad air gleann Derby, gleann fiadhuich fosgailte anns am bheil cnuic 'us blàir. Bha 'n rathad sàbhailte gu leo'r a' teirneadh 'g a ionnsuidh ged a bha e glé bhog, fhuair Mr Keir air a ghearradh e 'us air a chur an òrdugh dìreach air ar son fhéin. An déigh dol seachad air tigh ciobair a bha 'n sin dhirich sinn uchdach cas. Mharcaich Artair 'us Seanalair Grey bho so air adhart gu Ceann-Drogain còmhladh ri Mr Keir òg. Bha iad ri dol air adhart as a' sin ann an carbad air thoiseach oirnn 'n uair a bha sinn a' teirneadh thàinig sinn gu àite bho 'n d' fhuair sinn sealladh ciatach dhe na monaidhean mu 'n cuairt agus dhe gleann Fearnait a tha air an rathad a tha dol gu Fealair. Bha sinn ann còignear mhùathan uaisle agus ghabh sinn ar tràth-nòin aig leth-uair an déigh dá uair

air cnocan fraoich os-cionn coille Mhr Keir, bha sinn glé thoilichte an t-ùrachadh so fhaotuinn oir bha sinn cho chlaoidhте agus cho fànn leis an teas, choisich sinn an déigh sin sios beagan cheudan slat troimh 'n choille a dh' ionnsuidh an àite anns an robh na carbadan 'g ar feitheamh. Ghabh sinn ar cead' an so dhe 'n Bhan-diùc, agus gu dearbh bu duilich leinn e, bha i cho chaoimhneil, agus ghabh sinn beannachd le a bancharaid ghrinn Nicghriogair, agus an sin aig leth-uair an déigh a trì dh' fhàlbh sinn anns a' charbad air ar turas. Stad sinn tiotan aig Ceann-Drogain a ghabhail beannachd le bean Mhr Keir 'us leis an teaghlach aca, ghabh sinn seachad air Kirkmichael gus an d' fhuair sinn air an rathad a tha dol air adhart bho Blàr-Gaibhre. Bha 'm feasgar àluinn, an spéur cho dearg agus cho òrbhuidh agus na beanntann a null uainn, a' sealltuinn cho gorm bhòidheach agus cho tlàth. Fhuair sinn eich ùra aig an Spiteal, agus stad sinn aig àite a tha mu dhà mhile air an taobh thall dhe, ris an abair iad Loch-na-Bràig. Ruith an Granntach do thigh beag a bha dlùth air làimh a dh' fhaighinn uisge teth anns a choire air son ar *tea* a dheanadh. Le cuideachadh a' Bhrùnaich, streap sinn thar balla iosal cloiche a bha 'n sin 'us las sinn teine, cha b' fhada gus an d' thainig an coire agus bha an *tea* theth glé ùrachail agus math.

Thog sinn oirnn a rithist agus gu dearbh bha an dùthaich mu 'n cuairt a' sealltuinn breagha ri 'faicinn gus an do chiaraich am feasgar agus 'an sin 'an solus bheul-na-h-oidche bha na monaidhean a' sealltuinn cho gnù agus cho gruamach. Fhuair sinn gu gasda thar

uilinn an Deamhain mu 'n robh e tur dorcha. Bha 'n oidhche glé rionnagach. Ràinig sinn Baile-Mhoireil aig leth-uair an déigh ochd gu sàbhailte.

FOSGLADH OBAIR UISGE ABAIREADHAIN.

*Dimàirt, an siathamh latha deug de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair, 1866.*

Dh' fhalbh Eileag 'us Liùsaidh leam aig ceathramh an déigh deich a dhol air adhart gu Bailatar; bha Christian, Artair, Ban-diùc Roxburgh, agus Aimili Catheart anns an dara carbad; dh' fhalbh an Seanalair Grey¹ agus na daoine-uaisle eile air thoiseach oirnn ghabh sinn an rathad iaruinn 'us bha e glé fhéumail air an àm so, ghabh sinn ma thri-chairteil na h-uaire air an astar agus stad sinn dlùth air áite Mhr MacDhàibhidh Innismarlo goirid bho Kincardine O'Neil, chaidh sinn anns na carbadan 'an so. Eileag agus Liùsaidh 's an fhear agamsa, agus Christian le Artair agus leis an dà dhuin uasal eile 's an dara fear. Thug fichead mionaid sinn gu Inbher-Cannich far an robh gnothach

¹ Dh' éug e air an t-aona latha fichead de 'n mhàrt 1870. Bha e agamsa mar aon de luchd coimhead na 'n each bho na shuidh mi air an Righ-chaithir. Bha e na Rùn-chleireach aig a' Phrionnsa bho 1846 agus bha e 's an dreuchd cheudna agam fhéin bho 1861 gus an do dh' éug e. Bha mor mheas againn le chèile air agus bha mise glé dhuilich an uair' thàinig am bàs air.



George Grey

sònruichte an latha ri 'bhi air a dheanamh. Thàinig mise as a' charbad agus sheas mi taobh a mnigh a' phàlluinn gus an do léugh am Probhaist òraid dhomh. B' e am fear dhe 'n d' rinn mi Ridere an Abareadhain an 1863 a bh' ànn. B' éigin dòmhsha an sin mo fhreagairt fhéin a léughadh ni a rinn glé luaisgeanach mi; b' i so a cheud nair a léugh mi nì dhe 'n t-seòrsa bho na chaill mi mo chompanach gaoil ach fhuair mi thairis air gu math. Thionndaidh mise an sin an goc agus bha e glè bhòidheach an t-uisge fhaicinn a brùchdadhbh an àirde.

'Sé obair-uisge mhór a tha 'n so. Tha e air a mheas gu 'n gabh 6,000,000 gallan 's an latha toirt do 'n bhaile. 'S ann bho 'n abhuinn a tha an t-uisge a' tighinn, tha e air a ghearradh uaipe aig Baile-chùирn mu cheithir míle bho 'n Bhàin-choire. Si 'n obair shònruicht a rinn iad an so rathad a tholl iad a stigh troimh chnoc a tha aig Baile-chùирn, tha an toll-rathad so air a dheanamh troimh charraig a tha anabarruch cruidh agus tha e 760 slat air fad. 'S ann aig ceann an toll-rathad so a tha a mhàthair uisge aig Inbher-cannaich air a deanamh far an do thionndaidh mise air an t-uisge an diugh. Tha iad ag ràdh gu 'n gleidh a' mhàthair uisge so 15,000,000 gallan. Cha 'n 'eil ach dà bhliadhna gu leth bho na chaidh a' cheud fhòid a ghearradh air son na h-oibre, agus chost e £130,000. Bha na h-uile ni thairis ann an ceathramh na huarach 'us thill sinn direach mar a thàinig sinn, stàd sinn tiotan aig tigh Mhr MacDhàibhidh agus thug a' nighean aige bad fhlùraichean dhomh. Bha 'n latha breagha agus e

cho ciùin, bha 'n sluagh glé chaoimhneil agus bha iad ri sior iollach.

Fhuair sinn dhachaidh aig fichead mionaid an déigh dà uair.

OIDHCHE SHÀMHNA.

AN T-AONA LATHA DEUG THAR FHICHEAD DE MHÌOS MU
DHEIREADH AN FHOGHAIR, 1866.

Chunnaic sinn iad a' tòiseachadh ris an t-shamhain a ghleidheadh 'n uair a bha sinn aig tigh bean a' Ghrann-taich. Thàinig a chlann a mach 's iad a' leum 's a glaodhaich 'us leusan laiste aca. Tha na Protestanaich am bicheantas a' cumail na seann sàmhna air an dara latha deug de cheud mhios a' gheamhrnidh agus tha na Papanaich ag cumail na sàmhna ùr air an latha so; ach rinn iad uile suas an inntinn gu a cumail an diugh a chionn 's gu 'n cuala iad gu 'n robh mise toileach bho chionn dà bhliadhna an dòigh gleidhidh a bh' aca oire fhaicinn. 'N uair a bha sinn a dol dachaidh chunnaic sinn na gillean uile a' tighinn 'n ar coinneamh le leusan laiste, 'us bha leusan 'us teinteán aighir ri 'm faicinn air taobh thall an uisge. Chaidh sinn suas an staidhir 'g an coimhidh bho na h-uinneagan agus bha e na shealladh glé bhòidheach.

Air co-ainm an latha cheudna air an ath bhliadhna.

'S e sin air Diardaoin an t-aona latha deug thar fhich-ead de mhìos mu dheireadh an Fhoghair 1867, fhuair sinn cothrom a rithist air gleidheadh na sàmhna fhacinn agus air pàirt a' ghabhail 'n a cumail. Thachair dà ghille oirnn goirid bho thigh Dhònuil Stiùbhart agus iad a giùlan leusan. Chaidh Liùsaidh a mach as a' charbad agus fhuair i fhein leus. Choisich i air adhart ri taobh a' charbaid lèis agus 's ann a bha i a' sealltuinn coltach ri h-aon de bhuidsichean Mhic Beathaige. 'N uair a thàinig sinn teann air Baile-Mhoireil thachair na gillean-seilg oirnn le am mnathan 'us an cuid cloinne agus bha na gillean 'us feedhain eile 'n an cuideachd agus leusan aca uile: 'us bha fear aig a' Bhrùnach am measg chàich. An déigh dhuinn tighinn a' mach as an tigh chaidh leus a thoirt do Leopold. Choisich sinn mu 'n cuairt de 'n tigh uile agus an Rosach air ar ceann ag cluich na pìoba móire sios staidhir a' bharra-bhalla. Bha Liùsaidh 'us Leopold air thoiseach agus Sine Ely agus mise 'n an déigh 's na h-uile h-aon de chàch 'g ar leantuinn 'us an leusan laiste agus bha e na shealladh glé thaitneach. An déigh sin chaidh teine-aighear a dheanamh de na leusan uile dhùth air an tigh agus chaidh ruidhleachan a' dhànnsadhbh agus an Rosach a toirt ciùil dhoibh bho phiop nuallach na 'n dos.

TURUS GU FLOORS AGUS DO DHÙTHAICH
CRIÒCHAN SHASSUINN.

*Dimàirt, am fìcheadamh latha de cheud
mhìos an Fhoghair, 1867.*

Dh' fhàg mi Windsor aig deich uairean (tha falbh na h-oidhche daonnaن cho cianail). Bha Liùsaidh, Leopold, 'us mo chagaran Beatrais còmhladh rium ; 'us choinnich Eileag, agus Christian, sinn leis an leanabh ghille aca aig an àite 's an robh sinn a' dol do charbad-na-smùid. Bha Sine Churchill, Eanruigeag Phipps, an dà bhean-fhòghlum, an Ridire Tòmas Biddulph, Morair Tearlach Fitzroy, Còirneal Gòrdan, Mr Duckworth agus Dr Jenner leinn mar luchd frithéalaidh. Bu dorranach a chluinn-tinn dìreach mu 'n do shuidh mi ri 'm dhinneir nach rachadh an carbad-smùid mór agam fhéin troimh tholl-rathad air choireigin a bha air taobh thall Carlisle agus leis a sin gu 'n robh sinn ri carbaid atharrachadh air an rathad.

*Diciadaoin, an t-aona latha fìchead de
cheud mhìos an Fhoghair.*

Bha 'n carbad a sior aomadh a null agus a nall 'us bha e cho bruthaineach 's nach d' fhuair mi dad de chodal. Dhuisg iad mi aig Carlisle aig leth-uair an déigh seachd, agus an uair a bha m' eudach orm chaith mo chabha-gachadh a mach as a' charbad aig ceathramh roimh ochd.

Ghabh sinn ar tràth-maidne 'an so agus b' fheudar dhuinn stad ann gus an deachaidh an carbad againn fhéin fhuasgladh agus am fear eile 'chur 'n a àite.

Fhuardh a mach bho sin nach ruigte les so a' dheanamh! Bha a' mhachuinn glé ghruamach ach thog i, agus thionndaidh e gu latha gasda. Chaidh sinn air adhart troimh dhùthaich chiataich 's gach ni mu 'n rathad cho bòidheach, ghabh sinn troimh Eskdale seachad air Netherby, agus cho fada ri Riddings. Dh' fhàg sinn abhainn Esk 'us dh' inntrich sinn Liddesdale, bha 'n rathad iaruinn ag gabhail air adhart ri taobh uisge Liddel gus an d' ràinig sinn an ceann-uidhe aig Riccarton far an do stad sinn tiotan beag.

Chaidh sinn a rithist air adhart gu socair ri taobh abhainn Slitrig gu ruig Hawick, dh' iarr an sluagh sinn a' dheanamh sin, agus bha dùmhlas mór ànn dhiubh. Theirinn sinn Teviotdale an déigh sin agus chaidh sinn a stigh do ghleann an Tweed aig St Boswells agus eadar sin 'us Kelso aig àite stad an rathaid iaruinn aig Roxburgh chaidh sinn thairis àir an Tweed a rithist, ghabh sinn 'seachad ri bun beanntan Eildon, tri sgùran àrda biorach a bha 'g éirigh a null uainn. Tha 'n dùthaich so anabarruch breagha. Uillt 'us glinn làn coille thall 's a bhos ann a' measg talamh a th' air a dheadh àiteachadh.

Cha d' ràinig sinn Kelso gu leth-uair an déigh aon-uair-deug. Bha ceann-uighe an rathaid-iaruinn air a chur an òrdugh gu grinn agus bha Diùc 'us Ban-diùc Roxburgh na 'n seasamh 'an sin 'g ar feitheamh. Bha Morair Bowmont ann cuideachd 'us Diùc Buccleuch, Morair T. Carr, agus Seanalair Hamilton aig an bheil uachdranachd an aimr 'an Albuinn. Thàinig sinn a' carbad-na-smùid anns a' mhionaid. Phòg mise a' Bhan-diùc ghràdhach agus rug mi air làimh air an dà

Dhiùc agus chaidh mi do m' charbad fhéin agus, Eileag 'ns Liùsaidh agus a' Bhan-diùc leam ; chaidh Beatrais, Leopold, agus Christian anns an dara fear, agus lean cǎch sinn ann an carbadan eile.

Bha a' mhaduinn àluinn 'ns i cho chiùin, ghabh sinn air adhart troimh àite beag ris an abrar Maxwell Haugh, sios gu baile Kelso agus thairis air drochaid bho 'n d' fhuair sinn sealladh math a dh' abhuinn leathann Tweed agus de phàirce Floors. Bha na n-uile h-àite air a chur' an òrdugh cho bòidheach, le flùrain, agus le brataichean a mach 's gach àite agus mar a bha sinn a' gabhail seachad bha leth-cheud bean-uasal ann an éideadh geal a' sgapadh flùrain air an rathad. Bha na saighdearan saor-dheònach a mach agus an luchd ciùil aca ag cluich, stad an carbad aig àite a' mhargaidh agus chaidh òraid a' shineadh dhòmhaisa gun a léughadh. Chaidh caileag bheag a thogail an àird a thoirt bad fhlùraichean dhomh. Bha an sluagh glé dhealasach agus iad ri móran iollaich, ghabh sinn a rithist air adhart am measg a mhór-shluagh dhùmhail 'ns iad ri sior iollach chridheal. Aig geatachan na páirce rinn-eadh an seann sioram aithnichte dhomh, tha e ceithir fiehead bliadhna agus a còig. Tha a' phàirce anabar-rach breagha agus tha 'n rathad a tha dol thuì an tighe 'dol fodh sgaile chraobhan ciatach faibhili, *sycamore*, agus daraich, chaidh an tigh eireachdail so a thogail an toiseach an 1718 leis an Ridire Iain Vamburgh ach chaidh a dheanamh móran ni bu bhreagha leis an Diùc so. Ghabh sinn 'n ar carbadan a stigh fodh sgaile ùta-bac mór a bh' air an tigh, agus an

déigh sin chaidh sinn suas staidhir do 'n talla. Bha luchd - ciùil an Diùc a' cluich taobh muigh an tighe. Bha Mr Russell agus a Bhan-mhorair Tearlag Russell 'us Mr Suttie agus bean a Mhorair Tearlach Carr 'g ar feitheamh anns an talla. Thug a' Bhan-diùc sinn a stigh do 'n leabhar-lann agus thàinig Diùc Buccleuch ann leinn. An déigh fuireach greis bheag fhuaire sinn ar tràth-maidne leinn fhéin anns an t-seòmar dinneir bhreagha aig deich mionaidean an déigh dà-uair-dheug. An déigh sin thug a' Bhan-diùc sinn a' dh' fhaicinn na 'n seòmraichean againn. Tha trì agamsa a tha glé chomhfhurtail an dara h-aon a' fos-gladh a stigh do 'n aon eile. Tha seòmar suidhe ann 'us seòmar éididh agus 's e 'n seòmar cadail a' 's mò dhiubh, tha e cho simplidh air a dheanamh suas le *calico* craobh-agach, ach tha e glé fhinealta anns gach dòigh, agus e cho chomhfhurtail. Bha a chlaunn dlùth orm fhéin, ach ged a bhà, dh' fhairich mise cho aonaranach an uair a chunnaic mi nach robh seòmar ann air son m' fhéudail, bha mi cho cianail a' smuaineachadh air mi 'bhi leam fhéin—na mo bhànntraich bhrònúich. So a cheud uair a chaidh mi—mar a b' àbhaisd dhuinn anns an tìm shona a dh' fhalbh—a dh' fhaicinn luchd eòlais agus bha na h-uile ni a theireadh agus a dheanamh m' Ailbeairt gaoil a' tighinn a stigh orm 'us mi a' cuimhneachadh mar a rachadhmid mu 'n cuairt feedh gach àite a' gabhail tlachd anns gach nì, agus a' sealltuinn air gach nì, ach a nise mo thruaighe! am féum an gnothuch a bhi mar so gu brath tuilleadh?

Ghabh sinn ar tràth-nòin aig leth-uair 'an deigh dà

uair ann an seòmar na dinneir, direach mar is abhaist dhuinn a' ghabhail aig an tigh. Bha 'n latha àluinn 's an sealladh bho na h-uinneagan cho breagha. Beann-tan Cheviot air falbh uainn 's iad làn coille, Kelso am broilleach choilltean ciatach, an drochaid a tha thar an Tweed 'us an abhuinn i fhéin a ruith cho seimh eadar bruachan feòir a tha gorm gu taobh an uisge. Tha e glé chiatach, chuir e na m' chuimhne an sealladh a fhuair mi de phàirc na Phoenix ann am Bail'-ath-cliath.

Choisich mi 'mach le Eileag 'us leis a' Bhan-diùc chaoimhneil gu àite anns an do chuir mise craobh. Chaidh sinn an déigh sin do lios nam flùraichean¹ anns am bheil móran de thighean-teth. Ghabh sinn ar *tea* ann an sin, ann an seòmar beag bòidheach a tha laimh riuthe, tha e air ùrlarachadh le leacan creadha, ghabh sinn a rithist troimh an phàircce bhreagha anns a' charbad. Tha i làn de choille àluinn, chaidh sinn air adhart ri taobh an Tweed 'us fodh bhallachan briste seann chaisteal Roxburgh agus cha' n' eil achi beagan diùbh ri fhaicinn a nis. Bha e air enoc àrd, agus e air a shuidheachadh glé làidir, leis an Tweed 'us an Teviot a' ruith air gach taobh dhe, sheas e iomadh teannachadh, thug na Sasunnaich gu tric a mach e agus cha stadaradh na h-Albannuich gus am biodh e' rithist aca fhéin. Ghléidh Righrean Albannach, agus eadhoin Righrean Sasannach, an cùirtean ann an so agus b' e' h-aon diùbh an dara Eideard.

¹ Chaidh Eachun Rose an gàradair a bh' ann do Windsor na àrd-gharadair 'an 1868, rinn e' dhleasdanas gu math ann ach dh' éug e, mo thruaighe! air a chòigeann latha de mhìos meadhoin an t-shamh-raidih 1872.

Thill sinn dachaidh aig ochd uairean 'us ghabh an Diùc agus a' Bhan-diùc an dinneir leinn, agus an deigh sin chaidh sinn gu uinneagan an leabharlann a' ghabhail beachd air na teintean aighear, agus air an t-soillseachadh mhór a bha air a dheanamh leis an t-sluagh. Chaidh mise tiotan beag do' shèomar-cuid-eachd an tighe a' dh' fhaicinn na 'n uaislean a bha cruinn ann. Chaidh mi an déigh sin do mo shèomar fhéin 'us leig mi m' anail, bha mi cho sgith 's nach b' urrainn mi ni a leughadh ach na paipearan naigheachd.

*Diardaoine, an dara latha fiehead de
ehead mhòs an Fhoghair.*

Maduinn bhreagha ged a bha beagan ceò ann. Bha 'n oidhche 'us solas na gealaich cho àluinn, ghabh mi mo thràth-maidne le mo theaghlaich fhéin anns an t-seòmar a tha anns an tigh air son an tràth sin, chaidh mi 'mach aig fiehead mionaid roimh aon-uair-deug 'us shuidh mi a' sgriobhadh fodh sgàile chraobhan a bha dlùth do 'n tigh, bha an t-àite cho sàmhach gun ni a' chuireadh bruaidlean orm ann, dh' fhan mi ann gu leth-uair an dèigh dà-uair-dheug, a' cur mo sgios dhiom—a' leughadh 's mar sin sios. An déigh ar tràth-nòin thog sinn oirnn ann an dà charbad. A Bhan-diùc 'us an dà nighinn againn fhéin 's an fhear agamsa; agus Christian 's an fhear eile leis an Diùc, a Bhan-mhorair Tearlag Russell agus am Morair Tear-lach Fitzroy (bha eich dhuais acasan). Bha eich an Diùc againne gu ruig Ravenswood. Ghabh sinn troimh Kelso agus bha móran sluaigh ann, chaidh sinn thairis

araon air an Tweed agus air an Teviot, far am bheil an dà uisge ag coinneachadh agus ghabh sinn seachad gu h-iosal air sean chaisteal Roxburgh. Tha 'n dùthaich glé bhòidheach le cnocan 'us le coilltean agus talamh àitichte. Beagan an déigh dhuinn falbh chaill sinn seal-ladh air an dara carbad 'us dh' fheith sinn feuch an tigeadh e. Dh' fhairtlich air na h-eich chuidhle iad fhéin a' chumail an àird an uair a ràinig iad a cheud bhruthach a bh' air an rathad. B' fheudar dhuinne fuireach riuthe 'us chum sin air ais sinn, chuir iad na h-eich thoisich an àite na 'n each cuibhle 'us chaidh iad air adhart le paidhir. Chaidh sinn gu àilean St Bos-wells 'us bha trì sléibhteán bòidheach Eildon air thoiseach oirnn. Tha e air a ràdh gun deachaidh na beanntan so a roinn 'n an trì le Micheil Scott am fear-buidseachd. Bha mi a' faicinn Mertoun àite mo dheadh charaide Morair Polwarth air taobh eile an rathaid. Mo thrus-aighe! dh' éug e air Dihaoine so chaidh. Bhuaill an tinneas critheannach e ann an ceud mhios an Earraich, agus chuir an dara buille crioch air an dràsda an uair a bha e 'an dùil a bhi 'g am choinneachadh aig Kelso air ceann na 'n saighdearan saor-dheònach, agus tha e 'n diugh na luidhe marbh 'na thigh fhéin air an deachaidh sinn seachad cho dlùth. Tha 'n tigh glé iosal a' measg chraobhan. Tha mi caoidh gu goirt air son a chàll, oir bha m' Ailbeart gaoil cho toigheach air bho 'n cheud latha a fluair e eòlas air, agus bha sin ann an 1858.

Dh' atharraich sinn eich aig Ravenswood, no seann Melrose, bha an fheadhainn agamsa 'g ar feitheamh ann an sin. Fhuair sinn caogshealladh de 'n àite anns am

bheil Abaid Dryburgh, ged nach mór nach eil an rathad iaruinn 'g a fhalach. Choinnich Diùc Buccleuch sinn 'an sin 'us mharcáich e leinn fad an rathaid. Bha failte chridheil a' feitheamh oirnn anns gach àite agus bho gach neach agus bha buadh-bhoghna grinn aca air an cur suas. Ghabh sinn ri taobh beannntan Eildon 'us seachad air drochaid mhór a bh' air an rathad iaruinn agus bha gach ni mu 'n cuairt cho bòidheach. Tha Melrose air a shuidheachadh glé bhreagha 's e air a chuartachadh le coilltean agus le cnuic chaidh sinn troimh bhaile beag Newstead direach mu 'n d' ràinig sinn Melrose agus tha e glé aimleathann agus eas. Ghabh sinn suas troimh phàircean fear-gnothuich Diùc Buccleuch. Theirinn sinn an sin agus choisich sinn mu 'n cuairt de 'n t-seann Abaid agus gu dearbh is breagha na tha' làthair dhi. Agus tha earrainn de 'n chlachaireachd agus dhe 'n t-snraigheadh fhìnealta a bh' air na clachan gun mhóran milleadh fhathast, 's e a' cheud Daibhidh mu 'n dubhradh gur e "sair saint" a bh' ann a thog an toiseach i ach 's ann 's a chòigeamh ceud deug a chaidh an Abaid a thogail da 'm buin na ballachan briste so. Chunnaic sinn fodh 'n àrd altair an t-àite anns am beiad iad ag ràdh 's an deachaidh an eridhe aig Bruce a thiodh-lacadh agus an t-àite anns am bheil uaigh an dara Righ Alasdair, agus an uaigh aig an fhear-buidseachd Micheil Scott. Tha Sir Walter Scott ag radh mu 'n uaigh so ann an "Laoindh a' bhàird mu dheireadh" anns an bheil cùnnatas air dùthach na 'n crioch so:—

"They sat them down on a marble stone ;
A Scottish monarch slept below."

Agus tha e ràdh a rithist an uair a thug Deloraine an leabhar a' làimh an fhir bhuidseachd mhairbh—

“ He thought, as he took it, the dead man frowned.”

Agus is fior do 'n ùghdair cheudna 'n uair a tha e ràdh—

“ If thou wouldest view fair Melrose aright,
Go visit it by the pale moonlight.”

Tha coltas cho sìth air an àite, chuir e na m' chuimhne Caibeal an Ròid Naoimh, choisich sinn mu 'n cuairt dhe 'n chladh los taobh a muigh na h-Abaid fhaicinn, an déigh sin chaidh sinn do na carbadan 'us ghabh sinn an rathad troimh dhùmhladas mór sluaigh. Bha an sluagh cho dealasach 'us iad cho rioghail agus cho caoimhneil. Bha na h-uile ni air a dheanamh cho maiseach. Thàinig móran sluaigh bho Galashiels, agus euid na h-uile car bho cheanna-tuath Shasuinn agus rinn sin an sluagh cho dùmhail ; agus bha móran diùbh sgapta ma cheann a mach a' bhaile. Ghabh sinn an taobh thall dhe 'n ghleann 'n ar tilleadh dhachaidh 'us chunnaic sinn Galashiels, àite a tha air a shuidheachadh gu grinn, is baile 's am bheil móran malairt e agus a tha soirbheachadh gu math, tha iad a' deanamh móran chlòthain 'us bhreacan uachdair ann. 'S iad gillean an àite so ris an abrar—“ *The braw lads o' Gala Water.*”

An deigh so thug fichead mionaid no leth-uair sinn gu Abbotsford àite còmhnuidh ainmeal Sir Walter Scott. Tha 'n tigh air a thogail an àite iósal agus e glé neo-innt-inneach coltach, bha Mr Hope Scott ann 'g ar feitheamh agus mo dhalta fhéin a bhean aige, a' Bhan-mhorair Victoria¹ piuthar Diùc Norfolk, agus an euid cloinne,

¹ Dh' éug i ann 's a' bhliadhna 1870.

bha Diùc Norfolk agus càirdean eile ann leòtha. B' i nighean Lockhart—an t-ogha mu dheireadh a bha beò de theaghlaich Sir Walter Scott, a bha pòsda an toiseach aig Mr Hope Scott, ach chaochail i 'us dh' fhàg i aon nighean bheag bhòidheach a tha mu aona-bliadhna-deug a dh' aois, is leatha an t-àite so agus is i an t-aon neach a tha beò de shliochd a sinseanar. Thug iad sinn do 'n chuid dhe 'n tigh anns am b' àbhaisd do 'n duine ainmeal a bhi, agus chunnaic sinn a sheòmraichean uile, tha a cheart airneis anns an t-seòmar cuideachd a bh' ann ri a latha fhéin, agus tha an t-aon éudach air an ùrlar a bh' air an uair sin, chaidh sinn do 'n leabhar-lann far am faca sinn 'Ivanhoe,' 'n a làmh-sgrìobhaidh fhéin, agus chunnaic sinn feadhain eile dhe na h-ursgeulan aige agus cuid dhe bhardachd 'n a làmh-sgrìobhaidh grinn, agus gun a bheag sam bith a dh' fhacail air an atharrachadh annta, agus sheòl iad dhuinn móran de nithean neònach a chruinnich e fhéin. An deigh sin chaidh sinn 'g a sheòmar meòrachaidh, seòmaran dorcha agus turait bheag air anns am bheil dealbh a chinn agus a ghuailean air a dheanamh ann an umha, bho chumadh a chaidh a ghabhail dhe an déigh a bhàis. Chunnaic sinn ann an sin an leabhar lathail a b' àbhaist da' chumail. Dh' iarr Fear-an-tighe agus càch ormsa m' ainn a sgrìobhadh ann, ach bha mise faireachdain mar gu 'm bu ghniomh dànanais dhomh sin a dheanamh.

Chaidh sinn an déigh sin troinibh thrànn-sachan a dh' fhaicinn dhà no thri sheòmraichean anns am bheil na h-airm bhreagha a thionail e, agus far am bheil fodh

ghloine an t-eudach mu dheireadh a bha air. Chaidh sinn as a' sin do 'n t-seòmar dhinnearach far an d' éug e, agus ghabh sinn ar *tea* ann. . . .

Dh' fhalbh sinn aig fishead mionaid roimh sheachd—glé anmoch. Bha beagan uisge ann ach cha b' fhada gus an d' rinn e turadh. Chaidh sinn a rithist thar an Tweed agus ghabh sinn air adhart seachad air Gatton-side gu drochaid Leaderfoot. Choinnich Deòin-shaighdearan Siorrachd Berwick sinn ann an sin agus Morair Binning — Mac Morair Haddington air an ceann. Mharcaich e greis mhath leinn mar flear ionaid oifigich. Bha uchdach eas ann an so, agus móran chraobhan mu 'n rathad. Beagan an déigh sin ghabh sinn troimh Gladswood, òighreachd Mr Meiklam, stad sinn aig a dhorus agus rinneadh e fhéin agus a bhean aithnichte dhomh. Thug a nighean bad fhlùraichean dhomh. Dìreach an déigh sin dh' inntrich sinn siorrachd Berwick. An déigh eich atharrachadh agus an t-àite so fhàgail agus dol thar Gateheugh thàinig sinn gu àite anns an robh sealladh breagha againn air dùthach mhóir fharsuing, agus gleann domhain làn coille fodh an rathad, abhairn ann an iochdar a' ghlinne agus monaidhean air falbh a null uainn; gu mifhortanach ñhuinne bha beul-na-h-oidhche ann, eo dhiù bha' ghrian air dol sios agus ged a bha am feasgar ciùin bha e ciar agus gruamach. Chaidh sinn seachad air Bemersyde àite air am bheil fear coimhead na 'n each aig Alfred, Mr Haig,¹ na òighre agus troimh bhaile beag Mertoun air cùl na páircé; agus chunnaic sinn ann

¹ Fhuair e 'n òighreachd 'an 1878.

an so cho faireachdail 's a bha an sluagh, oir ged a bha iad a mach agus a nochd iad an spiorad rìoghachd, cha robh comharradh gairdeachais air bith ri fhaicinn, agus cha leigeadh an eridhe leòtha iollach a dheanamh agus an deadh mhaighstir Morair Polwarth 'na luidhe marbh 'n a thigh fhéin.

Cha mhór nach robh e dorcha againn 'an sin ach fhuair sinn dachaидh aig deich mionaidean roimh naoi. Mharecaich Diùc Buccleuch leinn gus an robh sinn greis seachad air Gladswood. Cha d' thàinig sinn troimh Kelso idir air ar rathad dachaيدh. An uair a bha sinn a dol troimh Mertoun d' fhàg sinn seann tùr Smailholm air ar làmh ehlith, 's ann a thachair na nithean sònruichte a tha air an innseadh anns an "Eve of St John" cha do shuidh sinn aig ar dinneir gu leth-uair 'an déigh naoi agus feumaidh mi aideachadh gu 'n robh mi glé sgith. Bha 'n dinneir air a bhi leth seachad mu 'n d' fhuair Diùc Buccleuch tighinn. Bha Diùc agus Ban-diùc Roxburgh leinn agus Morair Bownmont, a' bhean aig a' Mhorair Tearlach Carr, agus Mr Suttie. Cha robh a' Bhan-mhorair Liùsaidh leinn a chionn nach robh i gu math, cha ghabhadh bàrr toirt air an Diùc no air a' Bhan-diùc air son caoimhneis 'us faicill, cha b' urrainn neach a bhi ni bu chùramaiche na a bha iad mu m' dheighinn —a faicinn anns gach dòigh nach cuireadh ni anns an tigh dragh orm, cha d' fhan mise ach beagan mhion-aidean shios an staidhir, an déigh na dinneir, chaidh mi do m' sheòmar fhéin agus bha e 'n uair sin aon-uair-deug. Chaidh càch do sheòmar cuideachd an tighe a dh' fhaicinn feedhainn de na coimhairsnaich a thaghuil.

*Dihaoine, an treas latha fichead de
eheud mhìos an Fhoghair.*

Maduinn thróm dhorchá. Bha mùchadh air an latha, agus e bagradh air an uisge. Bha ar tràth-maidne mar a bha e 'n dé. Thog sinn oirnn aig fichead mionaid roimh aon-uair-deug; mise leis an dà nighean againn fhéin agus leis a' Bhan-diùc, Christian le m' fhéudail Beatrais anns an dara carabad, le Diùc Marlborough (am fear-comhairle am frithhealadh) agus a' Bhan-mhorair Liùsaidh Melville; bha Diùc Roxburgh anns an treas carbad còmhladh ris a' Mhorair Tearlach Fitzroy agus an Ridire Tòmas Biddulph—Còirneal Gòrdan agus Dr Jenner na 'n suidhe air a thoisearch¹ ghabh sinn troimh Kelso agus bha e làn de shluagh a bha glé dheallasach; agus seachad air baile beag Heiton anns an robh bogha fior bhòidheach air a chur suas. Bha dà nighean òg ann, 'an éideadh geal agus thilg iad badain fhlùraichean thugam. An déigh sin ghabh sinn suas ri taobh na Teviot agus na Jed a tha' ruith troimh ghleanntan àillidh. Tha Jedburgh air a chuartachadh le dùthaich bhòidheach, tha e mu 'n aon mheudachd ri Kelso ach nach 'eil na bùthain cho mór ann. Ach an déigh sin 's e baile mór na Siorrachd e. Bha e làn sluaigh, agus bha e air a chur an òrdugh glé bhreagha.

Tha suidheachadh a' bhaile Jedburgh glé bhòidheach, 'us tha e mu 'n aon mheudachd ri Kelso ach nach 'eil na bùthan cho mór. 'S e baile-mór na siorramachd e.

¹ Bha am Brùnach agus Collins an t-àrd ghille-bùird anns an àite àbhaisteach air taobh cùl mo charbaid.

Bha e làn sluaigh agus rinn iad glé mhaiseach e. Tha móran ann de sheann tighean 'us àiteachan eachdruidheal. 'S ann an so a dh' éug an IV. Righ Callum; bha Uilleam ris an abairte an Leòmhann agus an II. Righ Alasdair a' fuireach ann; agus is' ann a phòs an III. Alasdair a dhara bean Joletta nighean Comte de Dreux; b'i Bàn-righ Màiri an t-uachdaran rioghail mu dheireadh a thàinig 'an so a' chumail cùirt cheartais. Sheòl a' Bhan-diùc dhomh ann an sràid taoibh, tigh anns an do luidh Ban-righ Màiri gu tinn le fiabhrus. Ann an Cearnag a' bhaile chaidh òraid a shìneadh dhomh mar a rinneadh 'an Kelso. Chaidh sinn an déigh sin sios bruthach eas far an d' fhuair sinn deadh shealladh de 'n Abaid a tha cho neònach 'n a dòigh fhèin ri té Melrose. 'S e 'cheud Daibhidh a thog i so cuideachd. Tha ballachan briste seann Abaid eile a bha glé bhreagha ann an Kelso.

Bha ceithir de bhuaidh bhoghachan glé bhòidheach an so; agus bha aon diùbh air an robh dà sgriobhadh a bh' air an deadh thaghadh, bha air aon taobh dhe, "*Freedom makes all men to have lyking,*" agus air an taobh eile dhe bha, "*The love of all thy people comfort thee.*"

Ghabh sinn suas ri taobh abhainn Jed, troimh ghleann breagha làn coille. B' àbhaist do na Cùmh-nantaich iad fhéin fholach anns na h-uamhachan 'tha am measg na 'n clachan dearga 'tha 'm bruachan na h-aibhne. Chaidh sinn seachad air Crailing àite Morair Cranstoun. Thill sinn ann an sin 'us an uair a bha sinn dlùth air a' bhaile thionndaidh sinn a stigh do fhrìth an Jed, suas ri bruthach gun cheann gun chrioch a bha

glé thróm aig na h-eich 's aig na gillean a bha 'g a' marcachd. Thill sinn troimh phàircean Hartrigge, àite a' Mhorair Chaimbeil nach mairionn, agus anns am bheil fear Mr Gordon a nis.

Ghabh sinn a rithist a cheart rathad air an d' thàinig sinn seachad air àite Morair Minto 'us air Kirkbank àite le Diùc Buccleuch, àite anns am b' àbhaist d' a bhràthair Morair Iain Scott nach mairionn a bhí' fuireach. Fhuair na h' eich deoch ann an so, stad sinn greis ann 'us an sin ghabh Diùc Buccleuch a chead dhinn an déigh dha bhi air marcachd leinn a chuid bu mhòtha dhe 'n rathad—a stigh gu Jedburgh agus air ais a rithist gu ruige so.

Bha e dlùth air tri uairean mu 'n d' fhuair sinn dachaidh. Ghabh sinn ar tràth-nòin 'an déigh sin agus chaidh mise a ghabhail tacan fois. Cha deachaidh sin 'mach a rithist gu leth-uair 'an déigh sia. Ghabh mi sràid ann an lios nam flùraichean le Eileag agus leis a Bhan-diùc chòir, ach a thaobh gu 'n do thòisich am feasgar ri' sileadh ghabh sinn ar *tea* ann an seòmar beag a bha 'n sin. Chaidh a' Bhan-diùc an déigh sin a stigh le Eileag ach thill i rithist thugamsa. Shuidh mi leatha a muigh greis bheag agus chaidh sinn a stigh 'an déigh sin do 'n tigh. Bha bruthainn mhór ann ré an fheasgair.

Ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an déigh ochd Bha 'n Diùc 'us a' Bhan-diùc aig an dinneir leinn, 'us bha Mr Russell 'us a' Bhan-mhorair Tearlag leinn, agus Morair Tearlach Càrr, chaidh mise 'an déigh na dinneir suas an staidhir a' sgriobhadh. Dh' fhàg sinn Floors aig

deich mionaidean romh aon-uair-deug, agus gu dearbh mur d' fhuair sinne fàilte chridheil ann; bha sinn air ar deanamh cho comhfhurtail ann; agus ghabh mise a leithid de thoileachadh anns gach ni a' chunnaic mi. Fhuair mi mór chaoimhneas ann bho àrd agus bho iosal, agus bha m' fhaireachdain air a' gluasad ann a bhi 'g am fàgail. Dh' fhàg sinn ann an carbadan fosgailte agus bha an oidhche cho rionnagach shoilleir agus cho blàth. Bha lòchrain laiste air fad an rathaid troimh 'n phàirc. Bha lòchrain air an erochadh mu 'n drochaid 'us bha 'm baile air a shoillseachadh gu breagha. Ghabh sinn troimh air ar socair 'us bha móran sluaigh ann. Bha ceithir-chearnag a' bhaile glé dhùmhail agus iad uile cho dealasach. Chaidh a' Bhan-diùc ghràdhach leinn gu carbad-na-smùid, ghabh an Diùc 'us a mhic agus feedhain eile air adhart air thoisearch oirnn. B' e 'n sealladh bòidheach e. Bha 'n Eaglais Shaor air a' lasadh suas le solus dearg a bha toirt oirre sealltuinn mar gum biodh i 'n a teine, is togail ghrinn i. Ghabh sinn beannachd leis a' Bhan-diùc ghràidh 'us leis an Diùc 'us chaidh sinn a stigh do charbad-na-smùid agus dh' fhalbh sinn air ar turas dachaidh.

*Disathurna, an ceathramh latha jichead
de cheud mhìos an Fhoghair.*

Ghabh sinn troimh Dhunéideann air ar rathad dhachaidh. Bha sinn aig Bailatair mo ochd uairean 'us chaidh *coffee* 'us *tea* a thoirt dhuinn mu 'n d' fhàg sinn carbad-na-smùid gu dol do charbad na 'n each, a bha 'g ar feitheamh.

Bha maduinn bhòidheach chiùin ann agus bha gach àite a' sealltuinn cho uaine ged nach robh a bheag dhe 'n fhraoch a mach; ràinig sinn Baile-Mhoireil mo rùin aig deich mionaidean roimh naoi uairean.

TURUS GU GLEANN-FIDICH.

*Dimàirt, an ceathramh latha fìchead de
mhios meadhoin an Fhoghair.*

Maduinn shoilleir, ach gaoth mhór a' séideadh. Dh' fhalbh an Rosach leis am treallaich turais againn aig beagan an déigh sheachd uairean agus dh' fhalbh Anna 'us Aimili an dà bhean-fhrithealaidh leis, agus a' bhean fhrithealaidh aig Ban-mhorair Churchill.

Fhuair sinn ar tràth-maidne aig ceathramh romh naoi, ghabh mi beannachd le Eileag 'us le m' Chagaran gaolach Beatrais, leis na gillean beaga, agus le Christian. Dh' fhalbh mi bho 'n tigh le Liùnsaidh agus le Síne Churchill. Bha 'm Brùnach na àite àbhaistich air toiseach a' charbaid. Ghabh an Ridire Tòmas Biddulph an rathad aig ochd uairean. Ghabh sinne suas ri taobh Alltna-Croiche, air adhart gu Airidh-Ghàirn agus bha neart na gaoithe cho mór's nach urrainn mi' chur an céill. Bha i a' séideadh troimh na h-uile ni' bha mu 'n cuairt dhuinn. Dìreach an taobh thall a dh' Airidh-Ghàirn ghabh sinn eich ùra de 'n fheadhain agam fhéin 'us thug iad sinn suas an t-uchdach eas ris an abair iad a' Ghlas-choille.



Jane Thornehill

1875

Fhuair sinn Blake¹ 'an so leis an treallaich-turais againn. Dh' fhartlaich orra dol air adhart gus an d' fhuair iad ceithir eich chartach ga 'n cuideachadh. Chaidh sinn seachad air Torr-na-h-òisge agus Drochaid-a-choilich. Rug sinn air a' charbad anns an robh na mnathan frithealaidh 'na stad aig tigh-òsda beag ris an abair iad Ceann-na-drochaide a tha aig iochdar a bhruthaich. Bha iad a' feitheamh an treallaich turais ach thug sinn orra gabhail air adhart. Ghabh gillean greisidh na 'n each carbad againn rathad docharach as a' so 'us b' éiginn dhuinn tighinn a mach a thoirt cothrom tionndadh dhoibh. Thàinig sinn an déigh sin gu uchdach cas agus dùthaich bhreagha ri 'faicinn mu 'n cuairt. Choisich Liùsaidh 'us Sine Churchill gu mullach a' bhruthaich. 'N uair a bha sinn a' teirneadh bha sinn a' faicinn uchdach fada cas eile againn ri dhìreadh. Thug sinn leinn paidhir a dh' eich-duais as a' sin. Bha monaidhean casa uaine 'us glacan doimhinn air ar làmh chli mar a bha sin a' dìreadh agus a rithist a' teirneadh a' bhruthaich uamhasaich so ris an abair iad "An Leachd" agus a tha mi cinnteach a tha trì mìle air fad. Aig iochdar a' bhruthaich so dh' innrich sinn gleann, no cadha fiadhaich anns an robh fior dhroch rathad làn lùban 'us thionndaitean brasa. Tha inèinean iaruinn 'an so a bhuineas do Dhiùc Richmond. Choinnich ruinn ann an so dròbh de chrodh bòidheach gàidhealach 's iad ag ionaltradh. An déigh an gleann fhàgail thàinig sinn air dùthaich air an robh tuilleadh de choltas àiteachaidh. Bha fearann tuagha 'us coille ri bun na 'n cnoc a bha

¹ Gille-coise dhe 'n d' rinn mi *page* nise.

'null uainn. Bha na h-uile ni ri 'fhaicinn cho soilleir agus bha e mar sin againn fad an rathaid. Mu leth-uair an deigh aon uair thàinig sinn dlùth air Tom-ant-sabhal a tha suidhichte gu bòidheach a' measg chraobhan, chnoc, agus mhachraighean; thionndaidh sinn uaith ris an làmh dheis agus an uair a bha sinn mu mhile gu leth seachad air a' bhaile stad sinn a' ghabhail ar tràth-nòin ann am bruaich fhraoich a bha ri taobh an rathaid, agus an déigh sin rinn sinn greis coiseachd. Thachair Lindsay àrd-ghille-seilg Diùc Richmond òirnn ann an so agus mharcaich e air adhart romhainn. Ghabh sinn paidhir each ùra an so a rithist 'us chaidh sinn troimh ghleann Liobhaid. Ghabh sinn troimh bhaile beag a' Chnocainduibh; 'us bha caisteal Blàr-Fionndaidh air falbh a null uainn ris an làmh chli díreach air cùl Tigh-togalach ainmeal a' ghlinne so. Ghabh sinn air adhart sia mile seachad air a' so; bha 'n dùthaich bòidheach fad an rathaid. Monaidhean àrda air falbh uainn, talamh àitichte breagha mu 'n cuairt 'us tighean agus bothain an sud 's an so. Goirid bho 'n drochaid aig tuathanachas Tóm-a-mhuilinn thachair an Ridire Tómas Biddulph oirnn leis na h-eich bheaga againn. Chaidh e fhéin air adhart 'an Carbad-eunaich. Ged a thuit a' ghaoth seach mar a bhà i, bha i cho mór fhathast 's gu 'n robh i glé dhraghail dhuinn 'us dh' fhàg i cho sgìth sinn 's gu 'n do chur sinn romhainn dol air adhart anns a' charbad. Thuirt an Ridire Tómas gu 'n rachadh esan air adhart leis na h-eich againn agus gu 'n coinneachadh e 'n Diùc, chaidh Lindsay air toiseach a' charbaid leis a' Bhrùnach a shealltuinn an rathaid

dhuinn. Cha robh an Granntach leinn idir air a' chuairt so. Ghabh sinn air adhart ré beagan còr 'us uair troimh ghleann Rinneis, dh' inntrich sinn e beagan an déigh Tóm-a-mhuilinn fhàgail. Bha Beinn-Rinneis agus na monaidhean mu 'n cuairt dhi a null uainn ris an làmh chi. Bha achaidhean móra breagha tuir-neip ann, monaidhean 'us dailtean bòidheach agus coille am fradharc, agus bha beanntan àrda fada uainn ach cha robh ni anns an robh mór mhaise ri fhaicinn. Dh' fhàs an latha ni bu truime 'us bha 'n ceò gu dùmhail air na sléibhteann; agus direach an uair a shuidh sinn air bruaich fhraoich ri taobh an rathaid a' ghabhail ar *tea* thàinig an t-uisge 'us lean e air sileadh fad finne fuaireach an fheasgair, fhuair sinn sealladh math air Gleann-Liobhaid as a' so. Fhuair Lindsay àrd-ghille-séilg an Diùc coire dh' uisge goileach dhuinn a' tigh tuathanaich a bha goirid uainn. Mu dha mhile seachad air so thàinig sinn gu Baile-nan-Duffach 'cha 'n 'eil ann ach aon sràid fhada chas mar a tha 'm Baile-nan-Granntach. Thionndaidh sinn gu math grad uaith sin ris an làmh dheis seachad air Acha-an-dùin a' fàgail gleann bòidheach air ar làmh chlì. Thug trì mile eile sinn gu Tigh cadh'-chliath ghleann Feataich. Bha sinn 'an so eadar na monaidhean. Tha 'n gleann glé chumhann agus an abhainn a' ruith troimh, eadar cnuic uaine air am bheil craobhan beithe a' cinntinn. Tha e glé choltach ri Innse - Ruairidh ach gur e is aimhleathna. Chunnaic sinn féidh goirid uainn, air mullach nan enoc. Tha 'n rathad carbaid glé mhath, tha e' lùbadh air adhart fad trì mile agus an sin thigear gun

fhiös gun fhaireachadh air an Tigh-shéilg. Chuir a shuidheachadh Còrn-an-Damhain¹ na m' chuimhne, ach gu 'm bheil an gleann nis aimhleathna agus na monaidhean nis caise. 'S e tigh mór fada aon àrlair a tha 'n so. Bha 'n oidhche tuiteam an uair a ràinig sinn e aig leth-uair an déigh sia uairean. Bha 'n Ridire Tómas romhainn an sin, thachair nach do choinnich e fhéin 'us an Diùc a chéile air an rathad! Chaidh teachdaireachd a chur' an cabhaig 'an déigh an Diùc. Air dol a stigh air an dorus tha aon trànnsa fada iosal ri' fhaicinn, 'us aig a cheann thall dheth tha seòmar-cuideachd an tighe—seòmar air am bheil tri uinneagan, té a' coimhead gach rathad agus sealladh math ri fhaot-uinn uapa air gach taobh dhe 'n tigh. Fhuair sinn ar *tea* 's an t-seòmar so. Chaidh sinn 'an déigh sin do na seòmraichean againn, agus bha iad uile na 'n aon sreach. Bha trànnsa eile taobh thall an doruis a bha ruith na uilinn air falbh bho 'n trànnsa againne, 's ann an sin a bha seòmraichean-gnothuich 'us seòmraichean cadail na 'n seirbheasach. Bha seòmar na dinnearach ann 's an ath-dhorus ris an fhear anns an do ghabh sinn ar *tea*, bha 'n seòmar aig an Ridire Tómas Biddulph làmh ris an t-seòmar sin agus a rithist seòmar an Diùc, agus bha 'n t-aon fhear eadar am Brùnach agus an Rosach, b' e 'n seòmar aig Liùsaidh an ath fhear agus an sin an seòmar agamsa. Bha Aimili 'us Anna le chéile anns an ath fhear agus beagan ni b' fhaide ris a chùl bha Sìne Churchill agus a bean frithealaidh fhéin, na h-uile ni cho comhfhurtail agus sinn uile cho goireasach ri 'chéile.

¹ Dìuth air Baile-Mhoireil, goirid bho Loch-Builg.

Ach ged a thàinig na mnathan frithealaidh cha d' thàinig ar treallach turais. Dh' fheith sinn gus an tug sinn dùil thairis 's gus an d' thàinig uair na dinneir. Thug an Ridire Tómas gu glic euid dhe ghoireasan leis ach b' fheudar dhuinne (na mnathan-uaisle) dol gu ar dinneir 'n ar eididh-marcachd dìreach mar a bha sinn, cha robh curachd idir agamsa agus b' fheudar a dh' Aimili brat-gnuise dubh leatha fhéin a chur an òrdugh orm na chòmhdaoch-cinn. Bha mi a' sgrìobhadh 's a leigeadh m' anail roimh an dinneir. Dh' fhan an Diùc anns an tigh 'us ghabh e fhéin 'us an Ridire Tómas an dinneir leinn.

Cha robh atharrachadh eudaich idir aig na seirbhisich no aig na mnathan-uaisle. An déigh na dinneir chaidh mise le Liùsaidh 's le Sine Churchill do 'n t-seòmar-cuideachd a bha air a thoirt dòmhsha mar sheòmar-suidhe, agus thug Sine greis air léughadh dhuinn. An uair a bha sinn aig ar dinneir aig leth-uair an déigh naoi dh' innis an Rosach dhuinn gu 'n robh Blake an gille-coise air tighinn le euid dhe 'n treallaich turais éutrom ach cha robh ni dhe na goireasan sònruichte a bha dhì oirnn aige leis, no éudach sam bith. Bhris carbad na treallaich turais sios gu tur aig Tóm-an-t-sabhal agus chaidh Blake le cairt gu Baile-nan-Duffach far an d' fhuair e carbad beag anns an d' thug e na rudan éutrom leis. Bha 'n treallaich thróm a' tighinn 'an cairt a bha iad 'an dòchas a bhi againn aig dà-uair-dheug. Theab nach faigheadh iad eich ach le strith mhóir fhuair iad feaghainn. Dh' fhàg Liùsaidh 'us Sine Churchill mi aig aon-uair-deug.

Shuidh mise suas a' sgriobhadh agus a' feitheamh ris an treallaich turais, chaidh duine a chur a mach le each beag agus le lòchran dh' fheuch am faicteadh a' tighinn iad 's dh' fhan mise a' sgriobhadh gu ceathramh roimh dhà-uair-dheug. Luidh mi an sin sios air Cathair-sheimheanachd oir bha mi glé sgith. Bha am Brùnach a' deanamh na h-uile ni' b' urrainn da gun stad agus chaidh e fhéin a mach a' shealltuinn air son na cairt. Thill e aig aon uair ag ràdh nach robh ni ri' fhaicinn no ri' chluinntinn mu 'n treallaich mhi-fhortanach againn. Ghuidh e ormsa an sin dol a laidhe. Gu mi-fhortanach cha tug na mnathan-frithealaidh ni leòtha 'us bha e cho neo-thoilichte leam dol a laidhe gun na goireasan àbhaisteach. Chaidh dòigh air choir-eigin a dheanamh mu dheireadh air m' fhaotuinn 'an òrdugh, ach bha e glé mhi-thaitnach agus neo-thlusar. Chaidh mi 'laidhe 'an déigh dà uair ach thug mi fada mu 'm b' urrainn dhomh cadal, ma dheireadh thug an sgios buaidh air a mhi-chomhfhurtachd agus thuit mi na m' chadal beagan an déigh thrì uairean.

*Diciudaoin, an eóigeamh latha fishead de
mhìos meadhoin an Phoghair.*

Chaidil mi gu suaineach gu leth-uair an deigh seachd agus chuala mi nach d' thàinig na rudan a bha 'g ar dith gu leth-uair an déigh ceithir uairean anns a' mhaduinn. Ghabh mi mo thràth-maidne le Liùsaidh agus rinn i fhéin agus am Brùnach *coffee* dhomh a bha fior thait-neach. Bha am Brùnach a' frithealadh 's an Rosach a mach 's a stigh leis na rudan a bha ri' ghiùlan. Shìn

an t-uisge air sileadh beagan an déigh dhomh éirigh, 'us shil e gu aon-uair-deug. Thug mise greis air léughadh 's air sgrìobhadh 'us mar sin sios. Thog an latha aig leth-uair an déigh aon-uair-deug 'us mharcaich mi suas an gleann cumhann. Tha sruthan a' ruith troimh ris an abrar "Allt-a-ghàraidh." Tha e ruith troimh 'n ghàradh-chàil agus tha a bhruachan còmhduichte le rainnich 'us aitean 's le fraoch 'us barrach agus gach seòrsa lus. Chaidh Liùsaidh leinn d' a cois. Ràinig sinn dlùth air a bhràighe 's choisich sinn air ais, chaidh sinn an déigh sin a dh' ionnsuidh na 'n stàbull a tha goirid bho 'n tigh agus chunnaic mi an sin Pàruig Stiùbhart sean ghille-seilg a bha ceithir, 'us trì ficead bliadhna a dh' aois. Bha e 'na shaighdear anns an Reiseamaid Ghòrdanaich agus tha Cuithneadh Cuimhneachain aige air son Waterloo. Bha 'n Diùc nach mairionn ro ghaolach air. Thill sinn a dh' ionnsuidh an tighe aig ficead mionaid roimh aon uair. An déigh so bha latha blàth breagha ann. Ghabh mi mo thràth-nòn na m' sheòmar fhéin le Liùsaidh. Shuidh sinne aig a' bhòrd bheag dhe 'n do gabh sinn ar tràth-maidne. Bha 'n Rosach agus Piobaire an Diùc a' cluich taobh muigh na h-uinneige.

An déigh ar tràth-nòn chaidh mi 'mach a' marcachd air Sultan an t-each beag a' mharcaich mi anns a' mhaduinn. Bha Liùsaidh 'us Síne Churchill leam. Choisich an Diùc leinn (chaidh Síne greis dhe 'n rathad d' a cois cuideachd) sios gu iochdar a' għlinne: Thionndaidh sinn a dh' ionnsuidh àth Bridgehaugh ris an làmh chlì, agus mu 'n cuairt dhe 'n Bheinn-mheadh-

oin, chaidh sinn greis dhe 'n astar air an rathad, agus ghabh sinn a rithist troimh 'n fhraoch air fiaradh a' mhonaidh. Bha talamh cruaidh gasda ann ach cha robh e ro thaitneach, leis an fhraoch a bhi cho àrd 's gur gànn a chitheamaid c' àit an robh sinn a' dol. Bha gille-seilg an Diùc a' deanamh an rathaid dhuinn agus e falbh cho chabhagach 's gu 'n d' thug am Brùnach air an each agamsa dol cho luath 's a b' urrainn dha agus fhuair sinn fada air thoiseach air càch uile. Ràinig sinn oir glac dhoimhinn aig còig uairean, agus fhuair sinn seal-ladh ciatach air seann chaisteal briste Acha-an-dùin, bhuineadh e roimh so do Mhorairean Hùnnndai; ghabh sinn ar *tea* 'an so 'us mharcaich sinn dachaidh air rathad eile bu ghiorra. Cha bu droch rathad e idir ach bha sinn air an taobh bu chaise dhe 'n bhruthach agus leis gu 'n robh sinn 'g a ghabhail air 'fhiaradh cha robh e ro shocrach. Thàinig sinn air an àth a rithist agus mharcaich sinn a stigh air an rathad air an d' thàinig sinn a mach, fhuair sinn dachaidh aig seachd uairean. Bha feasgar breagha ann. Cha mhór nach robh e dorcha 'n uair a ràinig sinn dachaidh. Bha mi glé sgith; cha 'n 'eil mi idir a nis cho fulangach 's a b' àbhaist dhomh' bhi.

*Diardaoin, an siathamh latha fiehead de
mhios meadhoin an Fhoghair.*

Chadail mi gu math, agus dh' fhairich mi cho ùraichte. Thog Liùnsaidh 'us mise oirnn aig dà-uair-dheug 'us sinn a' marcachd na 'n each beag againn (bha Sultan agamsa) bha Sine Churchill, Diùc Richmond, agus an Ridire Tómas leinn d' an cois. Ghabh sinn air deadh rathad

seachad air na stàbuill 'us thionndaidh sinn ris an làmh dheis a' gabhail suas fad ceithir mile dhe 'n ghleann. Tha 'n dùthaich bòidheach ach cha 'n 'eil i anabarrach breagha ; tha 'n gleann fosgailte agus na monaidhean uaine gun a bhi ro àrd, tha craobhan beithe a' cinntinn ann agus moran rainnich agus aitein. An déigh dol trì mile air adhart tha 'n gleann a' fàs cumhann agus tha e glé bhòidheach ; tha ann an so céum aimhleadhan cas os cionn bruaich àird ùillt a tha dol gu beul uaimhe, a thuirt an Diùc a tha ruith a stigh fada fodh 'n talamh, 's e "Tigh an t-sithiche" is ainm dhi.

Tha crioman de thalamh còmhnhard an sin agus seòrsa a dh' àite suidhe air a dheanamh le clachan. Shuidh Liù-saidh 'us mise air ; ghabh sinn ar tràth-nòin an so agus dh' fheuch sinn ri dealbhan a tharruing de 'n uaimh, cha robh sin a dol leinn agus sthreap mise suas am bruthach ged nach robh e furasda. Chaidh an dealbh 'n am aghaidh an sin cuideachd, agus chuidich am Brùnach mi a theirneadh mar a chuidich e mi a' dhì-readh a' bhruthaich. Thug sinn mu thiomchioll uair anns an àite so, agus an déigh sinn choisich sinn sios an céum cas. Mhareaich sinn as a' sin suas ris an lamh chli air rathad eile a bha an dà chuid aimhleathan 'us cas 's e dol air adhart air bruaich chorraich àrd a bha ag èirigh os cionn na h-aibhne a tha ruith an iochdar a' ghlinne. An uair a fhuair sinn as a' so thàinig sinn air mòintichean fraochail 'am measg na 'n enoc ('s i so frith an Diùc) 'us mhareaich sinn air adhart fad mìle gu leth dlùth air ceann na Liobhaid agus ri taobh deas cnuic àrd lóm ris an abrar an Sowie

air am bheil fraoch 'us còinneach a fàs; agus Càrn-a-Bhruar ris an làimh chlì. Tha sealladh ciatach bho so de Bheinn-na-Abhunn agus de Bheinn-na-Bourd. 'S e so an rathad 'bu chòir dhuinne a' ghabhail bho Thom-a-Mhuillinn. Bha beagan uisge ann ach cha d' rinn e ach frasan éutrom gus a' so. Chunnaic sinn ochd daimh-dhonna na 'n grùn a null uainn. O na 'n robh Ailbeart mo ghaoil an sin le 'ghunna-glaice! mharc-aich sinn air ais gus an d' ràinig sinn àite fasgach dlùth air taobh an ùillt mu mhive gu leth bho 'n tigh. Bha aon de ghillean-seilg an Diùc 'an sin 'us teine aig air, 's an coire a' goil, agus ghabh sinn 'ar *tea* 'an sin. Thug mise greis 'an déigh sin air tarruing dhealbh ach bha neul tiugh ann de mheanbh-chuileagan mu 'n cuairt dhomh is tha mi air m' itheadh leòtha gu truagh. Dh' fhàg na daoine-uaisle sinn an déigh ar *tea* 'us thill iad dachaidh d' an cois. Choisich mise greis bheag agus mharc-aich mi rithist air ais aig ceathramh roimh sheachd. Bha am feasgar breagha cho ciùin 'us daithean cho àillidh air gorm-bhrat an speur. Bha Sharp cù-chaorach fior laghach againn leinn, agus bha e mach leinn na h-uile latha, agus e cho beadarach.

Bha A. MacThómais, Foirbeis, MacUaraig 'us an Stiùbbhartach a mach leinn a thuilleadh air Lindsay gille-seilg an Diùc. B' e 'n Stiùbbhartach a bha leis na h-eich. Bha an dinneir mar a bha i againn an dé. Chuir Sine Churchill erioch air leughadh an leabhair 'Pride and Prejudice' an déigh na dinneir. Bha oidhche bhòidheach shoilleir rionnagach ann.



SHARI

*Dihaoine, an seachdadh latha
fichead de mhìos mu dheireadh an Fhoghair.*

Maduinn thuraidh ach i glé thróm. Tha na trà-thain-maidne a tha agam an so le m' Liùsaidh ghaoil na m' chuideachd cho chomhfhurtail, tha i cho grinn, agus cho fritheilteach orm agus i daonnan cho suil-bheara. Bha iad cho taitneach 's a b' àbhaist doibh a bhi 'n uair a bha mo dheadh Eileag leam' an 1865 agus an uair a bha mi le Liùsaidh an Dun-Chaillinn. Tharruing mi dealbh na 'n stàbull bho aon uinneag, agus an rathad a dh' ionnsuidh an tighe bho uinneig eile 's e deadh thigh a tha 'n so. Tha na seòmraichean ann am meudachd cho mhath, 's tha iad uile air an suidheachadh cho ghoireasach agus cho teamn air a' chéile. Bha ar biadh cho simplidh, bha an fheòil agus a chuid eile dhe gach ni a b' fearr a ghabhadh faotuinn agus ged is i Ban-chòcaire a bh' air ceann a dheasa-chaidh, bha gach mios cho blasda. Bha 'n Diùc e fhéin fior chaoimhneil.

Dh' fhàg sinn aig ceathramh 'an déigh deich 'us ghabh sinn ar cead dhe 'n Diùc aig an dorus. Shuidh an Ridire Tómas leis a' Bhrùnach air toiseach a' charbaid. Bha an latha glé amhaidh fuar. Thill sinn air a' cheart rathad air an d' thàinig sinn. Thionndaidh muinntir Baile-na'n-Duffach a mach gu math 's bha na cluig aca' bualadh, 's a chòisri chiùil a' eluich ach 's gann' bha fios aca' gur sinn a bh' ann gus an robh sinn seachad. Ghabh an carbad air adhart le sgrìob anabarrach. Bha 'n latha soillear 's bha sealladh ni

b' fearr againn dhe 'n dùthaich. Ràinig sinn aig aon uair an t-àite 's an do ghabh sinn ar tràth-nòin Di-màirt, dh' atharraich sinn na h-eich 'an sin, dh' fhàg an Ridire Tómas sinn, 'us lean e sinn as a' sin anns a' charbad-eunaich. Bha' ghrian air tighinn a mach 's bha 'n latha cho blàth 's cho breagha. Bha sluagh a mach 's an dol seachad air Tóm-a-mhuilinn 's air àiteachan eile. An déigh dol air adhart dhà no trì mhiltean, dìreach mu 'n do thionndaidh sinn a stigh do 'n ghleann a th' aig monaidhean na Leachd mu fhichead mionaid romh dhà uair stad sinn; 'us ghabh sinn ar tràth-nòin, air bruach fheòir a bha fodh an rathad, agus thug mise greis air tarruing dhealbh. Ghabh an Ridire Tómas air adhart, 'us chunnaic sinn a rithist e suas ri faireamh a mhonaidh an uair a bha sinne 'eur ar 'n aghaidh ris a' cheud uchdaich chais, a bha dùil againn a bha tuilleadh 's cas air son nan each; ach ged nach robh againn ach paidhir rinn iad anabarrach math. Choisich am Brù-nach an cois a' charbaid fad an rathaid, oir bha e cho iomaguineach mu chaisead a bhruthaich. Theirinn sinn an déigh sin astar fada air droch rathad garbh, ach bha deadh shealladh againn de na monaidhean, dhùrich sinn a rithist, agus 'n uair a ràinig sinn an rathad lùbach cas a tha dol sios gu Ceann-na-drochaid thàinig sinn as a' charbad 'us choisich sinn, 'us chaidh sinn aig a bhun thairis air an drochaid mhaide aig Tor-na-h-òisge. Bha sealladh breagha ri fhaicinn mu 'n cuairt — na monaidhean ag éirigh suas cho àrd — 'us sean chaisteal a' Choire-ghairbh, 'us abhainn Dheun, agus an srath aice a null mu 'r coinneamh.

Fhuair sinn na h-eich againn roimhinn 'an so, 'us ghabh sinn air adhart 's a' charbad. Bha e mu cheithir uairean an sin, 's bha 'n t-uisge ann, agus lean e air frasan a dheanamh fad an fheasgair. An déigh dol' dhà no trì mhiltean seachad air Tor-na-h-òisge, agus am bruthach cas a dhìreadh thàinig sinn air toll-gain-mhich ann am bruach 'us ghabh sinn ar *tea* ann, ghabh an coire greis a' goil, leis nach robh againn ach uisge fuar as an àllt. 'N uair a bheir sinn sgrìob fheasgair a mach aig an tigh 's àbhaisd dhuinn dà bhotal a thoirt leinn a dh' uisge teth 's tha sin a' caomhnadh tìne dhuinn. Bha Liùsaidh bhochd fad an turais a fulang gu fuathasach leis an déideadh. Fhuair sinn dhach-adh gu sàbhailte aig deich mionaidean romh sheachd uairean.

TOIRT A' CHÒMHDUICH FAR IOMHAIGH A' PHRIONNSA 'AM BAIL'-MHOIREIL.

*Dimàirt, an cóigeamh latha deug de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair, 1867.*

Is e so co-ainm an latha bheannaichte air an tug sinne gealltanас pòsaidh da chéile! An latha gaolach sona sin, bho chionn ochd bliadhna fichead 's tha mise daonnan' toirt mo bheannachd air. Tha e cho dorranach 'us cho duilich leam a' mhaduinn a bhi cho fluich an diugh.

Ged a rinn e coltas turaidh uair no dhà, bha sileadh

tròm ann aig ceathramh an déigh aon-uair-deug 'n uair a dh' fhalbh mise le m' theaghlaich uile 's Sine Ely anns a' charbad thun an àite—direach bho 's cionn tigh Middleton—far an robh na seirbhisich agus an tuath cruinn 's bha freiceadan de 'n Reiseamaid Chataich air an taobh thall ri cùl na h-ionhaigh. Sheas mise 'us mo chuid cloinne air beul-thaobh na h-ionhaigh, air an robh an còmhdaidh fhathast. Sheinn iad rànn dhe 'n cheud-annd salm, agus an deigh sin thàinig Mr Mac-an-Tàillear air adhart 'us chuir e suas ùrnuigh bhreagha 's bha 'n tuisge a' sileadh gu tràm cho fad 's a bha e rithe. Chaidh an sin òrdugh a thoirt air son a' chòmhduich 'bhi air a thoirt far an dealbh; ach bha e 'n sàs direach mar 'thachair aig Abareadhain 's bha greis bheag mu 'n d' fhuair iad fhuasgladh bho 'n ghuallain.

Thaisbein na saighdearan an airm, chluicheadh na piòban móra, 'us sheall sinne air an dealbh àillidh aig fear mo ghaoil a bha cho deas 'us cho eireachdail, 's a b' àbhaisd a bhi leinne ann an so ann an meadhon-latha a mhaise, 's a mhaithis, agus ann an tréine a neart.

Thàinig an sin an Dr Robastanach air adhart 's rinn e òraid ghoirid a bha glé laghach, a toirt taing dhòmhsha an ainm nan seirbhiseach, agus na tuath air son a ghibht so a thoirt dhoibh. Labhair e glé dheas. Loisg na saighdearan *feu-de-joie* an sin; agus an déigh dhoibh iollach a dheanadh, chodhùin iad le' bhi seinn "A Dhia gléidh a' Bhan-rìgh mhór" agus chaidh a sheinn gu binn.



Charnonville

AN CEUD TURUS GU ÀIRIDH 'GHLAS-UILLT.

Diardaoin, a cheud latha de mhìos mu dheireadh an Fhoghair, 1868.

Aig goirid bho cheithir uairean dh' fhalbh mi le Liù-saidh 'us Sine Churchill a dhol gu Àiridh' Ghlas-Uillt. Bha 'm feasgar breatha soilleir 'us seòrsa reòthaidh ann, ghabh sinn seachad air Birkhall agus air eas na Muic far an do stad sinn a ghabhail ar *tea*; chaidh an Grànn-tach gu Bailatair an coinneamh Artair 'us rug iad oirnn' an so 'n uair a bha sinn direach a sgur dhe 'r *tea*. Thàinig e gun stad 's am bith bho Geneva 's leis an droch shìde 'fhuair e air a mhuiir, bha e a' sealtuinn glé sgith.

An déigh greis bheag choiseachd a dheanadh chaidh sinn a rithist air adhart 's a' charbad. Thainig Artair leinne 'us shuidh an Grànntach air an toiseach làmh ris a' Bhrùnach. Ràinig sinn Àiridh' Ghlas-Uillt aig leth-uair an déigh sia, 's bha coltas cho suilbhore 's cho chomhfhurtail air 's e uile air a lasadh suas, 's na seòmraichean cho chlùmhar laghach. Tha tuilleadh farsuingeachd na 'shaoileadh neach anns an tigh bheag ghrinn so. Cha 'n eil ànn ach an aon staidhir, a tha dol a dh'ionnsuidh an ùrlair àird ach tha i glé mhath, 's ann gu h-àrd 'an sin a tha na seòmraichean aig Liù-saidh, aig Síne Churchill 's a bean fhrithealaidh, agus aig Artair, tha iad uile 's an aon trànnsa, tha trànnsa eile a ruith far 'an fhir sin agus trì seòmraichean ann, fear air son a' Bhrùnaich, fear a chòcaire, agus an treas fear air son seirbhiseach eile; choidil an Granntach 's an

Rosach' am fear dhiùbh 'us Tearlach mac Thómais 's an fhear eile. Tha mo sheòmar suidhe 's mo sheòmar cadail-sa gu h-iosal, agus am fear aig mo bhean-frith-ealaidh, agus air taobh eile an trànnsa bhig tha 'n seòmar dinneir; tha àite na còcaireachd glé laghach, 'us tha seòmar Stiùbhaird beag ann, 'us clòsaid stòir agus àite beag eile air son dithis dhe na gillean a chadal ann. Tha 'n trànnsa beag a tha làmh ri m' sheòmar cadail-sa a dùnad a chòr a mach uam 's a deanadh m' àite-sa cho uaigneach 's cho sàmhach. Tha stàbuill mhath ann 'us tigh gille-seilg ris an taobh chùil anns am bheil na gillean againn a cadal.

Ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an déigh ochd anns an t-seòmar bhiatachd bheag. An déigh sin chaidh mise greis do m' sheòmar suidhe fhéin, 'us thàinig am Brùnach a ràdh gun robh na seirbhisich deas air son gnothuch an fleasgair, chaidh sinn aig fichead mionaid romh dheich do sheòmar beag na dinneir, a bha air a reiteachadh air ar son agus na seirbhisich uile cruinn ann. Bha mo dhara bean éididh ann¹ C. Wilmore, am Brùnach, 's an Granntach, bha 'n Rosach a' cluich ann 's bha Hollis an Còcaire ann 's Maxted a' bhean-fhrithealaidh aig Ban-mhoraire Churchill, bha T. agus A. Mac-Thòmais ann, Blake an gille-bùird, an dà mhaighdean sheòmar, Mac-Uaraic, an Stiùbhartach a tha nis na ghille stàbuill, agus am *policeman* tha coimhead an àite 's an oidhche. Bha sinn naoi-deug ann uile gu leir, chaidh còig ruidhleachan a dhànsadh ann gu cridheil. Bha iad uile a dann-

¹ Bha i tri-bliadhna-deug na m' sheirbhis agus dh' fhìg i an 1881.

sadh ach mi fhéin. An déigh a' cheud ruidhle chaidh *toddy* uisge-bheatha' dheanadh 's a chur mu 'n cuairt air na h-uile aon agus ghuidh am Brùnach orm fhein deòch buaidh an tighe òl ri linn a cheud teine 'bhi air a lasadh ann. Rinn an Granntach an sin òraid ghoirid anns an do bhruidheann e air an àite fhiadhaich 's an robh sinn cruinn, agus chodhùin e le' bhi guidhe "saoghal fada da 'r Ban-mhaighstir Rìoghail, ar deadh Bhan-rìgh." Dh' òl iad an sin mo shlàinte 's an t-seann ðòigh ghàidhealaich 's an Rosach air an ceann ris an iollach, sgaoil am Bàl beag toilichte so aig ceathramh an déigh aon-uair-deug. Lean na fir air òrain a ghabhail ann án seòmar an Stiùbhard air son greis 'us bha iad uile cho toilichte, ach cha chuala mise iad idir leis an trànnsa bheag a tha làmh ri m' sheòmar-cadaìl a bhi dùnadhl a mach gach fuaim.

Bha mo chridhe air a lionadh le smuaintean muladach romh 'n dinnear agus a rithist 'n uair a bha mi 'm aonar an déigh dol a luidhe. Bha mi' cuimhneachadh air na làithean sona a dh' fhalbh, 's air mo chompanach gaoil a bha mi smuaineachadh a bu chòir dhomh fhaicinn, bha e daonnaid na bheachd tigh a thogail 's an àit fhiadhaich so' am measg na 'm beann air an robh e cho ghaolach cha b' urrainn dhomh a bhi beò a nise leam fhein an Allt-na-Giùbhsaich. Tha e móran nis fearr dhomh tigh ùr a bhi agam; ged a bhà e brònach leam gu 'm be so an aon tigh a bh' agam nach do thog esan 's ris nach robh cuimhneachan 's am bith air fuaithe—mo cheud tigh mar bhàntrach. Ach tha mi cinnteach gu 'm bheil a bheannachd air an tigh, 'us orrasan a tha fuireach ann

TUMADH NA 'N CAORACH, 1868.

*Diardaoin, an t-aonamh latha jichead de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair.*

Dh' fhalbh mi anns a' charbad aig ceathramh romh dhà-uair-deug le Liùsaidh 'us Leopold 'us chaidh sinn gu "Bush" tuathanachas Uilleam Brùn,¹ ga 'm faicinn a' glanadh nan caorach. Tha so air a chleachdadadh feadh na gàidhealtachd uile mu 'n cuirear a' meanbh-chrodh gu talamh iosal ga 'n geamhrachadh. Is ànn air son na clòimhe a tha so air a dheanadh. Bha fang—anns an robh caoich air an cur—an àite cnocanach goirid bho thaobh an uillt, agus direach air an taobh muigh dhe 'n fhang bha seòrsa amair air a lionadh le sùgh tombaca agus siapainn, anns an robh caora mu seach air a tnumadh; thainig am bràthair bn shine Seumas Brùn, an ciobair agam fhéin ga 'n cuideachadh 'us thug esan caora an déigh caora a mach as an fhang 'us chàirich e air an druim iad; agus an sin rug e fhèin 'us Uilleam air chasan orra, 'us thum iad gu math 's an amar iad, bha 'n tamar a fosgladh 'aig a cheann thall air fang eile 'us leig iad na caoraich an déigh an tumaidh a stigh a' sin, far an robh iad ri fuireach gus am biodh iad tioram. Bha coire mór ris an laìmh chlì 's e làn uisge 'us tombaca agus siapainn; an déigh so 'bhi deas bha e air a dhortadh 'am ballan, agus air a thaomadh as a' sin do 'n amar. Bha caileag ruiteach 'us tonnag mu' ceann, a' sealltuinn 'an déigh na euid so dhe 'n obair,

¹ An ceathramh bràthair.

agus a' cuideachadh ris an uisge a tharruing as an àllt. Bha clànn 'us móran de choin chaorach mu 'n cuairt na 'n grunan, 'us ciobairean 'us feadhain eile a thàinig a chuideachadh 's se sealladh glé bhreagha a bh' ann, agus glé neònach.

BAISTEADH GÀIDHEALACH, 1868.

*Didònuich, an ceathramh latha fichead de
mhios mu dheireadh an Fhoghair.*

Aig ceathramh romh cheithir uairean dh' fhalbh mi le Liùsaidh 'us Beatrais agus Ban-mhorair Ely gu tigh Iain Mhic-Thòmais a' maor coille, gu bhi aig baisteadh a leinibh a bha trì seachdainean a dh' aois, chaidh sinn do 'n t-seòmar shuidhe bheag 's bha bòrd ann air beul-thaobh na h-uinneige, air an robh anart geal. Bha soitheach uisge air a bhòrd agus Biobul 's bha paipear 'ann a dhearbhadh gu 'n deachaidh cunntas a thoirt—a reir lagh na dùthcha air breith an leinibh. Sheas sinne air aon taobh agus bha Iain Mac-Thómais na dheise ghàidh-ealaich làmh ris a' mhiniستér mu 'm choinneamhsa aig ceann a' bhùird, sheas Barabara a bhean làmh ris, 'us an leanabh aice na h-achlais. Bha Sean Mhac-Thómais fhein ann 'us a' bhean agus an nighean a th' aca gun phòsad. Bha muinntir Dhònuil Stiùbhard ann 'us na Granntaich, Victoria, Morgan, 'us a piuthar, agus am Brùnach.

Bha a chleòc air an Dr Mac-an-Tàilleir, 'us an déigh beagan fhocal a labhairt rinn e ùrnuigh a toirt buidheachais son mathair bheò 'us leanabh beò. Rinn e ùrnuigh eile an déigh sin, 'us leugh e earrann dhe 'n sgriobtar, chaidh an sin na ceistean àbhaisteach a chur air an athair agus dh' aontaich e leis gach aon diubh le a cheann a chromadh.

Thuirt am ministear ris an sin “Cum do leanabh ri baisteadh,” agus rug esan oirre 'us chum e suas i 'us chrath a' ministear an t-uisge oirre ach cha do chuir e comharra na crois oirre idir. Thuirt e 'n toiseach riùsan a bha 's an lìthair, “'S e Victoria ainm an leinibh;” agus an sin ris an leanabh :—

“Victoria, tha mise ga d' bhaisteadh' an ainn an Athar, a Mhic,
agus an Spioraid Naoimh, aon Dia beannaichte gu bràth.—Amen.

“Gu 'm beannaicheadh an Tighearn thu 's gun gleidheadh e
thu !

“Gun tugadh an Tighearn air' aghaidh dealrachadh ort, agus
bitheadh e gràsmhor riut !

“Gun tògadh an Tighearn suas a ghnuis ort, agus gu 'n tugadh
e sìth dhuit !”

Chodhlùin an t-seirbheas le ùrnuigh ghoirid eile, agus leis a bheannachadh àbhaisteach. Bha mi fhéin a saoil-sinn na seirbhis uile glé fhreagarach, faireachdail agus drùighteach. Phòg mise an naoidhean beag, agus thug mi noigean airgid air a son ga' h-athair. Agus dh' òl, sinne uile a slàinte fhéin 'us slàinte a màthar' an déigh sin 'an uisge-beatha agus fhuair sin aran coirce leis. Bha na h-nile ni air a dheanadh cho ghrinn, cho simplidh, agus cho eireachdail.

BAISTEADH EILE AN 1868.

Air diluain a cheud latha de 'n gheamhradh dh' fhàg mi 'n tigh aig ceathramh romh cheithir. Bha Liùsaidh, Beatrais 'us Sine Ely leam, 'us shuidh Leopold leis a' Bhrùnach air toiseach a' charbaid. Chaidh sinn gu Bush—tigh Uilleam Brùn a dh' fhaicinn a cheud leinibh air a bhaisteadh, cha robh e ach seachdain a dh' aois agus 's e Ailbeart a bha ri bhi mar ainm air. 'S i 'n aon t-seirbhis a bh' ann 's a chaidh a dheanamh air a bhais-teadh eile, ach nach robh ach dà ùrnuigh 'an so an àite na trì a bha aig a' bhaisteadh roimhe. Bha màthair òg an leinibh a' sealltuinn cho laghach 's i' na suidhe taobh an teine leis, 's gun e ach seachdain a dh' aois. Bha bean an t-sean Bhrùnaich ann le a curachd geal oirre, 's i fhein 's a triùir mhac, 'us a dhà no trì dhe na coimhearsnaich na 'n seasamh mu 'n cuairt de 'n t-seòmar. Bu shealladh drùighteach an t-athair òg fhaicinn a' cumail suas a leinibh 'us coltàs cho sòluimte agus cho dùrrachdach air. An déagh dhuine falbh thug Uilleam dimnear do na dh' fhan dhe 'n chuideachd 'us ghabh an Dr Mac-an-Tàilleir a chuid dhi leòtha.

A BHÀNTRACH GHRANNT, 1869.

Didònuich an dara latha thar fhichead de cheud mhios an Fhoghair, 1869, chaidh mi a' shealltuinn sean bhean a' Ghranntaich. Bha mi duilich a faicinn 's i air a' cumail na suidhe anns a' chathair le cluasagan, 'us taice a casan mo thruaighe! air sasagan. Tha' h-endann air atharrachadh cho mhór, tha eagal orm gu 'm bheil i a lionadh le uisge, agus glé dhlùth air a' bhàs.

Chunnaic mi' rithist i air an t-seathamh latha fichead, agus thug mi tonnag agus paidhir stocainean dhi. Bha 'n seann chreutair bochd 's an leabuidh 's i a' sealltuinn cho lag 's cho euslainteach, ach chròn i a ceann a thoirt taing dhomh 's an dòigh àbhaistich. Rug mi air a làmh 'us ghléidh mi i greis na m' làimh fhéin.

Dh' éug i air an t-seachdamh latha fichead.

Stad mi aig an tigh air an ochdamh latha fichead, 'us chaidh mi' stigh le Liùsaidh agus Leopold. Bha na h-uile ni cho għlan 's cho töiseal, ach bha sàmhchair a bhàis ann. Thàinig bean a' Ghòrdanaich an àm air son am feasgair 's an oidhche mu dheireadh a chaitheamh le' màthair; bha ise a stigh 'as thog i a' phlath - lin 'us chunnaic sinn 'an sin na luidhe an t-seann bhean choir air an robh sinn eòlach 's a chleachd sinn a bhi faicinn 'an so, bho na thàinig sinn an toiseach ann bho chionn bliadhna' thar fhichead. Bha i 'na luidhe air an eislinn na h-eudach mairbh ach gu 'n robh an curachd àbhaisteach air a ceann. Bha cho beag atharrachaидh oirre 's coltas cho seimh air a h-agħaidh, 's leis i bhi cho dorchá

's a' chraicionn gu nàdurra, cha robh neul a bhàis cho uamhasach oirre 's a tha e 'm bicheantas. Bha na stocainean oirre a thug mi fhein air a mhù 'n dé dhi.

Bha i ceithir fichead bliadhna 's a naoi.

TURAS GU INBHER-THRÒSAICH, 1869.

*Diciadaoin, a cheud latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1869.*

Dh' éirich mi aig leth-uair an déigh seachd, ghabh mi mo thràth-maidne aig ochd, agus dh' fhàg mi Baile-Mhoireil aig leth-uair 'an déigh ochd a dhol gu Bailatair. Bha Liùsaidh, Beatrais, 'us Síne Churchill leam, agus am Brùnach air toiseach a' charbaid far am bheil e daonna mar ainmich mise nach eil e ann. Bha gaoth mhór ann 's i gu math fuar, bha a ghrian a' dearsadh gu breagha, ach bha móran de stùr air a thogail leis a ghaoith. Thachair Còirneal Ponsonby oirnn aig àite stad an rathaid iaruinn, chaidh Aimili Dittweiler agus Anna Dhònulach air adhart leinne — agus Ocklee a fhrith-ealadh air an dà chaileig, bean fhrithealaidd Síne Churchill, Tearlach Mac-Thómais, agus an gille-bùird Cannon; agus chuir sinn an dé air adhart air thoiseach, oirnn Blake, Spong, leis an treallaich-turais, A. Mac-Thómais le Sharp mo chù chaorach dileas, Anna Ghòrdan a mhaighdean sheòmair, Mac-Uaraic, Artair

Grannt agus Hiley an gille stabuill leis na h-eich bheag againn agus triùir chòcairean a thainig a' Lunainn. Bha carbad smùid 's an robh seòmar mór againn, ach cha b' e' 'm fear agam fhéin a bh' ann. Bha e glé theth againn anns a' charbad. Stad sinn aig Abar-eadhain, agus aig drochaid Dhùin agus 'an sin thàinig Sine Churchill a stigh far an robh sinn 'us ghabh i a tràth-nòin leinn; ach cha robh neach againn a' chuidicheadh na' n rudan a bha dhìth oirnn a thoirt a' mach no a chur seachad, mar a bhitheas againn na 'm charbad fhéin, anns am bheil na h-uile ni cho ghoireasach, agus àiteachan nan seirbheasach a' fosgladh ris na seòmraichean againne.

Stad sinn tiotan aig Coupar-Aonghas, ghabh sinn tromh Pheairt 'us dh' fhan sinn greis bheag eile aig Dùn-Bhlathain, far 'n do chruinnich móran sluaigh. Fhuair sinn sealladh de 'n t-scann àrd-eaglais, 's bho so ghabh sinn air adhart gu Calasràid agus ràinig sinn e aig ceathramh an déigh thrì uairean. Bha grùn math sluaigh a bha glé mhodhail aig àite stad sàmhach an rathaid iaruinn ann an so. Bha Mr Mac-Neachdain agus a' bhean aige—a bhaintighearn Aimili¹—ga 'r feitheamh 'an sin. 'Se 'n tigh acasan ga 'm bheil sinn 'a dol, thug iad gu caoimhneil iasad dhuinn dhe. Bha 'n Ridire Callum Macghriogair, agus a' bhaintighearn' Eilidh a bhean ga 'r feitheamh cuideachd. Is esan mac bràthar na maighdinn uasail Nicghriogair agus is i a' bhean nighean bràthar Bain-tighearn Aimili Nic-Neachdain.

¹ Dh' éug i 'an 1874.

Thug a' chaileag bheag aca bad de fhlùraichean dhomh. Chaidh sinn 's a' mhionaid do 'n charbad ainmeal againn fhéin a bha leinn air mullach am Furca 'an Switzerland, &c., bha e 'an so ga 'r feitheamh 'us shuidh Còirneal Ponsonby agus am Brùnach air a thoisearch. Ghabh sinn eich dhuais 'an so 's chailidh sinn air adhart tromh bhaile beag Chalasràid. Cha 'n 'eil ann ach aon sràid fhada, le glé bheagan de bhùithean 's de thighean math, ach 's am bheil móran de thighean air am bheil coltas bochd. Bha Kanné¹ truagh a bha ris na h-uile ni fhaicinn 'an òrdugh air thoisearch oirnn—'s a dh' fhàs tinn, 'na luidhe 'so fhadhast gu 'n charachadh. Mu thrì chairteil a' mhile air adhart ràinig sinn Loch-a-mheanbh-chruiddh a tha mu cheithir mile air fad, agus e glé bhreagha, tha a Bheinn-mheanbh 'us sléibhteann àillidh eile ag éirigh ri' 'chùl 'us mu 'n cuairt dhe. Tha coille dhlùth mu 'n rathad de dharach, beithe, faibhili 'us caorann, &c. Tha 'n tigh a' sealltuinn gu ciatach, air bruthach àrd, 'o 's cionn an loch 's e air a chuairteachadh le craobhan, agus tha 'n rathad ga ionnsuidh tromh chraobhan sior - uaine 'us móran, sheòrsachan eile na 'm measg. Thug leth-uair sinn gu dorus tigh beag clùmhar Inbher - Thròsaich. Tha trànnsa farsuing mar a theidear a stigh ann, 'us bòrd mòr air son cluich 'na mheadhoin; 's air taobh thall sin ris an làimh chli tha seòmar dinneir glé ghrinn, 's am bheil deadh mheudachd 'us aon uinneag mhór air. Tha seòmar cuideachd an tighe air taobh na

¹ S' e bh' air ceann na 'n turasan a thug mi do mhòr-thir na Roinn-Eòrpa.

làimhe deise dhe 'n trànnsa 's tha e fhéin 's an corr dhe 'n tigh uile glé choltach ri tigh Moraire Dalhousie 'an Inbher-Mairc; ach gu 'r e so tigh is lugha. Tha 'n staidhir mu choinneamh an doruis mhóir agus tha trànnsa aig a bràighe' tha ruith bho 'n làimh dheis thun na làimhe clith, agus tha na seòmraichean aig Liùsaidh 'us aig mo chagaran Beatrais a' fosgladh dhe. Tha 'n seòmar suidhe beag clùmhar agam fhéin, agus mo sheòmar cadail 'an so cuideachd. Tha mo sheòmar cadail mór math agus tha dithis bheag eile a' fosgladh dhe, fear air son m' éididh agus am fear eile air son m' ionnlaid agus tha 'm fear aig Aimili Dittweiler ann. Mu 'n cuairt dhe 'n oisinn, beagan air adhart air seòmar Liùsaidh tha 'n fheadhain aig Ban-mhorair Churchill 'us aig a bean-fhrithealaidh, agus fear Còirneal Ponsonby, 's iad uile farsuing gasda. Tha staidhir làimh ris an t-seòmar éididh agamsa a tha dol gu ùrlar eile air am bheil àiteachan luidhe a' Bhrùnaich 's na 'n seirbhiseach eile. Tha na seòmraichean uile glé chomhfhurtail 's iad air an àirneasachadh cho sìmplidh 's éudaichean ùrlair ùr air na h-uile h-aon diubh. 'S duilich leinn Kanné a bhi tinn, 'se e Jungbluth an còcaire 'tha seasamh àite mar Stiùbhard, agus is e sheòl dhuinn uile ar seòmraichean.

Ghabh sinn uile ar *teat* 'us leig sinn ar 'n anail air son greis agus aig ficead mionaid roimh shia uairean chaidh mi mach anns a' charbad leis an dà chaileig 'us Ban-mhorair Churchill. Bha mo ghaol beag Beatrais cho toilichte agus cho math. 'S i so a ceud sgrìob leinn gu 'n bhan-oidiomnsuchaidh a bhi leatha. B' fheudar dhuinn

gabhair air adhart ri taobh eile an loch, leis nach 'eil rathad air an taobh so nis faide no Inbher-Thròsaich fhéin, chaidh sinn seachad air an drochaid a th' aig àth ainmeal' Choill-an-togail air am bheil iomradh anns an 'Lady of the Lake' agus a rithist sios bruthach eas ris an deas 'us thairis air drochaid Chill-ma-hòraig far am bheil beagan thighean agus cadh'-chliath-cise, ghabh sinn air adhart troimh chadha Lainidh agus cha mhór nach eil an abhuiun a th' ann mar a tha gach sruthan 'us àllt 's an dùthaich tioram an dràsda. Tha monaidhean àluinn ann agus móran de choille bhreagha a fàs orra. Tha an t-àite so cur Switzerland na m' chuimhne, le uainead na 'n sléibhteann 's iad cho àrd sgorrach agus craobhan cho breagha mu 'n iochdar agus suas ri 'n taobhan. 'N uair a bha Liùsaidh 's mi fhéin a' sealltuinn mu 'n cuairt bha sinn a' cuimhneachadh air Pilatus 's air na craobhan anns na machraichean breagha 'bh' air an rathad gu Hergessvyl. Chaidh sinn air adhart cho fada ri ceann a bhos Loch Lùbnaig agus gu dearbh is breagha an sealladh e; thill sinn an so air an rathad air an d'thainig sinu. Fhuair sinn sealladh gasda de Loch-a-mheanbh-chruidh 's de 'n Bheinn-mheanbh ghuirm bhòidhich 's de na monaidhean eile mu 'n cuairt. Fhuair sinn dhachaidh aig leth uair an déigh seachd.

Ghabh m' fhéudail bheag Beatrais a suipear 'n uair a rèanig sinn dhachaidh, ach thàinig i 'stigh greis leinn 'n uair a bha sinn aig ar dinneir. Cha robh sinn aig an dinneir ach ceathrar, 'us chaidh sinn a mach a rithist tacan na déigh. Bha feasgar ciùin rionnagach ann, chaidh Liùsaidh a luidhe. Léugh Sine greis dhòmhsha

a rithist ann an seòmar na cuideachd, agus 'an déigh sin chaidh mi suas an staidhir, oir bha mi glé sgìth.

*Diardaoin, an dara latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha maduinn chiùin shoillear bhlàth ann. Bha sinn a' cur romhainn sgriob a ghabhail, ach bha eagal oirnn gu 'm feumamaid éirigh tuille 's moch a dhol gu Loch Laoimean. Ghabh mi mo thràth-maidne le Liùsaidh 'us Beatrais amns an t-seòmar chuideachd. Sgriòbh mi greis, &c. Aig fichead mionaid romh dhà-uair-dheug thog mi orm na m' charbaid fhéin, 'us Liùsaidh, Beatrais, agus Sine Churchill leam. Bha Còirneal Ponsonby agus am Brùnach air toiseach a' charbaid 'us ghabh sinn air adhart gn Calasràid. Bha eich dhuais ghasda againn 's cha robh againn uair 's am bith ach paidhir. An àite Calasràid a ruighinn thionndaidh sinn ris an deas an taobhsa dhe 'us ghabh sin greis air adhart. 'N uair a ràinig sinn mullach uchdaich a bha 'n sin chunnaic sinn an sliabh àluinn, ris an abrar Beinn-le-Dia; bha Beinn-mhòirlich ris an tuath, agus mullaichean na h-Uamh mhòir ris an ear, bruthaichean gun a bhi ro àrd 's iad còmhduichte le fraoch bòidheach dearg; agus air falbh uainn a seasamh an agaidh an spéur bha Dùn Miat agus carragh cuimhne Wallace air "Creag na h-abaid" dlùth air Sruil-a. Ghabh sinn air adhart tromh gharbhlach agus cho robh sinn fada gun dol seachad air lochan beag ris an abrar Loch-an-Rùsgaidh. Tha 'n dùthaich so glé iosal ach mar a b' faide 'bha sinn a dol air adhart 's ann bu bhòidhche a bha i a' sealtuinn, le

craobhan breagha 's le achaidhean arbhair, 'ns buanaichean ag obair orra; 's an déigh dhuinn bruthach eile theirneadh thàinig sinn gu Loch "Menteith" an t-aon loch 'an Albainn ris an abrar Lake 'am Beurla. Tha e glé choltach ri Loch-a-Chinn-àird a tha goirid bho Bhailatair, 's tha enuic iosal bhòidheach ghorm 'us dhearg air falbh a null uainn. Tha dhà no tri a dh' eileanan 's an loch; 'an "Innis-mo-thaimh" am fear is mothà dhiubh chithear 's a choille ballachan briste an t-seann Tigh-mhanaich. Bha Ban-rìgh Màiri greis a' fuireach 'an sin, agus tha clachan-cuimhne a chaidh a' chur air cuid de theaghlaich Menteith ri 'm faicinn ann. Dh' fhàg sinn air ar làmh dheis balla briste chaisteil a' Chnuic-dheirg, air an làmh chlith bha Cath-chliath pàirce a Chnuic-dheirg, 's bha Mr Gréum leis am bheil an 'oighreachd na 'sheasamh 'an sin. Tha craobhan anabarrach mór 's a' phàirce. Ghabh sinn air adhart seachad air Clachan Abair-Phuill a rinn Sir Walter Scott cho ainmeal 'an 'Rob Ruadh.' Tha 'n dùthaich a' fàs glé bhreagha ann an so, tha na monaidhean àrda, sgorrach, 's iad cho uaine a' cur Pilatus a rithist na m' chuimhne. Tha craobhan móra breagha ann, 's ami fraoch badanach na aon bharr dearg 'us rainneach iteagach uaine thall 's a bhos 'na mheasg, 'us creagan 'us frith-choille a' measgadh le chéile cho chiatach, agus Beinn Laoimean thall ag éirigh mar Bhan-rìgh a' measg na 'm beann a tha mu'n cuairt dhi. Stad sinn aig dà uair, mu cheithreamh a' mhile seachad air a' so 'us ghabh sinn ar tràth-nòin na 'r suidhe air an fheur fodh sgaile ciataich daraige, a bh' aig bun na "Creige

Mòire." Bha 'n latha anabarrach teth 's a ghrian cho loisgeanta, ach bha móran de neòil éutrom bhàna a' snàmh air aghaidh na 'n spéuran gorm. Bha 'n solus 's an dubhar thall 's a bhos mu seach air gach àite 's buaidh cho bòidheach aca air na dathan àillidh a bh' air gach enoc 'us glac mu 'n cuairt, choisich sinn greis an déigh ar tràth-nòin ach cha 'n fhaca sinn àite sònruichte 's am bith da 'm bu mhath leinn dealbh a tharruing, 'us chaidh sinn air ais do 'n charbad an déigh do na h-éich a bhi air an atharrachadh. Beagan shlat air adhart air a' sin thàinig Loch Ard 'am fradhar, agus dealbh ni bu bhòidhche cha ghabhadh faicinn. Bha Beinn Laoimean cho bhuidhe 's cho ghorm ag éirigh 'o 's 'cionn na 'm beann eile s' na enuic iosal cho breagha le 'm bàrr fraoch de gach caochladh seòrsa deirg, agus dòirlinn de chraobhan uaine ri 'm beulthaobh a' dealachadh a' chuid so bho 'n chòr dhe 'n loch. Thàinig sinn as a' charbad a tharruing dhealbh. Bha bothain bheaga bhochda ri 'm faicinn thall 's a bhos fada bho chéile 'us caileagan òga 'us clann bheag chas-ruisgte a' sealltuinn cho laghach mu 'n cuairt doibh, 's i 'ghàidhlig a th' aca uile ann an so.

Shuidh Liùsaidh 'us mise fad leth-uair a' tarruing, agus bha Beatrais a' cluich mu 'n cuairt cho toilichte le Sine Churchill, chaidh sinn 's a' charbad 'an déigh sin 's cha 'n 'eil cuimhne again air sgriob 'bu bhreagha na' bh' againn ri taobh Loch Ard. 'S e loch fada bòidheach a th' ann le craobhan air gach taobh dhe, 'us am fraoch cho badanach dearg air gach enocan 'us tolman a bha ri fhaicinn; bha rainneach ann 'us creagan 'us enuic àrda

dhe na h-uile cumadh' bu bhreagha na chéile, 's na craobhan a' fàs orra dìreach mar a tha iad an Switzerland; bha 'n rathad dona agus garbh, 's e air bruaiach gu math eas 'o 's 'cinn an loch, ach rinn na h-eich a bh' againn anabarrach math. Chuir an rathad so na m' chuimhne am fear air an deachaidh sinn air adhart ri taobh Loch Zug 'an Switzerland. Thaitinn taobh Loch Ard ruinn gu math, agus taobh an Lochain Duibh agus an loch fhada bhreagha ris an abrar Loch-a-choin. Bha 'm fraoch fo làn bhàrr de gach dath dearg a b' àillidh 's e fàs na bhadain cho saibhir ri taobh an rathaid. Tha na cùirn chlach a tha ri taobh Loch-a-choin ag innseadh far am bheil na pioban nan luidhe a tha toirt an uisge 'stigh do Ghlaschu, ach cha d' rinn iad milleadh 's am bith air coltas na dùthcha leis.

'N uair a dh' fhàg sinn an rathad so thàinig sinn a stigh air rathad Loch Laoimean dhe 'n robh deadh shealladh againn de Loch Aircleait 's ann ri thaobh a tha iad ag ràdh a rugadh "Eilidh Nieghriogair." Tha cùntas air a thoirt' an Rob Ruadh air coltas na h-uile h-àite a' chunnaic sinn an dingh. Tha 'n aon luidhe air Loch Aircleait 'sa th' air Loch Caladair ach gu 'm bheil na monaidhean mu 'n cuairt da nis àirde 'us nis bioraiche. Dh' fhàg sinn an loch so air ar lamh chli 's thàinig sinn an tiota air Loch Katerine 'us b' àillidh e ri fhaicinn, ann an solus caoinn an fheasgair chiùin, bha e maiseach da rìreadh! Stad sinn aig tigh òsda beag Shrón-a-chlachair far am bi luchd turais air uairean a' cur seachad na h-oidhche, agus far am bheil eithe

aig am bi bata-na-smùid a taghal' na falbh 's na tighinn bho Loch Laoimean. B' feudar dhuinne feitheamh ceathramh na h-uaire gus an d' thainig am bata-smùid beag leis an robh sinn a falbh. Cha robh dàmhlasad sluaigh 's am bith ann no ni a' chuireadh dragh no dorran oirnn. Cha b' urrainn turas a bhi ni bu shàmh-aiche 'us ni bu toilichte. Cha mhór gu 'n do thachair creutair oirnn, cha 'n fhaca sinn ach glé bheagan a dh' àiteachan daoine uaisle, ach bha na bh' ann dinbh glé bhòidheach, chunnaic sinn beagan de bhothain bhochda, mnathan còire 'us clann. Caileagan cas-ruisgte le 'm falt leadanach mu 'n guaillean, agus seann daoine 'us luchd dù-chosnайдh a bha cho mhodhail shàmhach. Tha 'n t-àite so cho aonaranach—tha e cho fiadhaich—'us tha e cho breagha, tha e cho uaigneach, gun tigh òsda ri fhaicinn, 's gun ghuth ag eigheach déirce a chur dragh oirnn, daoine còire gun ghò ann 's gun iad toileach a bhi 'n eiseamail neach 's ami bith 's a ghàidhlig aca uile, se so uile tha deanadh de Albainn bheadarach an t-aon dùthaich is ciataiche 's is móralaiche a th' air aghaidh an t-saoghail. Tha 'm fraoch fhein ann cho aillidh 's nach fhaicear a leithid 'an àite 's am bith eile. Ged is breagha Switzerland cha 'n 'eil e coltach ris an dùthaich so leam-sa.

Bha e deich mionaidean romh chòig 'n uair a thàinig an "Rob Ruadh"—an ceart bhata-smùid beag glan a bh' againn roimhe air a cheathramh latha deug de mhìos mu dheireadh an Fhoghair 1859, 's tha atharrachadh mór 's na cùisean an diugh 'an dòigh no dhà. Dh' fhosgail mo Dhuine gaoil 'us mise obair-uisge Ghlaschu

air an latha sin 's bha sìde uamhasach ann, le ceò 's le uisge. Chunnaic mi 'n diugh an t-àite 's an tigh 's an do ghabh sinn ar tràth-nòin air an latha sin.

Ghabh sinn cuairt ghoirid 'us thionndaidh sinn a stigh do chamus Ghleann-Ghòill—gleann breagha's e làn coille. 'S i so dùthaich chloinn Ghriogair, ach cha leis an t-seann teaghlaich i nise, chaidh an tigh 's an òighreachd a cheannach le fear dhe 'n fhine cheudna aig am bheil tigh òsda mór an Glaschu. Thionndaith sinn a rithist 'us ghabh sinn air adhart 's cha 'n fhaca sùil àite bu bhòidhche no bruachan coillteach an Loch. Bha móran de leabhrúichean againn leinn, a tha air son treòireachaidh luchdturuis ach 's e 'm fear aig Black is fearr leinn dhiubh. Tha 'n 'Lady of the Lake' againn leinn cuideachd 's tha e taitneach leinn a bhi' sealltuinn air a' Bheinn-mheanbh sgorrach a tha cho iomraiteach ann 's i 'g éirigh suas cho rioghail ri taobh deas an loch. Chunnaic sinn beannan Arrochair shios na 'r déigh—na Alps 'their iad riù agus is math a luidheas an t-ainm sin orra, tha iad nan sgùran cho biorach 's iad cho breagha; a Bheinn-bhàn, Beinn-mhòirlich, Beinn-im, agus Beinn-na-croise. An déigh sin thàinig sinn a dh' ionnsuidh "A chladaich airgeadaich" ainmeal, agus "Eilean Eilidh" 's bu bhòidheach e. 'S an geodha beag cumhann le 'choille ghrinn fodh sgàile na 'n sléibhteán àrda breagha agus an eithe beag fiodha air an robh mo chuimhne cho mhath. Ged a bha sac air mo chridhe rinn mi toileachadh an déigh dhol gu tir, 'n uair a fhuair mi air a' chéum rathaid cui de na ceart éiteagan beaga geala as an do thrus m' fhéudail Ailbeart na rinn usgairt caol-dùirn

dhòmhsa. Thrus mi fhéin feedhainn dhiubh a thug mi leam.

Ghabh sinn ar *teas* air clar-uachdair bata-na-smùid mu 'n d' thainig sinn air tir. Fhuair sinn dà charbad duais ann an so 's chaidh an dà chaileig leamsa 'am fear dhiubh 's am Brùnach 'na shuidhe air a thoiseach, 's chaidh Sine Churchill agus Còirneal Ponsonby 's an fhear eile. Bha 'm feasgar àillidh, dearsadh na gréine a' lasadh na 'm beann, agus daithean dearg agus òrbhuidh a toinneamh na' cheile 'an ciabhan sgiamhach na 'n spéur, mar a bha sinne a' dol tromh 'n Tròsaich a tha dorìreadh glòrmhor ri fhaicinn—

“So wondrous wild, the whole might seem
The scenery of a fairy dream,”—

agus taobh Loch Acharéidh cho bòidheach agus a' ghrian a' dol sios air cùl na Beinn-mheanbh àrd bhreagha mu 'm bheil Sir Walter Scott ag ràdhain—

“The western waves of ebbing day
Rolled o'er the glen the level way.
Each purple peak, each flinty spire,
Was bathed in floods of living fire.”

Chaidh sinn seachad air tigh òsda laghach na Tròsaich far an do stad Liùsaidh le Alice agus Luthais 'an 1865 agus far am bheil eaglais bhòidheach, ann an suidheachadh grinn, agus an déigh sin ràinig sinn drochaid Tuirc. Tha astar fada 's an rathad a tha dol mu 'n euairt Loch a mheanbh-chruidh gu Inbher-Thròsaich : 'us chithear an tigh tri-chairteil na h-uaire mn 'n ruigear e. Fhuair sinn dhachaidh aig ochd uairean. Bha 'n sgrìobh dhachaidh glé bhreagha, bha daithean cho àillidh

's an spéur 'an déigh dol fodha na gréine, 's e dearsadh air na monaidhean gorma. Chaidh an latha uile leinn gu math. Bha 'n dinneir againn mar a bha i 'n dé. Bha mise glé sgìth.

*Dihaoine, an treas latha
de mhios meadhoin an Fhoghair.*

Bha mhaduinn tròm dorcha gruamach agus 's gànn a chitheamaid na monaidhean taobbh thall Chalasraid, ach bha 'n turadh ann. Chaidh mi suas da m' sheòmar fhéin 'us thug mi greis air sgrìobhadh agus aig dà-uair-dheug ghabh mi sràid 'an coille bhòidhich a bha dlùth air làimh a sios ri taobb beòil an tighe ach bha 'n ceò cho dùmhail 's nach bu léir dhuinn an dùthaich bhreagha a chitear bho so ri latha soilleir. . . . Ghabh sinn ar tràth-nòin uile le chéile. . . . Thog sinn òirnn aig leth-uair an déigh trì anns a' cheart òrdugh 's an robh sinn an dé, ghabh sinn air adhart gu cathadh breagha na Làinith agus seachad air Cill-ma-hòraig far an d' feuch gille-beag ri badan fhlùraichean a thoirt dhomh, bha e aige ceangailte ri bàrr maide fada, agus an uair a dh' fheuch Còirneal Ponsonby ri greim a' dheanamh air thuit e air an rathad mhòr orra. Ghlaodh am balachan "Stadabh, stadabh!" agus an uair a chunnaic mi cho duilich coltach 's a bha brònain—gu mór aoibh-nis a' mhàthar—thug mi air a' charbad stad. Chunnaic sinn air ar rathad air enoc anns a choille tigh Làinith 's le Mr Buchanan Hamilton e, agus 's ann a sgriobh Sir Walter Scott 'Rob Ruadh.'

Ghabh sinn air adhart ri taobb an loch àillidh da 'n ainm an Lùbanag 's tha 'n rathad tha dol air adhart ri

taobh nan lùban bòidheach aige cho choltach ris an Axenstrasse a tha làmh ri Loch Lucerne leis cho àrd sgorrach uaine 's a tha na beanntan ag éirigh cho chas naithe. Tha ceithir mìle air fad 's an loch bhreagha so. Tha rathad iaruinn gun chriochnachadh ri taobh 'n iar an loch, rathad air son aon sreach de charbaid-smùid agus chuir fhaicinn cho iosal ri oir an uisce an Axenstrasse a rithist na m' chuimhne. Tha 'n rathad a dol air adhart fodh chraobhan breagha *sycamore*. Chaidh sinn seachad ris an làmh dheis air tigh-tuathanachais Aird-hùlairidh, far am b' àbhaisd Bruce am fear turais a bha 'n Abyssinia a bhi fuireach. Dh' inntrich sinn 'an déigh sin Strath-tethir—srath breagha farsuing fosgailte làn coille 'us achaidhean arbhair 's am fraoch cho bòidheach dhearg air na monaidhean. Cha 'n 'eil 's a' bhaile bheag a tha so ach aon sreach de thighean chosnaichean 's tha 'n sluagh glé bhochd, tha tigh òsda beag laghach ann. Tha tigh òsda anabarrach grinn beagan nis faide air adhart ris an abrar Tigh-an-Rìgh, 's an aghaidh aige uile còmhduichte le flùrain bhòidheach a bha cinntinn suas ris a bhalla. Thionndaidh sinn 'an so ris an làmh chli a dhol gu Bochuiddir gleann a tha glé àillidh agus bho 'm faighear sealladh ciatach air Loch Mhòil le a bhruthaichean àrda breagha "*The Bracs o' Balquhidder.*" Tha 'n sràth fhéin glé bhreagha le chraobhan móra, 's le achaidhean arbhair, 'us an abhainn bheag a ruith troimhe ris an abrar "*A Bhalbhag.*" Mu dhà mhìle air adhart chaidh sinn seachad air a dhà na trì de thighean beaga laghach 's iad còmhduichte le flùrain mar a bha 'n tigh-òsda a dh' ainmich mi. Stad sinn ri ceann a mach baile

beag bòidheach da 'n ainnm "Bail'-Eaglais Bhochuiddir" a tha dà mhìle dheug bho Chalasraid, cha 'n 'eil ann ach glé bheag' thighean. Thàinig sinn as a' charbad a' so, 'us choisich sinn suas uchdach eas a bha ri taobh an rathaid 's air an robh craobhan breagha—'s air a mhullach ràinig sinn an cladh, agus sean bhallachan briste na h-eaglais, chaidh sinn a shealtuinn air uaigh Rob Ruaidh. Tha leac-luidhe iosal chòmhnhard oirre air am bheil dealbh duine 'us feile-beag air. Tha leac eile air uaigh a mhnatha a tha làmh ri thé fhéin, 'us claidheamh air a ghearradh gu màth garbh oirre.¹ Tha uaigh a mhic làmh ri uaigh fhéin air an taobh eile ach tha coltas ni 's tìre oirre. Sheall sinn air seann soitheach baistidh gu math neònach a th' ann 's air dhà no trì de sheann leacan lighe eile a th' ann agus air té dhiubh tha rànn no dhà a tha glé neònach. Dh' aithris Mr Camshron am màightir-sgoil dhomh iad² 's e gille glé

¹ Tha iad ag radh gun robh na clachan so air an gearradh na ceudan bliadhna mu 'n deachaidh an cur an so.

²

ISABEL CAMPBELL,

SPOUSE OF MR ROBERT KIRK, MINISTER,

DIED 25TH DECEMBER 1680.

SHE HAD TWO SONS, COLIN AND WILLIAM.

HER AGE 25.

Stones weep tho' eyes were dry ;
Choicest flowers soonest die :
Their sun oft sets at noon,
Whose fruit is ripe in June.
Then tears of joy be thine,
Since earth must soon resign
To God what is divine.

Nasci est ægrotare, vivere est sæpe mori, et mori est vivere.

LOVE AND LIVE.

fhiosrach a th' ann agus sgrìobh e dhomh a rithist iad.

Chaidh sinn an deigh sin a stigh do dh' eaglais ùr laghach a tha goirid bho 'n t-sean chaibeal, cha 'n urrainn àite 'bhi air a shuidheachadh nis bòidhche na tha 'n t-àite so, tha e 'sealltuinn sios air Loch Mhòil 's air coire domhain 'us gleann a tha 'g éirigh a null ri 'chùl. Choisich sinn a rithist sios am brutach, agus chaidh sinn air ais do 'r carbad 's thill sinn air a' cheart rathad air an d' thàinig sinn, s' mu leth mhile seachad air Baile-na-Eaglais thàinig sinn gu cladh ùr chlann Ghriogair. 'S i so dùthaich chlann Ghriogair no mo thruaighe! fendaidh mi ràdh gu 'm b' i so i. Tha 'n t-àite adhlaic aca so 'an caibeal a th' ann an coille 's e dùinte an stigh le balla, agus le geata iaruinn. An deigh dol air ais seachad air "Tigh-an-Rìgh" thàinig sinn as a' charbad 'us dhirich sinn brutach beag a bh' air òighreachd Bhraid-Albainn far an do las sinn teine 'us shuidh sinn air bruach goirid bho 'n àllt a ghabhail ar *tea*. Fhuair sinn dachaidh aig leth uair an déigh ochd, bho 'n turas thaitnich agus thoilichte so. Ged a bha cudthrom air an latha, bha e cho soillear 's gun d' fhuair sinn sealadh glé mhath dhe 'n dùthaich mhaisich a bha mu 'n cuairt duinn.

Bha 'n dinnear againn mar a bha i 'n dé. Tha sinn daonnan a' suidhe 'an seòmar na enideachd. Léugh Sìne am pàipear-naigheachd dhuinn.

*Disathurna, an eeathramh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Dh' éirich mise aig leth-uair an déigh seachd ; 'us ghabh sinn ar tràth-maidne aig ceathramh romh ochd. Chaidh mise a mach air m' each beag Sultan¹ aig naoi uairean 'us dh' fhálbh càch a' coiseachd. Ghabh sinn tromh 'n choille sios gu oir an loch 'us chaidh sinn na 'r triùir a 'm bàta beag, agus dh' iomair an t-àrd-ghille-seilg 's am fear a tha fothadh sinn gu taobh thall an loch. Bha 'm Brùnach an toiseach a' bhàta againne 'us chaidh bàta beag eile 'us fear air chùl dà raimh innte thairis le Còirneal Ponsonby agus Síne Churchill. Aig an taobh thall chaidh sinn 's a' charbad a rithist. Tha mo rùn bheag Beatruis a' gabail a leithid de thoileachadh anns gach ni' tha i faicinn 's tha i cho sùnn-dach daonnan 'us cho mhath.

Ghabh sinn air adhart troimh 'n Tròsaich àluinn gu Loch Katrine. Bha a' mhàduinn glé cheòtar dorcha 's cha bu léir dhuinn ni a bha astar 's am bith air falbh uainn, 's ann air éigin a chitheamaid a Bheinn-mheanbh fhéin. Chaidh sinn aig deich uairean air bòrd a bhàtasmùid an "Rob Ruadh" a dhol gu Srón-a-chlachair. Cha 'n fhaiceadh mid nì, 's ann a bha 'n spéur cho-toiteal dhorcha 's ged bu latha geamhraidh e, ach 'n uair a rèinig sinn Srón-a-chlachair bha 'n iarmait a fas ni bu shoilleire a null ris an làmh chli 'us b' e sin an rathad air an robh sinne a toirt air n' aghaidh.

¹ Mharcuich mi e gu mullach an Righi a tha coig mile troidh air-àirdre 'an 1868.

Ghabh sinn dà charbad duaise 'an so agus chaidh Síne 'us Còirneal Ponsonby air adhart air thoiseach oirnn 'am fear dhiubh, chaidh sinn gu Loch Aircleait air rathad bòidheach le bruthaichean de fhraoch bàrr-dhearg a null ri 'r làmh dheis. Sgap an ceò uigh air n' uigh agus thainig stùcan àrda creagach am fradharc 'o 's cionn an rathaid 's air adhart air thoiseach oirnn. Thachair móran de charbaid fhosgailte oirnn fad an rathaid, 'us bha iad làn shuaigh a bh' air tighinn a dh' fhaicinn na dùthcha 's bha na h-àiteachan suidhe uile air an taobh mach. Chuir so, leis na h-uile ni eile a' chunnaic mi 'n diugh agus Diardaoin, Switzerland na m' chuimhne agus na turasan a bh' againn ann. Thàinig iad gu sònruichte fa chomhair m' inntinn 'n uair thàinig Loch Laoimean 's an fhradharc gun fhiös, gun fhaireachadh, ghabh sinn sios an uchdaich chas' tha dol gu Inbher-Snàid. Cha robh tigh 'an so ach aon tigh òsda beag 's bha na sléibhteán àrda cho chas 'os cionn an loch 's gur ann a bha iad coltach ri sgàilean air falbh a null a measg a cheathaich. Chaidh sinn 's a' mhionaid an sin air bòrd a' bhata-smùid laghach da 'n ainm am Prionnsa Céile. Bha e na thoileachadh dhomh a bhi smuaineachadh gur e sin ainm a bh' air a' bhàta anns an robh a' bhean bhrònach bhrist-chridhich aige-san—a bhàntrach mo thruaighe! agus a chuid cloinne air an ceud thuras-seòlaidh air an loch àillidh so a chaidh e fhein a dh' fhaicinn 'an 1847. Is bàta mór breagha i, móran nis mothà na Winkelried anns an b' àbhaisd dhuinn seòlaidh air Loch Lucerne. Tha seòmar mór biatachd gu h-iosal. 'S tha àrd-chlar-

uachdair innte 'us lobhta fodha air am feud daoine seasamh a ghabhail am piòban tombaca gu 'n dragh a chur air neach eile. Bha na daoine uaisle a leanas air bòrd: Mr Smollett a tha na bhall-parlamaid, Mr Wylie, an siomarlan aig an Ridire T. Mac-a-chòm-baich, Mr Denny agus Mr Young an Rùn-chleireach.

Ghabh sinn air adhart gu deas, 's cha b' urrainn coltas ni b' Ailpeanaich a bhi air àite na bh' air a cheud leth dhe 'n loch. Tha e cho choltach ri Loch Lucerne, ach gur e so fear is faide—tha dà mhile thar fhichead ann. Chum sinn a stigh ris a' chladach 'n ear 's Beinn Laoimean ag éirigh 'o 's air ciorn cho mòrail le a guailleann àrda—Cruachan, Creag a' Bhòchdain, agus an Tàrmachan—'s ràinig sinn cithe Rù'aird-eunain far am bheil tigh beag bòidheach air mhàl aig fear Mr Mair bho 'n Diùc Ghréumach dha 'm buin leth Loch Laoimean. 'S e àite grinn a tha 'n so 's tha rathad uaithe gu mullach na beinne, a tha 3192 de throidhean a dh' àirde—tha achaidhean arbhair mu iochdair na beinne, 'us coille a' cinntinn suas bho sin ri a taobhan gorma. Tha monaidhean breagha air gach taobh de 'n loch ann an so, ach cha 'n eil iad cho fhior àrd ris a' chladach an iar. Tha 'n loch 'a leudachadh a mach a' so ach tha tuille machair mu thiomchuill 's tha fior choltas na gall-dachd air an null ris an ear 's ris an deas; ach 's ann a' so a tha na ceithir eileanan fichead a tha cho choillteach bhòidheach. Tha cuid dhe na h-eileanan mór: 's ann air Innis Lonaig a tha na craobhan iubhair a' fàs a bh' air an cur le Raibeart Bruce 'n uair a bha e toileach an sluagh' bhi cleachdadhbh na 'm

boghachan saighead. Tha sean chladh chlann Ghriogair ann am fear eile dhiubh ris an abrar Innis-Caillich.

’S ann an Innis-a-mhurrain a null uaimh ris am laimh dheis a tha frìdh nam fiadh aig an Diùc Ghréumach. Agus chunnaic sinn an tigh aige, Buchanan House air a mhòrthir agus chaidh sinn seachad air Cnoc-Chòrnac. Thàinig a ghrian ris beagan an déigh dhuinn dol air bòrd bata-na-smùid ’s bha scídeadh gu math cruaidh ann do ghaoth an ceann. Stad sinn aig dà uair aig Port-an-Eilean ’us ghabh sinn ar tràth-nòin. Bha ’m biadh againn fhéin leinn, ach ghabh sinn e ’an seòmar biatachd a bhàta, a tha cho mór ’s gu ’m feudadh leth-cheud no tri-fichead sluaigh suidhe sios gu socrach gu ’n dinneir ann. Ghabh Còirneal Ponsonby a thràth-nòin leinn ’us chaidh sinn ’an déigh sin air adhart gu Beallach ’us thill sinn an sin. Bha ’n latha glé bhlàth. Chaidh sinn seachad ris an làmh chli air tighean breagha. ’S ann a bha iad coltach ri caisteil, na ’m measg bha “Camshron,” àite Mr Smollett ; Arden àite an Ridire I. Lumsden, Probhaiste Ghlaschu ; agus an Ross-Dubh àite an Ridire Séumas Mac-a-Chòmbaich, chaidh sinn seachad air an rathad a tha dol gu Gleann Freòin, ’s air Innis-Chonachain, ’s Innis-an-t-Shamhanaich, ’s air an Stob Ghòbhlach, ’s air baile beag laghach Luss, ’s air a Bheinn-duibh ’s air port Inbher-Ùglais a tha mu choimneamh Rù-aird-éunain. Ràinig sinn an Tairbeart ’an déigh sin, baile beag ’s an deachaidh Ailbeart gaoil air tir an 1847, tha na monaidhean ’us maisiche a tighinn oirnn ’an so agus feedhainn eile nis àirde ag cèirigh a null ri ’n cùl ’s tha beallaich chiatach ann làn

de choille bhreagha. Tha gleann a' ruith tarsuing a' so bho 'n Tairbeart a nùll gu Arrochar aig taobh Loch Lóng. Chunnaic sinn as a' so am monadh air am bheil cumadh cho neònach 's ris an abair iad an "Cobbler" agus beagan air adhart fhuair sinn sealladh de na beanntan breagha sin "Alps" Arrochairs. Chuir mar a tha na enuic a' ruith a stigh do 'n loch, agus na h-uile ni eile a chunnaic mi Nasen a tha làmh ri Loch Lucerne na m' chuimhne.

Tha ceann an loch agus gleann Fallach anabarrach breagha, 's e so an rathad a ghabhar le carbad a dhol do 'n Òban. Tharruing Liùsaidh 'us mise dealbhan de chuid do na h-àiteachan mar a b' fearr a b' urrainn duinn, ach cha robh e furasda agus bata-na-smùid a cumail air a h-adhart; bha sinn a rithist duilich nach d' iarr sinn orra deanadh air an socair, an uair a chunnaic sinn gun robh againn ri feitheamh greis ris an "Rob Ruadh" aig Srón-a-chlachair. Thill sinn far am bheil tigh òsda Inbher-Earanain, aig ceann Loch Laoimean; chunnaic sinn toll ann an creig air an taobh 'n ear ris an abair iad "Uamh Rob Ruaidh" agus an déigh sin chaidh sinn air tir aig Inbher-Snàid. Bha grùn math sluaigh an sin 'us thilg iad badain fhraoich ga 'r ionnsuidh 's an dol seachad 's e 'm fraoch a th' aca cur sgeimh air na h-uile rud an so, agus gu dearbh fhéin cha b' urrainn ni 'bu bhòidhche a bhi aca, 's e cho breagha na bhadain throma fo làn blàth. Tha na beanntan an so fior àillidh le 'n sgorran creagach biorach 's le 'n trusgain riomhach de fheur 's de chraobhan. Bha 'm feasgar cho soillear 's cho blàth 's cho taitneach 's leis nach robh

toil againn a bhi dhachaidh tuilleadh's luath ghabh sinn an rathad cho socrach ghasda. Bha beagan sluaigh cruinn aig Srón-a-chlachair ri'r falbh's ri'r tilleadh, ghabh sinn ar *teas* 'am bata-na-smùid. Bha 'n duine grinn sin air am bheil fior choltas an duin' uasail Mr Blàr, fear tigh òsda na Tròsaich, a' feitheamh oirun a falbh's a tighinn, 's ann leis a' tha bata-smuid "Loch Katrine," agus thug e dhuinn uachdar oibrichte.

'S e fior thuras toilichte a bh' againn a' seòladh air an loch àillidh so, agus bha ar sgrìob dhachaidh's a' charbad tromh 'n Tròsaich glé thaitneach. Chaidh sinn 's a' bhàta a rithist far an d' thàinig sinn aisde 's a' mhaduinn, agus dh' iomair sinn thairis; ach bha e glé neo-thoilichte leinn, bha ghaoth air éirigh's caitein air an loch 's am bàta beag air a luasgadh air na tuinn mar gum biodh plaosg uibhe ann. Thàinig uisge a stigh air a bhàta bheag 's an robh an dithis eile, mharcaich sinn air adhart 'us fhuair sinn dachaidh aig leth-uair an déigh seachd. 'S e so an aon *contretemps* a bh' againn air an latha thoilichte thaitneach so. 'S e m' fheudail Ailbeart a bhiodh air an toilinntinn a ghabhail ann.

Bha 'n dinnear mar air na làithean roimhe agus léugh Síne na pàipearan naigheachd dhomh. Chaidh sinn a bhliadhna gus an diugh troimh 'm Brünig Pass.

*Didònuich, an eòigeamh latha de mhòs
meadhoin an Phoghair.*

Bha maduinn dhorchà għruamach ann. Rinn mi suas m' inntinn air son gu'n dol do'n Eaglais leis na bhiodh de shluagh ann, chaidh Beatrais 'us mise a mach

a' marcachd aig aon-uair-deug, mise air "Sultan" agus ise air "Beatrais" bheag aice fhéin, thug sinn mu uair a muigh is chaidh sinn an toiseach suas ri cùl an tuath-anachais agus suas greis air feadh na 'm bruthaichean fraoich' us rannaich a bha nùll ri cùl an tighe, chunnaic sinn Loch Dróngaidh 's cha mhór nach robh e tioram, 's thug sinn sgriob gu "Drochaid Tuirc" 'us thill sinn air rathad nan stàbull a dh 'ionnsuidh an tighe. Léugh mi 'n ùrnuigh, an litir, an soisgeal, agus an dara leasan air son an latha leis an dà chaileig. Léugh Beatrais an earrann ma dheireadh dhe.

'N uair a bha sinn aig ar tràth-nòin shil e air an uisge, ach cha robh e fada gu 'n turadh a dheanamh agus rinn e feasgar blàth breagha, ghabh mi sràid a mach aig leth-uair an déigh còig le Liùsaidh, 'us Beatrais, agus Sine Churchill. Stad sinn aig an tigh 's am bheil an gille-seilg MacIsaie agus a bhean a' fuireach. An déigh tacan coiseachd a' dheanadh uaith sin chaidh Beatrais 'us mise air adhart greis air rathad na Tròsaich anns a' charbad, 'us thàinig sinn dhachaidh a rithist aig leth-uair 'an déigh seachd.

*Dìluain, an siathanach latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha ceò tròm ann, 's a mhaduinn mhoich ach thog an latha 'an déigh sin 'us bha e 'n dà chuid soillear 'us blàth. Dh' éirich mise le ceann glé ghoirt. Aig còig mionaidean romh aon-uair-deug mharcaich mi air falbh le Beatrais. Bha Sharp mo dheadh chù leam. Bha A. Mac-Thómais, agus Mac-Uaraig, na 'r déigh. Mharcaich sinn air an rathad air an do thill sinn an dé agus

dhìrich sinn suas ris a' bhrùthach a tha sealltuinn sios ri Loch Dróngaidh, cha mhór nach 'eil an loch tioram. Theirinn sinn am bruthach air an taobh eile a' marcachd cho luath 's a b' urrainn duinn air rathad gu math garbh, ach ged a bhà e garbh bha e glé bhòidheach le fraoch cùbhraidih dearg, agus rainneach iteagach uaine thall 's a bhos na mheasg. Thàinig sinn an déigh sin gu àite 's an d' fhuair sinn plathadh de Loch Acharéidh agus de 'n Bheinn-mheanbh. Bha sinn a cheart cho uaigneach a' so 's ged a bhithheadhmid a' marcachd 'am Baile-Mhoireil 's ghabh sinn air adhart 'an taice na coille 'us seachad air bothain bheaga bhrònach gus an d' thàinig sinn air an rathad mhór aig Drochaid Tuire agus stad sinn aig "Tigh òsda mhic Fhearghuis" ach ged 's e so a theirear ris cha 'n 'eil ann ach aon de na bothain ghàidhealach, de 'n fheadhain is bochda coltas dhiubh. Tha ainm bean an tighe so am fad 's am fagus, tha i uamhasach reamhar, tha i glé bheartach 's bha i 'n deadh sgeadachadh, ach tha i cho ghaolach air au àite 's an robh i riamh a' reic uisge-bheatha 's nach fàg i e. Bha coltach oirre 'bhi cho toilichte mise fhaicinn, 'us rug i air dhà làimh orm 'us chriotuich i mi. Cha 'n urrainn i coiseachd gun lorg, agus b' fheudar dhi suidhe. Cha d' fhan sinn ach beagan mhionaidean, thill sinn cho luath 's a chaidh sinn air adhart, 'us ràinig sinn dhachaidh aig aon uair. Bha 'm Brùnach 's an dithis ghillean eile cheart cho teth 's a bha iad' an latha dhirich sinn an Righi, 's bha iad teth an latha sin do rìreadh. Féumaidh gu 'n do mharecaich sinn mu ochd mile 'dh' astar, cha robh mo cheann-sa nì na b' fearr.

An déigh ar tràth-nòin a' ghabhail, thog sin oirnn aig trì uairean anns a' charbad mar a rinn sinn an de' 'us ghabh sinn rathad air an deachaidh sinn Dihaoine tromh chathadh Làinith, agus seachad air Loch Lùbnaig, Srath-tethir, agus Tigh-an-Rìgh; ach an àite tionndadh ris an làmh chli gu Bochuiddir ghabh sinn air adhart direach fad cheithir mile gu ceann Loch Eirean. Bha 'n latha breagha 's e anabarruch teth. Stad sinn aig an tigh òsda bheag bho 'n d' fhuair sinn deadh shealladh dhe 'n loch ghorm a bha cho bàidheach fodh dhearsadh na gréine, 's gach dath bu breagha na chéile air na sléibhteann mu 'n cuairt dhe. Bha 'n Ridire Callum Mac-ghriogair¹ agus a' bhain-tighearn 'Eilidh a' bhean, 's an dithis chloinne bheag aca ga 'r feitheamh aig an dorus agus thug iad leò suas an staidhir sinn. Tha seòmar cuideachd beag anabarruch bàidheach aca a' sealltuinn a mach ris an loch, agus tha e air a chur an òrdugh cho grinn 's cho chomh-fhurtail. Tha 'n dà chaileig bhig aca ro-laghach. Malamhìn ceithir bliadhna 'a dh' aois 'us Maireadarad a dhà. Bha an Ridire Callum 'na dheise ghàidhealaich. Tha e na Chaiptinn air lóng chogaидh 'us sheòl e dhuinn rudan neònach a thug e dhachaidh a' New Zealand agus botul a tha iad ag ràdhainn a bh' aig "Rob Ruadh" thug seann duine tha 's an sgìreachd e do 'n bhaintighearn Eilidh, agus cuach airgid a bh' aig sin-sin-seanathair an Ridire Challum 's as an d' òl Prionnsa Tearlach. 'S i bhaintighearn Eilidh an t-aon duine cloinne bh' aig Iarl Anntruum nach mairionn. Bha an Ridire Callum 's a bhean ro chaoimhneil 'us thug iad ar

¹ Dh' éug e 'an 1879.

tea dhuinn 'us dh' fhàg sinn iad a thilleadh dhachaidh aig leth-uair an déigh cóig. Bha beagan sluaigh a bha glé chàirdeal cruinn aig an dorus 'us rinn iad iollach 'n uair a ràinig sinn 's a 'n uair a dh' fhàg sinn. Dh' atharraich sinn éich' an àite éiginn uime so 'n uair a thill sinn bho Bheallach 'an 1843. Chuir iad na m' chuimhne gun d'aimmich mi sinn na m' leabhar. Air ar rathad dhachaidh chaidh sinn tromh phàircean Eudan-a-Chip, àite is leis an Ridire Callum ach tha e 'n dràsda aig cuideigein air mhàl. Thill sinn air an rathad air an d'fhalbh sinn 'us ràinig sinn dhachaidh aig leth-uair 'an déigh seachd.

Bha pian mór na m' cheannsa fad an latha ach chaidh e na b' fearr dìreach mu 'n d' fhuair sinn dachaidh.

*Dimàirt, an seachdamh latha de mhòs
meadhoin an Fhoghair.*

Fhuair mi litir bho Chòirneal Elphinstone a sgrìobh e air an dara latha fichead bho Halifax, 's bha cùnnatas cho taitneach mu m' ghaol Artair ìnnte. Bha sìde mhath aca 'us turas toilichte; rinn esan mo rùn e fhéin aig an tigh leis na h-uile neach a bh' air bòrd 'us bha móran de ghaol aca uile air, bha trì cheud de luchd imrich cuàin air bòrd. Chaidh sinn a mach da 'r cois, ach an déigh dol greis air adhart mharcaich mise an còrr dhe 'n astar 'ach choisich càch e. Bha mi glé sgìth 's cha robh mi idir gu math. Shil an latha 'us lean e air an uisge fad an fheasgair. Chuir sinn romhainn dol air adhart 'us co dhiùbh ged a bhà e cho fliuch, bho na chaidh bata-na-smùid òrduchadh gu' bhi da

r' feitheamh ga 'r toirt gu Loch Katrine, agus na h-eithrichean a bha g' ar 'n-iomradh a dh' ionnsuidh, "A chladaich airgeadaich." Dh' fhalbh mi fhéin 's na cail-eagan 's Ban - mhorair Churchill direach mar air na làithean roimhe, ach 'n uair a ràinig sinn cha leigeadh an t-uisge leinn rud 's am bith a dheanamh; ach ghabh sinn ar *tea* 'am bata-na-smùid, 'us thill sinn dachaidh agus ràinig sinn an tigh aig leth-uair an déigh seachd.

*Diciadaoin, an t-ochdamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha oidhche chruaidh agam leis a ghreim-lònайдh na m' chois. Dh' eirich mi beagan an déigh naoi uairean, agus 's gann a b' urrainn domh mo chas a chur fotham, ach cha robh tinneas cridhe 's am bith orm, ghabh mi mo thràth-maidne leam fhéin, ach cha mhór a b' urrainn domh' ghabhail. Dh' fhan mi aig an tigh a leughadh 's a sgriòbhadh 's a gabhail séimheanachd 'an àiteachan suidhe socrach. Theirinn mi gu 'm thràth-nòin leis a chloinn do sheòmar-na-cuideachd 'us chuidich am Brùnach mi a theirneadh 's a dhireadh na staidhreach. Leig mi m' anail 'an déigh sin agus aig fichead mionaid romh cheithir chaidh mi mach anns a' charbad le Sine Churchill ann an dòigh shamhach laghach a bha glé thaitneach. Cha robh 'n latha ro shoillear 's cha 'n fhaiceadh mid fada uainn, ach bha greadain shoillseach ann an dràsda 's a rithist a bha cur sealladh breagha air an dùthaich àillidh. Ghabh sinn air adhart gu Loch Menteith air a' cheart rathad a ghabh sinn Diardaoin, 's bha iongántas oirnn cho ghoirid 's a

dh' fhairich sinn e. An déigh dol seachad air Caisteal Chnoc-dheirg thionndaith sinn ris an laimh chli air adhart ri taobh an loch, seachad air an eaglais agus air a bhaile bheag ris an abrar Port Menteith, anns nach 'eil ach dhà no trì thighean. Fhuair sinn sealladh math de dh' Innis-mo-thaimh air an rathad, stad sinn a' ghabhail ar *tea* air taobh muigh phàirccean Chnoc-dheirg. Rinn sinn ar *tea* mu 'n d' fhàg sinn an tigh ach bha i teth gu leoir aguinn. Thill sinn as a' sin 'us ghabh sinn cuairt tromh Chalasraid agus air adhart, air an rathad, air an d' thàinig sinn a mach aig Cath-chliath-cìse Chill-mahòaig. Tha móran de' thighean bòidheach air an togail bho 's 'ciomm an rathaid so agus tha sealladh air an dùthaich mu 'n cuairt uaith a tha glé mhath. Fhuair sinn dhachaidh aig ceathramh an déigh seachd. Bha 'n Ridire Uilleam Jenner air thoiseach oirnn 's an tigh, chaidh eur ga iarruidh air son mo choise, ghabh mi mo dhinneir shios an staidhir le Liusaidh 's le Sìne Churchill. Bha mi coiseachd ni b' fearr 'us chaidh mi sios gun chuideachadh ged a bha mi gu math crùbach.

*Diardaoin, an naothamh latha de mhìos
meadhonach an Fhoghair.*

Fhuair mi deagh oidhche, agus chaidh agam air coiseachd gu math 'n uair a dh' éirich mi 's bha mi glé thaingeal. Theirinn mi gu 'm thràth-maidne mar a b' àlbhaisd. Fhuair mi litrichean a rithist bho m' fhéudail Artair 's bho Chòirneal Elphinstone le cùnnatas cho toilichte air a mhath a tha e bhi' an sin a' deanamh. Dh' fhalbh mi aig leth-uair an déigh aon-uair deng le

Liùsaidh 'us Beatrais troimh bheallach Lainidh 'us ràinig sinn ceann a bhos Loch Lùbnaig. Bha sinn an dùil ri dealbh dhe a tharruing ach bha e tuilleadh 's fada 's an fheasgar air son sin. Thachair dà charbad mhòr oirnn 'us bàrr sluaigh orra, aig a chuid a b' aimleathna de 'n drochaid a tha dol gu Cill-ma-hòaig agus chunnaic sinn dròbhain de chrodh gàidhealach 's iad air an rathad a dh' ionnsuidh na n-Eaglaise brice. Cha robh annta ach beathaichean beaga ach bha iad cho fiadhaich coltach 's iad cho mollach pheallagach 's na dròbhairean le 'n coin nan déigh. Chunnaic sinn mòran dhròbhain ag ionnaltradh mu iochdar na 'm monaidhean air an rathad gu ceann Loch Eireann. Bi' iad a stad oidhcheanan air an rathad, agus 's àbhaisd do na dròbhairean fuir-each fhaotuinn le 'n luchd eòlais 's na bothain agus anns na bailtean beaga mu 'n cuairt. Fhuair sinn dachaidh aig leth-uair an déigh aon uair. Chuir mi dà chraobh òg air beul-thaobh an tighe, agus chuir Liùsaidh 'us Beatrais feedhain cuideachd. Cha robh leam ach a chlann, aig mo thràth-nòin an diugh a rithist. Bha mo chas glé rag, agus ged a bha mi cur romham aon turas eile 'thoirt gu Loch Katrine b' feudar dhomh fuireach aig an tigh, ged a bha e duilich leam. Ghabh mi sgrìob bheag an déigh uile le Beatrais anns a charbad gu tigh òsda na Tròsaich 's air ais. Chunnaic sinn an Tròsaich àillidh, agus Loch Acharéidh, 'us a Bheinn-mheanbh ag éirigh cho breagha 'o 's a chionn. Fhuair mi seòrsa de tharruing a dheanadh air oirean a mach na beinne, agus thill me glé thoilichte leis a so aig leth-uair an déigh seachd. Stad sinn goirid bho 'n tigh a gha-

bhàil air *tca* ach cha d' thainig mise as a' charbad idir. Bha mi mòran ni b' fearr le dhol a mach 'us bha mi 'n comas suidhe aig an dinneir àbhaistich agus bha 'n Ridire Uilleam Jenner aig a bhòrd leinn. Bha mo chagaran Beatrais leinn greis aig an dinneir mar a bha i air na h-uile oidhche eile de 'n sgriob so. Cha tug mi *page* idir leam bho 'n tigh agus 's e 'm Brùnach an t-aon àrd-sheirbhiseach a bha 'm frithealadh aig mo thraighean uile, agus air chùl sin fhritheal e 'muigh orm anns gach àm 'us e daonnaン cho ullamh, cho làmhchuir agns cho toilichte. Bha na trì deadh ghilllean bùird Blake, Cannon, agus Tearlach MacThòmais leinn agus fhritheal iadsan am bàrd aig an tràth-nòin 'us aig an dinneir. 'S e Tearlach aon de sheachdnar bhràithrean, 's tha dithis dhiubh nam sheirbhis fhein 'us fear eile na ghill-éunaich am Baile-Mhoireil. Bha Sharp còir 's an t-seòmar na h-uile latha aig uair na dinneir 's e cho mhath 's a fuireach 'n a luidhe cho sàmhach, stòlda.

*Dihaoine, an deicheadh latha de mhìos
mu dheireadh an Phoghair.*

Bha e sileadh air an uisge moch 's a mhaduinn, agus dhearbh sin dhomh gu 'n d' rinn mi ceart m' inntinn atharrachadh mu rathad an Spiteil a ghabhail dachaidh mar a bha mi' eur romham air feasgar an dé. Bha mi móran ni b' fearr agus bha e ni' b' phasa dhomh coiseachd. Dh' fhàg sinn Inbher-Thròsaich aig leth-uair an déigh aon-uair-deug agus gu dearbh tha cuimhneachan toilichte agam air na deich latha a chaidh mi ann cho sàmhach agus cho clùmhòr. Agus air an dùthaich

àluinn agus na seallaidhean breagha a' chunnaic mi anns a' choimhearsnachd, ged a chaidh an dà latha mu dheireadh a mhilleadh orm leis a ghreim - lònайдh mhosach so. Chaidh an dà chaileig agus mise air adhart ann an carbad duais a fhuair sinn bho Chala-sraid, bha 'm Brùnach na shuidhe cho àrd air a thoiseach 's gu 'n robh e cur mo chridhe as a chochull a bhi sealltuinn air. Chaidh Sine Churchill agus an dà dhuin-uasal air athart air thoiseach oirnn gu àite-stad carbad-na-smùid aig Calasràid. Dh' fhalbh an trealaich-turais againn, agus na h-eich bheaga, agus gach ni a bhuiteadh dhuinn leis an aon each iaruinn leis an d' fhalbh sinn fhéin. Stad sinn an taobh muigh do Pheairt air son beagan mhionaidhean a' ghabhail ar tràth-nòin—thainig Sine Churchill a stigh a rithist aig Abaireadhain air son ar *tea*—los gum faigheadh am Brùnach tighinn ga 'r cuideachadh. Chaidh sinn a stigh do dhà charbad an uair a ràinig sinn Bailatair agus bha 'n t-uisge ann.

Ràinig sinn Baile-Mhoireil aig leth-uair an déigh sia.

RUSGADH NA 'N CAORACH.

BAILE-MHOIREIL,
*Diluain, an treas latha deug de 'n
mhìos bhuidhe, 1870.*

Dh' fhalbh sinn bho 'n tigh anns a' charbad aig leth-uair an déigh aon-uair-deug agus ghabh sinn seachad

air tigh Iain MhicThòmais. Bha na caoraich agamsa ann am fang 'an sin anus an achadh a bu dlùithe air làimh, goirid bho 'n bhalla, 'us Séumas Brùn, an ciobair agus am Moireastanach a th' agam na ghreidear 'an Abair-Ghealadair, a breith air na caoraich agus a' ceangal an casan. Bha bràthair Morgan 'us feadhain cile 'g an cuideachadh. Bha iad an déigh an ceangal 'g an cur 'an uchd na 'm boireannach 'us iad na 'n suidhe air an lär agus lóm iad na ruisg dhiubh gu miorbhuill-each math le siosaran móra. Bha ceathrar dhiubh na 'n suidhe mun cuairt agus bha triuir diùbh na 'n deadh rùsgadairean, b' ann dhiùbh sinn Bean Durran, 'us Bean Leys ach cha robh urrad de chleachdadhl aig Bean a Mhoireastanaich air, agus bha e gu math duilich dhi greim a' chumail air na caoirich mhora throma sin agus iad cho dona le breabadh. Tha aig na rùsgadair-ean ri' 'n toirt eadar an glùinean agus is obair chruaidh e. Bha ceathrar eile de bhoireannaich na 'n suidhe ri taic a' bhalla 's iad a rùsgadh cuideachd chaidh comharradh a chur an déigh sin air na caoirich; agus mu 'n deachaidh euid dhiubh a rùsgadh b' eadar na h' adhaircean aca a shàbhadh 'g an cumail bho fhàs a stigh na 'n cinn. Thaitinn an sealladh rium gu math bha e cho neònach a bhi faicinn na 'n rusg tiugha breagha a tighinn dhiubh mur gum bu chotaichean uachdair a bh' orra iad.

GEALLTANAS PÒSAIDH AIR A THOIRT LEIS A'
BHAN - PHRIONNSA LIÙSAIDH DO MHARCUS
LATHURNA.

BAILE-MHOIREIL,
*An treas latha de mhìos mu dheireadh
an Fhoghair, 1870.*

'S e latha sònruichte a bha ann an diugh! Thug Liùsaidh ar gaoil gealltanас pòsaidh do Mharcus Lathurna.

Thachair so an uair a bha iad a' gabhail sràid bho Airidh Ghlas-villt a dh' ionnsuidh an Dubh-loch. Bha Sine Ely leòtha, agus Morair Hatherley (Lord Chancellor). Chaidh mise anns a' charbad le Beatrais, agus Bean Ponsonby gu tobraichean na Pannanaich a tha mu dha' mhile bho Bhailatair, air taobh deas na h-aibhne, àite anns an robh mi roimhe bho chionn móran bhliadhnachan. Tha iad gu tubaisteach an déigh na h-uile craobh a bh' air na monaidhean a ghearradh sios.

Thàinig sinn as a' charbad 'us bhais sinn an t-uisge, agus tha e làn iaruinn. Choimhead sinn air an àit' ionnlaid agus chaidh sinn troimh an t-seann tigh òsda bheag neònach anns an bheil na h-uile ni cho glan 's cho grinn. B' àbhaisd móran tathaich a bhi' air anns na làithean a dh' fhàlbh. Thug am Brùnach bliadhna air sheirbhis ann agus bha aireamh mhór a dh' eich 's de ghobhair aca 's an àm sin.

Bha 'n spéur an diugh mar a bha e bho chionn dà latha gun leud na boise de neul air a ghorm-bhrat

àillidh. Ràinig sinn dhachaidh aig seachd uairean. Thill Liùsaidh dhachaidh beagan an déigh sin agus dh' innis i dhomh gu 'n do bruidheann am Marcus rithe mu' ghràdh dhi, agus gu 'n d' iarr e i ri phòsadhl agus gu 'n tug i a gealltanás dha le làn fhios air mise 'bhi deònach air a ghnothuch. Cha robh mi gun fhiughair agam ri so a thachairt ach an déigh uile 'n uair a thàinig an gnothuch gu daingean an ceart bha mi cho duilich a bhi 'g a call. Ach thug mi m' aonta mar a bha e nadurra dhomh a' dheanamh agus cha 'n 'eil agam ach a bhi nise ag urnuigh gu 'm bi i sona.

DIDÒNUICH COMANNACHAIDIH CHRATHIE,
1871.

BAILE-MHOIREIL,
*Didònuich, an treas latha deug de
cheud mhìos a' gheamhraidh.*

Bha' mhaduinn glé shoillear ged a bha sneachda dùmhail air a bhlàr. Chaidh mi do 'n eaglais aig da-uair-dheug agus Ban-diùc Roxburgh us Ban-mhorair Ely leam. 'S e Morair Bridport a bha frithealadh orm agus chaidh esan leam cuideachd. Thoisich seirbhis shònruichte an latha an déigh na searmoin agus gu dearbh bu drùigheach a bhi 'g a h-éisdeachd. Ghluais i m' aigne fhéin 'us bhean i ga m' chridhe cho mhór 's nach urrainn mi innse. Cha dichuimhnich mi am feasd e.

Bha coltas na h-eaglaise glé dhrùighteach. Bha na bhùird anns na suidheachain tharsuing mu choinneamh na cùbaid, air an còmhdaich le anart geal. Ged a thàinig am Brùnach leinn cha do shuidh e fhèin no gin eile dhe na seirbhisich Albannach air ar cùl mar a b' abhaist. Shuidh iad gu h-iosal an staidhir leis an fheadhain eile a bha gu commannachadh aig a cheud bhòrd. Bha bòrd eile air beulthaobh na cùbaide agus e cùirnichte le anart geal.

Bha 'n t-seirbhis mar air na Sàbaidean eile gu déigh na searmoin ach gu 'n robh luaidh air choiréigin anns gach salm 'us ùrnuigh air dleasdanas an latha, agus b' e an ceann-teagaisg "Umhlachd iomlan a' Mhic" (Eabh. ii. 10).

Bha an ùrnuigh an déigh na searmoin glé ghoirid agus na déigh thug an Dr Mac-an-Tàilleir beagan fhocal dhoibh as a chùbaid. Thug e cuireadh dùrrachdach do na fior aithreachain gu iad a tharuing dhùth do Dhia aig a bhòrd fhéin, ach thoirmisg e uaith iadsan a bha cruaidh-ichte anns a' pheacadh. Bha na h-uile focal a labhair e cho làn caoimhneis 'us misnich dhoibhsan a bha lag. Thug mi 'n aire gu 'n robh aon a dh' ùrnuighean na h-eaglaise Sasunnuch aige, ach gu 'n robh i aigesan ni bu ghiorra 'us ni bu shimplidh no a tha i anns an leabhar . . . an deigh dhá mar so criochan a chur mu 'n bhòrd, theirinn e a dh' ionnsuidh a' bhùird a bh' air beulthaobh na cùbaid 'us sheas e ann an sin làmh ris a' mhinisteir a bha 'g a chuideachadh agus na foirfich air gach taobh dhiubh. Sheinn an cothional an cóigeamh salm deug thar an fhichead agus fhad's a bha iad ris a sin thug na

foirfich a stigh an t-aran agus am fion 'us chuir iad air a bhòrd iad. Bha 'n t-aran air dà thriunnsar mhór, a bha còmhdaichte le anart geal agus e air a ghearradh na mhìrean beaga. Agus am fion ann an ceithir cupain mhór aìrgid. Leugh am ministeir an sin na briathran bho cheud litir an Abstoil Phòil a chum nan Corintianach xi. 23, anns am bheil barantas air son suipeir an Tighearna a choimhead, agus an déigh sin rinn e ùrnuigh choisrigidh a bha goirid ach glé dhrùighteach.

Chaidh an sin an t-aran agus am fion a chur an làmh-an nam foirfeach agus na 'm measg bha Frannsaidh Leys brathair màthar a' Bhrùnaich, Symon a' mar-sanda, Hunter, agus an Dr Robastanach, 'us thug iad sin do chàch e. Thug e fhéin e do 'n fheadhain a bu dlùithe dha dhiubh, anns an t-suidheachan, mheadhoin anns an àbhaisd do theaghlach MhicThómais suidhe. Bha ann air an am so seann Dònall Stiùbhard a tha ceithir fichead bliadhna 'us a sia agus a bhean nach 'eil ach còig bliadhna nis òige na e fhéin 's iad le cheile a' sealltuinn cho éireachdail agus cho ghrinn. Bha muinntir Dhònuil òig Stiùbhard ann, teaghlach MhicThómais, 'us an sean Bhrùnach agus a bhean—esan ceithir fichead bliadhna agus a h-aon 's e air cromadh cho mhór agus ise trì fichead bliadhna agus a h-aon deug. Bha am breacain ghuaille air sean Iain Brùn, agus air seann Dònall Stiùbhard ; agus bha sean Mhac-a-Ghobha a' Kintore na shuidhe leòtha. Chaidh an t-aran itheadh 's am fion òl le leithid a dh' urram 's iad uile nan suidhe. Shìn iad fhéin air adhart e bho 'n dara h-aon gus an t-aon eile ; 's bha na h-uile gin a cur a chupain air ais air

a bhòrd an déigh òl as, agus an sin na foirfich 'g a ghiulan a dh' ionnsuidh an ath shuidheachain anns an robh bòrd cùrnaichte 's mar sin air adhart gus an d' òl iad uile dhe. An déigh sin chuir na foirfich an t-aran 's an fion air ais air a bhòrd a bh' air bealthaobh a' mhinistear agus thug esan focal no dha a dh' earail air an t-sluagh agus thug e buidheachas 'nan ainm. Thug e an sin a mach an treas salm thar a' cheud, agus am feadh a bha iad 'g a seinn dh' fhàg an luchd comannaichidh am bòrd agus shuidh feedhain eile sios nan àiteachan.

Dh' fhalbh sinne dhachaidh, an déigh sin. Tha e eucomasach dhòmhσa innse mar a dhrùigh an t-seirbhis shimplidh agus bhreagha so oirnn. Bha na h-uile neach cho dùrrachdach coltàs gun chur a' fiachamh sam bith agus cha ghabh e cur an céill dhòmhσa an coltas fior chrabhaidh a bh' air a' chothional uile. Dhrùigh e orm fhéin cho mhór 's gu 'n do dhùisg e miann orm gu' bhi na 'm measg aig a' bhòrd.¹ Bha e cho chiatach leam an sluagh còir simplidh fhaicinn an sin 'n an éideadh laghach fhéin agus mi eòlach air móran dhiubh. Bha aon seann bhoireannach ann gun cheann-eudach ach a currac geal 'us bha cuid dhiubh a choisich astar fada ged a bha 'n sneachda cho tróm 's iad fhéin cho aos-mhor. Bha 'chuid mhór dhe 'n t-sluagh againn fhéin ann. Ràinig sinn dhachaidh aig fichead mionaid roimh dhà uair.

¹ Tha mi a' gabhail a' chomannachaidh an sin na h-uile fogharadh bho 1873.

AM BEUM-SLEIBHE, 1872.

*Dimàirt, an t-aona latha deug de
'n mhìos bhuidhe.*

Thàinig am Brùnach a stigh beagan an déigh cheithir uairean 's e ag ràdh gun robh eagal air gu 'n robh leanabh air a bhàthadh anns an abhuinn 's gu 'n robh sluagh an àite uile a mach a' siubhal air a shon an uair a bha esan shios aig taobh na h-aibhne. Chuir an naigheachd cruaidh so oillt orm b' e Rattray ainm athair an leinibh. Tha e a' fuireach aig Càrn-na-creige direach os cionn an àite 's an do thog am marsanta fiodha ùr a thigh. Tha e làmh ri tigh a' ghille-seilg Abercrombie goirid bho thigh tuathanachais Mhonaltri. Dh' fhalbh mi ann an carbad le Beatrais 'us Sìne Ely beagan roimh chóig uairean 'ns ghabh sinn air adhart ri taobh tuath na h-aibhne. Stad sinn greis aig Tigh-na-bàiche 'us chunnaic sinn an sluagh air ais 's air adhart ri taobh an uisge. Thachair dà bhoireannach oirnn an sin 'us dh' innis iad dhuinn gu 'n robh dithis chloinne air am bàthadh agus gu 'n robh iad an déigh corp an fhir a b' òige dhiubh fhaotuinn. 'S e 'n gnothuch uamhasach e mo thruaighe! Bha iad a' siubhal anns gach àite air son an fhir eile. 'N uair a bha sinne an sin thàinig sean-mhathair an leinibh le cabhaig bho àit ris an abrar Scutter Hole agus i ann an staid chruidh mu 'n ni a thachair 's ban-Chatanach i—mhathair Rattray. Thill sinne an déigh dol air adhart beagan ni b' fhaide.

Tha Àllt Mhonaltri a ruith a nuas dlùth air tigh an

tuathanaich agus beagan fo 'n bhùth aig bean MhicPheadoin tha e gabhail seachad fo' dhrochaidh bhig agus a tuiteam anns an abhainn agus chuala sinn gur a th' ann a' cluich ri' thaobh a bha 'n dà ghille bheag, bha fear dhiubh tri bliadhna dh' aois agus am fear eile eadar deich agus aona-bliadh'n deug. Cha 'n 'eil ann am bicheantas ach àlltan beag, ach bha beum-sléibhe an diugh ann. Bha 'n abhainn i fhéin air at cho mór 's nach faicte clach innte. Thuit am fear beag 's an allt 's am fear eile 'g iasgach, 'us leum esan an sin a stigh a thearnadh a bhràthar. Bha clann Abercrombie leotha agus ghlaodh iad cho àrd 's gu 'n cualas iad, ach mun d' rainig duine iad thug an sruth leis a stigh do 'n abhainn iad. 'S e gnothuch cianail a th' ann! A réir mar a chuala mi air mo rathad dhachaidh, bha màthair na 'm balachan bochda air falbh bho 'n tigh 'n uair a thachair an sgioradh so; bha i air falbh a' sealltuinn air a màthair fhéin a bha 'n a luidhe an coltas bàis agus chaidh am fear 'bu shine a chumail as an sgoil a thoirt an fhaire air an fhear bheag.

Ghabh sinn suas gu tigh bean a' Ghranntaich 'us ghabh sinn ar *teach* an sin. Choisich sinn an déigh sin air adhart ri taobh na h-aibhne 'us chuala sinn gu' n do thill am bàta 's nach d' fhuair iad an ionndrainn. 'N uair a rèinig sinn ni bu dlùithe air a' chaisleal, chunnaic sinn feedhain air bruachan na h-aibhne a rùrach a measg nan creag le maidean agus bha athair na cloinne na 'm measg. Be 'n sealladh brònach fhaicinn a' sealltuinn air son colainnean a leanaban bochda, agus e a sior ghal.

*Diciadaoin, an dara latha deug de
'n mhios bhuidhe.*

Chaidh mi na m' charbad suas gu Bush a dh' earalachadh air bean Uilleam Brùn nach leigeadh i le Ailbeart beag gaolach ruith mu 'n cuairt leis fhéin air eagal e dhol a chòir an uillt, agus bha mi toilichte fhaicinn gu 'n robh i fhéin a tuigsinn gu 'n robh cunnart ann. Thuirt i gu 'n d' falbh Uilleam am duine aice aig trì nairean 's a' mhaduinn a dhol le càch a rannsachadh gach àite air son nan corp, chaidh euid diubh sios gu Abar-Gheallaigh agus cho fad air adhart ris a Ghirnick agus feadhain eile gu h-àrd us gu h-iosal mu 'n chaisteal ach cha robh ni ri fhaotuinn.

Tha na h-uile duine ri bhi mach a máireach a rannsachadh gach àite.

*Diardaoin, an treas latha deug de
'n mhios bhuidhe.*

Dh' fhàg mi 'n tigh anns a' charbad le Beatrais 'us Sine Ely aig leth-uair an déagh deich. Ghabh sinn seachad air a' bhùth bheag aig bean MhicPheadroin agus thionndaidh sinn far an rathaid ris an làimh dheis, air cùl an tighe ùir aig a' mharsanta fiodha. Thàinig sinn as a' charbad fo' thigh a ghille-seilg Abercrombie agus choisich sinn gu tigh beag Chàrn-na-creige aig bun Creag-an-Ordui. Tha 'n suidheachadh aige glé bhòidheach 's e fodh' fhasgadh a' bhruthaich 'us sealladh cho breagha ri fhaotuinn uaithe de Loch-na-gàr. Chaidh am Brùnach a stigh an toiseach agus chunnaic

e seann-mhàthair na cloinne. Chaidh sinne' stigh an déigh sin agus air bòrd fo anart geal ann an ceann-ceatharna 'n tighe, bha 'n leanabhan bòidheach neochiontach 's gun e ach trì bliadhna a dh' aois. Thog iad an t-anart 'us be 'n leanabh reamhar ciatach e, agus e sealltuinn dìreach mar gu 'm biodh e 'n a chadal. Cha robh milleadh sam bith air, 'us bha e na eudach mairbh agus a làmhan paisgte 'us rughadh bòidheach 'na ghruaidhean, bu chianail an sealladh e. Leig mi le Beatrais fhaicinn, agus bha mi toilichte gur ann 's an dealbh dhrùighteach agus bhòidheach so a chitheadh i 'm bàs air son a cheud uair.

Thàinig an sin a' mhàthair bhrònach a stigh, cho chiùin agus cho sàmhach, chaoin i beagan an toiseach 'n uair a rug mi air a làimh, agus a dh' innis mi dhi mar a bha mi a faireachduinn air son a leòn, agus air son a deuchainn chruidh. Thiormaich i a deòir, agus thuirt e leis an earbsa mhòir agus anns an spiorad striòchdaidh do thoil an Fhreasdail a tha cho làidir anns an t-sluagh so "Feumaidh sinn feuchainn ris a so a' ghiùlan, agus ar dòchas a' chur anns an Uile-chumhachdach."

Is e Alasdair a b'-aimm do 'n ghille-bheag bhochd. Tha i fhéin na boireannach tana glas dorcha, deadh bhean air am bheil coltas glé eireachdail. "Cha b' ann ga toil fhéin a dh' fhalbh i air an latha sin" thuirt a' màthair-chéile ach b' e 'n duine aice a thug oirre falbh a dh' fhaicinn a' màthar. Tha aon mhac beò aice fhathast agus dà chaileig, ach chaill i 'n t-aon bu shine agus an t-aon a b' òige 'g a teaghlaich. 'N uair a bha mi falbh thug mi dhi ni-éigin, bhean sin gu mór rithe

agus thug i a beannachd orm. 'S ann ri taobh an uillt os cionn na drochaide bige a bha a chlann a' eluich an uair a dh' éirich an sgioradh brònach so dhoibh.

Choisich sinn sios a rithist agus an sin thill sinn dhachaidh anns a' charbad. Ghabh sinn sràid an déigh sin seachad air na stàbuill sios gu taobh na h-aibhne far an robh an sluagh air cruinneachadh air gach taobh. Bha Dònull Stiùbhard, Séumas Brùn, agus dithis eile anns a' bhàta agus iad uile ag obair le maidean anns gach toll agus fodh gach clach mar a bha iad a' dol air adhart. Bha iad shuas aig linne a bhàta 's air ais ach cha d' fhuair iad ni. Dh' fheith mi fhéin an sin gus an robh e aon uair. Cha b' urrainn dhomh falbh bho 'n t-sealladh chianail. Bha 'n t-athair bochd air an taobh air an robh sinne, agus bha Uilleam Brùn a' measg chàich air an taobh thall. Shuidh mise greis air a bhruaich le Sine Ely. Bha Beatrais air dol dhachaidh air thoiseach oirnn. Bha 'n Granndach cho mhath ris a' Bhrùnach na' sheasamh goirid uamsa. 'N uair a ràinig iad linne dhoimhin a bha 'n sin anns an do thachair do dhuine a bha ag iasgach a' bhradain a bhi air a bhàthadh bho chionn dà bhliadhna' thar fhichead chuir iad mir a dh' eudach dearg ri bàrr maide fada agus chuir iad e os cionn an uisge agus leig so leòtha gach ni' fhaicinn gu ruig an grùnnnd ach bha an saothair diomhain oir ged a bha 'n abhainn air tuiteam bha sruthladh math de thuil fhathast innte.

Chaidh mi' mach aig ceithír uairean le Sine Ely ann an carbad aon eich agus thill sinn a rithist roimh chóig. Chuànaic mi Mr Lubban am maighstir-sgoil duine beag

ro-laghach—agus bha esan ag ràdh gu 'n robh Séumas so am fear bu shine na leanabh tapaidh math. Tha na h-uile neach cho làn co-fhaireachdain agus a' noch-dadh de chaoimhneas. Is taitneach ri' fhaicinn mar a tha iad uile cho iomaguineach air son corp an leinibh bhochd fhaotuinn. Is e a chend rud 's a' mhaduinn agus an rud mu dheireadh 's an oidhche e, agus is obair thróm e ré nan làithean fada so. Ach tha a leithid de bhròn air na h-uile neach air son an sgioraidh mhuladaich so. 'N uair a bha sinn aig ar dinneir fhuair sinn fios gun d' fhuair iad an corp beag air eilean aig Pannaich, fodh Bhailatair agus gu 'n robh iad a deanamh deas air son a thoirt dachaidh gun dàil.

*Disathurna, an eóigeamh latha deug
de 'n mhìos bhuidhe.*

An déigh ar tràth-nòim, aig ceathramh roimh thrì uairean chaidh mi a' dh' ionnsuidh na cadh'-chliadh 'n iar anns a' charbad leis an dithis chloinne agus chunnaic sinn an tiodhlacadh agus an sluagh uile a' gabhail an rathaid cho chianail agus cho socrach; thill sinn air ais' us ghabh sinn seachad air an drochaid agus sinn a faotuinn plathadh de 'n chòmhlan bhrònach an dràsda agus a rithist. Chunnaic sinn iad an sin a tighinn 'n ar coinneamh 'us thill sinn a dh' ionnsuidh na drochaide, far an do sheas sinn gus an deachaidh iad seachad. Bha mu dheich duine fishead ann uile gu léir, bha athair na cloinne ann—an duine bochd—'us bha Séumas Brùn agus Uilleam a bhràthair ann, 'us bràthair Fhrànn-saidh, agus Alasdair Leys agus an tuathanach Mac-

Pheadroin agus mòran eile. Bha 'n dà chiste luidhe bheag còmhduichte le geal agus an t-athair brònach ag coiseachd aig ceann a h-aon dhiubh. B' e an sealladh cianail e. Bha an Dr Mac-an-Tàillear 'us duine uasal eile leis air deireadh na cuideachd. Bha e shuas aig an tigh 'us chaidh e roimh an t-seirbhis ann an sin a reir a chleachdaidh aig na Protestantich Albannaich. Is i an eaglais Easbuigeach an aon té aig am bheil seirbhis aig taobh na h-uaigh.¹ Sheas sinn a' sealltuinn as an déigh cho fad 's bu léir dhuinn iad agus an sin thill sinn dhachaidh.

TURAS GU LUCHAIRT AN RÒID-NAOIMH AN
DUNEIDEANN,

AN TREAS LATHA DEUG DE CHEUD MHÌOS AN
FHOGHAIR, 1872.

*Dimàirt, an treas latha deug de cheud
mhìos an Fhoghair.*

Dh' fhàg mi Osborne bòidheach aig sia uairean agus Leopold 'us Beatrais leann bha Màiri Leiningen 'us Bandiùc Roxburgh leinn, agus Fionnaghalla Dhònullach² bha Còirneal Ponsonby ann agus De Ros, Mr Collins agus

¹ Tha atharrachdudh air a chùis so bho na sgriobh mi so, agus a nis (1883) tha àrnauigh gu bicheanta air a cur suas aig an uaigh.

² A bhean-uasal urramach Fionnaghalla Dhònullach a bha na' maigh-dean chomhaduichd agus a tha nise 'na bean-feitheamh air seòmar na leaba.



Beatrice

Fräulein Bauer. Bha am feasgar glé bhlàth. Bha na soithichean-seòlaidh anns an robh uaislean a mach ri luingearachd a' sealtuinn cho bòidheach. Ràinig sinn Gosport ro luath, 'us b' fheudar dhuinn feitheamh deich mhonaidean mu 'n d' fhuair sinn gu tir. Ghabh mi beannachd an so le Màiri Leingen ghaoil a bha tilleadh do 'n Ghearmailt air an ath latha. Bha na carbadan-smùid mòr breagha againn fhéin 'g ar feitheamh agus is iad a tha nan toileachadh,

Bha 'n oidhche ciatach. Thàinig an Ridire Uilleam Jenner do 'n charbad aig Basingstoke agus stad sinn mu leth-uair an déigh deich aig Banbury a dh' fhaotuinn rud-eigin ri itheadh, agus chaidh mise' luidhe beagan roimh dhà-uair-dheug.

*Diciadaoin, an ceathramh latha deug de
cheud mhìos an Fhoghair.*

Fhuair mi deadh fhois, agus bha mi air mo chois 'us m' eudach orm aig ochd, no goirid na dhéigh. Bha sinn an uair sin seachad air Melrose. Bha 'n ceò cho tràom, agus an iarmailt cho tuigh 's gur gann a chith-eamaid nì. B' e Fountainhall an t-àite stad dùthcha mu dheireadh air an d' thàinig sinn seachad agus 'an sin thàinig seann Mhr Lawson am marsanda sìl ainmeal a bha aon uair na Phrobhaisd 'an Dunei-deann, far ann robh sinn, agus thug caileagan beag a bha 'n sin bad 'fhlùraichean do m' leanaban (mar a their sinn fhathast ri Beatrais). Ghabh sinn seachad air Portobello agus 'am beagan mhonaidean bha sinn aig àite stad carbad-na-smùid—an t-àite stad uaig-

neach againn fhéin a tha 'n taobh muigh de Dhun-eideanu. 'S ann aige a chleachd mo ghaol Ailbeart agus mi fhéin stad ré aona bliadhna deug agus sinn daonnan an cuideachd a chéile, agus dh' fhàg sinn e air son na h-uaire mu dheireadh le chéile bho chionn aona bliadhna deug. Bha e ann an sin gun atharrachadh sam bith agus na h-uile ni eile air caochladh.

Bha 'n Ridire Dùghlasach, an Seanalair a bh' air ceann an airm an Albainn an sin. Probhaisd Dhun-eideann agus luch-dreuchd eile 'g ar feitheamh. Chaidh mise anns a' charbad agus an dithis chloinne agus Bandiùc Roxburgh leam.

Is e latha dorcha tróm gruamach a bh' ann ach bha móran sluaigh a mach agus chuir an dealas 'na m' chuimhne na làithean sona a dh' fhalbh. Bha freiceadan de na Scots Greys leinn. Ghabh sinn suas gu dorus an t-seann tighe ghruamaich sin Lùchraig an Ròid Naoimh a tha cho ainmeal 'an eachdruidh na dùthcha. Bha freiceadan de 'n Reiseamaid Chataich agus còisri chiùil air an ceann nan seasamh 'g ar feitheamh ann an cùirt cheithir-chearnach na lùchraig. Thàinig sinn as a' charbad 'us ghabh sinn suas an staidhir àbhaisteach. Chaidh sinn troimh dhithis de na seòmraichean mòra gruamach amns am b' àbhaist dhuinn fuireach agus an déigh dol troimh thrànnsaichean a bha 'n sin chaidh sinn suas staidhir eile a bha glé chas, gu seòmraichean Arrighàidheal (mar a theircar riuthe). Bha iad air an ùr chur an òrdugh air son mo thighinn aig am àm so. Bha am paipeir soillear bòidheach a bh' air na ballachan, an cotan craobhach a bha' còmhdaich na h-airneis

agus na h-eudaichean àurlair uile air an taghadh le Liùsaidh. Tha na seòmraichean agamsa uile an taice a chéile agus 's e 'n seòmar dinneir fear is neo-shuilbhhere dhiubh agus tha e aig a cheann is fhaide air falbh, 's e 'n ath fhear mo sheòmar suidhe agus tha e glé mhòr agus ro-thaitneach, 's e 's grinne dhiubh uile, agus tha paipeir cho soillear air; tha mo sheòmar cadail làimh ris an fhear so, ach tha e paitl mór agus tha mo sheòmar éideachaidh a' fosgladh as. Tha na h-uile h-aon dhiubh a' fosgladh a stigh an dara fear do 'n fhear eile agus tha na h-aon eudaich àurlair agus an t-aon chotan eraobhach air na h-uile seòmar ach fear na dinneir, agus 's e 'n suidheachadh a th 'orra *geraniums* dhearga air grùnnnd geal. Tha seòmar air son *page* agus feadhain air son mo dhà bhean fhrithealaidh air taobh thall de thrànnsa beag, dìreach mu m' choinneamh.

Ghabh sinne na 'r triùir ar tràth-maidne 'an seòmar na dinneir, mu 'n gann a ràinig sinn. Tha na seòmraichean againn os cionn an fheadhain a b' àbhaist a bhi againn agus tha na h-uinneagan aca a' sealltuinn an aon rathad.

Thog an latha agus ged a bha ceathach ann thàinig a' ghrian a mach gu boisgeil, agus aig ceathramh roimh dha-uair-dheug chaidh mi a mach do 'n ghàradh, ghabh mi troimh na seann seòmraichean againn, agus bha coltas cho chianail agus cho fàs orra—an seòmar cadail dorcha, le' obair ghréis a bh' air call an dath agus a leabaidh uaine shioda. Agus a chùil bheag thruagh de sheòmar anns am b' abhàisd dhòmhsha m' eudach a' chur dhiom anns an oidhche. Is ioma smuain a dhùisg

am faicinn a rithist na m' chridhe. Chaidh mi troimh sheòmar fada nan dealbh agus sios staidhir bheag do 'n ghàradh. Choinnich Beatrais an sin mi agus ghabh sinn sràid air fheadh. Tha e nis fearr na bha e, ach tha e fhathast cho fosgailte ris an rathad mhòr 's gu 'm faic na h-uile neach a stigh ann. Chaidh sinn troimh 'n t-sean chaibeal bhreagha, 'us sheall sinn air na huinneagan àilidh agus air na leacan-lighe ciatach a th' ann. Thill Beatrais 'us mise a stigh an déigh sin agus am Brùnach leinn, bha esan a gabhail de thoileachadh anns gach ni a bha e' faicinn. Chaidh Macaindrea fear-gleidhidh an àite leinn, duine laghach túrail 'us thug e sinn an toisich do sheòmraichean Hamilton an fheadhain a bha aig Morair Darnley, agus an déigh sin ghabh sinn suas sean staidhir gu seòmar na Ban-rìgh Màiri. Tha sean obair ghréis bhreagha air seòmar Morair Darnley agus tha dealbhan ann de 'n teaghlaich rioghail agus de Dhiùcan 'us de Bhan-diùcan Hamilton. Tha seann dealbhann eile a tha glé neònach anns an t-seòmar so.

Chunnaic sinn an staidhir bheag uaigneach a tha dol suas gu seòmar cadail Ban-rìgh Màiri agus chaidh sinn gu bràighe staidhre lùbaich dhorcha eile far am bheilear ag ràdh a chaidh Rizzio mhort. Tha iad a' sealltuinn na fala aige fhathast air an ùrlar. Chaidh sinn an déigh sin do sheòmar na Lathareachd Rioghail. Chaidh a mhullach a dheanamh na chearnagan a bha air an dath gu bòidheach 'an àm Ban-rìgh Màiri agus orra sin tha na ceud litrichean do ainm a màthar, agus de h-ainm fhéin mar bhean oighre crùin na Frainge agus mar Bhan-rìgh Albainn agus tha na ceud litrichean de ainm

Darnley ann cuideachd. Anns an t-seòmar so tha 'n leabaidh a chaidh ullachadh air son a' cheud Tearlach 'n uair 'thàinig e gu bhi air a chrùnadh 'n a rìgh air Albainn. As a sin chaidh sinn do sheòmar cadail Ban-rìgh Màiri bhochd far am bheil an t-sean leabaidh aice, agus i air call an dath. Tha a bhascaid eudaich ann a chuir Ban-rìgh Ealasaid a dh' ionnsuidh an siathamh Rìgh Séumas an uair a rugadh e, agus am bocsa oibre a bha aig Màiri. Tha sean obair ghréis an crochadh air an t-seòmar so agus air dithis bheag eile a tha 's na tur-aitean; b' e fear dhiubh a seòmar éididh agus 's ann 's an fhear eile a bha i aig a suipeir le Rizzio 'n uair a inharbh iad e. Tha mìrean de 'n t-sean obair ghréis a b' abhaist a bhi' còmhdaich nam ballachan a' crochadh a nise an àite dhealbhan. Tha gach nì a tha i a' faicinn cho taitneach le Beatrais, tha na h-uile nì a' toirt toil-inntin dhi.

Chaidh mi a mach aig leth-uair an déigh chóig nairean ann an carbad fosgailte cheithir each. Bha Beatrais, Leopold, agus Ban-diùc Roxburgh leinn, agus bha dithis de luchd coimhid nan each agam a' mar-cachd leinn, ghabh sinn tromh Canongate seann sràid neònach agus na tighean cho àrd innte, agus an sluagh a bu bhochda 'us a b' isle inbhe mu na dorsan. Chaidh sinn seachad air Tigh Iain Knox agus air togalaichean neònach eile agus sios sràid a Bhanc, agus air adhart gu ceann an ear sràid a' Phrionnsa. Is sràid mhaiseach i le a bùthain móra breagha agus a tighean òsda eireachdail air aon taobh agus na gàraidhean air an taobl eile agus tighean nan dealbh, agus na

carraighean cuimhne breagha, an sean bhaile ag éirigh a suas a null uainn agus an caisteal a' crùnadadh an t-seallaidh àillidh, ghabh sinn an déigh sinn suas sràid Naomh Aindrea agus troimh chearnag de 'n ainm cheudna anns am bheil dealbh cuimhne Morair Melville air a chur suas, chaidh sinn troimh an t-sràid fharsuing bhreagh ris an abrar sràid Dheòrsa, agus air adhart gu Cearnag Tearlag far am bheil dealbh-cuimhne mo ghaoil ri 'bhi air a chur. Bha mise ri stad a dh' fhaicinn na lèrach air an bheil e ri bhi, ach cha b' urrainn domh leis mar a bha 'n sluagh a dùmh-lachadh umainn agus na bha de charbadan eile a falbh as ar déigh, agus bha iad a cumail rinn leis cho sleamhuinn agus cho chas 's a bha na sràidean. Thionndaith sinn ris an làmh chlith 'us cha robh e furasda dhuinn, oir thàinig dà charbad eile an luib an fhir againne. Ghabh sinn air adhart troimh shràid an Dòchuis agus troimh shràid Port-na-Ban-rìgh agus a fàgail sin thionndaidh sinn air rathad docharach agus an déigh dol troimh sràid Clarendon agus sràid Farrais sios gu Uisge Lìte chunnaic sinn nach b' urrainn dhuinn faotuinn air adhart ni b' faide.

Thill sinn ann an sin agus cha robh e furasda leis an rathad a bhi cho aimhleathan. Chaidh sinn troimh Aite Mhoraidh, agus sreach Heriot agus air adhart troimh sràid Pitt gu sreach Inbher-Lìte sios a mach as a bhaile seachad air Lios nan Lus air adhart air rathad Port-na-Ban-rìgh, sràid Pilrig agus an rathad a tha dol gu Lìte. Dh' aithnich mi 'n rathad so le sinn ga ghabhail roimhe ann an 1861. Ghabh sinn

an déigh sin sràid leathann a tha ri taobh a Chnuic Challtainn, sios Regent Terrace, seachad air Luchairt an Ròid Naoimh gu Rathad-carbaid na Ban-rìgh a tha cho breagha. Agus mu 'n cuairt Arthur's Seat le fheur bòidheach agus a chreagan 's a lochain bheaga, gu mi-fhortanach cha bu leir dhuinn ni sam bith leis cho tróim 's a bha 'n ceò. Ràinig sinn dhachaidh aig leth-uair an déigh seachd. Dh' fhàg an sgriob so gu math sgith mi.

Bha móran sluaigh a mach ach ghiùlain iad iad féin glé mhath; ach gu 'n robh iad a deanamh de dh' iollach agus de ghlaodhaich 'us iad a ruith leinn gach rathad, oir b' fheudar do na gillean greasaidh na h' eich a chur cho socrach aig na h-uile àite 's an robh uchdach, bha bruthach na dhà againn ri' theirneadh anns a' bhaile agus bha fear anabarruch fada againn air ar tilleadh dhachaidh air Rathad-carbaid na Ban-rìgh. Bha móran bhrataichean aca a mach ach cha robh oithearp sam bith eile air a' deanamh gu maise a chur air a bhaile. Chum an dithis a bha marceachd leinn de luchd coimhead nan each, glé dhlùth air a' charbad agus gu dearbh cha robh e furasda dhoibh sin a dheanamh.

*Diardaoin, an còigeamh latha deug de
cheud mhìos an Fhoghair.*

Bha maduinn cheòthar ann an diugh a rithist. Ghabh mi mo thràth-maidne aig leth-uair an déigh naoi. Dh' fhalbh Beatrais 'us Leopold a dh' fhaicinn caibeal Roslin. Choisich mi tacan mu 'n cuairt de 'n ghàradh mu leth-uair an déigh deich, agus an sin

shuidh mi leth-uair fo 'n aon chraobh a bh' ann a dheanamh sgàile dhomh — craobh sgithich 'us meòir fhada an crochadh sios oirre agus i ag cinntinn air torran beag feuraich, b' e so an t-aon aite sam b' urrainn mi suidhe gu 'n a bhi air m' fhaicinn bho 'n t-sràid. Leugh mi ann an sin euid de 'n bhàrdachd aig "ciobair Ettrick." 'S e 'm Brùnach a thug an leabhar dhomh bho chionn beagan bhliadhna chan agus tha móran de rudan glé bhreagh' ann. An déigh sin sgriobh mi gus an robh e leth-uair an déigh dà-uair-dheug.

Chaidh mi 'mach aig leth-uair an déigh còig mar a rinn mi 'n dé, bha Beatrais 'us Leopold leam agus Ban-diuc Roxburgh. Bha 'n dà dhuin' uasal a' marcachd leinn agus chaidh sinn tuille 's fada air astar, mar bhith an cèo bha sinn air sealladh ciatach fhaotuinn air an dù-thaich àillidh so' us i còmhdaichte cho saibhir leis gach seòrsa luidheanach agus le craobhan breagha, 's tha de chnocaen 's de ghlacan innte 'us monaidhean uaine Pentland air falbh a null uainn. Bha 'n iarmait 's an t-athar air dhath na dùdlachd ach nach robh e cho fuar. Bha e glé dhorrannach leinn an ceò 'bhith folach gach ni uainn, agus bha e aon uair cho tróm 's ged a bhiodh ciùchranach uisge ann. Chaidh sinn a mach air Rathad-carbaid na Ban-rìgh a' tionndadh thun na làimhe deise 'n uair a dh' fhàg sinn an lùchairt. Bha móran sluaigh mu 'n cuairt an uair a chaidh sinn a mach agus leis gu 'n robh againn ri falbh socrach a theirneadh a bhruthaich a bha romhainn, ruith euid dhuibh leinn — na gillean beaga gu sònruichte, ghabh sinn air adhart troimh Liberton agus seachad air bail-

tean beaga Straiton agus Lasswade, a tha gle ghrinn agus tha deadh chuimhne agam air an coltas bho 1842. Chaidh sinn troimh Bonnyrigg air adhart gu caisteal Dalhousie. Thug Ban-diùc Buccleuch an sin mi an 1842, a dh' fhaicinn Marcus agus Ban-mharcus Dalkeith. Is sean chaisteal e a th' air a thogail de chloich dheirg, cha d' thainig sinn idir as na carbaid ann an so. Bha 'n t-uisge ann ach cha do dhùin sinn an carbad gus a so, agus an uair a theann sin ri 'dhùnadhrinn e turadh, ghabh sinn air adhart fodh dhrochaid bhreagha ri taobh deas abhuinn Esk, chaidh sinn seachad air Newbattle ach cha deachaidh sinn a stigh do 'n phàirce. Tha bogha ann an so a chaidh a thogail air son an IV. Dèorsa a dhol fodha na charbad, ach cha deachaidh e riamh ann, chaidh sinn troimh bhaile beag Dalkeith agus a stigh do 'n phàirce, far an robh sluagh cruinn dìreach mar a bha iad anns na h-uile aite eile fad na slighe. Tha craobhan àluinn 'an so, tha an *sycamore* sònruichte breagha ann, ghabh sinn suas a dh' ionnsuidh an tighe agus' an sin thàining sinn as a' charbad. Bha mi toileach gu 'm faiceadh a' chlànn na seòmrainchean a bh' againne an uair a bha sinn ann an so. Bha cuimhne mhath agann air seòmar na dinneir, air an staòdhir 'us air an lobhta fharsuing air a braighe, anns an deachaidh urrad de shluagh a dheanamh aithnichte dhomh. Chunnaic mi na seòmrainchean a bh' againn fhéin ach ged a tha an leabaidh 'us an soitheach ionnlaid an sin fhathast tha gach nì eile air atharrachadh.

Bha sinne' an so mu dheireadh ann am Foghar 1859, 's e gualairean 'us meinearan a tha 's a chuid mhor de

shluagh Dalkeith agus na 'm bailtean beag eile mu 'n cuairt agus tha iad glé bhochd na 'n crannchur. Ghabh sinn direach dhachaидh as a' so', us thàinig sinn a stigh air a' cheart rathad air an robh sinn a' tighinn a mach agus theirinn sinn uchdach, Rathad-carbaid na Ban-rìgh. Bha dùmhlas sluaigh an so a rithist ach bha iad uile cho geanail agus cho toilichte chunnaic sinn gillean beaga' us caileagan a dol car air char leis a bhruthach chas, agus urrad de shluagh a' bruchdad a mach as a bhaile a dh' fhaotuinn seallaídhe dhinn.

*Dihaoine, an siathamh latha deug de
cheud mhìos an Fhoghair.*

Tha fior latha fliuch ann an diugh. Ghabh mi sràid a mach aig leth-uair an déigh aon-uair-deug le Fionnaghall Dhònnullach. Tha ainm na mnatha-uaisle so a' tarruing aire muinutir Dhunéidinn gu mór. Ghabh sinn tarsuing an null thun nan stàbull 'us chunnaic sinn seòmar na h-acfhuin, an tigh carbaid agus gach àite mu 'n cuairt dhoibh 'us tha iad uile glé mhath. Sheall mi stigh do 'n Tigh-fhreiceadan a bha 's an ath dhorus. Bha na saighdearan air an tarruing an òrdugh a' muigh an dùil ri mise thighinn a mach ach ged a chunnaic iad mi cha d' aithnich iad mi. Ghabh mi seachad air an cùlthaobh 'us dh' amais mi air *serjeant* a tha mi a' smuaineachadh a bhuiineadh dha 'n Reiseamaid Chataich, bha e na làn uidheam agus ceithir Buinn-chuimhne air a bhroilleach. Dh' fharraid mi dhe' dé 'n àine a thug e 's an arm 'us thuirt e gun tug fishead bliadhna. Dh' fheòraich mi dhe cia as a bha e' mach agus dh' innis e

dhomh gun robh a' siorramachd Pheairt. Bha dithis eile 'dhaoine an sin 's iad a' còcaireachd le 'n còtaichean dhiùbh agus 's ann 's an t-seòmar so a bha iad a' cadal cuideachd. Thug na paipearan naigheachd cùnnatas seachad air còmhradh neònach a' bha iad ag ràdh a bh' eadar mise 's na daoine so ach cha robh diog fhirinn ann. Ghabh sinn 'an déigh sin troimh 'n tigh do 'n ghàradh 'us thill sinn troimh 'n chaibeal aig leth-uair an déigh dà-uair-dheug a stigh air ais an do 'n tigh.

Bha 'n dìle uisge ann ach ged a bhà thog sinn oirnn aig leth-uair an déigh ceithir 'an carbad fosgailte. Bha Beatrais agus an dà bhean uasal leam 's a' charbad agus bha 'n dithis de luchd coimhead na 'n each a' marcachd leinn, ghabh sinn air adhart troimh sràid a' Phrionnsa mu choinneamh na 'n gàraidhean breagha 's am Mound 's nan togalaichean àillidh a tha mu 'n cuairt agus tha coltas cho beò air an t-sràid so daonnan leis na 'tha de choisichean 'us de luchd charbad air ais agus air adhart innte. Ghabh sinn thairis air Drochaid-an-deadhain bho am bheil deadh shealladh ri 'fhaotuinn air an dùthaich ged nach robh e ro shoillear againne leis an uisge a' bhi cho tràm. Chaidh sinn seachad air Tigh-Eiridinn an Stiùbhartaich — tigh ùr eireachdail, agus thuair sinn sealladh math bho 'n rathad de thigh foghlum breagha eile ris an abrar Fettes College a chaidh a thogail bho chionn beagan bhliadhnachan; ràinig sinn oir pàirce Barnton agus thill sinn uaith sin a dhol gu Granton. Sheid a ghaoth oirnn gu cruidh a chòr air an uisge a' bhi cho tràm ann. 'S bha de shileadh as na sgàileagain againn 's gu 'n robh an carbad bog

fliuch. Bha 'n rathad air an robh sinn a' gabhail seachad air eithe Granton far an d' thàinig sinn air tir 'an 1842, agus air adhart an cois na mara ; thàinig sinn an déigh sin gu Trinity àite sam bheil deadh thighean, agus an sin gu Newhaven far am faca sinn cuid de mhnathan an éisg, bha iad glé dhealasach ach cha robh an eideadh suaicheanta fhéin orra. Ghabh sinn air adhart gu Lìte agus bha móran sluaigh cruinn 'g ar feitheamh ann ged a bha 'n sileadh cho tròm ; gu dearbh cha robh àite sam bith anns nach d' thàinig iad a mach agus iad uile cho rioghail.

Chaidh sinn air aimhreit 's an rathad an so agus b' éigin dhuinn tileadh air ais a dhol a dh' ionnsuidh nan Albert Docks ùra bha iad glé bhreagha agus deadh mheudachd annta, bha am brataichean sgaoilte air a ghaoithe aig an luingis uile.

Stad sinn tiota a bhruitheann ri Probhaisd Lìte, agus thuirt e gu 'n robh an sluagh uile glé bhuidheach dhiom air son mi 'thighinn 'g am faicinn ; agus chaidh taing a thoirt domh gu tric uaith sin, thug e de thoileachadh dhoibh mi 'thighinn a mach nam measg gu boil leis an dortadh uisce a bh' ann. Ghabh sinn air adhart bho so ri taobh a' chladaich 'us fhuair sinn sealladh fad as air Inchkeith chaidh sinn troimh dhulachan uaine Lìte, air adhart air an rathad Lunaineach, seachad air Tigh-còmhnuidh reiseamaid nan each agus air Naomh Mair-earaid agus a stigh dhachaидh troimh phàirce na Ban-rìgh. Ràinig sinn aig deich mionaidean 'an déigh seachd. Bha sinn uile car fliuch agus dh' atharruich sinn ar 'n éideadh gun dàil. Cha do chum na còtaichean dion

a bh' oirnn an t-uisge a mach ro mhath. An déigh na dinneir a bhi thairis, dh' fhàg sinn lùchaitr an Ròid Naoimh aig fichead mionaid romh aon - uair - deug; thàinig gàradair far an robh mi 'us thug e dhomh bad de fhlùraichean agus 'n uair a ghabh mi uaith e, thuirt e "gu 'm b' e so latha bu toilichte 'g a bheatha." Bha 'n oidhche 'n a turadh 'us dh' fhàg sinn an carbad fos-gailte. Bha an dithis chloinne agus Ban-diùc Roxburgh leamsa, agus bha freiceadan coimheadachd a mach leinn, Bha àireamh mhór sluaigh a mach. Bha 'n rathad uile air a lasadh gu bòidheach le soluis ghorm 'us dhearg 'us bhuidhe a bha a' dearsadh oirnn bho chreagan, Salisbury agus bho Arthur's Seat le soillse cho taitneach. Bha leusan eile dlù air àite stad carbad-na-smùid—a cheart àite aig an d' thàinig sinn a mach air ar tighinn. Thuirt am probhaisd, "gun robh e 'n dòchas gun robh mi a falbh ann an deadh shlàinte," agus thug mise buidheachas dha air son na còdhail chaoimhneil a fhuair mi, agus an soillseachadh breagha a rinneadh air a 'bhaile air air mo shon.

*Disathurna, an seachdamh latha deug de
cheud mhìos an Fhoghair.*

Bha bruthain cho mhór ann 'us bha mi cho troimh-cheile 's nach do chadail mi gu math idir. Bha sinn aig Bailatair aig seachd uairean agus b' fheudar sinn a bhi air ar dùsgadh mu 'n d' ràinig sinn sin agus chuir sinn oirnn ar n' eudach le cabhaig. Bha móran sluaigh a mach romhainn an sin, agus am Baile-Mhoireil cuideachd a 'n uair a ràinig sinn e aig ceathramh romh

ochd uairean. Bha am fraoch cho bòidheach ged nach eil e a mach ceart fhathast. Bha 'n iarmaitl cho caoin agus cho tlàth.

'S e so co-ainm latha breith mo mhàthar ghaoil. A mhàthair ghràdhach sin a bha cho ionmhuin agus cho ghaolach, cho tairis agus cho làn caoimhneis. Is tric a tha mo chridhse le miann ag iarruidh a ghaoil sin fhathast. Is minic a chaith i an latha so 'an Abar-Gheallaiddh ach cha robh sinne an so an uair sin.

TURUS GU DUN-ROBAIN AN 1872.

*Dihaoine, an seàthamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1872.*

Maduinn ghruamach ach tha i na' turadh. Ghabh mi mo thrath maidne romh naoi uairean leis a chlann agus aig leth-uair an déigh naoi dh' fhàg mi Baile-Mhoireil mo ghaoil ann an carbad fosgailte cheithir each, bha Beatrais 'us Leopold leam, 'us Sîne Churchill, Fräulein Bauer, agus Morair Granville, ghabh sinn air adhart gu Bailatair agus choinnich rinn ann an sin Còirneal Ponsonby, an Ridire Uilleam Jenner, agus Mr Collins. Bha 'm Brùnach leinn agus is esan a tha daonnan a' coimhead as déigh na h-uile nì air mo shonsa, agus thug mi leam Aimili Dittweiler, Anna Dhònullach, Séumas Morgan, agus Uilleam Leys mo

dhara pìobaire. Bha 'n luchd frithealaidh aig Beatrais aig Leopold agus aig Ban-mhorair Churchill leinn cuideachd, agus thug sinn triùir ghillean bùird leinn agus Goddard, chaidh sinn a stigh do àite-stad carbad-na-smùid aig Abaireadhain agus bha dùmhadas mór sluaigh ann, chaidh òraid a thoirt dhomh, agus iuch-raichean a bhaile, le Leslie am probhaisd, agus chaidh Morair Kintore agus Morair og Abareadhain a' dheanamh aithnichte dhomh. Thug Morair Kintore bad fhlùraichean agus measan dhomh. Thog an latha agus dh' fhàs e gu math teth. Chaidh sinn air adhart bho Abaireadhain air rathad air nach robh mise riamh roimhe —ghabh sinn seachad air Inbheriùbhraidh air adhart ri' bun Beinn-a-chaoith agus fluair sinn sealladh math de Bhoc-na-Cabraich agus de na monaidhean eile 'bha mu 'n cuairt, ghabh sinn seachad air Baile Hundaith agus air ballachan briste seann chaisteal Hundaith agus air adhart gu Keith far an robh saighdearan saor-dheònach Bhanbh air an tarruing an òrdugh. Bha móran sluaigh air cruinneachadh ach cha do leig iad le neach tighinn a stigh gu àite stad carbad-na-smùid. Bha beagan moille air a chur oirnn an so le aon de na dorsan nach gabhadh fosgladh. 'S e dorus a bha eadar seòmar cadail 'us seòmar éididh a bh' ann, chaidh Anna as an dara seòmar a stigh do 'n fhear eile beagan mu 'n d' ràinig sinn Keith agus 'n uair a dh' fheuch i ri tilleadh cha ghabhadh an dorus fosgladh. Dh' fheuch an Brùnach ris le uile neart, agus ghabh e sgeannan da, ach cha ghluaiseadh e dha, agus b' fheudar dithis de luchd oibre an rathaid iaruinn fhaotuinn 's ghabh iad dha le ùird

agus mu dheireadh thall chuir iad a stigh e. Bha sinn aig Keith aig leth-uair an déigh aon uair agus aig Eilgin aig dà mhionaid romh dhà. Bha 'n t-aite stad ann an so air a chur 'an òrdugh gu breagha ; bha boghachan ann air an cur suas le flùrachan agus le fraoch, agus bha ùrlar àrd air a thogail, agus aiteachan suidhe air an cur air, air son na 'm mnathan uaisle, agus bha móran ànn dhiùbh. Bha 'm Probhaisd ann agus Diùc Richmond 'us morair March. Shìn am Probhaisd òraid dhomh agus rinn mise tacan bruidhne ris an Diùc agus dh' innis esan dhomh gu 'n d' rinneadh ball saor de 'n bhaile so, do Leopold gaolach, bràthair mo mhàthar 'n uair a bha e fuireach anns a' choimhhearsnachd 'an 1819. Tha iad a' ràdh gur iad ballachan briste na h-àrd-eaglais a tha an so, feedhain is breagha 'an Albuinn agus tha 'm baile uile làn de sheann chuimhneachain. Cha robh Uachdaran Rioghail Breatannach riamh roimhe cho fada so gu tuath. Thug nighean a' Phrobhaisd dhomh bad fhlùraichean.

Stad sinn ann an so mu dhéich mionaidean. Bha 'n latha anabarrach teth. Bha 'n t-arbhar abaich 'us tha e air a bhuain an cuid a dh' aiteachan. An déigh so ghabh sinn ar tràth-nòin de bhiadh fuar, 's an uair a bha sinn 'n ar suidhe aig a' bhord bheag ga ghabhail sheall sinn a mach 'us chunnaic sinn gu 'n robh sinn a dol seachad air Farrais. Chaidh an carbad gu socrach seachad air ach cha do stad e. 'S ann dlùth air so a tha 'm blàr fiadhaich anns an do chuir Shakespeare na buitsichean a choinneachadh Mac-Beathaige. Tha Narinn na' luidhe gu bòidheach air cladach a chaolas

Mhoirich. Ghabh sinn seached air an raon air an deachaidh blàr fuileachdach Chuilfhodair a chur, am blàr sin air nach urrainn dòmhsa smuaineachadh gu 'n mhòr dhoilgheas. Bha 'n fraoch cho barr-dhearg bhòidheach mu 'n cuairt, agus an dùthaich cho breagha. Stad sinn aig leth-uair an déigh tri aig Baile-mór na gaidhealtachd, Inbhernis, agus tha a shuidheachadh glé ghrinn.

Stad sinn mu dheich mionaidean 'an so direach mu 'n d' ràinig sinn an ceann-uidhe. Bha dùmhladas mòr sluaigh ann ach bha gach ni air a chur an òrdugh cho math 's nach robh mùchadh sam bith ann. Bha móran mhnathan uaisle na 'n suidhe air lobhtachan a chaidh chur suas agus dh' aithnich mi Ban-tighearna Chluani na suidhe thall na 'm broilleach. Bha Cluanni fhéin ann air ceann na 'n saighdearan saor-dheònach a bha ris an làimh dheis na 'n seasamh làmh ris na lobhtachan air an robh na mnathan uaisle, agus ris an làimh chli bha probhaist a bhaile—an Dr Mac-Coinnich—seann duine breagha 's an deise ghàidhealach air, agus shin e òraidaidh dhomh. Bha Mòrair Seafield, 'us oighre Mhic-Shimi 'an sin agus Baillie Doch-fuar 'us Mr Eoghan a mhac 's thuirt mi focal no dhà ris gach aon diùbh. Thug ogha do 'n Phrobhaisd bad fhlùraichean domh. Bha dùmhladas mor sluaigh a null ri taobh cùil an àrd-àurlair.

Dh' fhalbh sinn air adhart agus bha 'n dùthaich mu 'n cuairt dhinn glé bhreagha. Tha ballachan briste an Tighmhannaich goirid bho 'n abhuinn a tha ruith a stigh do Chaolas na Mannachain. Tha 'n caol so coltach ri loch mòr 's na monaidhean ag éirigh suas mu 'n cuairt

da, agus am faileas ri fhaicinn am broilleach an uisge shàmhach shoilleir mar gu 'm b' e sgàthan a bhiodh ann. Eba neul ciar an fheasgair air gach enoc 'us glac ach an déigh sin bha gach ni a' sealltuinn cho bòidheach. Ràinig sinn Inbherpheobhainn aig fichead mionaid roimh cheithir, agus bha na saighdearan saor-dheònach an so mar a bha iad anns na h-uile àite air an rathad, agus chaidh òraid eile a thairgseadh dhomh an so, agus flùraichean. Chaidh an Ridire Séumas Mac-Mhathainn àrd-oifigeach na siorramachd ainmeachadh dhomh ann an so, agus an duin-uasal a tha 'an oifig fodha: agus thug mnathan naisle òg a bha 'n sin badain de fhlùraichean do Bheatrais. Cha 'n aithne dhomh aite is bòidhche a th' air a shuidheachadh no Inbherpheòbhainn mar tha e na luidhe ann an gleann 'us na monaidhean ag éirigh mu 'n cuairt da, chuir e na m' chuimhne cuid dhe na bailtean beaga a chunnaic mi ann an Switzerland. Tha ceann caolas Chromba a' tighinn am fradharc ann an so.

Bha ar *tea* 's ar *coffee* air an eunmail teth anns an inneal Lochlainich a bh' againn air son a ghnothuich agus ghabh sinn iad 'n uair a bha sinn a dol gu socrach seachad air Baile Dhuthaich s' ann bho 'n àrd-eaglais a th' air a coisreagadh do naomh Duthus a tha am baile so 'toirt ainm, mu 'n do sguir sinn ga 'r *tea* ràinig, sinn drochaid a Bhànnath agus thàinig an Diùc Catach gu dorus a' charbaid. Ged nach d' thaimig e na 'r frathare gus a so 's e a bha a cur an eich iarruinn fad an rathaid bho Inbhernis. Thàinig e nise a chur failte oirnu an uair a bha sinn ag inndreachdainn air an oighreachd

aige fhéin agus air ceann an rathaid iaruinn Chataich. Thuirt e riùm gun robh mi 'eur urram mór air le mi thighinn do Dhunrobainn. Thàinig am Morair Raonull L. Gower gu dorus a' charbaid còmhlaadh ris. 'S e duine anabarruch troimh cheile air an robh cùram àite stad carbad-na-smùid ann an so, agus cha robh e leigeadh fois no tàmh leis an t-sluagh ach 'toirt orra sior iollach a dheanamh.

An uair a bha sinn aig Bailedhuthaich thàinig sinn am fradharc caolas Dhòrnuich ach chaill sinn e 'n uair a dh' inntrich sinn gleann Sìn. Tha 'n rathad iaruinn air a leagadh gu math àrd ann an so, agus chitear uaith abhainn Sìn a ruith na lùban 'an iochdar a għlinne agus enocan fraoich 'us creagan móra ag éirigh suas air gach taobh dhi, agus an gleann uile cho breagha, cho fiadhuich agus cho fasail, 's ann aig ceann a għlinne so a tha òighreachd na Ban-diùc a' tòiseachadh.

Ràinig sinn Goillspidh aig sia uairean agus bha a' Bhan-diùc an sin ga 'r feitheamh agus bha freiceadan ann de shaighdearan saor-dheònach Chataobh agus bu bhreagħa a bha iad a' seal tuinn le 'n cotaichean goirid deurga agus am feileachan de bhreacan na 'n Catach. Chaidh mise do 'n charbad cheithir each a bh' aig a' Bhan-diùc an sin ga m' fheitheamh. Chaidh an Diùc agus a Bhan-mhorair Flòraidh agus Morair an Tairbeart leinn 's iad a' marcachd. Għabb sinn air adhart troimh aon sràid fhada' bhaile bhig a tha coltach ri Baile-nan-Duffach. Is iasgairean a chuid mhór dhe 'n t-sluagh a th' ann. Bha am baile air a chur an ḥordugh gu grinn le fraoħ 'us le flūraichean agus bha móran de bhogħa-

chan buadhach aca air an cur suas, 'us sgriobhainean gàidhlig air cuid dhiubh 'us Beurla air feadhainn eile, bha cuid dhiubh mar a leanas.

“Ar buidheachas do 'n Bhuadhaich.”

“Na h-uile latha chi 's nach fhaic, slàinte dhiubh 'us sòlas.”

“Ceud mìle fàilte do Chataobh.”

“Fàilte do 'n latha bhuidhe.”

“Better lo'ed ye canna be ;
Will ye no come back again ?”

Bha an sluagh anns na h-uile àite làn dealais agus caoimhneis. Cha do ghabh sinn thar deich mionaidean a dol gu caisteal Dhunrobainn. Thàinig sinn air a chaisteal gun fhios gun fhaireachadh ann a' mionaid agus bu bhreagha a bha e a' sealltuinn le a mhullach àrd 's le' thuraitean corrach 'us e leth choltach, ri seann chaisteal Albannach 's ri tigh Frangach. Bha Constance, Ban-mharcus Westminster, piuthar is òige an Diùc 's an dorus romhainn agus bha a' nighean bheag aig Anna Shuthorlau anns an trànnsa, 's ann de chloich a tha 'n trànnsa so air a dheanamh agus an staidhir agus seòrsa de lobhta a ruith mu 'n cuairt a tha dol gu trannsa fad eile, ach bheir mi cùnnatas orra so agus air na seòrnraighean a' màireach.

Thug a' Bhan-diùc mise do na seòrnraighean a bh' air an cur a mach dhomh fhéin. Chaidh an airneiseachadh agus an cur an òrdugh air ar son le chéile leis an Diùc agus a' Bhan-diùc ghràidh nach mairionn. Tha seòmar suidhe ann làmh ri seòmar-cuideachd an tighe, agus

turait bheag bho 'm bheil trànnsa a ruith a dh' ionn-suidh mo sheòmar éididh agus tha an seòmar so a' fos-gladh a stigh do m' sheòmar cadail, agus do sheòmar eile a tha air son mo bhean-éididh 's e sin an seòmar éididh a chaidh ullachadh roimhe air son m' Ailbeart gaoil. Chaidh mi a dh' fhaicinn an t-seòmair aig Beatrais tha e sios tri céumanan staidhreach anns an aon trànnsa anns am bheil mi fhein. Tha Fräulein Bauer agus Morgan a bean-éididh ann an seòmraichean dlùth oire. Tha seòmar a' Bhrùnaich direach mu m' choinneamh 's e' m fear a bha air ullachadh roimhe air son gille-éididh Ailbeart. Be e 'm priosan e's an t-seann aimsir.

Leig mi m' anail air son tacan, oir bha mi glé sgith. Ghabh mi mo dhinneir aig leth-uair 'n déigh ochd ann am sheòmar suidhe fhein, cha robh neach aig an dinneir leam ach Beatrais 'us Leopold agus fhritheil am Brùnach oirnn. Beagan an déigh sin thàinig Anna Shutharlan gu 'r faicinn 'us dh' fhan i greis, thàinig Sine Churchill an deigh sin. Chaidh a chlann a chodal tràth.

DUNROBAINN,

*Disathurna, an seachdamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Innsidh mi nise mu m' sheòmraichean. Tha iad glé àrd; tha 'n seòmar cadail glé bhreagha agus is e 's mothà dhiubh, tha leaba àillidh ann air a h-oibreachadh le flùraichean geal 'us òir agus calmain air gach oir dhith coltach ri té a tha ann an Cließeden, tha air-neis de ghorm éutrom ann agus geal 'us òr air oirean

mullaich a bhalla mu 'n cuairt. Tha cearnagan de ghorm éutrom 'us de gheal air a bhalla 'us euirteanan de shioda gorm 'us duilleagan buidhe orra mar gum biodh an t-òr ann; agus tha 'n t-éudach ùrlair a freagairt do dhath na h-airneis. Tha 'n seòmar-éididh air a chur an òrdugh anns a cheart doigh ris an fhear éile, ach gur e sioda gorm 'us dearg a th' air na ballachan. Tha 'n seòmar suidhe air a chrochadh le sioda uaine air dath na mara, agus na ceud litrichean de dh' ainm an Diùc, agus na Ban-diùc agus de dh' ainmeanan an cuid nighean an òrdugh air mullach an t-seòmair. Tha 'n airneis uile de dhath éutrom, agus tha na bùird 's na cathraighean 's gach ni eile a th' ann ag cur Cliveden agus tigh Stafford na m' chuimhne. Tha mullach cruinn àrd air am *boudoir* beag agus e làn do rionnagan òir, tha 'n aon seòrsa airneis ann 's a tha 's an t-seòmar-suidhe. Tha dealbhan glé bhreagha 's an t-seòmar-suidhe agus anns na seòmraighean eile cuid-eachd. Ghabh mi mo thràth-maidne aig leth-uair an déigh trì anns an t-seòmar-suidhe agus beagan an déigh sin chunnaic mi a' Bhan-diùc. Chaidh mi' mach aig fichead roimh aon-uair-deug leis a' Bhan-diùc agus le Beatrais a dh' ionnsuidh na 'n staidhrichean a tha dol sios do 'n ghàradh. Tha 'n gàradh glé bhreagha agus tha tobraighean ann, tha e fad an rathaid gu ruig an cladach, tha a mhuiр mu leth mhile nis dhùithe air an tigh so na a tha i aig Osborne. Choisich sinn gu ruig bà-thigh bòidheach a th' aca air son a chruidh ghallda agus chaidh sinn beagan ni b' fhaide air adhart a dh' ionnsuidh an tigh bhaine — tigh beag cruinn

fionnar bòidheach. Dh' iarr a Bhan-diùc air a' Bhrùnach dorus an t-seòmar suidhe fhosgladh agus an uair a chaidh sinn a stigh ann eo a bha 'n leabaidh an sin air thoiseach oirnn ach *policeman*, cha robh fiughair againn ri a leithid de cheatharnach a bhi 'an sin agus ghabh sinn mór ioghnadh ach cha b' urrainn duinn gu 'n a bhi gaireachdaich mu 'n chùis. Thàinig Flòraidh, Sine Churchill, agus Fräulein Bauer, far an robh sinn ann an so agus an déigh sin thàinig an Diùc e fhéin, chaidh sinn air ais do 'n tigh troimh 'n ghàradh chàil, agus gu dearbh tha e air a chumail' an deadh òrdugh. Sheòl an Diùc dhuinn ann an so innleachdan a bh' aige air son siolachadh a' bhradain, agus inneal ùr a bh' aige air son uisgeachadh feòir, ghabh sinn suas na staidhrichean a dh' ionnsuidh an tighe. Bha sgàile gu leòir an so a chumail na gréine dhinn ach bha paitl tuilleadh 's a chòir de chraobhan ann. Chaidh a chuid is sine dhe 'n chaisteal a' thogail anns an dara-ceud-deug. Fhuair an Diùc mo dheireadh air a dheanamh ni bu mhotha e agus chuir e na turaitean air. Chaidh a chuid ùr dhe a' chriochnachadh ann an 1849-1850.

Thill mi stigh aig ceathramh roimh dhà-uair-dheug. Bha 'n latha gruamach dorcha. Ghabh sinn ar tràth-nòin mar a ghabh sinn ar tràth - maidne. Thug mi greis air leughadh 'us mar sin sios agus chaidh mi mach aig fichead mionaid roimh cheithír uairean, ann an carbad agus Bourner¹ air cheann na sréine, chuir mi an carbad agam fhéin agus na h-eich bheaga agam air falbh

¹ Bha e na ghille carbaid 'us na ghille-greasaidh agam bho cheann ochdbliadhna deug thar fhichead.—1883.

leis a' Bhan-diùc, Constance Westminster, agus Sine Churchill. Ghabh sinn seachad air carragh cuimhne an Diùc nach mairionn, tha e 'n taobh a muigh dhe na geatachan agus aghaidh ris a chaisteal, tha e dlùth air an àite-stad diomhair a th' aca air son carbad-smùid an teaghlaich; tha an t-àite so glé dhlùth air an tigh ach ged nach urrainn e bhi thar còig ceud slat air falbh tha na h-uile ni air a dheanamh cho rianail 's gur gann a chi neach gum bheil e idir ann. Ghabh sinn seachad air na ceithir rathaidean tarsuing, a tionndath ris am làmh chlì troimh choille bhòidheach Dhunrobainn, tha craobhan breagha innte de ghiubhas nadurrach agus de dharrach, uinseann, beithe, agus faibhili 'os cionn an rathaid agus fodha, agus móran dhe rainnich agus de fhraoch bòidheach badanach barr-dhearg. Tha cuid dhe 'n rathad glé chas. Ghabh sinn seachad air na Bacan agus air adhart air rathad Beinn-a-Bhràighe, seachad air an Tigh-Dhuitseach, stad sinn aig na ceithir rathaidean tarsuing a' ghabhail ar *tea* 'us ar *coffee* a bha deas againn leinn agus ghabh Constance 'us Anna iognadh ri fhaicinn cho teth 's a chaidh againn air an cumail. Chunnaic sinn feidh a null uainn, ghabh sinn air adhart rathad Beinn-a-Bhràighe 's ann air a mullach a tha iomhaigh mhór an t-seann Diùc 'n a seasamh. Stad sinn greis a dh' fhaotuinn sealladh math dhe 'n chais-teal agus de Ghòillspidh, ris an deas bha na monaidhean a tha stigh a null 's an dùthaich agus na sleibh-téan uaine a tha null os cionn eriochan Rois. Thàinig sinn a mach aig tigh cath'-chliath Chulmhàili, agus ghabh sinn troimh Ghòillspidh a bha air a dheanamh

sàrmhaiseach, stad sinn aig taobh mach a bhaile aig dà thigh bheag a bha fodh 'n aon druim agus ghlaodh Anna air caileag òg laghach a bha 'n sin 'us thàinig i far an robh sinn tha i cleachdadhl a bhi figheadh thonnagan Seall-taineach. Bha ise fuireach 's an dara dorus agus b' i a ban - choimhearsnach leth sheanna bhoireannach car neònach agus thug i dhòmhsha comharradh leabhair a dh' oibrich i air mo shon. Ghabh sinn troimh Allt Ghòill-spidh agus troimh phàirce na h-àiridh agus air adhart air an rathad feuraich a tha eadar a choille 's a mhuir gus an d' ràinig sinn Strath-Stéphen agus air dhuinn coimhead na 'r déigh fhuair sinn sealladh àillidh dhe n' chaisteal 'us enocan a Chamusmhóir ag éirigh a null ri' chùl, thionndaidh sinn a stigh air rathad mór Ghallabh 'us thill sinn ris a' chaisteal.

Ràinig sinn dhachaidh aig leth-uair an déigh sia. Bha 'm feasgar glé ghruamach. Dh' fheuch mi ri sealadh beag dhe 'n mhuir a tharruing. Ghabh sinn ar dinneir aig ceathramh an déigh ochd ann an seòmar na dinneir, shuidh mise eadar an Diùc agus Anna, bha Leopold leinn 'us Constance Westminster, Morair Granville 'us a bhean, agus Sine Churchill agus Raonull. Bha mise' faireachdain cho neònach, a leithid so de chuir agam an àite aineil air son a cheud uair gun flear mo ghaoil a bhe na m' chuideachd! Fhritheil am Brùnach ormsa mar a bha e deanamh aig na h-uile tràth bha e frithealadh orm a muigh 's a stigh anns gach dòigh gu comasach agus do-sgithichte. Chaidh mi air son greis do sheòmar-cuideachd an tighe a tha 's an ath dhorus 'g am sheòmar suidhe fhéin. Thàinig bean Sumner, far an

robh sinn an sin, 's e Kingscote a b' ainm dhi fhéin is leth phiuthar i do 'n chòirneal a tha de 'n ainm sin, agus is nighean peathar i do Mhorair Bloomfield, tha i fhéin 'us a Bhan-diùc ro mhór aig a' cheile agus tha 'n duine aice —a tha fuireach an so leatha—ro àraidh leis an Diùc; bha Constance Pitt an so cuideachd, piuthar is òige Màiri Pitt tha i 'an so le a caraid Morair Granville agus leis a Bhan-mhorair; bha lithiche ainmeal anns a chuideachd a thug dà bhliadhna anns na h-Innseann 's e Dr Fayerer is ainm dha,¹ bha Mr Sumner ann agus Mr Edwin bràthair Màiri Lascelles cha d' fhan mise ach beagan de mhionaid leòtha 'ns chaidh mi an déigh sin 'g am sheòmar suidhe fhéin.

*Didònuich, an t-ochdamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha maduinn bhreagha shoilleir ann. Fhuair sinn ar tràth-maidne mar bha e againn an dé, chaidh mi mach 's a mhionaid an déigh sin—aig ceathramh an déigh deich—a ghabhail sráid le Beatrais, ghabh sinn rathad ris an abrar “céum na Ban-tighearna.” Tha e töiseachadh aig a' chaisteal agns a' dol mile gu leth air adhart a' measg chraobhan a tha tilgeadh dubhair air. Tha e gabhail air adhart an cois na mara is frith-rathadan a ruith naithe dh' ionnsuidh a chladaich, agus tha aiteachan suidhe ri 'thaobh bho 'm faighear deadh shealladh air a mhuir agus air na cladaichean fad as. Bha 'n latha glé bhllath agus

¹ Bha e air turus thairis 'an cuideachd Alfred, agus sgriobh e leabhar glé ghasda mu dhéighinn nathruicheadan.

bha dùmhadas na coille a deanamh mùchadh anns an àite so. Thill sinn air an rathad cheudna 'us rèainig sinn an tigh aig ceathramh an déigh aon-uair-deug. Bha 'n Dr Cuimean an sin 'us rinn e seirbheis ghoirid mu mheadhoin latha anns an lobhta a tha mu 'n staidhir, bha e na sheasamh direach mu choin-neamh far an robh sinne. Sgaoil sinn mu cheathramh roimh aon uair. Thug Anna mise an déigh sin do 'n t-seòmar aice fhéin agus is glé ghrinn e; seòmar fada, gun bhi ro àrd agus e cho soilleir, 's e a sealltuinn a mach os cionn barra na 'n craobh gu leir; tha e glé shimplidh na airneis uile. Tha 'n seòmar cadail 'us an seòmar éididh aice glé ghrinn cuideachd 's iad cho fosgailte laghach, glé choltach ris an fheadhain a th' aca an Tigh Stafford. Tha seòmar éididh an Diùc air airneiseachadh glé shimplidh; 's toigh leis gach ni mu 'n cuairt da 'bhi shimplidh. Thug a' Bhan-diùc an déigh sin mi air adhart an trànnsa 's am bheil seòmruichean Flòraidh agus do 'n t-seòmar altruim far am faca sinn Alix bheag na codal, 'us chaidh sinn an déigh sin suas staidhir do 'n t-seann chuid do 'n chaisteal agus do na seòmraichean a bh' aig an Diùc agus aig a' Bhan-diùc ghràdhaich nach maironn, ach an uair mu dheireadh a bha i 'n so 's ann 's na seòmraichean a th' agamsa a bha i 'fuirreach. Tha dealbhan dhinn fhéin 'us de dh' fheadhain eile is aithne dhomh anns gach seòmar. Theirinn sinn an déigh sin. Bha ar tràth-nòin againn mar a bha e againn an dé.

Aig fichead mionaid an déigh ceithir chaidh mi gu

ruig, an t-aite-suidhe bu dlùithe dhuinn an céum na Ban-tighearna agus tharruing mi dealbh an àite a bha 'n am fhradharc. Aig leth-uair an déigh còig chaidh mi' mach 'an carbad fosgailte le Beatrais agus Ban-mhorair Granville, chaidh sinn troimh choilltean Uppat air an rathad a tha ri taobh an uillt mhòir, seachad air Tùr nam Piocach agus suas gu carraugh cuimhne Mhr Loch, chuir a' Bhan-Diùc nach mairionn an sgriobhadh a leanas air.

MAR CHUIMHNEACHAN URRAMACH AIR

SÉUMAS LOCH,

LEIS AM BU MHIANN ANN AM FEASGAR CIUIN A BHEATHA A
BHI SEALLTUINN MU 'N CUAIT AIR AN ÀITE SO.

Tha mi guidhe gu 'm bi clann a chloinne a' cruinneachadh ann an so a bheachd - smuaineachadh airson a chaith a bheatha an saothair shubhaileich air son na dùthcha 'bha gràdhach leis, agus air son nan cairdean ga 'n d' rinn e seirbheis agus a thog an carraugh so mar chuimhneachan air anns a bhliadhna 1858.

OBIT JUNI 28, 1855.

Tha 'm fraoch anabarruch breagha mu 'n cuairt ann an so uile. Thàinig sinn as a' charbad 'us chaidh sinu na mheasg, tha sealladh ciatach ri fhaicinn as a so, suas gleann Dhunrobainn agus thar na mara, 's e Ceann-a-Bheithe an rugha is fhaide a tha ruith a mach do 'n mhuir bho 'n t-sealladh a th' againn ann an so. Tha plathadh fior thaitneach ri fhaotuinn do 'n chaisteal aig ceann frith - rathaid a th' air a ghearradh troimh 'n choille. Theirinn sinn am bruthach a rithist agus mu 'n d' fhag sinn a choille iosal an taice na mara stad sinn a ghabhail ar tea 's ar

coffee ach bha sinn air ar 'n itheadh beò leis na mion-chuileagan. Thàinig sinn an déigh sin a mach air an rathad mhór agus ghabh sinn air adhart ri taobh a' chladaich mu leth-mhile ni b' fhaide na chaidh sinn an dé, thill sinn a stigh rathad an Tigh-bhainne—dachaidh aig seachd. Leig mi m' anail greis agus thug mi tacan air sgrìobhadh, ghabh mi mo dhinneir 'n am sheòmar suidhe fhéin leis an dithis chloinne againn fhéin agus le Anna. Chaidh mi an déigh sin do sheòmar-euideachd an tighe far an robh na mnathan uaisle agus na daoine uaisle cruinn ach cha d' fhan mi ach ùine ghoirid leòtha.

*Diluain, an naothamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha beagan uisce ann toiseach an latha. An déigh ar tràth-maidne chaidh mi le Beatrais 'us Sine Churchill ann an carbad fosgailte gu ruig tigh-nan-con, tha fear anabarrach grinn ris an làmh chlì agus e cho glan, tha e beagan nis faide air adhart na' stàbuill a tha dlùth air àite stad carbad-na-smùid. Chaidh Mr Dònallach 'g an sealltuinn dhuinn, is bràthair e do 'n Dònallach bhochd a bha na eunadair aig Ailbeart. Chunnaic mi 'n Windsor e bho chionn dà bhliadhna, is e 's àrd ghille-seilg do 'n Diùc. Tha miol-choin 'üs coin éunaich chiatach 'an so de gach seòrsa. Chaidh sinn dh' fhaicinn nan Dònallach nan tigh grinn fhéin 'us chunnaic sinn an cuid nighean tha triuir dhiubh glé bhreagha, bha iad ag cur clann bhràthar an athar 'n am chuimhne. Cha 'n 'eil samhlachadh sam bith aige fhéin ri a bhràthair. Chaidh

siun as a so a dh' fhaicinn na 'n stàbull 's cha 'n 'eil iad ro mhór. Chunnaic mi na h-eich bheaga agam fhéin, agus cuid de na h-eich, mhór 'us bheaga aig Anna. Choisich sinn a dh' ionnsuidh an tighe an déigh sin agus thachair an Diùc agus Raonull oirnn air an rathad. Thug iad a dh' ionnsuidh an rathaid ga 'n sealltuinn dhomh dà bheathach bhreagha ghàidhealach a tha iad a reamhrachadh air son an cur a dh' fhaotuinn duais-gheall aig a' Nollaig. Chaidh sinn seachad air an tréud ga 'm buineadh iad an dé an uair a bha sinn a mach, 's beathaichean fior bhreagha iad le 'm falluingean mol-lach, an cinn għreannach, agus an adhaircean móra farsuing; 's ann odhar agus air dhath ciar na luch a tha 'n àireamh is mothà dhiubh. Dh' fhalbh mi aig cóig mionaidean fishead an déigh dà uair dheug leis an dìthis chloinne 'us le Anna a leagadh na ceud chloiche do 'n Charragh a tha na Cataich agus na seirbhisich aig an Diùc a' cur suas mar chuimhneachan air a' Bhan-diùc ghaoil air an robh gach neach an Cataobh cho toigheach. Chaidh sinn air adhart an carbad cheithir each. Thàinig an latha gu turadh. Bha càch uile air adhart roimhinn; dh' fheith an Diùc ri 'r cuideachadh do 'n charbad agus an sin ruith e air adhart air thoiseach oirnn agus MacAlasdair an cùl a choise, 's e so Piobaire, gill'-éididh, agus rùn-sheirbheasach an Diùc, duine goirid garbh mu thri fishead bliadhna 'dh' aois duine gasda agus deadh phiobaire. Thàinig sinn as a' charbad 'us chaidh mise gu ùrlar togta a bha fodh chòmhdaich agus e làimh ris a chloich, bha a chlann làimh rium agus Anna 's an Diùc, 'us Constance agus

Sine Churchill. Bha càch uile am measg an luchd amhaire na 'n seasamh mu 'n cuairt. Chuir Mr Joass am ministear a tha 'n sin a suas ùrnuigh ghoirid agus an déigh sin shìn e an òraid dhòmhsha ach cha do léugh e i. Labhair mise am beagan fhocal air an do mheòraich mi ach cha do léugh mi ni sam bith, thuirt mi mar so:—

“Tha e toirt mòr thoilinntinn dhomh air an àm so fianuis a thoirt air mo ghràdh agus air mo mheas air mo bhan-charaid ghaolach a Bhan-diùc, agus tha mi cho toilichte 'bhi fuireach an dràsda le a cuid cloinne, agus tha mi 'g iarruidh a bhi toirt buidheachais duibh uile air son na failte rioghail agus chridheal a chaidh a chur orm ann an Cataobh.”

Chaidh agam air so uile a ràdh gun stad sam bith ach bha mi luaisgeanach na dhéigh. An déigh sin chaidh an t-aol a' sgaoileadh agus a chlach a' bhualadh le òrd 's an dòigh ghnathaichte. Thug an Diùc dhomh dealbh na cumadh a tha ri bhi air a Charragh-chuimhne. Tha e ri 'bhi de 'n chumadh ris an abrar Crois Eleanor agus dealbh ceann 'us guaileann na Ban-diùc ri 'bhi air. Thug iad dhomh cuideachd bonn-cuimhne a fhuair Raonull L. Gower air a dheanamh. An uair a bha so uile seachad chaidh sinn a rithist do 'n charbad 'us thill sinn dachaídh 's bha 'n sluagh uile ri iollach àrd. Thill Leopold da chois 'us ghabh Constance an t-àite aige anns a' charbad. Bha sinn aig an tigh roimh aon uair. Chaidh Beatrais 'us mise a stígh do 'n t-seòmar far an robh a chuideachd uile cruinn a bha gu an tràth-nòin a ghabhail an sin, bha Anna agus an Diùc leinn agus rinn iad cuid dhe 'n t-sluagh aithnichte dhomh ; a measg

chàich bha seann bhean uasal 'g am b' ainnm Houston tha i dlùthachadh air ceithir fichead bliadhna agus a deich. Bha a Bhan-diùc Chatach ro ghaolach oirre agus Ban-diùc Norfolk cuideachd. Thàinig tioma oirre 'ns thuirt i "An i so mo mo Bhan-rìgh ghràdhach ?" "agns Diùc mo ghaoil ?" thuirt i agus i a breith air làimh air an Diùc.

Ghabh sinn ar tràth-nòin mar a b' àbhaisd. An déigh sin chunnaic mi Morair Granville chaidh mi mach aig ceathramh an déigh ceithir ann an carbad fosgailte cheithir each le Beatrais, Anna, agus Constance, bu leis an Diùc na h-eich a bh' againn. Bha latha math gaothar ann ged nach robh an iarmait ro shoilleir. Ghabh sinn air adhart gu Beinn - a - Bhraighe air am bheil an Carragh-euimhne 's an iomhaigh mhór de shean-athair an Diùc, b' esan a cheud Diùc dhe 'n dream agus le e phòsadhl na Ban-Iarla Cataich fhuair iad an bigh-reachd mhór so. Dh-éug ise 'an 1839, agus tha cuimhne agam sa oirre mar sheann bhean nasal a bha tapaidh laghach. Ghabh sinn an rathad air an deachaidh sinn air na làithean roimhe air adhart ri taobh an uillt mhóir agus troimh na bacan a' seal tuinn air adhart ri gleann fiadh-aich Dhuinrobainn ; ged nach 'eil na monaidhean àrd tha iad glé bhòidheach le 'n trusgan de fhraoch dearg 'us bha na blàir uaine mhòintich 's na ennic fhad air falbh uainn, a' seal tuinn cho maiseach. Bha 'n uchdach duilich ri dhìreadh aig na h-eich agus rinn am feur a bhi fodh 'n casan ni bu dorra e. An nair a bha sinn leth an rathaid suas stad sinn a ghabhail ar *tea* 'us ar *coffee* ; beagan roimh sin fhuair am Brùnach bad de fhraoch geal cha 'n 'eil mise

math air fhaicinn idir ach chith esan e ge be cho luath 's a bhitheas an carbad a ruith, tha suil anabarruch aige air a shon. Cha teid gàidheal sam bith seachad air gun a bhuan, tha iad a' creidsinn 'gum bheil buaidh shona air, cha robh an latha ro shoilleir ach fhuair sinn sealladh air monaidhean do-àireamh, is leis an Diùc iad uile, a null gu ruig an cladach an iar far am bheil frith no dhà aig Diùc Westminster air mhàl uaithe.

A' sealtuinn a null ri siorramachd Rois agus ris a' chaolas Mhoireach chitir ri side shoilleir seachd siorramachdan as a so ach cha robh e soilleir gu leòir air son sin an diugh. Chunnaic sinn Beinn Rinneis gu soilleir, cnap do mhonadh a tha ag éirigh suas bho thalamh iosal a tha ruith fada mach a dh' ionnsuidh na mara 's ann air òighreachd Diùc Richmond a tha i. Theirinn sinn an uchdach a dhìrich sinn ach an déigh sin thionndaidh sinn a dh' ionnsuidh an rathaid mhóir agus ghabh sinn dachaидh troimh Ghòillspidh agus a stigh seachad air Tigh - na - cadh' - chliath aig seachd. Thàinig an gaol beag bòidheach caileige 'g am fhaicinn. Bha Lilah Grosvenor direach an déigh tighinn agus thug Beatrais a stigh i. Ghabh sinn ar dìnnear aig ceathramh an déigh ochd anns an t-seòmar dìnnear direach mar a bha sinn air Disathurna. Bha a cheart sluagh aig a bhòrd a bh' ann air an latha sin ach gun robh Còirneal Ponsonby a chòr ann. Bha ceann caora againn, agus bha e glé mhath, dh' ith mise e air son a cheud uair air Didònuich 'us dheadh thaitinn e rium. Dh' fhan mi tacan ann 's an t-seòmar-chuideachd agus rinn an Diùc aithnichte dhomh Mr Stanley am fear a

fhuair a mach Machunléibhe. Bhruidheann e mu a choinneamh ri Machunléibhe agus tha e 'g ràdh gu 'm féum e ochd miosa deug fhathast a chriochnachadh na h-oibre a tha e cur roimhe' dheanamh. Bha 'n Ridire Ionraic Rawlinson ann an sin cuideachd.

Chaidh mise 'g am sheòmar fhéin 'us thug Síne greis air léughadh dhomh.

*Dimàirt, an deicheadh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Maduinn bhreagha. Ar tràth-maidne mar is abhaist. Aig leth-uair an déigh deich chaidh mi air muin na làire bige "Maggie," dh' fhalbh sinn a dh' fhaicinn easain Allt Ghòillspidh agus bha Anna 'us Síne Churchill a' coiseachd. Chaidh sinn a' mearachd dà uair mu 'n d' fhuair sinn air an rathad cheart. Ghabh sinn a mach an rathad àbhaisteach agus sios seachad air a mhuileann fodh dhrochaid an rathaid iarruinn agus thairis air an abhuinn a' measg chlachan gu math garbh, agus bho sin air adhart air céum rathaid a' measg phreasan Calltainn 'us craobhan de gach seòrsa gus an d' ràinig sinn far am bheil an gleann a fàs aimhleathan. Agus aig drochaid mhaide a bha 'n sin thàinig mise bhar an eich agus choisich mi air adhart gu ceann nan eas. Chaidh sinn thairis air dha no trì 'dhrochaidean fiodha, air adhart air ceum rathaid ri bun chreagan àrda a bha àillidh leis gach seòrsa de luibheanach uaine. Bha 'n t-àite ana-barruch breagha, bha e sealltuinn dòmhsha coltach ri dealbh beag de Choire-Mhuilsì. Mharcaich mise an t-each beag air ais a rithist agus ràinig sinn an tigh mu

dhà-uair-dheug. Bha 'n latha glé bhlàth. Bha beagan bhoinean uisge ann ach rinn e deadh latha tioram.

Dh' fhalcadh mi' rithist aig deich mionaidean roimh cheithir ann an carbad fosgailte a dhol leis an dithis chloinne 'us le Anna gu Loch Brora a bha naoi mile dh' astar uainn. Ghabh sinn seachad air na stàbuill 'us a mach air rathad mór Ghallabh. Chaidh sinn troimh bhaile beag iasgaich Brora agus bha 'n sluagh uile 'mach a chur fàilte oirnn, bha bogha buadhach suas aca agus am baile uile air a dheanamh bòidheach le fraoch. Thionndaidh sinn gu bras ris an làmh chli 'us thàinig sinn an tiota air mointeach fhiadhaich farsuing agus stad sinn far am bheil aon de na meinean guail ga h-oibreacheadh, a fhuair an Dùic a mach bho chionn ghoirid. Chaidh sinn seachad air aon diubh ri taobh na mara air Didònuich. Chaidh sinn a rithist air adhart 'us cha b' fhada gus an tainig sinn air ceann Loch Brora. Tha e seachd mìle air fad 's e gu math aimhleathan aig a cheann a bhos. 'S ann as a tha abhuinn Brora a ruith do 'n mhuir. Far am bheil an loch a' dol nis farsuinge tha na monaidhean a' dol nis àirde, agus mar a bha sinn a gabhail air adhart bha sinn a' faicinn Cnoc Choireill le chreagan breagha a 'g éirigh suas gu h-aillidh os cionn an loch. Thug uair sinn bho so gu ruig am bothan iasgaich—tigh beag Frangach coltach a tha air a thogail a dh' fhiodh, tha e direach ri taobh an rathaid air àilean uaine. Thàinig sinn as a' charbad ann an so. Bha carbad mor cheithir each ris an abair iad *break* aig an Diùc. Cha robh na h-eich sin aig riamh roimhe le cheile fodh' aon srian

agus cha bu ghnothuch furasd an cur, leis cho lùbach agus cho chumhann 's a bha 'n rathad. Bha Morair Granville air a thoiseach leis an Diùc; agus bha Constance Westminster, Sine Churchill, agus Ban-diùc de San Arpino 's an taobh stigh, bha a bhean uasal so direach an déigh tighinn, is ban-charaid i do 'n Bhan-diùc Chataich. Bha Ban-mhorair Granville 's an taobh stigh cuideachd agus dithis de ghilllean nan each nan seasamh air a chùl. Bha na trì mnathan uaisle òg le Mr Collins agus Còirneal Ponsonby ann an carbad eile na 'n déigh. Dh' fhàg iad an tigh air thoiseach oirnne ach rug sinne orra aig Brora. Bha *tea* aig MacAlasdair 'g ar feitheamh ann an seòmar beag shuas an staidhir anns an do las e teine, agus bha iasg ròiste aige dhuinn, 's e *coffee* a gbabh mise. Bha tiugh nan càirdean air a chéile aig na mnathan uaisle uile anns an t-seòmar bheag agus bha Leopold leinn. 'S ann againn fhéin a bha 'n *tea* chridheal. An déigh a bhi ullamh chaidh sinn a dh' fhaicinn nan iasgairean a tarruing sgriob a stigh. Chaidh i leotha, gu math, bha dà bhradan aca a thilg iad a mach a rithist, agus bha bric 'us moran a dh' iasg eile aca. Chaidh iad a thoirt sgriob eile agus chaidh mise air taobh mach an tighe a tharruing dealbh. 'S e 'n Dònnullach an t-àrd fhear seilg a bh' air ceann nan iasgairean 's bha feedhan diubh ag iomradh 'us feedhain eile a' coiseachd air ais 's air adhart. Bha 'n scalladh a bh' againn a null ri Cnoc Choireill glé bhreagha 's na daithean air gach ni cho àillidh.

Chaidh each uile thar aii loch ann am bàta ach roghnuich mise a chas air tir agus chaidh mi anns a'

charbad mu 'n cuairt gu ruig an t-àite sam bheil an t-uisge dubh a ruith a stigh do Loch Brora. Agus gu dearbh 's e 'n t-uisge dubh e; chaidh sinn thairis air anns a' charbad. Dh' innis a' Bhan-diùc dhuinn gu 'n robh rathad breagha ann an dùthaich fhiadhaich an so a bha ruith suas do 'n ghleann, ghabh sinn air adhart air rathad àillidh a bha ri taobh an loch, fodh Chnoc Choireill agus troimh Choille Choireill; tha coltas deadh chinneas air na craobhan 'an so chunnaic sinn feidh gu h-àrd air fior chreachunn a mhonaidh 's an dol air adhart ri taobh an loch chunnaic sinn a null uainn monaidhean àrda ag éirigh os cionn an fheadhain iosal a bu dlùithe oirnne air an taobh thall, 's ann air aon diubh 'g an ainm beinn Arlamain a tha an fhìrìdh is dlùithe air làimh a th' aig an Diùc.

Thionndaidh sinn ris an deas 'us ghabh sinn seachad air mòinteach a tha 'n Diùc an déigh a thoirt a stigh an dòigh iongantach le crànn a tha falbh le smùid. Thill sinn rathad Uppat 'us stàd sinn dlùth air àite Mhr Loch. 'S ann an Uppat a bha 'n Diùc a' fuireach le' bhean mu 'n d' thàinig e stigh air an òighreachd. Be athair Mhr Loch am fear-gnothuich a bh' àig an Diùc nach mairionn agus 's e a mhac a tha na fheargnothuich aig an Diùc so agus tha cuimhne agamsa air fhaicinn 's an dreuchd cheudna aig Morair Ellesmere 'an Worsley ann an 1851. Thàinig bean Loch a mach agus nighean dhi leatha agus thug ogha dhi bad fhlùraichean dhòmhsha. Bha na sgoilearan aig Dol air an tarruing an òrdnugh air taodh muigh an Tigh-sgoil. Thill sinn troimh 'n choille 'us fhuair sinn dhachaidh aig fichead

mionaid an déigh seachd. Ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an déigh ochd 'an seòmar na dinneir, bha chuideachd àbhuisteach ann ach gu 'n robh a Bhan-diùc San Arpino a chòr ann agus an Ridire Ionraic Rawlinson, agus nach robh am Morair Raonull L. Gower leimn, no Còirneal Ponsonby.

'S fheudar dhomh cùnnatas a thoirt air coltas an t-seòmair bhiatachd so. Cha 'n 'eil e ro mhòr ach tha e glé bhreagha; tha e air dheanamh na chearnagan fiodha agus tha dealbh an Iarla Chataich—athair na ceud Bhan-diùc de 'n dream—air aon de na chearnagan aig dara ceann an t-seòmair, agus tha dealbh air a tharruing an cailc le Landseer ann cuideachd, dà fhiadh anns an t-sneachd agus an dara fear an déigh am fear eile a mharbhadh. Tha cinn dhamh cràchdach mu 'n cuairt de 'n t-seòmar uile agus tha pioban air an cur gu innleachdach air cùl fear glé bhreagha dhiubh leis am bheil an *gas* air a thoirt gu bàrr gach meòir dheth 's e air a lasadh suas. Tha anns gach cearnag air gach taobh de 'n t-seòmar dealbhan daighe de iomhaidhean Thorwaldsen. Tha 'n seòmar so glé dhorcha anns an latha. Bha taigeis againn gu 'r dinneir an diugh agus bha ceann caora againn an dé. Bha MacAlasdair a' cluich na piob mhór na h-uile latha roimhe so mu bhòrd na dinneir ach an diugh 's e Uilleam Leys¹ mo phìobaire fhéin a chluich; chluich iad an déigh sin le cheile 's an ath sheòmar. Chaidh mi air son greis do sheòmar-na-cuideachd, seòmar breagha a tha mu 'n

¹ Dh' fhàg e mo sheirbheas' an 1876.

aon mheudachd ri seòmar na dinneir, agus tha e air a chur an òrdugh le buird ghrinne 's le rudan finealta, 's ann dorcha dearg a tha 'm paipear a th' air a' bhalla. Tha turait bheag aig an dara ceann de 'us uinneag air gach taobh dhe, agus e fosgladh a stigh do sheòmar eile a bhuineas do sheòmar-na-cuideachd agus tha an seòmar so a rithist a' fosgladh a stigh do 'n leabharlann. Tha dealbh dhiomsa a tha cho mòr rium fhéin anns an t-seòmar bheag a tha fosgladh as an turait. Tha seòmar na dinneir air an taobh eile; agus seòmar na cluich direach mu choinneamh mo sheòmar suidhe-sa. Léugh Sine Churchill an déigh sin dhòmhса na m' sheòmar fhéin.

*Diciaduoin, an t-aona latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Maduinn ghruamach. Tha iad ag radh gu 'm bheil cliuch airm nan saighdearan a dol air adhart gu buadhar 's an' deas. Tha na h-uile neach a' moladh Artair mo ghaoil, tha e cho éudmhor agus a' gabhail de dhragh mu 'n chuis. Tha so glé thoilichte leam. Ghabh mi sràid a mach aig ceathramh roimh aon-uair-deug le Síne Churchill. Chaidh sinn leis an Diùc sios do 'n ghàradh a dh' fhaicinn *museum* a th' ann, tha e 's an deadh òrdugh, agus tha móran ann de dh' usgairtean Ceilteach a tha gun a bheag de mhilleadh orra. 'S tha feedhain ann a tha air an deanamh glé choltach riuthe, tha seann innealan de gach seòrsa ann agus móran de rudan iongantach a bh' aig na Ceiltich agus bha gach seòrsa eoin ann a tha tathuich Dunrobainn. Bha

Mr Joass am ministear an sin a mhineachadh gach nì dhuinn.

Ghabh sinn sràid ghoirid ach thàinig an t-uisg 'us thill sinn a stigh aig leth-uair an déigh aon-uair-deug. Thachair Alix oirnn air a h-each beag. Chunnaic sinn an carbad Lochlainnach agus an t-each beag aig a' Bhan-diùc. Thug mi greis air taghadh glibhtean a bha mi gu thoirt seachad agus an déigh ar tràth-nòin abhaistich thug mi rithist greis air an cur an òrdugh. Thug mi tacan air tarruing dealbh na mara bho 'n uinneig. Aig deich mionaidean roimh cheithir dh' fhalbh mi 'an carbad fosgailte leis an dithis chloinne agus Anna. Dh' fhalbh an Diùc anns a' charbad mhór aige leis na mnathan uaisle eile, agus chaith Raonull L. Gower, Còirneal Ponsonby agus an Ridire Ionruic Rawlinson leòtha. Ghabh sinn a mach troimh 'n chadh'-chliath n iar agus air adhart troimh Ghòillspidh air rathad a "chnoc Airgid." Chaith sinn air adhart roimhe air pàirt de 'n rathad so agus tha e glé bhòidheach le coille. Thionndaith sinn ris an làimh dheis 'us ghabh sinn thairis an tòrr a rinn a cheud Diùc ann an so air son rathad a bhi thairis air a mheur de 'n mhuir a tha tighinn a stigh 'an so ris an abair iad Loch Fleet. Tha 'n tòrr so ag aonadh an dà thaobh de Strath-fleet. Tha àite stad air an rathad iaruinn dlùth air a so.

Chaidh sinn an déigh sin troimh ghleann bòidheach air adhart gu Dòrnich 'us monaidhean grinne ann. Ghabh sinn air adhart an cois a chladaich seachad air a Chamusmhór cha deachaith sinn a chòir an tighe a tha na luidhe aig bun a chnuic bhoidhich de 'n aimm

sin, shuas a measg na coille—an déigh dol greis troimh 'n choille thàinig sinn a mach aisde air talamh iosal 'us chunnaic sinn tùr eaglais Dhòrmuich, b' ard-eaglais i bho sheann.

Thionndaith sinn ris an laimh chli agus ràinig sinn am baile; cha 'n 'eil ann ach àite beag agus ged is e baile mór Chataobh e tha e nise air chùl an t-saoghal leis nach 'eil an rathad iaruinn a' dol na 'chòir. Is baile iasgaich e ach cha 'n 'eil e cho mór ri Gòillspidh. Bha bogha suas aca an so agus sgriobhadh gàidhlig air, agus bha na tighean air an deanamh maiseach le flùraichean 's le fraoch 'us geugan uaine agus bha mòran sluaigh a mach. Ghabh sinn gu dorus na h-ard-eaglais mar their iad rithe; agus ged nach robh dùil agam ri tighinn as a' charbad an so, theirinn mi 'us choisich mi air feadh na eaglaise móire. Tha athair 'us mathair an Diùc nach mairionn air an tiodhlacadh 'an so agus sia-deug de Iarlachan Chataobh; tha ionhaigh an t-seann Diùc ann air a ghearradh a' marmor. 'S e Gillebard Moràbbia a thog an eaglais so bha e 'n a Easbuig bho 1223 gu 1260; 'us thog e air a chosd fhéin i. Bha 'n naomh Gillebard so cairdeach do 'n teaghlaich a bha an déigh ceann deas Chataobh a thoirt a mach agus is ann uaith so a tha an t-ainm Sutherland aig an sliochd gus an latha 'n diugh. Tha Ruiseart Moireach brathair an Easbuig tiodhlaichte ann an so 'an ciste chloiche. Cha d' fhan sinn ach beagan mhionaiden 's an eaglais 's thàinig sinn a mach air dorus eile 'us chaidh sinn do 'n charbad. Tha seann tùr neònach air an àite 's an robh lùchairt an

Easbuig, direach mu choinneamh na h-eaglais. Bha 'n sluagh uile glé dhealasach 's bha seann bhean iasgach chasruisgte an sin 's a cliabh air a muin, us cotaichean cho goirid oirre. Chunnaic sinn na h-urrad coltach rithe mu Dhunrobainn—bha i a crathadh a neapaicinn agus cha mhór nach robh i dànnsadhbh le toilinntinn mar a bha sinn a dol a mach aig ceann a bhaile. Smeid am Brùnach oirre gu tighinn dlùth oirnn 'us thilg e ni-eigin ga h-ionnsuidh 'us ruith an seann chreutair bochd ga thogail, stad sinn 'n uair a ràinig sinn a choille, a ghabhail ar *tea* 's ar *coffee* agus dirich mar a bha sinn deas thàinig carbad mórr an Diùc.

Dh' atharruich sinn ar cùrsa 'an so 'us ghabh sinn air adhart gu tuathanachas shònruichte an Diùc nach mairionn aig Embo agus Skelbo agus chaidh sinn gu tigh Mhr Bateson aig a Chamusmhór 's e tigh beag bòidheach a th' ann 'us gàradh beag air a bheul-thaobh. Theirinn an dithis chloinne as a' charbad 'us càch uile leòtha ach ghuidh mise orra leigeadh leam suidhe mar a bha mi, bha mi cho sgith. Thàinig mi mach an déigh sin; agus gu dearbh tha 'n tigh beag air a chur an òrdugh glé bhòidheach gle cinn dhamh donn 'us dealbhan bòidheach us móran de nithean grinne. Dh' iarr iad ormsa m' ainm a sgriobhadh agus rinn mi sin na m' shuidhe 's a charbad.

Thill sinn bho so air a' cheart rathad dhachaidh a rithist; bha 'm feasgar cho breagha, agus na h-uile dath bu mhaisiche no chéile anns an spéur ruiteach dhearg, mu 'n d' ràinig sinn an Camusmòr chunnaic sinn àirdean Ghallaobh agus air adhart seachad air

Brora. Thill sinn a stigh aig seachd, ghabh mise mo dhinneir leis an dithis chloinne na m' sheòmar fhéin, agus an déigh sin chaidh mi greis bheag do sheòmar-na-cuideachd; sgriobh mi tacan an déigh sin, agus aig leth-uair an déigh aon-uair-deug dh' fhàg mi Dunrobainn leis an dithis chloinne agus Anna, ann an carbad an Diùc, bha 'n Diùc 'g ar cuideachadh 's e na dheise Ghàidhealaich. Choisich e 'n déigh sin air adhart 's MacAlasdair na dhéigh, ghabh sinn direach a dh' ionnsùidh an àite stad a th' aca fhéin air an rathad iaruinn a tha mu chòig ceud slat bha 'n tigh.

Bha móran sluaigh a mach agus bha 'n t-àite uile air a shoillseachadh le lòchrain Eipheiteach 'us le soluis ghorm' us dhearg. Bha na h-uaislean uile eruinn ann an sin 'g ar feitheamh agus ghabh mi beannachd leotha, phòg mi Anna 'us Constance agus an dà chaileag agus chaidh mi stigh do charbad-na-smùid. Rug mi air làimh air an Diùc agus gu dearbh bha e fhéin agus a' Bhan-diùc glé chaoimhneil.

Bha e leth-uair an déigh dà-uair-dheug mun deachaidh mi luidhe. Bha Beatrais na codal roimhe sin.

*Diardaoin, an dara latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha 'n turas glé shàmhach ach cha do chadail mise móran. Bha sinn aig ochd uairean aig Bailatair. Bha mhaduinn àillidh, chaidh Beatrais, Leopold, 'us mise do 'n aon charbad agus ràinig sinn Baile-Mhoireil gu sàbhailte aig ceathramh roimh naoi uàirean anns a' mhaduinn.

Bha mi saoilsinn gur h-ann a bha mi bruadar.

Cha b' urrainn domh' ghabhail a stigh gun robh mi 'n raoir 'an Dunrobainn agus gun do ghabh mi mo dhinneir an sin.

AN T-OLLA TORMAID MACLÉÒID.

[*Mart 1873.*—Tha mi toilich cùnnatas a thoirt air gach cuimhneachan priseil a bh' agam air mo dheadh charaid ionmhuin an t-olla Tormaid a tha nise air a thoirt air falbh uainn agus sinne ga ionndrainn nis mò agus nis mò bho latha gu latha.

Thug mise uime sin na leanas mu dhéighinn as a' chùnnatas lathail a bha mi gleidheadh bho 1861, an t-àm anns an do tharruing mo thròm bhròn mi ni bu dlùithe ris.]

BAILE-MHOIREIL,
*Didònuich, an t-aona latha deug
de 'n chéitein, 1862.*

Bha 'n Dr Macleòid gu caoimhneil a dol a dheanamh seirbhis anns an tigh dhuinn 'us chabhaigich mise gu 'bhi deas air a son. Bha Alice na luidhe gu tinn ach chaidh Eileag 'us Affie do sheòmar na dinneir leam aig beagan mhionaidean roimh dheich uairean. B' e so an ceud uair dhòmhsha 'bhi 's an t-seòmar so bho na thàinig mi. Bha na h-uaislean uile na 'n suidhe air mo chùl-thaobh, bha na seirbhisich air an taobh thall 's an Granntach 's na Gàidheil eile na measg. Cha robh seirbheis riagh roimhe ni bu taitniche, ni b' fhaireachdail,

ni bu shimplidh agus ni bu drùightiche. Rinn e ùrnuigh an toiseach agus an sin leugh e earanan de 'n sgriobtar a bha air an taghadh cho freagach mar a leanas; an treas caibdeal thar an fhichead do Iob, an dara salm thar an dà fhichead, na ceud roinn de 'n cheathramh caibdeal deug de 'n t-soisgeal a reir Eoin agus a rithist bho 'n treas rann thar an fhichead gu deireadh a' chaibdeil agus leugh e an seachdamh caibdeal de Thaisbeanadh gu cheann. Bha iad uile cho freagarach. An déigh sin rinn e ùrnuigh eile agus an sinn shearmonuich e bho 'n treas rann deug de 'n dara caibdeal deug de 'n t-soisgeal a chum nan Eabhruidh-each, bhean e ris an deicheadh caibdeal cuideachd 'us thionndaidh e aig uairean' dh' ionnsùidh nan Corinthianach. Bha 'n t-searmoin glé chiatach, labhair e innte mu thrioblaid, 'us mu ghràdh Dhia, agus mu fhulangus an t-slànuighear, agus nach do chaomhain Dia Esan bho àmhghar, agus thuirt e gu 'n robh an trioblaid sin beannuichte a tharuingeadh ar cridheachan ni bu tinne air ar dachaidh shiorruidh, far am bitheadhmid uile le chéile leis an dream ghràidh a bha air dol dachaidh air thoiseach oirnn. Chodhùin e le ùrnuigh eile anns am do ghuidh e air mo shonsa an dòigh cho faireachdail. Thàinig tioma air a chloinn 's orm fhéin an déigh dhuinn dol suas an staidhir.

*Diluain, an dara latha deug
de 'n chéitein.*

An déigh tilleadh dhachaidh feasgar thàinig an Dr Macleòid ga m' fhaicinn, agus bha e cho deas-bhriath-

rach agus cho taitneach cho caoimhneal agus cho math. Bhruidhean sinn greis mu thrioblaid bàis Ailbeart ghaoil, agus mar a bha e daonnan cho deas gu bhi air a ghairm air falbh, ni a chuir mór ioghnadh air an Dr Macleòid, agus thuirt e gu dé an staid thoilichte 's an robh innseadh a ghnath. Cho neo-fhéineil agus cho deas gus na h-uile nì a dheanamh a bha féumail; nochd mi so le innseadh cho suilbhære sa bheireadh e suas gach nì ga 'm bu mhotha a chiatamh agus gach nì bu dochá leis. Cha 'n aithneadh duine air gu 'n robh smalan sam bi air ged a dh' fhéumadh e tionndadh ri nithean eile nach biòdh idir cho toilichte leis, shealladh e air an taobh shoilleir do gach nì; 's e sin na biodh mid a dol bho so gu Lunain no bho Windsor gu Lunain a' fàgail a dhachaidh ghràdhach fhéin bhiodh e cho sùnnadach thoilichte, mar nach b' urrainn dòmhsha 'bhi. Thuirt esan gum bu bheannachd mhór a bhi beò an cochommun riusan a bha air falbh romhainn. Thuirt e gun robh seann bhoireannach a b' aithne dha a chaill an duine aice agus móran ga cuid cloinne agus a dh' fhuling na h-urrad de thrioblaid agus an uair a dh' fheòraich e dhi, ciamar a chaidh aice air a doilgheasan a ghiùlan, fhreagair i ag ràdh: "Och an uair a chaidh *esan* a thoirt air falbh dh' fhàg e toll cho mór na m' chridhe 's gun deachaidh càch uile, gu furasda troimh."¹ Tha so glé fhaireachdail air a ràdh agus glé fhior agus 's ann mar sin a bhitheas dhòmhsha gu brath tuille.

¹ Chuala mi naith sin nach b' aithne do 'n Dr Macleòid fhéin am boireannach so idir gur e an Dr Black a bha roimhe fhéin ann an sgireachd a' Bharoni an Glaschu a dh' innis a naigheachd dha.

BAILE-MHOIREIL,
*Didònuich, an ceathramh latha ficead de
 cheud mhios an Fhoghair, 1862.*

Bha seirbhis ro-thaitneach an diugh a rithist aig an Dr Macleòid gu h-iosal an staidhir. Rinn e taghadh cho chiatach air na h-earanan a léugh e; an treas salm thar a cheud, pàirt de 'n aona caibdeal deug de Isàiah agus mu 'n do thòisich an t-searmoin léugh e an ceathramh caibdeal de na Philipianaich, bha 'n ceann-teagaisg aige air a thoirt bho 'n chaibdeal sin—an t-siathamh rann: "Na biodh ro-chùram ni sam bith oirbh: ach anns gach uile ni le h-ùrnuigh agus le aslachadh maille ri breith-buidheachais biodh bhur n-iarrtuis air an deanamh aithnichte do Dhia." Agus ghabh e cuideachd an còig-eamh rann de 'n aona caibdeal deug de 'n t-soisgeal a reir Luais: "Co agaibhse aig am bi caraid, agus a theid da ionnsuidh air mheadhon oidhche agus a their ris a' charaid thoir dhomh tri builinnean air iasachd?" Bha an t-searmoin so drùigheach mar is abhaist.

'S an fheasgar 'an déigh na dinneir chaidh mise null do sheòmar Mrs Bruce agus thainig an Dr Macleòid far an robh sinn ann an sin agus bha e cho caoimhneal 'us e toirt de mhisnich 'us de chomfhurtachd dhomh. Bha cumadh tilgte de 'n iomhaigh aig mo ghaol Ailbeart anns an trànnsa gu h-iosal an staidhir agus thaitinn e gu math ris. Lion a shùilean le déòir agus thuirt e gu 'n robh a chall air fhaireachdain ni bu mhotha gach latha. Sheall mi dha dealbh na h-uaighe aige agus thuirt e, "O cha 'n eil *esan* an sin," agus tha sin cho fior; tha e na smuain cho taitneach agus tha esan a' sealltuinn ris

an t-saoghal ri teachd mar ni da rireamh. Sheall mi an déigh sin dha dealbh na h-ionhaigh luidhe a rinn Marochetti agus thuirt e gur e 'n dealbh a bha gu h-iosal an trànnsa bu choltaiche ris.

*Didònuich, an ceathramh latha ficead
de 'n chéitein, 1863.*

Se 'n diugh an latha breith bochd agamsa !

Thòisich an t-seirbhis aig an Dr Macleòid aig ceathramh an déigh deich. Bha chloinn uile 's an làthair ach mo leanaban, léugh e an deichead salm thar a' cheithir ficead agus an treas salm thar a' cheud ; léugh e an naothamh rann de 'n cheathramh caibdeal thar an fhichead de 'n t-soisgeal a reir Mhata : bha 'n t-searmoin glé bhreagha ach léugh e i 'n uair so leis nach robh tuilleadh tìm aige air meòrachadh oirre, chunnaic mi 's an fheasgar e 'us bha e cho tairis 's cho chaoimhneil riùm.

*Didònuich, an naothamh latha de mhòs mu
dheireadh an Fhogaire, 1864.*

Chaidh mi aig ceithir uairean do 'n eaglais le Eileag agus le Augusta Stanley. Thug an Dr Macleòid seirbhis thaitneach dhuinn agus rinn e searmoin bhreagha gun fhocal di a léughadh agus bhean i gu mór ri faireachdinn an t-sluaigh, chunnaic mi 'n duine còir 'an déigh sin, agus chuir e troimh cheile orm a bhi 'g innseadh dha mu 'm bhròn, agus mu m' iomagain mhóir, 'us an trom-chùram, a bh' orm ; ach bha esan cho chaoimhneil agus cho faireachdail, bha e cho misneachail 'us cho làn

de 'n chreideamh agus de 'n dòchus sin is urrainn a mhàin an cridhe briste a chomhfhurtachadh agus a chumail suas. Thuit e na shear-moin gu 'm feudadh sith a' bhi aig neach agus e gun sòlas agus gu 'm feudadh sòlas a bhi aig neach gun sith na lorg agus gu dearbh tha sin fior.

BAILE-MHOIREIL,
Didònuich, an t-aona latha deug de
'n mhìos bhuidhe, 1865.

Rinn mi oithearp shònruichte 'us chaith agam air dol do 'n eaglais aig dà-uair-dheug leis na caileagan agus Ban-diùc Athull. Cha robh mi innte idir an uiridh ach aon fheasgar beagan mu 'n d' fhag sinn mu dheireadh an Fhoghair 'us bha mi cho luaisgeanach 'na dhéigh. Bha mi toilichte an diugh nach robh dùil aig neach ri mi dhol ann. Bha seirbhis glé dhùrlighteach aig an Dr Macleòid. Be a cheann-teagaisg an deicheadh rann de cheud litir na 'n Tesselònianach. Cha 'n 'eil neach ann a léughas am Biobull nis fearr na e agus bha na h-ùrnuighean aige cho breagha. Tha 'n ùrnuigh air mo shonsa daonnaidh cho làn co-fhaireachdain agus an diugh ghuidh e innte cho grinn air son Alix agus a leanabh beag. Thug an t-seinn agus an t-seirbhis uile ormsa 'bhi sileadh nan deur. Bha mi faireachdain cho aonaranach! Bha gach ni cur na m' chuimhne na amanan beannuichte a dh' fhalbh.

BAILE-MHOIREIL,

*Disathurna, an ceathramh latha deug de mhìos
mu deireadh an Fhoghair, 1865.*

An deigh na dinneir thug an Dr Macleòid dhuinn cùnnatas fada air an duine uamhasach sin Dr Pritchard¹ agus na còmhraithean a bh' aige ris. Cha'n fhaca e riamh roimhe bho na rugadh e duine aig an robh nadur cho truagh ris no sruthaire coltach ris aig nach robh suim idir de 'n fhirinn.

Thainig an Dr Macleòid an deigh sin an àird an staidhir agus léugh e cho breagha a' bàrdachd Burns do Eileag 'us dhomh fhéin.

*Didònuich, an eòigeamh latha deug de mhìos
mu deireadh an Fhoghair, 1865.*

Chaidh sinn aig dà-uair-dheug do 'n eaglais far an deachaidh an Dr Macleòid gràdhach troimh an aon t-sheirbhis bu bhreagha a chuala mi riamh. Bha 'n t-searmoin glé dhùrlighteach a bh' aige agus bhean i gu mór ri 'r faireachduinean uile. Bha 'n ceann-teagaisg bho 'n treas rann deug de 'n treas caibdeal do Ghènesis: "Agus thuirt an Tighearna Dia ris a mhnaoi, ciod e so a rinn thu?"

Nochd e an sin dhuinn gu 'n robh beatha uaigneach aig gach neach againn air nach robh fios aig neach ach Dia a mhàin agus labhair e mu 'n chunnart uamhasach a bh' ann a bhi leantuinn caithe-beatha cealgach cho fada 's gun tigeadh e gu fein-mhealladh agus gu 'n dichuimhnicheamaid co i a chòir seach an éucoil. B' fhearr

¹ Phuinnseanaich e' bhean agus a mhathair chéile agus bha 'n Dr Macleòid a' dol ga choimhead anns a' phriosan.

leam gu 'm b' urrainn dhomh na h-uile focal a thuirte e a chur sios, bha e cho taitneach. 'N a ùrnuighean breagha ghuidh e cho tairis air son Morair Palmerston.¹

BAILE-MHOIREIL,
*Didònnich, an seachdamh latha deug
de 'n mhìos bhuidhe, 1866.*

Chaidh sinn aig dà-uair-dheug do 'n eaglais agus thug an Dr Macleòid searmoin bhreagha dhuinn bho 'n ochdamh rann deug thar fhichead de 'n naothamh caibdeal de Mharc.

Bha i ciatach, cho làn seirc agus i' nochdadhl far-suingeachd inntinn fhéin, bha i cho fada an aghaidh an spioraid neo-ghràdhach a bhios a roinn dhaoine an aghaidh a chéile agus a nochdadhl mar a bha an t-seirc agus an gràdh 'us fior àirde ann an cridhe air Fear-Saoraidh.

. . . Ghabh Ban-diùc Athull agus an Dr Macleòid an dinneir leam. Bha esan cho grinn 'us e cho làn co-fhaireachduinn; tha e fulang móran bho obair thròm 's bho iomaguin agus 's fheudar dha falbh thairis greis air son a shlàinte 'us beagan fuasglaidh fhaotuinn. Bha mise 'g innseadh dha am féum a bh' agam fhéin air a sin, agus gur e sin a thug an so mi agus gur ann le strìth a fhuair mi ann. Thuirt e gur math a bha e 'tuiginn mo chor agus ghuidh e orm, "Mar a tha sibh ag obair air ar son uile," mi thighinn daonna do 'n àite shàmhach so air son fois. Thuirt mise gu 'n d' rinn m' Ailbeart gaoil a choire fhéin leis nach robh e 'gabhairt fois gu leòir;

¹ Bha e ris a bhàs an uair sin 'us dh' éug e air an ochdamh latha deug de mhìos mu dheireadh an Fhoghair.

agus bhruidheann sinn greis air an fhuasgladh agus a chomhfhurtachd a bha 'am fois ionlan a ghabhail bho gach obair aig uairean.

BAILE-MHOIREIL,

*Didònnieh, an siathamh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha 'n eaglais làn sluaigh, agus mùchadh cho mór innte le 'n anail. Shearmonuich an Dr Macleòid gu taitneach, bha a chuid mu dheireadh de 'n t-searmoin sònruichte breagha 'n uair a chuir e uaithe am pàipeir. Thuit e gu 'n robh e mar fhiachabh air gach neach a shlàinte fhein oibreachadh a mach. Bha Dia toileach gu 'm biodhmid uile air ar tearnadhbh ach dh' fheumadh-mid fhéin ar slàinte oibreachadh a mach air ar son fhéin. Agus dh' fheudadhmid 'bhi air ar call le 'r coire fhéin. Dh' innis e dhomh an raoir gu 'n robh e faireachduin cho luaisgeanach 's gu 'm feumadh e cuid dhe 'n t-searmoin a léughadh.

BAILE-MHOIREIL,

*Diardaoin, am fìcheadamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1876.*

Thàinig an Dr Macleòid an dé 'us tha e ri fuireach dà oidheche. Thàinig e tacan a bhruidheann rium an diugh agus mi na m' shuidhe a muigh. Labhair e gu caoimhneil rium agus thuig mi' air gun robh deuchainn mhór air air son na bha a ghnothuichean a' cur ioma-guinn orm, ach thuit e gun robh fios aige air dilseachd an t-sluaigh uile dhomh, agus gu 'm bu chòir dhomh misneach a ghabhail.

Air an ath latha thàinig e' ghabhail beannachd leam, bha Ard-Sheanadh na h-Eaglaise gu chur do na h-Innsean a' shealltuinn an déigh na 'n teachdairean a tha an sin aice. Cha 'n 'eil e ri bhi air falbh ach sia miosan; ach tha' bheatha cho luachmhòr 's gur bochd a chur 'an cunnart, Thàinig tioma air an uair a bha e 'gabhall a cheud dhiom 'us thuirt e, "Mar a pill mise tha mi 'guidhe air Dia 'ur Mòrachd Rioghail a ghiùlan troimh 'ur deuchainean uile."

BAILE-MHOIREIL,

*Disathurna, an deicheadamh latha de mhìos mu
dheireadh an Fhoghair, 1868.*

Ghabh Mr Van de Weyer agus an Dr Macleòid an dinneir leinn. Bha 'n Dr Macleòid a' sealltuinn cho bochd agus e cho briste sios 'us feusag fhada air.¹

*Didònuich, an t-aona latha deug de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair.*

Chaidh sinn uile do 'n eaglais aig dà-uair-dheug. Bha Christian agus Franz² 'an àite suidhe Abargheallaidh. Chaidh an Dr Macleòid air ceann seirbhis an latha, agus cha chuala mi riamlì searmoin bu bhreagha na thug e dhuinn na ùrnuigh bu drùightichte na 'n te 'rinn e air mo shonsa. Be 'n ceann-teagaisg Lucas ix. 33: "Agus thuirt Peadar ri Iosa, A mhàighstir is maith dhuinn a bhi 'n so . . . gun fhiös aige ciod a bha e ag ràdh."

Chunnaic mi an Dr Macleòid agus bhruidheann e

¹ Cha robh e ach direach air tighinn dachaидh as na h-Innsean.

² Bha Prionnsa Christian agus a' Bhan-Phrionnsa air tighinn ga 'r faicinn, agus Prionnsa Teck agus a' Bhan-phrionnsa.

mar a rinn e 'n raoir cuideachd, mu na h-Innsean agus mu 'n troimh cheile a tha 's an Eaglais.

BAILE-MHOIREIL,

Didònuich, an siathamh latha de 'n mhìos bhuidhe, 1869.

Chaidh mi do 'n eaglais le Liùsaidh, Leopold, mo chagaran Beatrais agus Christian. Thàinig an Dr Macleòid an so an raoir agus is e shearmonaich dhuinn an diugh agus gu dearbha bha an t-sheirbheis taitneach 's i labhairt ris na cridheachan againn. Bha na h-ùrnuighean breagha agus mar robh an t-searmoin. Bha i cho làn de 'n fhirinn, agus de chomhairlean simplidh math, ag iarruidh oirnn deanamh daonnan mar a bha e air innseadh dhuinn, agus mar a bha air cogaisean fhéin ag innseadh dhuinn a bhi ceart. Bha 'n ceann-teagusig bho 1 Pheadar iv. 21. Chunnaic mi 'n Dr Macleòid an déigh sin agus tha mi' faicinn athurrachadh mór air, tha e sealltuinn cho seann. 'S e am Fear-riaghlaidh am bliadhna air Ard-sheanadh na h-Eaglaise, agus bhruidh-eann e le toilinntinn mu 'n aonachd spioraid a bha 'n am measg ga thaobhsan; agus bha e ro dhuilich air son na tha Pharlamaid a' deanamh mu 'n Eaglais Eireanaich.

BAILE-MHOIREIL,

Didònuich, an treas latha de mhìos mu dhcireadh an Fhoghair, 1869.

Chaidh mi aig dà-uair-dheug leis a chloinn do 'n eaglais. Thug an Dr Macleòid searmoin bhreagha dhuinn agus dà ùrnuigh dhrùighteach mar is àbhaist. Be 'n ceann-teagusig Mata xxvi. 30.

Chunnaic mi an Dr Macleòid roimh uair na dinneir. Tha iomaguin mhóir air 'is eagal gu 'm feuchar ri Eaglais Steidhichte na h-Alba a chur bhar a bunait; ged buidheachas do Dhia nach 'eil atharrachaidd teagaisg no dòigh aoraidh an sin, agus nan tachradh so agus gu 'n aonadh an Eaglais Shaor agus na Presbiterianaich aonuichte ris an Eaglais steighichte bhiodh iad nan aon bhuidheann làidir Phrotestanaich. Dh' fheòraich mi dhe a bharail mu Mharcus Lathurna, agus thuirt e gun robh an deadh bharail aige air; gur e dh' ullaich e air son a cheud chominunachaidd gu 'n robh mór-mheas aige air, agus gu 'n robh buadhan inntinn aige a bha àrd, finealta, agus uasal.

*Didònuich, an dara latha de mhìos mu
dheireadh an Fhoghair, 1870.*

Maduinn bhòidheach an déigh oidhche reothaidh. Bha' ghrian glé theth. Ghabh sinn ar tràth-maidne air a bhlar-a-muigh 'us ghabh Leopold gràidh leinn e. Shuidh sinn a mach greis an déigh sin, 'us chaidh sinn do 'n eaglais aig dà-uair-dheug. Cha robh i cho fior mhùchta an diugh. Thug an Dr Macleòid dhuinn searmoin bhreagha mu 'n chogadh agus ged nach d' ainmich e 'n Fhraing, thuigeadh neach sam bith gur i' bha e ag ciallachadh, 'n uair a sheall e mar a bha Dia deanamh peanas air aingidheachd, diomhanas, agus feòlmhorachd; agus léugh e 'n t-tochdamh caibdeal thar an fhichead de Isàiah agus bho Eseciel, Amos, agus aon de na Saiml, agus bha e iongantach mar a bha gach focal a léugh e' cho freagarach air an Fhraing. Searmoin chiàtach a għluais

na cridheachan againn uile. Rinn e ùrnuigh cho breagha air son nan daoine tinne, an dream' bha bàsachadh, iad-san a bh' air an leòn, blàr-a-chogaidh, agus air son mo chliamhuineansa agus mo nigheanan. Dhrùigh gach focal oirnn uile gu tròm.

*Diluain, an treas latha de mhìos mu
dheireadh an Fhoghair.*

Thàinig an Dr Macleòid a' ghabhail beannachd leam. Bha e bruidheann an dé rithist air a bharail àrd a bh' aige air Marcus Lathurna, gu 'n robh e cho math cho àrd-inntinneach agus cho chiatach anns gach dòigh, agus gun robh an teaghlaich uile cho ghasda.

BAILE-MHOIREIL,
Am mhìos buidhe, 1871.

Cha b' urrainn do 'n Dr Maclèoid ghràdhach tighinn an so idir am bliadhna ré m' fhuireach 'an so, bha e fad a gheamhruidh ann am fior dhroch shlàinte. Tha e air dol thairis do Ems.

BAILE-MHOIREIL,
*Didònuich, an còigeamh latha de eheud
mhìos a' gheamhraidi, 1871.*

Chaidh mi do 'n eaglais aig beagan roimh dha-uair-dheug le m' Chagarán agus le Sìne Ely, so a' cheud uair dhomh a bhi innte bho na ghabh mi tinneas trom —tha e na thoileachadh leam dol ann oir tha mi cho toigheach air an eaglais bhig ghrinn a tha 'n so. Chuid-ich am Brùnach mi a dhireadh agus a theirnearadh staidhir chas 'us chaidh agam oirre gu math. Thàinig an Dr Macleòid an dé do 'n chaisteal agus is e bh' air

ceann na seirbhis an diugh ach rinn e goirid i chionn 's nach robh mise gu math. Thug e dhuinn searmoin bhreagha bho 'n naothamh rann de 'n t-siathamh caibdeal do Mhata, "Air n-Athair a ta air neamh;" agus dh' innis e cho comhfhurtail agus cho priseil sa bha e dhuinn a bhi sealltuinn air Dia mar Athair an àite a bhi coimhead ris mar bhreitheamh. Mhìnich e cuid-eachd gu breatha dhuinn mu Shuipeir an Tighearna 'n uair a thug e fios seachad mu 'n chomannachadh a bhi ann air a cheud Sabaid. Thuirt e nach e mior-bhuille a bh' ann idir ged a bha móran sluaigh a' smuain-eachadh gur e. Thill sinn dachaidh aig ceathramh an déigh aon uair agus thaitinn na chuala sinn rinn gu math.

Thàinig e 'g am fhaicinn roimh àm na dinneir.

*Diluain, an siathamh latha de cheud
mhìos a' gheamhraidh.*

Bha greis fhada thoilichte de bhruidheann agam ris an Dr Macleòid an déigh ar tràth-nòin an diugh a rìthist.

BAILE-MHOIREIL,
*Didònnich, an siathamh latha fichead
de 'n chéitein, 1872.*

Chaidh mi do 'n eaglais aig dà-uair-dheug; le m' Leanaban, na mnathan-uaisle 'us càch. Shearmonaich an Dr Macleòid cho chiatach, searmoin mu 'n bheatha ri teachd agus mu dhòchas agus i cho làn do ghràdh agus do fhior fhaireachdain bhlàth. Be a cheann-teagaisg an naothamh rann de 'n chóigeamh caibdeal de Mhata, "Gu 'n tigeadh do Rioghachd." Bha mise cho duilich e fhéin fhaicinn a' sealltuinn cho bochd.

An déigh ar tràth-nòin chunnaic mi an Dr Macleòid còir, bha e cho iosal na inntinn agus a' sealtuinn cho bochd agus bha e cho toilichte suidhe an uair a dh' iarr mi air e. Thuirt e gun robh an obair thròm an déigh a chlaoidh agus gu 'm féumadh e an tigh a bh' aige an Glaschu thoirt suas, nach robh mionaid fois aige ann eadar obair fhéin 'us gnothuichean na h-Eaglaise anns na h-Innsean. Tha so a cur dragh air, ach tha e ag ràdh gu 'm féum e dheanamh. Rinn e tuilleadh 's a chòir, cha d' fhuair e riabh os cionn an turais a thug e do na h-Innsean. Tha e diùltadh searmonachadh na bruidheann sam bith a dheanamh ann am folais agus tha e' dol do America air son beagan mhiosan. Bhruidheann e móran mu 'n bheatha ri teachd agus thuirt e gu 'n robh e cinnteach gu 'n tugadh Dia gu iomlanachd anns a bheatha sin an t-ionnsachadh a thòisich anns an t-saoghal so, agus gu 'n oibreachadh e air adhart gach ni a chuidicheadh am math gu buaidh a thoirt air an olc agus peacadh a chur a bith.

BAILE-MHOIREIL,
*Diluain, an seachdamh latha fishead
de 'n chéitein, 1872.*

Chunnaic mi an Dr Macleòid 'us ghabh mi beannachd leis, le fior dhoilgheas agus iomaguin, 's gann a bhruidheann e idir aig an dinneir an dé ach dh' fhàs e ni bu shùnnndaich beagan, an uair a bha sinn gu bhi ullamh.

BAILE-MHOIREIL,
*An siathamh latha deug de 'n mhàos
bhuidhe, 1872.*

Thill sinn dachaidh aig leth-uair an déigh ochd; ghabh mi oidhche mhath leis a' Bhrùnach agus bha mi

direach a falbh ga m' sheòmar éididh 'n uair a thill e agus dh' iarr e cead tighinn a stigh a rithist a ràdh beagan fhocal rium. Thàinig e stigh agus thuirt e cho chaòimhneil gu 'm fac e Còirneal Ponsonby agus gu 'n robh droch sgeul air tighinn mu 'n Dr Macleòid, gu 'n robh e ro thinn, gu dearbh gu 'n robh eagal air gu 'n robh e marbh ! O a bhuille bha sin ! Cho uamhasach cruaidh 's a bha e an caraid caoimhneil, gaolach mórr-chridheach, gràdhach sin a chall ! Ghuil mi gu goirt ach dh' fheuch mi ri m' dhéoir a chasg, 'us thug mi buidheachas do 'n Bhrùnach chòir air son cho chaoimhneil 's a bhrist e dhomh an sgeul brònach so ris am bu bheag mo dhùil. Chuir mi dh' iarruidh Leopold 'us dh' innis mi dha e agus 's gann a b' urrainn e ghabhail a stigh agus dh' innis mi e do m' mhathan frithealaidh uile. Bha na h-uile neach cho brònach—Ban-diùc Athull, Sìne Ely, 'a mhaighdean uasal Nicghriogair, Còirneal Ponsonby, agus an Dr Mac-an-Tàillear, air an d' thàinig a leithid de thioma 'n uair a chual e an naigheachd 's gu 'n robh e greis mu 'm b' urrainn e bruitheann. Bha e fhéin 'us sinne ag ràdh ri cheile gur call e nach gabh leasachadh. Bha fios aig an Dr Mac-an-Tàillear gu 'n robh e tinn bho chionn seachdain (ach cha robh fios agamsa air), agus gu 'm feudadh am bàs tighinn air uair sam bith. Bha 'n òraid fhada chiatach a thug e aig Coinneamh an Ard-Sheanadh tuilleadh 's tràm air a shon. Bha sin air an deich-eamh latha fichead. Bha sinn uile ag altrum dòchais gu 'm deanamh fois aiseag gu slàinte. Bha mi cho toilichte gu 'm faca mi e cho ghoirid roimhe so ! 'N uair thàinig a' Bhan-diùc far an robh mi cha b' urrainn

duinn facal a ràdh mu ni sam bith eile. An déigh dhi m' fhàgail, agus a bha mi na 'm aonar, ghuil mi gu goirt, oir is càll mòr so dhòmhsha.

*Diluain, an seachdamh latha deug de
'n mhìos bhuidhe.*

An uair a dhùisg mi léum an sgeula bròin na m' chuimhne, thig e nis goirte 'n uair nach 'eil cuimhne aig neach air's a cheud dùsgadh.

An déigh ar tràth-maidne bhris mi mach a caoineadh an uair a chuimhnich mi air mo charaid gràdhach agus air na rinn e air mo shon. Mar a mhisnich agus a thug e comhfhurtachd dhomh, an 1862-63-64, bha a leithid de cho-fhaireachdain aige daonnan rium, agus an fhiughair leis an robh mi daonnan a' sealltuinn air adhart ris na beagan uairean sam b' urrainn domh fhaicinn anns an àite so, agus gu 'n robh mi nise air an toileachadh 's an cuideachadh so a chall cho math ris a chòr a chaill mi.

Fhuair sinn fios Telegraph feasgar an dé bho Mhr Dònull Macleòid gu 'n d-éug a' bhràthair gràidh aig meadhon latha. Thàinig a cheud fhios gu m' chléireach fhein Warren bho chléireach Telegraph 'an Glaschu.

Chuir mi fios 'an cabhaig a dh' ionnsuidh na h-uile gin ga m' chuid cloinne, agus cha luidhe m' inntinn air ni sam bith eile. Tha mi' feuchainn ris na h-uile ni thuirt e' chuimhneachadh, oir anns gach amharas agus iomaguin inntinn anns am bithinn 's ann ris a choimheadain os cionn gach neach eile air son còmhnaidh, agus cha tug neach riamh urrad de mhisnich 's do earbsa

dhomh mu 'm chuid cloinne 's a thug esan. Tha cuimhne agam air e bhi cho toilichte 'n uair a chluinn-eadh e cùnnas math umpa. . . . Agus bha e cho làn de thaingealachd do Dhia 'us earbsa cho mór aig ann. Chuir e litir bhreagha gu Sìne Ely air co-ainm an latha breith aige (an treas latha de 'n mhios bhuidhe) am freagradh do thé chuir mise a dh' fharraid ciamar a bha e. Tha an litir mar a leanas agus cha mhòr nach 'eil spiorad faidhdearachd 's na briathran a tha innte !

An treas latha de 'n mhios bhuidhe, 1872.

A BHAN-MHORAIR ELY IONMHUINN,—Cha 'n 'eil fios agam co dhiubh tha mo cheann falamh no' tha mo chridhe làn, no 'n d' éirich an dà chuid dhomh, ach ge be ciamar 'tha cha 'n urrainn dòmhhsa m' fhaireachdain a chuir an céill ann a bhi freagairt na litir chaoimhneil—tuilleadh 's caoimhneil—a fhuair mi uaibh an uair a bha mi ann an ioma-ghaoth, no ann an iarmaiti mhi-flallain ghnothuichean an Ard-Sheanaidh.

Tha mi toirt buidheachais gu dùrachdach dhuibh féin agus do 'm Bhan-rìgh air son cuimhneachadh orm. Labhair mi fad dà uair an uaireadair aig an Ard-sheanadh. Cha d' rinn sin a bheag do mhath dhòmhhsa agus tha eagal orm nach d' rinn e móran math do neach sam bith eile.

Bha mi ri searmonachadh an dé. Tha mi air àite grinn a ghabhail air son an t-sàmhraiddh, agus tha mi an dòchas gun tilg mi dhiom an cudthrom a th' air m' inntinn, a tha ga m' fhàgail cho chianail agus gu 'n toileachadh sam bith.

Bu chòir dhomh a bhi na m' dhuine tàngeal toilichte an diugh. Tha mi tri fichead bliadhna dh' aois an diugh agus nam measg-san a shuidheas aig mo bhòrd bithidh mo mhàthair, mo bhean agus mo naoinear chloinne, bithidh mo shiathnar bhràithrean ann, agus mo pheathruicheadh agus dà phiuthar m' athar, té dhiubh ceithir fichead bliadhna agus a h-aon agus an té eile tri fichead bliadhna agus a sia-deug ; agus na h-uile gin dinbh nan aobhar toileachaidh agus molaidh ! C' arson a tha cho

liutha tròcair air am buileachadh ormsa agus an doilgheas a tha mi faicinn cho tric aig a chòr de shluagh an t-saoghail ?

'S ann aig Dia amhàin a tha fios ! Cha 'n urrainn dòmhsha fhaicinn ciamar a tha e 'n còmas duinn a ràdh gun bheil e daonnan na Athair glic, gràdhach, gun leth-bhreith ri aon seach a chéile ga 'chuid cloinne. An nì nach urrainn duinn a thuig-sinn an dràsda, tuigidh sinn e an déigh so. Feumaidh sinn earbsa ris far nach léir dhuinn.

Gum beannaicheadh Dia a' Bhan-rìgh air son a sior-mhaiteis ! Tha tlachd agam dhi mar bhoireannach, tha gràdh agam dhi mar bhana-charaid, agus tha urram agam dhi mar Bhan-rìgh ; agus tha fios agabh gu 'm bheil mi labhairt mar a tha mì' faireachdain. Tha a misneach, a foighidinn, agus a comas giùlain, nan cuis iòghnaidh leam.

(Air a chur sios) T. MACLEòID.

Màrt, 1873.

Thàinig Dr Macleòid gràidh do Baile-Mhoireil uair no dha eile nach d' ainmich mi, agus shearmonaich e an sin ; air an aona latha deug de mhìos mu dheireadh an Fhoghair 1873, agus air co-ainm an latha breith agamsa, an ceathramh latha fichead de 'n chéitein 1864, bha sin an déigh dha tilleadh a' Palestine. Bha e ann cuideachd air an t-seachdamh latha fichead de 'n mhìos bhuidhe 1867, agus air an naothamh latha fichead de 'n chéitein 1869.

Bha doilgheas mó orm an uair mu dheireadh a chunnaic mi e, leis cho iosal agus cho brònach agus a bha choltas, àn àite esan a bhi toirt misneach dhòmhsha mar a b' àbhaist 's ann a b' fheudar dhòmhsha a bhi ga mhisneachadh fhéin agus a' feuchainn ri togail a thoirt air inntinn. Thuirte gu 'n robh e air òrduchadh dha gun char oibre a' dheanamh, agus gu 'm

b' fhéudar dha a thigh an Glaschu 'thoirt suas agus gu 'n ni 'dheanamh ach searmonachadh 's a Bharony air an t-sabaid; le sin a dheanamh thuirt e gu 'n robh iàd a toirt dha dòchas air dol na b' fhearr, ach gu 'n robh an gnothuch glé neo-chinnteach. Thuirt e gu 'n robh e ro-dhuilich leis a bhi cur uaith gnothuicheadh na h-Eaglaise anns na h-Innsean; agus gu 'n robh e dol e fhein do Choinneamh an Ard-Sheanaidh ga thoirt suas agus a ràdh na bha na bheachd mu 'n chùis ged a dh' fhaodadh cuid a bhi diombach dhe. Bha e 'cur roimhe dol a dh' America mu thoisearch an Fhoghair, feuch am faigheadh e air ais a neart, agus a shlàinte; bha e 'diultadh na h-uile cuireadh gu dinneir no gu searmonachadh no labhairt sam bith am follais. Thuirt e nach robh a bheag a dhùil aige ri dhol am feadhas, ach gu 'm feudadh e 'bhi 'mearachd. Gu 'n robh na h-uile ni an lamhan Dhia. "S e nadur na 'n Gàidheal a' misneach a chall 'n uair a bhriseas air an slàinte," thuirt esan. Bha e guidhe air Dia beagan tuilleadh saoghal a dheònachadh dha air son a chuid cloinne, agus air son 'Good Words' oibreachadh air adhart. Labhair e an sin mar a bha e deanamh daonnan air maitheas agus air gràdh Dhia agus gu 'n robh e cinn-teach gu 'n tugadh Dia ann an saoghal eile dhuinn cothrom air sinn fhéin ionnsuchadh uigh air n-uigh agus air éirigh gu ionmlanachd. Cha robh duine riaghni bu toilichte no esan air gu 'n tuigeadh gach neach gu 'm b' Athair gràdhach Dia a bha toileach na h-uile a thighinn ga ionnsuidh, agus gu 'm b' e Fear-saoruidh beò a bh' againn a bha' na Bhràthair agus

'na charaid, a dh' ionnsuidh am bu chòir dhuinn teachd le h-earbsa agus le dànanachd dhiadhaidh. Cha robh duine riamh ann bu mhotha a neartuicheadh creideamh neach eile no an Dr Macleòid. Bha' chreideamh fhéin cho làidir, agus a chridhe cho mór agus gu 'm feudadh na h-uile àrd 'us iosal, lag 'us làidir, an seachranaiche agus am firean, tighinn ga ionnsuidh le làn chinnt gu 'm faigheadh iad co-fhair-eachdain, còmhnhadh agus comlfhurtachd uaithe.

An gaol a bh' agamsa air a bhi bruidheann ris, ag iarruidh a chomhairle agus ag innseadh dha mu 'm bhròn, agus mu 'm throm ionaguin !

Och mo chreach ! cho éucomasach 's a tha e dhòmhsha buadhan àrd an duine ainmeal agus mhath so a chur an céill. Bha urrad aig a lathareachd fhéin ri dheanamh ris a bhuaidh a bh' aig a bhriathran air càch, bha e cho blàth, cho faoilidh, agus cho chridheal, bha a chridheur thairis air le caoimhneas ga' chomh-chréutairean agus le gràdh do gach neach ; cha ghabh e innse do neach dha nach b' aithne e, oir bha mòran aig aoidh 'us a ghean fhéin ri dheanamh ris a bhuaidh a bh' aig a lathareachd air càch, agus ciamar a ghabhas a ghne duine a bh' ann a bhi air a mhineachadh do neach nach faca e fhéin ?

Bha tlachd shònruichte aig ann an àileachd obair nàduir, agus bha spéis àrd aige do thir fhiadhuich agus mhaisich a dhùthchais, d' an robh a ghaol cho dealasach agus cho blàth. 'N uair mu dheireadh a bha e 'n so thuirt mise ris gu 'n robh mi' eur romham uisge thobraichean òl 'n uair a rachainn gu deas air

son mo shláinte, thionndaidh esan ris an uinneig a bha sealltuinn a mach air a ghleann bhreagha troimh am bheil an abhuinn a' ruith : agus thuirt e, "Bheir iarmailt għlan nan sléibhtean sin agus an t-sàmhchair a th' ann an so tuilleadh sláinte d-ur Mòrachd na uile thobraighean na dùthcheha." Thuirt e gu 'n tug a bhean air tighinn ga m' fhaicinn ged a bha e cho fad air ais na shláinte, "Tha dol do Bhaile-Mhoireil daonnan a' deanamh féum dhuit," ars ise ris. Bha gràdh air leth aige do cheòl nuallanach tir a dhùthchais, agus na mhòr-chaoimhneas sgriobh e 'n roimhràdh a leanas air son an leabhair piobaireachd a chuir m' àrd-phiobaire-sa Uilleam Ros a mach :—

A PHIOB-MHÓR AGUS A CEÒL.

LEIS AN URRAMACH TORMOID MACLEODID.

'S i Piop nuallanach na 'n dos inneal ciùil sònruichte "Tir nam beann" 'us i gu aighearach air għléus 'an achlais fior għaidheal a mheðir gu grad air an fheadan, agus e an làn éideadh nan sonn. 'S e le'chéum stàdail ann an seòmar uaibhreach a chinn-fheadhna na air feadh nan gleann àlidh anns an do fhreagair mactalla nan creag do fheadain shiùbhleach a shinnsearachd, cha 'n 'eil inneal ciùil eile cho freagrach air son tional clann gach fine bho gach gleann gu cruinneachadh mu bhrataichean an cinn-fheadhna, agus tha dearbh fhios gur i a mhàin a chuireas gillean an fhéile air mhire-chath do 'n bhlàr. Is beò a bheir i fàilte do 'n cheaum-fheadhna a tilleadh gu buadhar bho 'n chath agus is tiomhaidh a thig an tuireadh uaipe an uair a għiul-linear le a dhaoine brònach e gu a dhachaidh bhuan anns a ghleann no do 'n eilean naonh anns am bheil a dhàimh na 'n codal. Tha doimhneachd faireachdain is tianhachd anns a chèol so a tha air a chur cho saothrachail ri 'chéile agus nach tuig neach e ach għaidheal a mhàin ; tha e dhàsan làn de 'chuimhneachain dhruughteach mu 'dhachaidh 'us mo dhùthaich ; tha an ceòl so a

toirt a rithist fa chomhair a shùilean na h-eudainn agus na cruthain a dh' fhalbh ; tha e a toirt air sùilean inntinn a bhi a rithist a faicinn gach beann, 'us loch, 'us gleann, do dhùthaich òige agus a' dùsgadh suas cuimhne air na làithean a chaith e na 'm measg an uair a bha a shonas aig àirde, mar so an uair a bheir ceòl na pìoba gàire air càch tha i toirt air a' ghàidheal a' bhi a' sileadh nan deur mar nach urrainn ceòl sam bith eile a' dheanamh eadhoin an déigh dha inntinn a bhi air àrd àiteach fhaotuinn feadh nam bliadhna chan bho na dh' fhàg e tir òige. Faodaidh coigreach a shaolsinn nach 'eil ach fuaim gun bhrigh anns a cheòl-mhór leis cho tric 's a thigear thairis 'us thairis air na h-aon phonean ach cha 'n ann mar sin a tha e do'n ghàidheal anns am bheil e gluasad cuimhneachan nam bliadhna chan a dh' fhalbh, cha 'n 'eil gun teagamh ceòl-mór sam bith gun tiamhachd bròin, gheibhear e eadhoin 's an fhàilte a th' air a cluich a dheanamh beatha a chinnfheadhna òig a measg a shluagh tha mar gu 'm b e cuisle bhròin air son an t-seann Triath a ruith a measg na failte aig an fhear ùr, cha 'n e mhàin gum bheil an tiamhachd so anns a "Tuirreadh" far am biodh dùil againn ris ach gheibhear e anns a' "bhrosnachadh catha" oir ged tha srann cho làidir 's cho fearail aige a' cur aigne nan laoch ri theine, gheibhear poncan bròin ann mar gu 'm bitheadh iad eadhoin an sin a toiseachadh ri caoidh nam marbh. Tha guth mar o' dhoimhneachd a bhròin a tighinn le lasan cruaidh bho na poncan cabhagach air am bheilear a tighinn thairis 'us thairis leis an aon ghaoir, "Sòlas a bhròin" mar a thuirt Ossian ris, leis am miann a bhi smuaineachadh a ghnath air an ni' a' chailleadh agus a tighinn thairis gun sgur air an aon smuain bhròin a tha a' lionadh, a chridhe aonaranach agus an deigh gach smuain a bhriseas a mach mu dheireadh leis an aon sgreud chruaidh leis an do thòisich e. Saoilidh móran nach 'eil 'an so ach cainnt gun tùr, ach tha e air a chur sios le làn chreideas anns gach focal dhe.

'S e bàrdachd Ossian guth bàrdachd nan gàidheal agus 's i phiop guth an ciùil ; agus anns an dà ghuth sin gheibhear spiorad agus òrain molaidh "Tir na 'm Beann na 'n gleann 's na 'n gaisgeach."

Thuirt mise ris gu 'n robh mi cinnteach gu 'n robh e toilichte, gu 'r gàidheal a fluair greim air O'Con-

nor¹ agus thuirt e gun robh e glé thàingeal sin a' chluinntinn.

Bha leithid de gheiread inntinn ann 'us e cho làn àbhachd agus dh' innseadh e do naigheachdan beaga dhuinn, agus bha dòigh cho ghrinn aig air an innseadh. Bha comas iongantach aige air inntinn sluaigh a thar-ruing agus air a cho-fhaireachdain a nochdadh dhoibhsan a b' àirde inbhe, cho math ris na truaghain a b' isle agus air comhfhurtachd a thoirt dhoibhsan a bhiodh air leabanan tannis agus an glacan a bhàis, dhoibhsan a bhiodh fodh àmhghar, a rachadh air seacharan no a bhiodh fodh amharus. Thuirt ban-charaid dhomh rium fhéin uair na' m biodh i an trioblaid mhóir, ann am bròn, no fodh iomaguin gur ann a dh' ionnsuidh an Dr Mhicleòid a dh' iarrudh i dol ! Agus 's ann mar sin a bhà daonnan ! Bhiodh neach cho cinnteach gu 'n éisdeadh esan ris gach sgeula trioblaid, laigse, no bròin le làn cho-fhaireachduin.

Dh' iarr mise air suidhe a dheanamh agus chunnaic mi gu 'n robh e fàs lag an uair a bha e cho toileach suidhe, ni nach b' àbhast dà dheanamh, thuirt e nach b' urrainn e seasamh ro mhath ; agus chuala mi an déigh sin gu 'n do ghearin e air sgios an uair a choisich e air ais bho 'n Eaglais. Thuirt mise ris gu 'n robh eagal orm gu 'n d' rinn a thuras do na h-Innseann coire dha, dh' aidich e gu 'n d' rinn ach thuirt e nach robh aithreachas air, air son a dhol ann. Thuirt mise gu 'n robh mi 'n dòchas

¹ Am fear a ruith dh' ionnsuidh a' charbaid agam aig Luchairt Buckingham le litir-iarrtais agus dag aige air an naothamh latha fichead de cheud mhios an Earraich 1872, agus rug am Brùnach air.

gu 'n tugadh e 'n deadh àire air fhéin agus gu 'n tigéadh e an rathad againn air a thilleadh deireadh an Fhoghair.

An uair a rug mi air làimh air a ghabhail beannachd leis thuirt e leis na deòir 'n a shùilean “Gu 'm beannuich-eadh Dia 'ur Mòrachd” 's ann an sin a' bhual e na m' chridhe air son a cheud uair 'n uair a bha mi' dùnadhl an doruis gu 'm feudadh e bhi nach faicinn an caraid gràidh so gu bràth tuilleadh, agus thàinig tioma orm, ach chaidh sin seachad agus is beag a shaoil leamsa mu 'n tigeadh ceann tri seachdainean gu 'm biodh an spiorad uasal fìorughlan aigesan leis an Dia agus am Fearsaoruidh a ghràdhdaich e cho mór agus dha 'n d' rinn e seirbheis cho dileas! Chuala mi uaith sin gu 'n d' thuirt e ri feedhain 'an so gu 'n robh eagal air nach faiceadh e sinn gu bràth tuilleadh.

Bheir mi nise cùnnatas as mo Leabhar lathail air na còmhraidean a bha eadar mi fhéin agus an duine uasal grinn eireachdail sin Mr Dònull Macleòid bràthair an Dr Tormoid air a cheathramh latha fichead de cheud mhìos an Fhoghair 1872, mu a bhràthair gaoil.

“Bha Tormoid na dhuine a dh' fhaodtadh a bhi air a thaghadh a nochdadhl a mach dealbh agus buadhan an fhior ghàidheal anns an t-seadh a b' àirde de 'n ainm, agus thuirt sinn ri chéile gur iad sin an dream aig am faichte co-fhaireachduinn agus dilseachd agus a bu mhòtha grinneas de gach sluagh eile. Thuirt mise bho na thuit mo thróm bhròn orm 'an 1861 gur iad na gàidheil bho 'm mothà a fhuair mi de cho-fhaireachduinn agus de bhuaidhl chiùineachaidh. . . . Thuirt esan (Dònull

Macleòid, gur e' bhrathair fichead bliadhna' bu shine na esan 's gu 'n robh e 'dol daonnaн ga' ionnsuidh mar a rachadh e gu athair air son comhairle. Bha a chaoimhneas do-sgithichte ris gach neach agus bha fhoighidinn co-ionnan ri' mhaitheas. 'S ioma neach nach faca e riaghlaх ga 'n do nochd e caoimhneas agus sin gu tric gu 'n fhios a bhi aig a theaghlach fhéin air. Bha e cho geanail agus cho làn fearas-chridhe 's gu 'n tàrruingeadh e daoine de gach seòrsa a chuir an làn-earbsa ann. Tha Mr Dònull Macleòid a làn chreidsinn gu 'n robh bàs a bhràthar gaoil aig a cheart àm sin na thròcraig mhór, a chionn gu 'm biodh beatha fhada ann an anmhuiineachd agus ann an diomhanas na deuchainn chruaidh dha. . . . Bha a shláinte air failneachadh mu 'n deachaidh e do na h-Innseann ach gun teagamh rinn an turas sinn coire dha nach robh beag; ach cha chaomhnadh esan e fhéin fhad 's a bha e 'g creidsinn gu 'n robh obair aige air a cur a mach air a shon. . . . Ghiùlain a' bhean agus a' chlann an call mór gu h-iongantach leis mar a theagaing e fhéin iad gu sealltuinn air an t-saoghal ri teachd mar staid shonais a bha na ni da rìreamh agus bha iad a' faireachdain gu 'm biodh e air aimhreadh dhoibhsan gun aoibhneas a dheanamh na shonas-san. Bha a chreideamhsan cho làdir 's gu 'n robh e gabhail greim sònruichte air càch agus thuirt e gu 'n robh e creidsinn an dòigh cho àraid 's an ath shaoghal agus anns a bheatha bheòthail a bhithidh sluagh a' caitheamh ann.

TURAS A DH' INBHIRLÒCHAIDH, 1873.

*Dimairt, an naothamh latha de mhios
meadhoin an Fhoghair, 1873.*

Dh' éirich mi aig deich mionaidean 'an déigh seachd, agus deich mionaidean 'an déigh sin shuidh mi gu 'm thràth-maidne le Beatrais. Bha maduinn àilidh ann. Dh' fhàg mi Baile-Mhoireil aig còig mionaidean 'an déigh ochd le Beatrais agus Sìne Churchill ann an carbad cheithir each a dhol gu Bailatair, bha 'm Brùnach na shuidhe air mo chùlthaobh 'us chaidh Seanalair Ponsonby agus Dr Fox air adhart air thoisearch oirnn. Bha 'n carbad-smùid comhfhurtail againn fhéin 'an so 'g ar feitheamh; thàinig Sìne Churchill a stigh leinne agus chaidh Aimili Dittweiler, Anna Dhònullach agus Maxted bean-fhrìthealaidh Ban-mhorair Churchill do sheòmar an luchd éididh. Bha 'm Brùnach làmh riumsa agus bha Frànnsaidh leinn a gabhail cùram de Noble còir.¹ An déigh dol thar drochaid na Duinn aig leth-uair an déigh aon-uair-deug ghabh sinn ar tràth-nòin de bhiadh fuar, agus aig ceathramh roimh aon uair bha sinn aig àite coinneachaidh na 'n rathad iaruinn aig Stanley, dh' fhàg sinn 'an sin an rathad meadhoin a tha ruith gu deas bho Abaireadhoin 'us thionndaidh sinn a' stigh air an rathad ghàidhealach. Bha sinn ag éigheach nan creach 'an so air son na h-iarmait a bhi cho chiar agus nach faiceadhmid ni de 'n dùthach a nùll uainn agus bha

¹ Cu-chaorach ciatach eile th' agam.

eagal oirnn mu 'n fheasgar. Chaidh sinn aig aon-uair seachad air gleann àllaidh Dhunchaillinn 'us fhuair sinn sealladh 's an dol seachad de 'n Ard-eaglais agus de 'n dùthaich bhreagha mu 'n cuairt. Bha 'n toil-eachadh' ghabh Beatrais na 'm faicinn a cur na m' chuimhne na turasan aoibhneach a bh' again fhéin an sin roimhe so; ghabh sinn an déigh sin seachad air St Colme an tuathanachas a th' aig a'. Bhan-diùc aig Dail-na-giùbhsaich agus chunnaic sinn a chrois chéilteach a th' air a cur suas aig Laganiochdrach mar chuimhneachan air Diùc Abhull nach mairionn; chunnaic sinn a rithist Bailechloichri; agus an déigh sinn ghabh sinn troimh chathadh breagha Chill-a-Chragi cha d' rinn sinn ach gabhail seachad greis uaithe an uair a thug sinn an sgriob fhada ri taobh Loch Tatha 'us Loch Teamhthuil 'an 1866. Dh' fhan an spéur cho dorcha 's a bha e os cionn Dhunchaillinn 's an ùine ghoirid thuit bratsgaile de cheathach bàn air na sléibhteann 'us thàinig an t-uisge.

Ghabh sinn seachad glé dhlùth air Blàr-Athull 'us bha mise 'cuimheachadh an turais mhuladaich a thug mi an sin 'an 1863. An uair a chaidh mi air a' cheart rathad so a' dh' fhaicinn an Diùc nach mairionn; agus bu leir dhomh bho so gach ni ùr a rinneadh mu 'n chaisteal bho 'n uair sin. Tha 'n rathad iaruinn a tha ruith bho so air an aon luidhe ris an rathad air an tug sinn an sgriob thoilichte a' tilleadh bho Dhailchuinidh 'an 1861. Ghabh sinn seachad air Dail-na-spíteil—àite aonaranach —agus an sin suas ri Druimuachdair 'us Loch Garraidh 'us Loch Erichd agus iad a' sealltuinn cho bòidheach

ged a bha an dùthaich mu 'n cuairt cho fiadhuich 's e cho aonaranach gun choille gun tigh còmhnuidh agus ceathach 's uisge a' milleadh a choltais. Beagan an déigh sin stad sinn aig Dailchuinidh goirid bho 'n tigh òsda anns an do chodail sinn 'an 1861. An déigh dhuinn marcachd bho Bhaile-Mhoireil gu gleann Rhuinn-sidh, agus uaith sin sios gu Newton mó; cha 'n 'eil astar fada 's an turas so le 'ghabhail tarsuing thar nam beann, ach air eagal a bhi' an carbaid 'an side neoch-innteach thàinig sinne an t-astar fada so mu 'n cuairt. Ràinig sinn Cinn-a-ghiùbhhsaich aig còig mionaidean fichead roimh thri uairean. Bha àite stad carbad-na-smùid 'an sin air a dheanamh glé mhaiseach le flùraichean, le fraoch agus le brataichean. Bha oighre Mhic-Shimidh an sin—àrd oifeagach na siorramachd—agus Cluani Mac-a-Phearsoin agus iad le cheile 's an deise gháidhealaich. Dh' fhan sinne far an robh sinn gus an deachaidh gach ni 'bhuineadh dhuinn a' chur 'n ar carbaid agus an sin thàinig sinn a mach 's an dile uisge ann. Chaidh sinne 'n ar triùir 's a charbad mhór agam fhéin agus Seanalair Ponsonby agus am Brùnach air a thoiseach. Bha na mnathan frithealaidh agamsa anns an ath charbad agus na mnathan frithealaidh eile agus Frànnsaidh 's an cù 's na seirbheisich eile 'an dà charbad 'n ar déigh. Ghabh sinn troimh bhaile beag Chinn-a-ghiùbhhsaich far an robh dà bhogha bhuadhach air an eur suas agus bha gach àite air a dheanamh maiseach, agus bha cuid de dhaoine Chluaini air an tarruing suas romhainn. Thionndaidh sinn uaithe sin ris an làimh chli suas a measg nam monaidhean agus

air adhart troimh 'n bhaile bheag fhada bhochd nis an abrar Newton mór ('s ann do 'n àite so a bhuineadh an duine aig Anna Dhònullach ach cha 'n fhac' i e riamh gus a so) troimh 'n deachaidh sinne 'an 1861, agus uaith so air adhart troimh mhòintich fhàsail còmhduichte le fraoch. Tha 'n rathad ag gabhail air adhart air bruachan abhuinn Spé a tha ruith gu seimh troimh ghleann uaine breagha 'us na sléibhteann bithbhuan ag éirigh gu greadhnach a null uainn. Chaidh sinn seachad air a "Chreag Dhuibh" agus air caisteal a bha ann an coille, bha bogha buadhach aca air an rathad agus fear a' chaisteal 'us a' bhean na 'n seasamh làimh ris, agus thug iad bad fhlùraichean dhomh. Thàinig sinn 'an déigh sin air caisteal Chluani agus bha a' Bhan-tighearna le a teagh-lach 'g ar feitheamh aig a' chadh'-chliath. Stad sinn 'an déigh dol seachad agus thàinig i 'thoirt bad fhlùraichean domh.

Bha mi ag aithneachadh an rathaid air adhart uaithe so, leis a bheagan cuimhne a bh' agam air le dhol troimh aon uair 'an 1847. Bha 'n dùthais na h-aon fhàsaich gun bhaile, gun tuath bho na dh' fhàg sinn Newton mór mar robh corra bhothan beag brònach agus beagan thighean thuathanach thall 's a bhos ach bha 'm beagan sluaigh a bh' ann glé chàirdeil. Fhuair sinn eich eile aig Drochaid Lagain, drochaid mhór chloiche air an deachaidh sinn thar an Spé agus air an robh deadh chuimhne agam; tha i goirid bho Strathmhàisi. Stad sinn beagan mhionaidean 'an so; agus thug nighean bheag bad fhlùraichean domh. Thug fear an tighe òsda botul le fion ann agus gloine do 'n Bhrùnach. 'S

e Macghriogair — fear tighe òsda Bhanabhi bha 'g ullachadh nan each dhuinn fad an rathaid ; chaidh e fhéin air thoiseach oirnn na h-uile céum 's e na dheise ghàidhealaich. Cha robh againn ach paidhir each fad an rathaid agus 'an déigh a' cheud àite stad bha iad glé mhath. Bha 'n deadh rathad againn ; 's gann gu 'n robh uchdach idir againn ged a bha beanntan cho àrd mu 'n cuairt duinn. Dh' eutromraig an t-nisge agus ged a bha fras an dràsd 's a rithist ann bha deadh shealladh againn de 'n dùthach bhreagha' bha mu 'n cuairt agus de na monaidhean àrda, sgorrach biorach, a bh' air gach taobh, goirid an déigh sin dh' fhàg sinn an abhuinn 'us ràinig sinn Loch Lagain bòidheach, tha e seachd mile air fad agus tha 'n rathad a' gabhail air adhart fodh sgàile beithe, caorann le bhagailtean de dhearcan deurga, darach, agus móran fearna agus iad uile cho breagha. Bha mi cho toilichte an loch fhaicinn a rithist an déigh chóig bliadhna fichead dh' aithnich mi e agus bu taitneach leam a rughachan coillteach 's a chamusan beaga, an dà eilean bheag, agus an 'ionad aisig gu taobh thall an loch, agus an dà Bheinn Aldair.

An déigh dol seachad air àit' an aisig stad sinn 'an àit uaigneach aig còig uairean agus ghabh sinn ar *tea* anns a' charbad agus gu dearbh bha e glé ùrachail. Thàinig sinn 'an déigh sin gu Ardmheirgi air an robh deadh chuimhne agam 'us mar a ghabh sinn air adhart mu' choinneamh bha mi' cuimhneachadh agus ag innse naigh-eachdan doibh air a mhios a chaith mi 'n sin agus na h-uile latha dhiùbh cho fliuch ris an latha 'n diugh. Bha 'n Ridire Iain Ramsden a cheannaich an oighreachd

so, na sheasamh ri taobh an rathaid agus beagan sluaigh leis. Tha Tigh-eunaich a Mhagh aig ceann an loch, tigh beag bòidheach coltach ri Ardmheirgi agus tha fear tharruing dhealbh ris an abrar Mr Ansdell a' fuireach ann. Fhuair sinn eich ùra aig a Mhagh (far nach 'eil ach aon tigh) agus ghabh sinn air adhart troimh Ghleann Spean, gleann breagha. Bha sinn bho 'n rathad a' sealltuinn sios air an abhainn 's i a ruith na h-easan, na steallan, agus na cuartagan a measg nan creag air am bheil craobhan a fàs gu dlù agus na beanntan arda ciatach ag éirigh a' null uaipe sgùr 'an déigh sgùr dhiubh a' tighinn 'n ar fradharc, ghabh mi 'n rathad so roimhe ach cha robh cuimhne sam bith agam air a choltas. Mu 'n d' thàinig sinn gu tigh-osda Dhrochaid Ruaidh fhuair sinn sealladh air cuid de na rathaidean ainmeal a tha ruith a reir a chéile air eudan nam beann an so. Chitear nis fearr iad beagan air adhart air a so. Tha luchd eòlais n' an creag a' creid-sinn gu 'm bheil iad a' comharrachadh a mach cladaichean loch uisge a bha aon uair a lionadh a' għlinne, agus a bha air a għlasadh an sin le meall eighe a bha 'an Gleann Spean, agus gu 'n do thuit an loch aig tri amanan a reir 's mar a bha an eigh a briseadh air falbh.

Bha turadh ann 'us choisich sinn greis mu 'n d' ràinig sinn Drochaid Ruaidh. Dh' atharruich sinn eich aon uair eile 'an so agus chaidh sinn air adhart 'an tiota 'an déigh sin fodh bhogha buadhach air a' dhean-amh de fhraoch agus sgriobhainean air, bha pioban móra ag cluich agus grùn ghàidheal air an tarruing 'an òrdugh ach gu mi-fhortanach għabha na carbaid seachad

orra ro luath. Bha sgriobhadh Gàidhlig air aon taobh de 'n bhogha agus air an taobh eile, “*Loyal Highlanders welcome their Queen.*” Tha na paipearan naigheachd ag radh gur i bantrach Mhic-Raonuill na Ceapach a chuir suas e.

Mu thri mile uaith so ràinig sinn Drochaid Speain agus bha 'n oidhche a' tuiteam. Choinnich Morair Abinger 'us a' Bhan-mhorair agus an tuath aca sinn aig an Tigh òsda ann an so. Thuit am Morair gu 'n d' iarr an sluagh air buidheachas a thoirt dhomh air son mi chur de urram air an dùthaich agus gu 'n d' thàinig mi 'g a sealltuinn. Agus thug nighean leis bad mór fhlùr-aichean dhomh 'an ainm na tuath. Ghabh sinn an déigh sin air adhart troimh mhòintich fhàsail agus shil an t-uisge gu tróm oirnn a rithist. Dhorchaich an oidhche agus cha robh ann ach gu 'm faiceamaid a bhi dol air adhart fodh sgàile bheanntan àrda. Ghabh sinn a stigh do Inbhir-Lòchaidh aig deich mionaidean an déigh ochd uairean, bha an tigh air a lasadh suas agus e sealltuinn glé shuilbhire. Tha trànsa beag grinn 's an dol a stigh agus tha tri seòmraichean laghach agamsa suas an staidhir agus na mnathan frithealaidh goirid uam, tha Beatrais 'us Morgan dlùth orm air taobh eile an trànsa. Tha mo sheòmar suidhe glé ghrinn. Bha e naoi uairean mu 'n d' fluair sinn suidhe gu 'r dinneir. Ghabh Beatrais 'us Sine an dinneir na m' chuideachd agus fhritheil am Brùnach oirnn agus Cannon¹ an gille-coise. Tha seòmar-na-cuideachd mór, tha e gu math breagha agus air a dheadh airneiseachadh. Cha

¹ Dh' fhàg e mo sheirbhis' an 1879.

robh sinn fada gun dol fodh sgaoil 's bha sinn uile glé thoilichte faotuinn a luidhe.

CAISTEAL INBHIRLÒCHAIDH,
*Diciadaoin, an dcicheadh latha de mhìos
 meadhoin an Fhoghair.*

Tha sileadh tròm ann an diugh 'us ceò air na sléibhteann. Bha e glé dhorannuch leam, ach gu 'n robh toil-eachadh anns na seallaidhean breagha a bha ri fhaicinn bho 'n tigh. Gu sònruichte bho 'n t-sheòmar suidhe agamsa air am bheil uinneag mhór a tha na bogha agus té bheag eile air gach taobh dhi sin 'us iad a' coimhead ri Beinn Nibheis a tha direach ri 'r beulthaobh cho àrd, agus tha deadh shealladh againn de 'n Ghearrasdan nis faide ris an làimh dheis, agus de 'n Linne Dhuibh 'us de phàirt de Lochial a tha' ruith suas dà mhile dheug bho so, agus monaidhean Mhùideart air adhart bho cheann, suas gu Gleann-Fhianain; agus tha iad so uile agus Banabhi le' Thigh-òsda dlùth air a Chlais-uisge Chaledònianach ri 'm faicinn bho 'n uinneag eile. Cha 'n eil an seòmar beag bòidheach so a' fos-gladh do sheòmar sam bith eile; tha 'n ath sheòmar aig Aimili Dittweiler, agus 's e 'n ath fhear a rithist an seòmar éididh agamsa agus laimh ris a sin tha 'n seòmar aig Anna, tha iad sin uile fada agus aimh-leathan agus tha mo sheòmar cadailsa làimh riutha, seòmar mór fada farsuing agus an leaba agam fhéin ann, an leaba a bh' agam air falbh leam' an Switzerland, Inbherthròsaich, Sandringham, agus Baden. Tha seòmar na dinneir air a cheud ùrlar, tha deadh mheudachd

ann agus 's ann 'tha na daoine-uaisle a' gabhail an dinneir. Tha 'n seòmar cuideachd an sin mar-an-ceudna agus an Leabhar-lann beag anns am bheil sinne a' gabhail air tràithean. Cha 'n 'eil seòmar sam bith 's an tigh so a' fosgladh do fhear eile. Ged tha euid dhe na seòmraichean codail nis mothà na bha iad an Inbher-thròsaich cha 'n 'eil na seirbhisich cho math dhe. Ghabh Beatrais 'us mise ar tràth-maidne 'us ar tràth-nòin gach latha leinn fhéin, agus air an latha so 'an déigh ar tràth-maidne aig leth-uair 'an déigh naoi uairean chaidh mise suas an staidhir 'us sheall mi air seòmar a' Bhrùnaich, tha e sios dha no tri cheumanan staidhreach bho 'm sheòmar fhéin agus cha 'n 'eil e nis mothà no seòmar ionnlaid glé bheag. Tha Beatrais direach tarsuing an trànnsa a null uamsa, no mu 'n cuairt dhe 'n oisinn. Tha deadh sheòmraichean aige Sìne Churchill agus aig an dà dhuin-uasal gu h-àrd an staidhir. Bho nach d' thàinig turadh chaidh Beatrais 'us Sìne Churchill a ghabhail sràid leam mu 'n cuairt dhe 'n tigh 's dhe na stàbuil, an déigh am faicinn ghabh sinn a mach aig Tigh-na-cadh'-chliath agus ràinig sinn an tuathan-achas, ach cha robh beathach cruidh sam bith ri fhaicinn annu 's an àm sin, agus air ar tilleadh dhachaidh ghabh sinn a stigh troimh 'n tigh. Chunnaic sinn àite na còcaireachd, agus seòmar biatachd na 'n seirbheiseach 'us bha sinn a stigh aig ceathramh roimh aon-uair. Bha plathainean breagha dhe 'n ghréin ann a lasadh suas na dùthaich mhaisich, agus tharruing mise dealbh bho 'n ninneag a tha sealltuinn ri Banabhi.

Chluich mi am *piano* greis le Beatrais. Bha

coltas togail air an latha ach bha greidein theth agus frasan mu seach ann ; ach chuir sinn romhainn dol a mach. Aig fichead mionaid roimh chóig thog an triùir againn oirnn na 'm charbad fhéin agus am Brùnach air a thoiseach, bha paidhir each againn agus gille-greasaidh a rinn gu h-anabarrach math. Chaidh sinn seachad air an Tighthogalach bho 's cionn Drochaid Lòchaidh agus 'an déigh dol thar na drochaide ghabh sinn mu mhive air adhart gu Banabhi, far am bheil deadh thigh òsda laimh ris a' chlais-uisge Chaledònian-ach. An déigh dol thar drochaid na clais-uisge ghabh sinn troimh bhaile-beag na Corpaich, far an do thionndaidh na h-eich air rathad eile agus thuirt am Brùnach nach mór nach do chuir iad 'an clais sinn ! ach 'an déigh dol beagan air adhart fhuair sinn tionndadh agus bha sinn uile ceart, ghabh sinn air adhart suas ri taobh Lochial. Tha e caol an toiseach ach tha e' leudachadh suas ri cheann, agus shuas bho sin tha monaidhean sgorrach aigeantach Mhùideart. Tha iad dlùth air Gleann - Fhianain. Tha 'n deadh rathad 'an so agus ged a tha e ruith ri bun nan sléibhteann cha 'n 'eil uchdach sam bith ann, ach tha e glé lùbach agus de choille mu thiomchioll 's gu 'n robh sinn a dol air adhart fodh sgàile chraobhan uinnsinn 'us daraich 'us fearna, agus fodh chraobhan caorainn luchdaichte le dearcan deurga. Bha 'm fraoch cho saibhir agus cho ioma-dathach a' cinntinn cho breagha a measg na rainnich a bha toiseachadh ri ruadhachadh, agus bha e 'sealltuinn cho bòidheach. Bha bothain bheaga bhochda 'an sud 's 'an so air an rathad, bha iad air an togail

de chloich 'us air an droch thuthadh, le luithean a' cinntinn air am mullaichean 's iad gun choltas dluith no dealbh orra. Bha an achaidhean beaga arbhair làn luibhean 's an gàraidhean gun sgòinn 'us preasan a' cinntinn suas ri 'n uinneagan; ach an déigh uile bha crodh aig na h-uile h-aon diubh !

Chaidh sinn seachad air an Fhasadhfhearna an t-àite bh' aig athair a Choisneil Chamshron a thuit aig Quatre Bras. Cha 'n eil ann a nis ach tigh-tuathanaich, tha eraobhan glé bhreagha mu 'n cuairt da. Tha mi smuain-eachadh gu 'm féumadh gu 'n deachaidh sinn deich mile a dh' astar gu ceann an loch. Fhuair sinn móran toilichidh na 'r cuairt gu boil leis na frasan uisge a bha sior thuiteam.

Thill sinn dachaidh aig fichead mionaid roimh ochd. Fhuair mi deadh naigheachd mu Leopold ged a bha droch shide aige. Bha ar dinneir mar a bha i 'n dé, chluich mi am *piano* le Beatrais ann an seòmar-na-cuideachd agus 'an déigh sin chaidh sinn an àird an staidhir.

*Diardaoin, an t-aona latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Dile 'us doireann fad na h-oidhche 'us cha 'n i' mhachuinn ni is fearr. Cha b' urrainn duinn dol a mach fad na maidne. Thog e an déigh 'mheadhoين latha 'us bha coltas breagha air. Direach mar a rinn sinne suas ar n-inntinn gu dol a mach aig ceathramh an déigh ceithir shil e rithist; ach co dhiubh 'n uair a thog mise orm 'n am charbad fhéin le Beatrais 'us

Sine thàinig a' ghrian a mach agus fhuair sinn feasgar breagha. Chaidh sinn gu drochaid Speain air an rathad air an d' thàinig sinn Dimàirt agus 'an déigh dol thar na drochaide thionndaidh sinn, air adhart ri taobh na h-aibhne ris an làmh chli fodh sgàile chraobhan ciatach a tha pait mu 'n cuairt agus bha sinn a' faicinn móran beighe a' fàs suas ris na bruthaichean. Fhuair sinn eich ùra 'an déigh 'dol seachad air an Drochaid Bhàin agus air sean chladh dhe nach 'eilear a' gabhail móran cùram, chunnaic sinn sgioba tiodhlacaidh a falbh as agus grùn de thuathanach na 'm measg 'an eudach dubh, bha 'chadh-'chliath glaiste 'us sluasaid góirid uaipe. Gheibhear deadh shealladh de Bheinn Nibheis bho 'n uchdaich os cionn na Drochaide Bàine agus de na beanntuinn os cionn Loch Lòchaidh agus fhuair sinn plathadh de 'n loch fhéin bho aon de għlasan na claisuisge. Dh' atharruich sinn eich 'an so mu 'n deachaidh sinn thar na glaise, tha abhuinn Lòchaidh a ruith air adhart 'an so agus i glé dħluth air a' chlais-uisge. Tha 'n rathad gu math àrd 'an so so cionn na h-aibhne agus na clais-uisge, agus sealladh math uaithe de Bheinn Nibheis agus de na monaidhean mu 'n cuairt. Tha 'n rathad so—mar a tha na h-uile rathad eile 's an àite so glé mhath agus breagha, tha e lùbadh a' measg chraobhan agus bhothan lagħach ged a tha iad beag bochd—thall 's a bhos 'an cois an dailtean beaga agus an crodh gàidhealach aca ag ionaltradh mu 'n cuairt. Bha 'n latha frasach a rithist an déigh dħuinn tighinn gu Gearrochaidh. Theirinn sinn gu Banabhi agus is ciatach an coltas a th' air an Tigh-òsda a th'

ann, ràinig sinn dachaidh aig ceathramh roimh shia uairean. Ghabh Beatrais 'us Sìne an *tea* 'an seòmar na dinneir, agus 'an déigh sin ghabh iad sràid ghoirid mu 'n cuairt de 'n tigh agus thill iad a stigh aig seachd. Thug mise greis air sgriobhadh. Bha e sior shileadh air an uisge ach cha robh gaoth ann. An déigh na dinneir chluich Beatrais 'us mise am *piano*, 'us an déigh sin chaidh mi suas an staidhir agus thug Sìne Churchill greis air léughadh dhomh.

*Dihaoine, an dara latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Tha latha breagha soilleir grianar ann an diugh. Thàinig Mr Newton fear tharruing na 'n dealbh' an so an déigh ar tràth-maidne le cuid dhe obair. Tharruing mise dealbhan 'us chuir mi daithean orra, bha sealladh cho breagha ri fhaicinn bho m' uinneig fhéin. Chaidh mi aig aon-uair-deug a mach 'an carbad le Beatrais 'us Sìne Churchill, bha Seanalair Ponsonby air an toiseach, na shuidh leis a' Bhrùnach, ghabh sinn seachad air Tightogalach Iain fhada agus air adhart troimh Ghearrasdan dubh Inbher-Lòchaidh. Bha bogha buaghach aca air a chur suas beagan seachad air Drochaid Nibheis teann air sean chladh dhe nach' eilear a gabhail a bheag dhe chùram agus anns am bheil caragh cuimhne air Eobhan MacLachlainn am bàrd. Chaidh sinn seachad air Tigh Eiridiinn beag grinn, a thog fear, Mr Belford agus a' bhean; agus beagan in b' fhaide air adhart ghabh sinn a stigh do 'n bhaile fodh bhogha buadhach eile, 's le nighean an Ridire Donnachadh an Fhasadhlifhearna 'an

Gearrasdan a nise. 'S ann do 'n dìdeann so a thàinig Mac-ic-Iain Ghleann-Comhann a thoirt a mhionnan gu bhi dìleas do 'n treas Righ Ulileam.

Cha 'n 'eil baile a' Ghearrasdain ach beag, agus a mach bho 'n àite sam bheil na bùithean is fearr, cha 'n 'eil e ro ghlan, tha móran de 'n t-sluagh glé bhochd ach iad uile cho càirdeil agus cho dealasach. Tha ceithir eaglaisean ann—Eaglais Steidhichte, Eaglais Shaor, Eaglais Easbuigeach agus te Phàpanach. Chaidh sinn mu mhile air adhart ri taobh na Linne Duibhe sios troimh Acha-an-todhair agus an sin thill sinn, agus ghabh sinn a dh' fhaicinn an t-sean Chaisteal duibh. 'S e 's dlùith air a bhaile no caisteal ùr Inbher-Lòchaidh, chaidh sinn a' shealtuinn air a bhalla-bhriste ach cha 'n eil móran ann dhe agus cha 'n eil a bheag ri fhaicinn mu thiònchioll. Thàinig sinn as a' charbad mu cheathramh a' mhive bho 'n tigh 'us choisich sinn; fhuaire sinn dhachaidh mu leth-uair an déigh da-uair-dheug.

*Dihaoine an dara latha deug de mhios
meadhoin an Fhoghair.*

Bha latha àillidh ann agus chaidh mi ghabhail sgrìob le Beatrais 'us Sime Churchill anns a' charbad, bha 'n da dhuin' uasal 'an carbad eile 'n ar déigh 'us Tearlach Mac-Thómais 'na shuidhe air a thoiseach ghabh sinn seachad air Banabhi 's air adhart gu Geàrrlochaidh air an rathad air an do thill sinn dachaidh an dé ach 'an àite dol thar na clais-uisge ghabh sinn air adhart air rathad a bha ris an láimh chli; tha 'n rathad breagha a dol troimh Choilleros gus an d' thàinig sinn am

fradharc Loch Lòchaidh, a bha 'sealtuinn cho maiseach le a bhruthaichean coilltich agus a shléibhteann gorma. Thionndaidh sinn bho 'n rathad mhór gu bruachan abhuinn Airceig dlùth air Caisteal Lochial agus chuir breaghad an t-seallaidh an Tròsaich na m' chuimhne.

Tha Acha'-na-Carraigh 'na luidhe glé iosal, ach tha craobhan anabarruch breagha mu 'n cuairt da, tha saibhreas na coille agus na meangain a' toinneamh na chéile agus na monaidhean garbha a' sealltuinn cho àillidh 's iad a' dol nis breagha 's nis breagha gus an ruigear Loch Airceig a tha mu leth mhile bho 'n tigh. Tha 'n loch so a cur Loch Katrine na m' chuimhne, gu sònruichte far am bheil an eithe beag dhe 'n deachaidh sinn air bàrd a bhata bheag smùid ghrinn a bh' aig Lochial air an loch.

Choinnich e fhéin sinn aig a chithe 'na fheile agus 'na bhreacan guaille agus chaidh sinn uile air bàrd bata-na-smùid. Bha 'm feasgar àillidh 's bha boisgeadh breagha a' lasadh gach glac 'us enoc mu 'n cuairt. Tha 'n loch ceithir-mile-deug air fad agus a thaobh cho beag ùine 's a bha againn b' fhéadar dhuinn tilleadh aig a leth agus bha Lochial duilich air son so a chionn nach faca' sinn a chuid bu bhreagha dheth. Tha frìdh nam fiadh ris an làimh chli dol suas; agus tha 'n taobh deas fodh chaoraich.

Tha coille bhreagha mu iochdar nam monaidhean àillidh a th' air gach taobh de 'n loch, darach nadurra gun chraobh air a cur dheth. Thuirt Lochiall gu 'm b' e so an luibh a bha iad a' gartlan as an tir an so. Bha na craobhan so a' cinntinn anns gach lag a bha 's na

enuic agus ann an sgorran nan creag. Bha beinn chruinne-bhiorach an ceann oirnn far an do thill sinn ris an abrar Sgùr-na-h-ad, bha Gleannmàilidh ris an làimh chli agus Mürlagan a null ris an tuath, bha a Ghiùbhhsach agus na Gearraidhnean air an taobh thall ris an deas. Ghabh sinne na 'r triùir ar *teat* mu 'n do thill sinn agus dh' ùraich i sinn gu mór. Dh' fheuch mise ri dealbh a tharruing ach bha a ghrian ro theth air son sin.

Bha Lochial ro-ghrinn ag innse dhuinn mu gach àite 's a dhoigh labhairt cho taitneach, bha e' an China le Morair Eilginn. Bha 'n t-àite so air mhàl aig Morair Malmesbury fad chóig-bliadhna deug bho shean Lochial. B' àbhaist do theaghlaich Canning tighinn an so 's an àm sin agus is minic a chuala mi a' Bhan-nhorair ag innse mu mhaise an àite agus chunnaic mi dealbhan a tharruing i ann. Dh' éug sean Lochial bho chionn tri-bliadhna-deug agus tha 'dhachaидh aig an fhear so 'an so bho sin. Bha Alfred 'an so 'an 1863.

Mu 'n d' thubhairt Seanalair Ponsonby e b' iongantach an sealladh ar faicinn an diugh. "Bha Lochial 'an sin," ars esan, "agus e do shliochd an fhir a b' aobhar do 'n éirigh 'an 1745—oir gun chòmhlnadh Lochial cha tugadh Prionnsa Tearlach an oithearp—agus e a' seall-tuinn do 'ur Mòrachd—ion-ogha an fhir a dh' fheuch iad ri chur bhàr na cathrach—na h-àiteachan a bh' air an deanamh ainmeal le Prionnsa Tearlach a bhi na fhògarach annta, bu shealladh e' thoirt tioma air neach."

Tha sin mar sin ; agus tha mise a faireachduin urram na m' chridhe ann a bhi dol troimh 'n dùthaich àillidh

so agus uaill orm a ràdh gur mi fhéin is uachdaran oirre—far an robh iad cho rioghail agus cho dileas do theaghlaich mo shinnsearachd—oir tha fuil na 'n Stiùbh-artach a ruith na 'm phòransa agus is mi a tha 'n diugh a' seasamh na 'n ionad agus tha 'n sluagh cho dileas agus cho rioghail dhòmhsha agus a bha iad do 'n dream mhi-shealbhar sin.

Chaidh sinn air tir aig a' chithe bheag agus choisich sinn thar na drochaidean, agus na carbaid 'n ar déigh, ghabh sinn air adhart fad beagan chendan shlat gu cadh'-chliath a bha mu choinneamh an rathaid air an d' thàinig sinn agus 'an sin chaidh sinn do na carbadan. Bha piobaire ag cluich bho na thàinig sinn air tir, ghabh sinn air adhart troimh rathad breagha ris an abrar "am mile dorcha" tha 'n t-ainm so aige bho 'n chùnnatas chraobhan ciatach a th' air gach taobh dhe a' toinneamh am meangain na 'cheile agus a deanamh an rathaid dorcha. Air an taobh chli dhe tha e fodh sgàile chreagan àrda air am bheil saibhreas mór de fhraoch 's de rainnich 's de luibhean eile ag cinntinn. Tha 'm fraoch a' fàs anabarrach breagha anns an dùth-aich so 's a bhìl na bhadain cho tròm, chunnaic sinn ann an so an uamh anns an robh Prionnsa Tearlach am folach fad seachdainn. Dh' fhàg sinn an rathad so aig ceann Loch Lòchaidh agus bu bhòidheach a bha e a' sealltuinn fodh dhearsa na gréine 'us i dol fodha 's an iar, ghabh sinn air adhart air bruaich an uisge gus an d' ràinig sinn an rathad air an d' thàinig sinn. 'S le Lochial so fad mhiltean air adhart, agus gu dearbh is breagha an oighreachd i.

Ach a nis thàinig an sealladh oirnn a thug bàrr air càch gu leir—chunnaic sinn Beinn Nibheis 'us na monaidhean a tha mu 'n euairt dhi, agus an fheadhain a tha 'ruith suas gu Loch Lagain 's iàd cho dearg le dearsadh dol fodha na gréine—*Alpenglühn*—mar a chithear e air na Beanntan Ailpeanach. Bha e cho àillidh. Dh' fhàlbh an deirge uith air n-uith gus an d' fhàs no enocan gorm agus a rithist glas, cha mhór nach robh 'n oidhche dorcha mu 'n d' ràinig sinn Banabhi agus bha e ceathramh roimh ochd mu 'n d' fhuair sinn, dachaidh. Tharruing mise Beinn Nibheis bho 'n charbad an uair a dh' fhàlbh sinn anns a' mhàduinn.

Bha móran litrichean 'g am fheitheamh. Tha iad air an liubhairt aig ochd agus a dol a mach aig deich, ni a tha glé mhi-ghoireasach.

Ghabh sinn ar dinneir bheag àbhaistich mu naoi uairean.

*Disathurna, an treas latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha sinn glé thoilichte maduinn bhreagha eile fhaicinn le sinn a bhi 'eur romhainn dol do Ghleann-Comhann oir be sin an gnothuch sònruichte a thug an rathad so sinn 's an 'am so. Ghabh sinn ar trath-maidne beag grinn mar a b' abhaisd. Thug mi greis air tarruing.

Thog sinn oirnn aig aon-uair-deug anns a 'cheart òrdugh 's an robh sinn an dé 'us Frànnsaiddh Mac-a-Chleirich¹ agus Cannon air toiseach an dara carbaid. Ghabh sinn air adhart troimh 'n Ghearrasdan 'us troimh Acha-an-todhair mar a rinn sinn anns a'

¹ Caraid do 'n Bhrùnach a bha na m' sheirbheas bho 1870.

mhaduinn an dé agus sios cladach an ear na Linne Duibhe air an robh dearsadh na gréine gu bòidheach agus na monaidhean a null uainn a' sealltuinn cho gorm, cha 'n 'eil na bothain air adhart ri taobh an rathaid ach brònach coltach. Cha 'n fhiach iad tighean còmhnuidh a radh riutha, tha iad cho beag, cho iosa, agus cho dorcha le tudha, fraoch, agus còinnteach. Mar fhaiceadh mid smùid asda agus gu 'n robh seann sluagh luideagach 'us clann gun chìreadh mu na dor-san cha smuainicheadh mid gu 'm b' àiteachan fuirich iad idir. Tha iad air an suidheachadh gu bòidheach am measg chraobhan agus bha am monadh fraoich 'us feòir suas ri 'n cùl a' cur Switzerland na m' chuimhne. Tha achaidhean beaga bochd aca le tuilleadh luibheanach na arbhair anna agus iad air luidhe gu dona leis an uisge agus an cuid a dh' àiteachan chunnaic sinn laogh no mart—de 'n fhior sheòrsa ghàidhealach ag ionaltradh a' measg an arbhair.

Tha sealladh gasda againn bho 'n rathad so dhe na monaidhean breagha a th' air taoblh thall an loch. Bho 'n Chorran¹ chunnaic sinn Connaghleann 'an Aird-ghobhar far am bheil tigh Iarla Morton aige beul breagha glinne, cheannaich e 'n oighreachd chiatach so bho Mhac-'ic-Eobhain. Tha 'n Linne Sheileach ri taobh deas a' Chorrain. Tha 'n rathad 'an so a tionndadh a' sealladh na mara ris an iar gus an ruigear Ounaich far am bheil na h-uighir a thighean agus 'an so tha beanntan Ghleann-Coimhann a tighinn 's an t-sealladh.

¹ 'S ann an so a fhuair Alfred an Abhag sgiathanach aige air am bheil Corran mar ainm.

Bha na h-uile ni cho àluinn mar a chaidh sinn air adhart. Bha de choille ann agus gach ni cho uaine, 'us an loch cho chiùin. Tha Bailechaolais ceithir mile bho 'n Chorran 'us ràinig sinn e aig beagan roimh aon uair. Tha suidheachadh an tigh òsda mhóir air taobh thall 'an aisig an so ri bun nam beann, anabar-rach breagha. Tha tigh nis lugha agus nach 'eil cho breagha air an taobh tuath air an d' thàinig sinne. B' fhéudar dhuinn ar carbaid fhàgail 'an sin 'us choisich sinn sios gu bàta an aisig a toirt leinn ar cleòcanan ar tràth-nòin agus na goireasan eile a bh' againn leinn. Cha robh ach beagan sluaigh 'an sin ach bha iad glé mhodhail sàmhach. Chaidh mise 'us Beatrais agus Síne Churchill do 'n bhàta, agus Seanalair Ponsonby 'us am Brùnach leinn; chaidh ar 'n ionradh thairis le dà ghàidheal éudaichte 'am feileachan-beaga agus Piòb mhór gu nuallanach ri ceòl dhuinn. Bha tuillleadh sluaigh air an taobh thall ach bha iad uile glé rioghail 'us chum iad astar math air falbh uainn. Thàinig bantrach uasal 'g an ainnm Ban-tighearna Beresford far an robh sinn, is leatha 'chreag sgliata a th' ann an so, bha i fhéin agus a nighean aice' an éideadh bròin agus thug aon diubh bad fhlùraichean dòmhса. Bha dà dheadh charbad duaise 'g ar feith-eamh 'an sin 'us chaidh sinn annta. Beatrais 'us Síne agus mise ann am fear iosal diubh 's am Brùnach air a thoiseach. Bha paidhir each againn a dh' fhalbh glé mhath. Bha 'n dà dhuin-vasal anns an dara carbad. Bha sealladh breagha againn bho gach taobh 'n ar dol air adhart 'an so am measg nam beantán Ailpeanach.

Tharruing Liùsaidh 'us Alice dealbhan de chuid dhe na h-àiteachan 'an 1865 an uair a bha iad 'an sin.

Ghabh sinn air adhart fodh dhubhar mhonaidhean àrda uaine, gus an d' ràinig sinn am bàile beag anns am bheil na sgliatairean a' fuireach. Tha 'm baile glé ghlan grinn — tha e na aon shràid fhada sgapta ach ged a bha 'n sluagh bochd bha iad glé ghlan agus bha na h-uile tigh air a chur an òrdugh gu bòidheach le flùraichean 'us fraoch 'us mirean a dh' éudach dearg. An déigh dhol seachad greis air a chreag dh' inntrich sinn Gleann - Comhann a tha glé uaine bòidheach aig fhosgladh le craobhan 'us tighean thall 's a bhos ann. Buinidh a chuid is mothà de 'n oighreachd do bhean-uasal de shliochd Mhic'-ic-Iain a chaidh a mharbhadh am mort oillteil Ghlinn-Comhann. Tha abhuinn Chomhann a ruith gu dlùth air làr a' ghlinne agus lianagan uaine mu' bruachan air am bhéil crodh ag ionaltradh agus chithear caoraich shuas air feadh creagan fiadhaich a' ghlinne, bhreagha so. Tha tionndadh grad 's an rathad gharbh lùbach chas so 'g ar toirt a' dh' ionnsuidh a chuid is fiadhuiche dhe 'n ghleann. Tha sléibhteann àrda gruamach doirbh ann le 'n sgùran àillidh 's le creagan, creag air muin creige na 'm mill ag éirigh suas dhà no tri mhìltean de throidhean mar gu 'm b' ann a dh' ionnsuidh na 'n neamhan, air gach taobh, cha 'n 'eil coltas àite còmh-nuidh ri' fhaicinn ach gu 'm bheil clachan air seann làraichean far am bheil craobhan mu leth an rathaid suas an gleann, tha iad air gach taobh dhe 'n rathad a' sealltuinn dhuinn far an robh dachaidhean sluaigh

uair-éigin agus ag innse le guth àrd mu sgeul fuil-eachdach a' bhròin. Tha coltas an àite fhéin a deanamh a ghnothuich uamhasach a chaidh a dheanamh air daoine neo-chiontach na 'n cadal nis oillteil. Ciamar no c' àite an teicheadh iad? Tha mi 'n dòchas nach robh fios aig Righ Uilleam air ni mu 'n ghnothuch.

Chunnaic sinn uamh Ossian ris an làimh dheis gun a bhi 'ro fhada shuas an gleann; ach tha mi cinn-teach gu 'm bheil i còrr 'us mìle troidh os cionn lèr a' ghlinne agus cha 'n 'eil mise faicinn ciamar a b' urrainn a dh' Ossian no do h-aon eile 'bhi beò innte. Tha sgriodain uamhasach a' tighinn a nuas 'an so leis an t-sneachda 'us leis an uisge 's a gheamhradh, tha na clachan a tighinn air an rathad mhór 's ga fhàgail cho garbh. Tha e cur drochaid an Deamhain 'an St Gothard agus an Göschenen Pass na m' chuimhne ach gu 'm bheil iad sin nis àirde ged nach 'eil iad cho fiadhuich. Aig mullach an Inneinn bha sinn mu astar dheich mìle bho Bhaile-Chaolais, agus shuidh sinne an so 'n ar triùir 'an déagh tighinn as a' charbad ri taobh balla iosal 'us fhuair sinn sealladh math air na monàidhean maiseach 'us fhuair mise euid dhuibh a tharruing.

'S e "Na tri Peathraichean," a theirear riuthe agus their na goill air uairean "Creideamh, Dòchas 'us Gràdh" riuthe.

Chaidh breacan-uachdair a' sgaoileadh air an fheur agus shuidh an triùir againn a ghabhail ar tràth-nòin agus fhritheil am Brùnach agus Frànnsaidh oirnn agus an déagh sin thug mise greis air tarruing dhealbh. Bha 'n latha àillidh agus e cho chiùin. Ach ann an so, eadhoin

ann an so, anns an àite uaigneach shàmhach so lean daoine mi-mhodhail sinn de mhuinntir nam paipearan-naigheachd a bha 'n ar déigh na h-uile rathad a rach-amaid; bha aon fhear gu sònruichte a tha toirt sgeòil do phaipeir Albannach air choir-eigin agus lean e Beatrais 'us Sìne Churchill 'us mise agus gloin-amhaire aige ri shùil agus bha e glé ladurna ris a' Bhrùnach an uair a chaidh e' dh' iarruidh air falbh as air caramh, bha Sìne i fhéin toileach dol ga chur air falbh. Dh' fhalbh e mu dheireadh thall agus 'n uair a thill am Brùnach thuirt e gu 'n do shaoil leis gu 'm biodh tuasaid aca; oir an uair a thuirt am Brùnach ris gu 'm b' e iarrtas na Ban-rìgh e dh' fhalbh 's ann a fheagair e gu 'n robh urrad de chòir aige fhéin air a bhi 'n sin 's a bh' aig a Bhan-rìgh. Smàd am Brùnach gu cruaidh e air son a ladurnais agus 's ann a thuirt am peasan mi-mhodhail, "Am bheil fhios agad cò mise," thuirt am Brùnach ris gu 'n robh "agus nach biodh a dhàandas aig an duine-uasal a b' àirde an Sassun a dheanamh mar a bha esan a deanamh, agus gun ann ach fear a thoirt sgèoil do phaipear-naigheachd, agus mar a falbhadh e gu h-ealamh gu 'm biodh an còrr mu dhèighinn." Thuirt an fear so ris, "Am bi chridhe agad sin a radh rium an lathair na 'n daoine eile 'tha tighinn an sin ?" (oir bha tuilleadh dhe luchd nam paipearan a tighinn far an robh iad) agus thuirt am Brùnach gu 'n abradh e sin an lathair duine sam bith nach giulaineadh e fhéin mar bu chòir dha. Bha móran tuilleadh de chonsachadh geur aca; ach thàinig càch 'us chomhairlich iad do 'n duine so falbh leotha 'us rinn e sin mu dheireadh. Bu chòir a leithid so de dhroch

ghiùlan a bhi air a thabhairt am follais. Bha sinn dlùth air uair ann an sin, agus an déigh sin theirinn sinn a chuid bu chaise de 'n Inneinn ag coiseachd.

Thàinig ministear na sgireachd Mr Stiùbhart suas an gleann 'n ar déigh choinnich e sinn 'am Bailechaolais an uair a ràinig sinn e, dhinnis e ainmean nam beannan dhuinn, agus sheòl e dhuinn an dearbh àite anns an do thachair am 'mort oillteill, thuirt e gu 'n robh móran de 'n eaglais Easbuigeach 'an so fhathast a thaobh na rìoghalachd a bh' anna ris an t-seann dream Stiùbh-artach agus gu 'm bheil Pàpanaich ann cuideachd.

Cha bhicheanta le reothadh a bhi 's a ghleann tha e ràdh, ach tuitidh an sneachd ann gu dùmhail.

Tha Lochan Ach-a-Triachadain 'am bun na beinne anns am bheil uamh Ossian, tha tigh beag 'us talamh àitichte mu 'n cuairt da, aig ceann an lochain, agus abhuinn Chomhann a ruith an so gu seimh air adhart. Thill sinn sios an gleann le sgriob anabarrach agus an uair a ràinig sinn Tigh-a-Phuirt stad an gille-carbaid agus thàinig seann duine mór tròm eireachdail far an robh sinn 'us cuach airgid aige na' làimh, thuirt e gu 'n d' òl Prionnsa Tearlach aisde, agus gu 'n do ghabh Ailbeart mo ghaoil deoch aisde 'an 1847, agus dh' iarr e a dh' fhàbhar mise a bhlasad aisde. Bha bòrd cùirnichte ri taobh an rathaid agus botal uisge-bheatha na shuidhe air, cha b' urrainn dhomh diultadh, agus bha an sluagh cho toilichte an uair a chunnaic iad mi a togail na cuaiche agus ag òl aisde, chuala sinn uaithe sin gur e Alasdair Camshron a b' ainm do 'n duine so.

Bha 'm feasgar cho àillidh agus cho chiùin 's gu 'n robh gach beann, 'us gleann, gach creag, 'us craobh, ri 'm faicinn am broilleach an loch mar gu 'm bu sgàthan e. Dh' iomair an dithis dhaoine na 'n deiseachan gàidhealach a null a rithist thar an aisig sinn. Bha sealladh ciatach againn as a' so de Sgùr-na-Ciche a tha 'g éirigh suas os cionn an loch aig iochdar cathaidh cumhann Ghlinne-Comhann; agus tha gorm cho bòidheach air monaidhean Airdghobhar a tha null uainn ri taobh thall an loch air adhart ris a Chorran. Bha an dùthaich uile a' sealantuinn cho àluinn. Bha trì piobairean a' cluich fhad 's a bha sinn 'dol thar an aiseag 's bha 'n sluagh còir cho chàirdeil agus cho dealasach. Chaidh sinn do na carbaid a rithist, agus ghabh sinn an rathad dhachaidh le deadh sgriob. Stad sinn air adhart ri taobh na Linne Duibhe a' ghabhail ar *tea* ach cha d' thàinig sinn as a' charbad, shuidh sinn ag amhare mu 'n cuairt ann fhad 's a bha iad ag goil a' choire. Bha ghrian air a h-uilinn 's an iar a tilgeadh dearsadh glòr-mhor air Beinn Nibheis 'us air na sléibhteann eile mu 'n cuairt, bha rughadh cho bòidheach orra agus e deanamh an fhraoich mu 'n iochdar cho fior dhearg. Bha na h-uile dath 's a bhogha froise ri 'm faicinn anns an spéur, agus e sior dhol 'am breaghad 'us bha gorm cho bòidheach air na monaidhean os cionn a' Ghearsasdain. Be 'n sealladh àillidh e 'us fhuair mi tòiseachadh air dealbh a tharruing dhe 'an déigh dol dachaidh, aig ceathramh roimh sheachd, bha 'n sealladh a b' feàrr ri flaotùinn bho ninneag an t-seòmair aig Beàtrais.

Ghabh mi greis fois 'an déigh sin, agus sgriobh

mi. Tha sìde móran nis feàrr againne air ar turnus no a th' aig Leopold.

*Didònuich, an ceathramh latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha' mhaduinn gruamach 'us shil e beagan air an uisge, ach thog an latha 'an déigh sin 's ged nach robh e grianar, bha deadh shìde againn.

Ghabh mi sràid a mach le Beatrais aig fichead mionaid roimh aon-uair-deug, chaidh sinn an toiseach do 'n gharadh chàil 's e gàradh mór a th' ann agus tha tighean teth ann sam bheil deadh fhion-dhearcan a' fàs. Ghabh sinn as a' sin a mach seachad air Tigh-na-cadh-chliath 's cha do thachair neach oirnn, ghabh sinn air adhart 'dh 'ionnsuidh an tuathanachais agus thairis air drochaid mhaide a bha' dol thar àllt a bha ris a làimh chli. Cha robh 'n rathad so ach a dol gu tigh gille-seilg agus thuirt am Brùnach gu 'm bu chòir dhuinn tilleadh, agus ghabh sinn a chomhairle, 'us thàinig sinn a stigh ri taobh cùil an tighe, a' gabhail rathad nan stàbull aig deich mionaidean roimh aon uair. Leig mi m' anail 'us thug mi greis air sgriobhadh agus 'an déigh sin léugh mi na h-ùrnuighean le Beatrais, agus euid de shear-moin Mhr Caimbeul¹ 'us thaitinn i cho mhath ri Beatrais 'us gu 'n d' ath-sgrìobh i uile i. Ghabh sinn ar tràth-nòin anns an dòigh àbhaistich. Chuir mi daithean air dealbh no dhà a tharruing mi 'us chriochnuich mi an dealbh air an do thòisich mi dhe an t-sealladh a bh' air adhart ris a' Ghearsadan.

¹ Ministeir ùr Chràthi.

Chaidh mi mach 'an carbad fosgailte le Beatrais agus Sine Churchill. Ghabh sinn seachad air Tigh-na-togalach aig "Iain fada" agus air adhart gu Drochaid-Nibheis agus an sin thionndaidh sinn bharr an rathaid agus ghabh sinn suas an gleann fad cheithir mìle, ri taobh na h-aibhne, agus i cho breagha a ruith cho bras thar chlachan móra agus i na cuartagan 'an euid a dh' àiteachan, bha 'n rathad a ruith fodh sgàile chraobhan breagha 'us bruthaichean uaine cas ag éirigh ri 'r taobh agus sinn ri bun Beinn Nibheis a bha 'g éirigh suas mu 'r coinneamh mar Bhan-rìgh nam beann. Be 'n sealladh àillidh e! bha 'n gleann mar gu 'm biodh e' dùnadh air thoiseach oirnn; agus mu leth an rathaid thàinig sinn air tigh tuathanaich, agus tha 'n rathàd 'an so fodh sgàile chraobhan uinsinn, cha 'n fhaca sinn tigh sam bith os cionu so; agus cha 'n fhaca sinn móran chraobh ach far an robh iad am bruachan nan àllt, agus an sgoran nam beann. Bha caoraich ag ionaltradh suas gu math àrd ri aghaidh nam monaidhean. Dh' fhas an rathad cho garbh an so 's gu 'm b' fhéudar tighinn as a' charbad 'us choisich sinn mu mhìle na b' fhaide suas agus an sin d' fhéum sinn tilleadh. Bha sinn air ar togail le maise agus aonaranachd Ghlinn-Nibheis; cha mhór nach abrainn gur e 's breagha na Gleann-Comhann. Cha robh neach ri fhaicinn 's a ghleann an uair a dh' inntrich sinn e ach thachair móran oirnn n' ar tilleadh 's iad a tighinn a dh' fhaotuinn sealladh dhinn. An déigh dhol air ais 's a' charbad stad sinn tacan gus an d' fhuair mise dealbh a' tharruing.

Is le bean Caimbeulach Mhigheadh an t-àite so, is i nighean 'us ban-oighre an Rìdire Donnachadh Camshron

an Fhasadhfhearna agus is leatha cuid mhór do Bheinn Nibheis. Tha ainm air na h-uile beinn 'us enoc 'an so, sgriobh gille-seilg Inbher-Lòchaidh sios dhomh iad ach cha 'n 'eil cuimhne agam orra. Bha e ro thrath leinn tilleadh dhachaidh 'us ghabh sinn sgriob gu ruig am Baile-mór 'us thill sinn dachaidh as a sin, 'us rainig sinn an tigh aig ceathramh an déigh seachd. Thug mi greis air sgrìobhadh. Tha e 'n déigh ochd mu' m bheil sinn a faotuinn ar litrichean 'us tha sin na h-uair glé neo-ghoireasach.

An dinneir 's an dòigh àbhaistich. Tha mo chuaorach còir Noble 's an t-seòmar leinn aig na h-uile tràth agus e cho math. Bheir am Brùnach air luidhe air caithir agus cha 'n fheuch e ri tighinn as a sin gun chead. Chum e mir a dh' aran milis na bheul gun itheadh gus an d' fhuair e òrdugh 's e cù is umhail a chunnaic mi riamh, agus e cho beadarach agus cho chaoimhneil; mu shaoileas e neach a bhi 'n diomb ris cuiridh e' spògan a mach 'an dòigh cho ghrinn mar gu 'm biodh e' guidhe air son càirdeis.

Thug Sine Churchill greis air léughadh dhuinn.

*Diluain, an cóigeamh latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha ceathach air aghaidh nan stùchd, ach thàinig a ghrian am fradharc 'us sgaoil i e. Rinn e latha àillidh 'us bha e cho chiùin, chuir sinn romhainn dol gu Gleann-Fhianain 'us ar tràth-nòin a' ghabhail 'an sin. Chrionuich mi dà dhealbh a tharruing mi de 'n t-sealladh a bha null gu Banabhi 'us chuir mi daithean orra, thug mi

greis air sgriobhadh 'an déigh sin, agus aig ceathramh roimh dhà-uair-dheug ghabh Beatrais 'us mise cuairt ghoirid da 'r cois mu 'n tigh.

Dh' fhalbh mi aig fichead mionaid roimh aon nair anns a 'charbad agam fhéin le Beatrais 'us Síne Churchill, 's bha 'm Brùnach leinn gach latha 'na shuidhe air toiseach a' charbaid, bha 'n dà dhuin' uasal 'n ar deigh 'us Frànn-saidh Mac-a-Chléirich 'us Tearlach MacThómais leotha agus ghabh sinn seachad air Banabhi, troimh 'n Chorpaich agus suas taobh Lochial. An uair a ràinig sinn, ceann an loch bha 'n rathad a' tionndadh ris an làimh dheis 'us e dol na lùban air adhart troimh ghleann uaine, agus monaidhean breagha Mhùideart air thoiseach oirnn car ris an làmh chli. An déigh dol seachad air dail mhór 's an robh feadhain a' caoineachadh feòir ràinig sinn àite cumhann troimh 'n robh abhuinn Chreagaig a ruith cho seimh 's ged bu abhuinn Shasunnach i. Bha craobhan giuthais 'us feadhainn eile ag cinntinn air na creagan 'an so mar nach fhaca mise iad riamh roimhe an Albuinn, tha Loch Seile a fosgladh oirnn 'an so le monaidhean àrda sgorrach air gach taobh dheth. 'S e Loch uisge th ann agus tha e fichead mile air fad.

Tha tùr grannda na sheasamh aig ceann an loch, mar chuimhneachan air Prionnsa Tearlach, 's ann a tha e coltach ri tigh soluis, tha dealbh-cloiche de 'n Phrionnsa air a mhullach agus balla mu 'n cuairt dhe gu h-iosal. 'S ann an so a thug Fear Bhoradail e a' choinneachadh nam Finneachan. 'S ann de shliochd an duin' uasail sin a tha Fear Ghleann-Aladail agus 's e 'n tigh aige an t-aon tigh còmlinuidh a tha ri fhaicinn 'an so. An uair a rainig

Prionnsa Tearlach an t-àite so cha robh ga fheitheamh ach mu dhà fhear dheug 'us shaoil leis gu 'n robh e air a bhrath 'us shuidh e sios le 'cheann eadar a dhà làimh gu dubhach. 'S ann 's an àite 's an do shuidh e 'tha 'n tùr air a thogail direach ri taobh an loch agus mu choinneamh tigh Ghleann-Fhianain 's tha 'n rathad air an d' thàinig sinne a' gabhail còig mile fichead seachad air a so air adhart gu Arasaig. Cha b' fhada bha 'm Prionnsa na shuidhe fodh mhulad 'n uair a chual e nuallan na Pioba móire agus air dha leum gu chois 'us sealltuinn suas ris na monaidhean chunnaic e na Camshronaich 's Clann Dònuil a teirneadh a' bhealaich agus an déigh dhoibh uile iollach àrd a dheanamh thog Marcus Thulibardine¹ bratach Rìgh Séumas agus chaidh a sgaoileadh air gaoth nam beann. Bha so air ceud mhios an Fhoghair 1745 agus 'an 1746 bha Prionnsa Tearlach na fhogarach bochd 'g a fholach fhéin mu bhruthaichean taobh Loch Aircceig agus Loch Seile. Thàinig sinn cho ealamh as a Ghleann chumhann a stigh 'am fradharc Loch Seile 's e air a lasadh suas le dearsadh na gréine 's na beann-tan 'arda sgorrach mu 'n cuairt da. Cuid diubh mu thri mile troidh a dh' àirde, bu bhreagha an sealladh e, cha robh tigh ri fhaicinn ach tigh a' ghlinne agus eaglais Phàpanach a th' air bruthach àrd a chuir na m' chuimhne eaglaisean 'us tighean-chaileach a chunnaic mi 's na dùthchanan thall thairis, an uair a sheall mi mu 'n cuairt air gach ni 's air gach àite 'an so air leam nach fhaca mi riamh àite cho breagha ris, no àite a bha 'g innseadh eachdruidh fhéin cho math ris. An sealladh

¹ B' e so Diùc Abhull mar bhi e 'dh' éirigh le Rìgh Séumas.

a dh' fhéumadh a bhi 'n so an 1745! Agus tha mise 'an so an diugh, 'us fuil nan Stiùbhartach na 'm phòran agus mi cuideachd do shliochd an Rìgh a dh' fheuch Prionnsa Tearlach ri 'chur bhar na cathrach, agus mi a' suidhe 's a coiseachd ann an uaigneas ann an so agus cho sitheil.

Thàinig sinn as a' charbad 'us dhirich sinn suas gu enocan beag a bha far an rathaid, 'us ghabh Beatrais 'us Síne Churchill 'us mise ar tràth-nòin an sin¹ tharruing mise dealbh 'an déigh sin ach cha d' fheuch mi ri daith-ean a chur air. Choisich sinn mu 'n cuairt tacan agus an sin theirinn sinn a dh' ionnsuidh an rathaid mhóir a bhruidheann ri Fear-a-Ghlinne, chaidh Seanalair Ponsonby far an robh e ach cha 'n fhac e mise riamh roimhe. 'S e gàidheal somalta foghainteach coltach a th' ann, tha e mu dheich bliadhna ficead agus e na bhàntraich. 'S ann do 'n Eaglais Phàpanaich a tha e agus 's ann diubh a tha 'n sluagh uile mu 'n cuairt an so. Tha bràthair athar a' fuireach leis agus is e sagairt na h-eaglaise so e. Sheòl e dhomh móran de shean chuimhneachain iongantach a bh' aca air Prionnsa Tearlach. Bha sean bhocs a snaoisein neònach ann a thug e fhéin do fhear Bhoradail agus 1745 'us 1746 air a ghearradh air, oir is ann am Boradail a luidh e an oidhche mu dheireadh chodail e 'n Albuinn; chunnaic sinn uaire-adair a bh' aige agus fàine anns am bheil dual ga chuailean òrbhuidhe.

'S e Mùideart a theirear ris an dùthaich so agus chitear

¹ Chuir Fear Ghleann-Aladail eraobh ghiuthis ann 's an àite so mar chuimhneachan.

an t-Eilean-Sgiathanach gu soilleir bho mhullach nam beann is àirde. Tha fearrann Iarla Morton a tighinn a suas glé dhlùth air ceann Loch Seile. Tha oighreachd Lochial a ruighinn so cuideachd agus oighreachd Fear-Ghleann-Aladail suas ri ceann an loch. Bha 'n teagh-lach so bho sheann' am Boradal 'an Arasaig ach fhuair iad an oighreachd so bho 'n càirdean cloinn Dònuill aig an robh i roimhe agus a dh' fhalbh 'an déigh Chuil-fhodair do Eilean Phrionnsa Edaird.

Chaidh Beatrais, Sìne Churchill, agus am Brùnach gu mullach an Tùir le Fear-a-Ghlinne ach bha iad a' ràdh gu 'n robh e gu math duilich ri dhìreadh. Chaidh Seana-lair Ponsonby a stigh a shealltuinn na h-eaglaise agus bha e ràdh gu 'n robh i glé bhreagha agus air a' cur an òrdugh an dòigh chostail. Chuala sinn a ritist nach robh ach mu fhichead sluaigh 's a' choimhearsnachd. Dh' fhàg sinn an t-àite maiseach so aig leth-uair an déigh ceithir, thug sinn dà uair an uaireadair ann. Cha robh am feasgar cho fior shoilleir ri feasgair Dhihaoine, agus Dhisathurna agus cha robh dearsadh boisgeil sam bith air na sléibhteann. Bha na h-eich sgith agus cha deachaidh an cur ach socrach air an rathad dhachaidh. Chunnaic mi flùr' an so nach faca mi riamh am Baile-Mhoireil, 'an àite 'an neònain mór geal¹ ris an abair na Frangaich "Marguerites," agus a chithear cho bicheanta anns na dailtean Sasunnach tha ann an so neònain cho mór ris an fhear eile ach 's ann a tha e cho buidhe ris an òr.²

Tha 'm fraoch—mar a bha mi ag ràdh roimhe—na

¹ *Chrysanthemum Leucanthemum.*

² *Chrysanthemum segetum.*

bhadain bhreagha dhùmhail ann an so, agus mar a bha sinn a' dol air adhart bha sinn 'g a fhaicinn a' fàs tròm breagha air na sean bhallachan. Choinnich sinn air an rathad na daoine namhasach sin a tha eur gach sgeòil a' dh' ionnsuidh na 'm paipearan-naigheachd, agus an duine a bha cho mi-mhodhail Disathurna leotha. Ràinig sinn an tigh aig fichead mionaid 'an déigh sia. Ghabh sinn ar *tea* 'us sgriobh mise greis agus chuir mi na h-uile ni 'an òrdugh. Bha gach airgiod a bha ri bhi air a thoirt seachad air a chur air leth. Bha mi duilich gu 'm b' i' so an dinneir bheag laghach mu dheireadh a bha ri bhi againn 'an so. Chaidh mi suas 's a' mhionaid an déigh na dinneir agus thug mi greis eile air sgriobhadh.

*Dimàirt, an siathamh latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

B' éigin éirigh aig seachd uairean agus ghabh Beatrais 'us mise ar tràth-maidne aig ceathramh roimh ochd. Bha maduinn bhreagha ann.

B' e Tor-Lundaiddh sean ainm an àite agus 's e Lochan Thor-Lundaiddh a their iad ri loch beag a tha fodh 'n tigh, tha tunnagan air agus tha eilean ann. Tha tri-fichead 's a ceithir mile anns an oighreachd so, agus cheannaich Morair Abinger i bho 'n Diùc Gòrdan nach marionn thoisich e ri tigh a thogail ann ach chaidh a losgadh gu làr; thog am Moraire so an tigh a tha nis ann, bho chionn deich bliadhna agus tha e air tuilleadh a chur ris uaithe sin. Thug e caisteal Inbher-Lòchaiddh mar ainm air an déigh an t-seann daingnich

a chaidh a thogail an toiseach tha iad a ràdh, leis na righrean Piocach. Tha iad a' smuaineachadh gu 'n deachaidh an caisteal ga 'm buin am balla briste a thogail ri linn a cheud Edaird. Tha 'n Ridire Walter Scott ag innse ann an "Sgeulachd Mhontròis" gu 'n d' thug Marcus Mhontròis buaidh air Marcus Earragh-àidheal an so 'an 1645.

Dh' fhàg sinn Inbher-Lòchaidh aig ceathramh an déigh ochd uairean agus gu dearbh bu toilichte na làithean a chaith sinn ann. Ghabh na daoin' uaisle air adhart air thoiseach oirnn.

Ghabh sinn air adhart gu Banabhi far an robh grùn math sluaigh cruinn agus chaidh mi air bòrd bàta-nasmùid. Bha Morair Abinger an sin 'us a' Bhan-mhorair, agus thug mi buidheachas dhoibh air son am mòr chaoimhneis. Dh' fhàg mi aon ga m' leabhruichean 'us dealbhun ann an Inbher-Lòchaidh air son Morair Abinger, agus dealbh Ailbeart 'us mo dhealbh fhéin. Is Ban-Americanach a' Bhan-mhorair, thàinig i as na Stàitean deas agus 's e Nic-a-Ghrùdaire is sloinneadh dhi. Tha còignear chloinne aca — ceathrar nighean agus aon mhac. 'S i 'n Gondolier is ainm do bhata-nasmùid 'us dh' fhalbh i leinn air adhart air a' chlaisuisge Chaledònianaich. Tha i air an aon togail ris an té air an robh sinn a' seòladh air Loch Laoimean 'us seòmar mór uinneagach innte anns an urrainn do thri fichead 's a dhà suidhe gu 'n dinneir. Dh' fhan sinne air clàr-uachdar na luinge neart de 'n ùine, chaidh sinn gu socrach air adhart agus bha sinn a' faicinn os ar cionn, ri taobh a bhruthach an rathad air

an deachaidh sinn gu Gearrlòchaidh agus gu Acha-na-Carraigh. Bha oighreachd Lochial ris an làimh dheis 'us oighreachd Abinger ris an làimh chli, gu mi-shealbhar bha ceò air Beinn Nibheis, bha a mullach uile còmhduichte leis agus tha iad ag ràdh gur tric mar sin i.

An déigh dol troimh dhrochaid ghabh sinn air adhart gu glasan Ghearrlòchaidh agus an déigh sin dh' inntrich sinn Loch Lòchaidh. 'S e obair iongantach a bha 's a chlais-uisge so a' dheanamh ach tha e gu math fadalach a bhi seòladh oirre. Thàinig an sluagh aig na h-uile glas a dh' fheuchain ri sealladh fhaotuinn dhinn. Tha 'n abhuinn ag éirigh fad an rathaid bho Bhanabhi gu Loch O-ich—a thàinig oirnn an déigh Loch Lòchaidh—agus leis a sin tha na soithichean 'g an togail suas uigh air 'n uigh gu ruig sin. Agus 'an déigh sin air adhart gu Inbhernis 's ann a tha iad 'g an leigeil sios uigh air 'n uigh mar gu 'm biodh iad a' teirneadh a' bhruthaich. An uair 'tha 'n soitheach 's a ghlais 's an t-uisge aig àirde tha na geatachan air an dùnad. Tha iad 'an sin a' fosgladh nan amar uisce le inneal a th' aca air son a ghnothuich. Chaidh seòladairean bata - na - smùid a chuideachadh luchd fosgladh nan glas—ni nach b' àbhaist doibh a dheanamh—los gum faigheadhmid air adhart ni bu chabhagaich. Bu neònach a bhi 'g am faicinn a ruith mu 'n cuairt 's mu 'n cuairt ag oibreachadh an inneil a tha fosgladh nan toll a tha 'an iochdar nan geatachan iosal agus troimh 'm bheil an t-uisge a ruith gus am bheil e air isleachadh anns a' ghlais dhùinte. Tha 'n geata

iòsal an sin air fhosgladh agus tha 'n geata àrd a cumail a mach an uisge a tha os a chionn fhéin. Tha na soitheachan a tha dìreadh nan glas air an togail anns a cheart dòigh. Gabhaidh còig no sia 'throidhean a thoirt mar so do gach glais a dh' éirigh uisge. (Sgriobh Seanalair Ponsonby an cùnnatas so dhomh mu 'n chùis.)

Mar a dh' inntrich sinn Loch Lòchaidh bha e a' sealltuinn glé bhreagha 'us chunnaic sinn a null uainn far an bheil Loch Airceig na luidhe ach cha b' urrainn duinn fhaicinn leis na enocan. Tha coille mu iochdar nam monaidhean a tha suas ris gach taobh de Loch Lòchaidh ach tha ionaltradh gasda chaorach suas ris na mullaichean. An déigh dol air adhart ochd mìle air Loch Lòchaidh chaidh sinn troimh għlasan an Lagain a stigh gu Loch O-ich. Bha Mr Ellice 'us a' bhean a' feitheamh oirnn ann an so agus thàinig iad far an robh sinn—tha a' bhean càirdeach do Sheanalair Grey. Bha iad toileach mise dhol leòtha a għabbail sgriob mu 'n cuairt Inbhergharraidh agus gu 'm beirinn air bata-na-smùid anns an ath għlais, ach roghnuich mi fuireach gu sàmhach air bòrd ged a tha e gu math fadalach a bhi feitheamh ri dol troimh na glasan. Is obair chūramach a bhi 'stiùradh 'an so oir 's gann 'tha troidh aca ri dol na tighinn air, taobh air thaobh. Thug Bean Ellice dearcan fiona ciatach dhuinn agus chaidh i air tir 'an so, dh' fhan e fhéin air bòrd leinn gus an d' ràinig sinn an ath għlas aig Caolachaidh. Tha rathad dubharach air adhart 'an so fodh sgàile chraobhan, ri taobh an loch agus 'an déigh dol seachad air thàinig sinn air Tobar-nan-Ceann far am bheil carragħ

cuimhne beag a chaidh chur suas a dh' innseadh mar a thugadh 'an so le Iain Lòm na seachd cinn aig mortairean oighre na Ceapach agus a bhràthair, an uair a chaidh dioghaltas a dheanamh orra le òrdugh Mhic-Dhònuill nan Eileanan. Chaidh an caragh so chur suas 'an 1812. Thàinig sinn 'an déigh sin air sean chaisteal Inbhergharraidh, 'us craobhan a fàs dlùth dha bhallachan briste, tha 'n tigh ùr aig Mr Ellice goirid uaithe. Tha oighreachd anabarruch mór aige ann an so air gach taobh. Tha na monaidhean gu math àrd agus tha aon sgùr ann a tha os cionn chàich uile, ris an abair iad Beinn Tighe. Dh' fhàg Mr Ellice sinn aig Caolachaidh. Bha Mr Brewster na sheasamh 'an sin tha e dlùth air ceithir fichead bliadhna 'dh aois, bha e roimhe na àrd Chancellor 'an Éirinn. Chaidh Frànnsaidh agus *police-man* a mach an so le Noble còir 'us choisich iad gu Cille-Chuimean. An uair a bha sinn 'n ar stad 'an aon de na glasan thàinig boireannach bochd le aran coirce 'us bainne 'g ar 'n ionnsuidh, ni a tha 'n sluagh aoidheal so a tairgse do gach neach a theid seachad.

Mu dheich mionaidean an déigh da-uair-dheug ghabh Beatrais, Sìne Churchill 'us mise ar tràth-nòin de bhiath teth. Bha an sluagh a bha n' an seasamh aig na glasan a' sealltuinn a stigh oirnn ach cha ghabhadh e cuideachadh. Rainig sinn Cille-Chuimean agus bha móran sluaigh cruinn ann agus bogha buadhach suas aca, agus ghabh sinn greis mu 'n d' fhuair sinn air adhart. Air co-ainm an latha so bho chionn sia-bliadhna-fichead chaidh m' fhéudail Ailbeart air adhart 'an so, b' e sin an latha air am fac e n'

Dònullach an t-eunadair ann an so. Bha e na ghille-seilg aig Morair Digby agus aig Còirneal Porter agus thàinig e le eoin ruadha uatha gu Ailbeart agus ghabh e ciatamh ga choltas eireachdail, agus bho 'n a bha eunadair 'g a dhi dh' iarr e fhaicinn a rithisd 'us chuir e fasdadhbh air. 'S e duine breagha a bh' ann gu sònruichte na dheise ghàidhealaich agus 's i bu trice a bh' air.

Bha fras thròm ann ach bha i thairis an uair a dhirich sinne rithist gu clàr-uachdair na luinge. Thàinig sinn 'an so a stigh air Loch-Nis. Tha e ceithir-mile-fichead air fàd, tha a bhruachan glé choillteach agus móran a dh' àiteachan bòidheach ri 'm faicinn mu thiomchioll. Chaidh sinn seachad air Inbher-Mhoireastan a tha 'an Gleann-Moireastan 's leis na Granntach an oighreachd ach tha i air mhàl aig an Ridire Seòrus Brooke Middleton chunnaic sinn far an robh eas ainmeal Faogharaidh ach cha 'n fhaca sinn an t-eas fhéin. Bha 'n sluagh nan grùnain anns gach àite 's an saoileadh iad gu 'm b' urrainn iad seal-ladh fhaotuinn dhinn agus iad ri sior iollach.

Thàinig sinn an déigh sin air sean Chaisteal Urchadain agus bu bhreagha e, tha e làmh ri Creagan an Lochain agus bha móran sluaigh cruinn 'an sin cuideachd. Chaidh an caisteal so a theannachadh uair no dhà gunn tuiteam, bha e air a theannachadh glé chruaidh anns a' cheathramh ceud deug an uair a bha a cheud Edaird na Righ air Sasunn. Is le Morair Seafield, ceann-fine nan Granntach e, tha oighreachd mhòr aige ann an so, tha 'n Tigh-seilg aige fhéin' am Baile-macaan shuas an gleann. Tha bheinn bhreagha ris an abair iad Meall-

fuar-bhoinne ag éirigh suas gu h-àillidh ann an so. Tha i dà mhile 'us seachd ceud troigh air àirde ach cha 'n fhaicear bho so ach am fior mhullach aice. Dh' fheuch mi ri dealbh a tharruing ach bha' ghaoth nam eudann agus cha b' urrainn domh.

Aig fichead mionaid roimh cheithir chaidh sinn seachad air tigh Dochfour, àite Mhr Baillie tha e coltach ri bhi air a thogail air àite gu math iosal. Chadail m' Ailbeart gaoil ann a shia bliadhna fichead gus an nochd. Thug beagan mhionaidean air adhart gu Dochgarroch sinn 'us ged a bha móran sluaigh cruinn ann bha coltas àite sàmhach air. Dh' fheith sinn air bàrd gus am faca sinn an treallaich turais againn agus na seirbhisich uile air tir. Bha dha no tri charbaid ann a chòr air an fhear againne agus ghabh mi toileachadh ann a bhi sealtruinn orra a dol 'an òrdugh. Bha Morgan, Maxted, agus Ealasaid Stiùbhارت anns an fhear mu dheireadh a dh' fhalbh agus bha Frànnsaidh le Noble air a thoiseach. Bha Mr Baillie aig an àite 's an deachaidh sinn air tir agus a' Bhan-mhorair Georgiana leis agus 's fhada bho nach faca mi' roimhe i, bha a mac Mr Eoghan agus an nighean aca a tha pòsda aig Mr Colville leòtha, chuir dà chaileig bhig badain lìn air an rathad air son mise 'choiseachd orra — is sean fhasan gàidhealach e. Tha baile beag far an d' thàinig sinn air tir. Tha a' Bhan-mhorair Georgiana Baillie glé sheann a nise. Is piuthar athar i do Dhiùc Manchester, ogha do 'an Bhan-diùc a bha cho ainmeal ri' latha fhéin.

Chaidh Beatrais, Sìne, 'us mise do charbad duaise nach

robh ro bhreagha, bha paidhir each againn agus gille-greasaidh. Bha Seanalair Ponsonby's an dara carbad 'us Aimili Dittweiler na suidhe làimh ris. Bha Dr Fox agus Anna ann agus bha na h-uile àite suidhe cho làn 's a ghabhadh iad. Bha 'm Brùnach na shuidhe air mo chùlthaobhsa, ann an dùmhadas sluaigh tha mi faireachdain nis tearuinte le h-aon a bhi na m' thainice air mo chùlthaobh. Bha freiceadan coimheadachd againn leinn de an 7th Dragoon Guards bha iad a' smuaineachadh gur iad a b-fearr a bhi mach leis an dùmhadas sluaigh a bh' ann 's a bhaile. Cha robh Uachdaran Rioghail riamh roimhe an Inbhernis bho na bha an té bho 'n d' thàinig mi Ban-rìgh Màiri ann.

Bha sinne uile 'n ar n-éideadh turais agus bha e car neònach leinn a bhi leth mar leth 'n ar luchd turais iorasal agus ann am mórrachd stàtail.

Bha 'm feasgar cho breagha agus Inbhernis 'a seall-tuinn cho maiseach agus an Caolas Moireach a' ruith cho ghorm ri' thaobbh. Chaidh sinn seachad air Tigh-cuthaich na siorramachd, togail a tha glé mhór agus breagha. Bha againn ri dol 'n ar carbaid air adhart sia mile 'dh' ionnsuidh a bhaile, cha deachaidh sinn ach roimh bheagan de agus b' éiginn dol air adhart gu math luath leis cho anmoch 's a bha e. Bha boghachan buadhach ann agus am baile air a dheanamh maiseach anns gach dòigh agus bha na saighdearan saor-dheònach a mach. Bha na h-uile ni 's an deadh òrdugh agus an sluagh glé dheallasach. Bha 'n sean Phrobhaist breagha aca ann an sin agus oighre Mhic-Shimidh agus choisich iad leinn gu carbad-na-smùid. Bha a leithid

de shluagh ann agus gu 'n do theab nach faigheadh am Brùnach air adhart leis na bha e giùlan a dh' eudaichean uachdair, mu dheireadh fhuair na h-uile creutair gu ruig an cù fhéin a steach gu sàbhailte, agus ghabh sinn air adhart air an rathad iaruinn cheudna a ghabh sinn roimhe. Ghabh sinn an rathad a ghabh sinn an uiridh ach cha do stad sinn gus an d' ràinig sinn Keith far an deachaidh an dorus air aimhreit oirnn an uair sin. Fhuair sinn *tea* theth aig sia uairean 'us feòil fhuar leatha agus dh' ùraich sin sinn gu mór. Bha feasgar breagha ann.

Ràinig sinn Bailatair aig sia mionaidean roimh naoi, agus ghabh sinn air adhart gun mhoille ann an carbad fosgailte cheithir each agus marcaiche le lòchran air thoiseach oirnn. Bha sgàth-fhras uisge ann ach ghabh i seachad. Ràinig sinn Baile-Mhoireil gu tearuinte aig fichead mionaid roimh dheich, bha sinn glé thaingeil gu 'n deachaidh gach nì leinn cho mhath.

TIGHINN-DACHAIDH A MHÓRACHD RÌOGHAIL
DIÙC DHUNÉIDEANN LE A MHNAOI ÒIG.

*Disathurna, an naothamh latha fishead de
cheud mhìos an Fhoghair, 1874.*

Dh' fhàg mi 'n tigh aig ceathramh roimh dhà uair ann an carbad cheithir each, bha Beatrais agus Ban-mhorair Abercromby leam agus am Brùnach na làn

éideadh gàidhealach na shuidhe air mo chùlthaobh. Bha 'n latha fliuch agus leis a sin chum sinn an carbad dùinte, thàinig a ghrian ris an déigh sin agus an uair a thàinig sinn as a' charbad aig Bailatair rinn e turadh.

Bha carbad-na-smùid air ruighinn mu 'n d' ràinig sinn agus Alfred 'us Màiri ann, agus thàinig Màiri air adhart na m' choinneamh an uair a chunnaic i mise 'tighinn. Bha Alfred na' sheasamh an sin a feitheamh gus an ruiginn. Phòg mi iad le chéile agus chaidh iad fhéin 'us Beatrais 's a charbad leam. Bha e air latha breagha a' dheanamh agus bha an carbad a nise fosgalte againn. Bha deise agus ad a dh' eudach donn air Màiri. Ghabh sinn air adhart air ar socair an déigh an drochaid a ruighinn. Bha mu dheich thar fhichead de shaighdearan saor-dheònach Bhailatair a mach, am feileachan de bhreacan Chlann-'ic-Fhearchuir. Sheas iad ri ceann na drochaide agus air adhart bho sinn air an drochaid 'us seachad oirre bha 'n sluagh againn fhéin uile, bha iad na 'n làn éideadh 'us an teaghlaichean leòtha, bha tuath na' n trì oighreachdan ann uile le 'n teaghlaichean agus na h' uaislean againn fhéin. Chaidh na Piòbairean air ceann na cuideachd agus iad ag cluich gu h-aighearach, bha na gillean seilg 'us feedhain eile air gach taobh dhinn na 'n deiseachan gàidhealach agus an còrr dhe 'n chuideachd 'g ar leantuinn. Dh' fhan am Brùnach na àite fhéin leinne anns a' charbad.

Chaidh sinn 's an òrdugh so troimh 'n bhogha bhuadhach air adhart dhachaidh, direach mar a rinn sinn an uair a thàinig Eileag an so an déigh pòsaidh ach

nach robh uighir a shluagh ann an uair sin. Bha Leopold 'na charbad fhéin. Thàinig sinn as na carbaid aig dorus a' chaisteil agus thog Dr Robustan deoch slàinte na caraid òige agus dh' òl gach neach i le iollach. Chaidh dà ruidhle a dhannsadh an déigh sin agus thug sinn Alfred, 'us Màiri do na seòmraichean a bha ri bhi aca gu h-iosal agus shuidh sinn leòtha gus an do ghabh iad an *tea*.

FALBH A' PHRIONNSA CHUIMRICH BHO OBAIR-GHEALLAIDH AN UAIR A BHA E DOL DO NA H-INNSEAN.

BAILE-MHOIREIL,

*Dihaoine, an seachdaman latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1875.*

An uair a bha sinne a' tilleadh dhachaidh aig fichead mionaid an déigh seachd chaidh sinn seachad air a' charbad aig Bertie anns a' Bheallachbhuidhe, ach cha robh fuaim carbaid ri' chluinntinn an uair a theirinn sinn gu 'r dinneir aig beagan roimh naoi uairean, agus cha robh Alix — a' Bhan-Phrionnsa Chuimreach — air tighinn. Bha na h-uaislean aca air tighinn 'us chuir sinn air comhairle ri Charlotte Knollys¹ air son dé b' fearr a' dheanamh, agus chuir sinn fios gu Alix ise 'thighinn agus eudach Bertie a' thoirt leatha, dh' ionn-

¹ Aon de Bhan-tighearnan na Ban-phrionnsa Cuimrich, agus an nighean bu shine a bh' aig an t-Seanalair, Ridire Uilleam Knollys, K.C.B., a bha ioma bliadhna 'na cheannard air Luchd-Muinntir a' Phrionnsa Chuimrich.

suidh a' chaisteil. Mu dheireadh thall thàinig Bertie e fhéin agus e na fhuil 's na fhalas, bha e air a rathad a chall agus dhealaich e fhéin 's a chompanaich 's an t-sealg, bha latha gu math buadhar aige. Mharbh e ceithir dhamh donn, dh' iarr e sinne thòiseachadh ri 'r dinneir. Shuidh sinn gu 'r dinneir. Eileag, Beatrais, Sine Churchill, Morair Carnarvon 'us mise. Bha Christian air dol' shealltuinn air son Bertie ach cha robh e fada gun tighinn. Bha e deich uairean mu 'n d' thàinig Alix agus thàinig Bertie aig deich mionaidean an déigh sin; agus bha e leth-uair an déigh deich mu 'n d' éirich sinn bho 'r dinneir. An déigh sin chaidh na h-uaislean uile do 'n t-seòmar-coinnichidh, bha na h-uile aon a faireachduinn mar gu 'm bitheadh an dealachadh mul-adach so a cur sac air an cridheachan. Thug mise Alix 'us Bertie suas an staidhir leam aig aon-uair-deug, agus thug sinn greis a bruidheann mu nithean a bhuiineadh do 'n turas so do na h-Innsean a bha cur urrad a dh' ionaguin orm. Thàinig e mu dheireadh gu àm dealachaидh 'us chuir Bertie a dh' iarruidh Löhlein agus a' Bhrùnaich gu beannachd fhàgail leòtha. Chunnaic mi 'n deuchainn a chuir sin air fhéin agus orrasan. Rug e air làimh orra le chéile agus thàinig tioma orm fhéin an uair a thuirt am Brùnach: "Gu 'm beannaicheadh Dia 'ur Mórachd Rìoghail agus gu 'm b' ann a bheireadh e gu tearuinte dhachaidh sibh!" Ghabh e beannachd cuid-eachd le m' mhathan frithealaidh a bha na 'n seasamh leinn. Bha mo ghràdh bochd Alix glé mhuladach agus mi fhéin cuideachd, phòg 'us phòg mi iad le chéile agus gheall mi dol ga 'm faicinn air falbh 's a mhaduinn.

*Disatharnu, an t-ochdamh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha maduinn ghruamach amhaidh ann. Bha 'n cnatan air Beatrais agus leis a sin ghabh mise mo thràth-maidne anns an tighean bheag na m' aonar.

Dh' fhalbh Eileag anns a' charbad leam aig leth-nair an déigh naoi a dhol gu Obairgheallaith. 'N uair a ràinig sinn bha na h-uile nì an sin cho troimh chéile. Bha Bertie anns a' ghàradh 'us dh' fhan sinn greis bheag an sin leis, chaidh mise an déigh sin far an robh Alix 'us fhuaire mi na seòmar cadail i ag cur ghnothuichean an òrdugh, bha na caileagan leatha, agus cha robh na mnathan frithealaidh fhathast air falbh. Mu dheireadh thall dh' fhàg iad uile aig ceathramh an déigh deich. Ghabh Bertie mo ghaol beannachd leis gach neach. Bha na h-uaislean 'us an sluagh againn uile cruinn mu 'n cuairt doibh na 'm falbh. 'S i Beatrais—mo ghaol bochd—an t-aon neach nach robh 's an làthair. Chaidh Christian air adhart air thoiseach orra. Rug Bertie air làimh air na h-uile gin; ghuidh mise na h-uile buaidh leis agus Dia ga bheannachadh 's a chumail dion air ré an turais fhada ionaguineach so a bha ri bhi aige anns an àirde 'n ear. Bha e cho chianail leinn fhaicinn a falbh gun fhios dé dh' fhaodadh tachairt. 'S gun fhios againn an tilleadh e am feasd. Bha Alix 'us na gillean beaga anns a' charbad leis 'us na caileagan 'an carbad eile na 'n déigh. Gu 'm b' ann a bhiodh Dia 'g a bheannachadh.

TURUS GU INBHER-AORA.

*Dimàirt, an t-aona latha fichead dc mhìos
meadhoin an Fhoghair 1875.*

Ghabh sinn ar dinneir aig fichead mionaid roimh naoi cha do shuidh leam ach mo theaglach fhéin. Dh' fhàg sinn Baile-Mhoireil aig ceathramh roimh dheich, bha Beatrais 'us Sìne Churchill anns a' charbad leam 'us am Brùnach na shuidhe air a chùl. Ràinig sinn Bailatair aig aon-uair-deug agus chaidh sinn do charbad-na-smùid choinnich Seanalair Ponsonby 'us an Ridire Uilleam Jenner sinn ann an sin. Bha Aimili 'us Anna ann a dh' fhrithealadh dhòmhса, agus Morgan aig Beatrais, bha Frànnsaidh Cléireach leinn, agus Cannon, Tearlach Mac-Thómais agus Heir na gillean coise, bha Baldry leinn cuideachd agus *policemen*. Thug sinn sia eich leinn, agus bha Bourner, Hutchinson, agus Goddard air thoiseach oirnn leis an treallaich turais againn. Chaidh sinn air adhart gu socrach ach cha do chadail mise gu math.

INBHER-AORA,
*Diciadaoin, an dara latha thar fhichead de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Ràinig sinn Tigh-an-Droma aig ochd uairean, àite fiadhaich aonaranach ann an gleann fàsail 'us monaidhean uaine ag éirigh suas mu 'n cuairt do. Ghabh sinn ar tràth-nòin 'an so ann an carbad-na-smùid. Bha *coffee* againn leinn 'us theasaich am Brùnach i agus

fhuair sinn nithean eile as an Tigh-òsda laghach coltas a bha 'n sin. Bha maduinn àillidh ann agus ged a bha beagan ceathaich air mullach nam beann shnàmh e air falbh. Tha 'n Tigh-òsda a tha 'n so glé ghrinn agus tha beagan thighean ann thall s' a bhos. 'S le Morair Bhraidalbainn an òighreachd so, agus thachair e fhéin 'us a' Bhan-mhorair oirnn ann an so, 'us thàinig sinne a' carbad-na-smùid. Bha 'n latha glé bhreagha.

Chaidh Beatrais, Sine Churchill 'us mise do 'm charbad fhéin ann an so agus paidhir a dh' eich dhuais againn, bha 'm Brùnach 'us Frànnsaidh Cléireach na 'n suidhe air a thoiseach, bha 'n dà dhuin' nasal agus na ceithir mnathan frithealaiddh 'an carbad eile 'n ar déigh agus an treallaich-turais agus na gillean coise na 'n déigh-san a rithist. Bha 'n rathad ag gabhail air adhart troimh ghleann farsuing agus monaidhean gorma ag éiridh suas air gach taobh, tha meinean luaidhe aig Morair Bhraidalbainn 'an aon diubh. Bha 'n rathad glé lùbach garbh agus sinn 'g a dhireadh 's 'g a their-neadh cho bicheanta 's gum b' fheudar dhuinn a ghabhail socrach. Bha na beanntan breagha aig frìdh a' Mhonaidh dhuibh ri 'm faicinn a null taobh thall de Thigh-an-Droma, ghabh sinn seachad air ceann Ghlinn-Urehaidh, gleann farsuing 'us móran coille ann, agus chunnaic sinn fad an rathaid far am bheil iad a' dheanamh an rathaid iaruinn. 'S e 'n gleann so 'tha toirt an ainm Morair Ghlinn-Urehaidh do Iarla Bhraidalbainn. Tha àllt a' ruith troimh làr a ghlinne. Chunnaic sinn Beinn Laoidh a null ris an làimh chli; agus bha an dùthaich a dol mi bu bhreagha na h-uile céum a bha sinn a'

teirneadh 'us do chraobhan ciatach 's de fhrith-choille ri fhaicinn ann bha Dailmhàili na luidhe cho bòidheach 'am broilleach na coille 'us bha Cruachan agus na monaidhean mu 'n cuairt dhi na 'n sreath air thoiseach oirnn, bha gorm cho àillidh ri fhaicinn air na mullaichean agus an spéur cho soilleir le dearsadh na gréine oir bha i glé theth ged a bha osag ghaoithe ann. Le sealltuinn 'n ar déigh bha sinn a faicinn na 'm monaidhean troimh 'n d' thàinig sinn.

Aig Dailmhàili tha 'n rathad a ruith fodh sgàile chraobhan gus an d' ràinig sinn an Tigh-òsda a tha na sheasamh leis fhéin. Tha 'n eaglais air a suidheachadh gu grinn a measg chraobh an iochdar a' ghlinne, cha robh móran sluaigh an so agus bha na bh' ann diubh glé bhéusach. Tha Dailmhàili trì-mile-deug bho Thigh-an-Droma. Chaidh ceithir eich a chur 's a' charbad againn an so ga 'r tarruing suas an uchdach a bh' air thoiseach oirnn, oir bha i fada agus cas, thàinig sinn aig a mullach am fradharc Loch Odha agus gu dearbh is breagha e. Thug iad a phaidhir thoisich de na h-eich as a' charbad ann an so. Tha Loch Odha a' gabhail air adhart fada null uaithe so agus fhuair sinn plathadh de chaisteal ainmeal Chillechùirn agus de cheann an loch le' mhonaidhean àillidh ris an làimh dheis, agus de dh' eileanan Innis-Éil agus Airdchon us feedhain eile' bu lugha. Tha iad ag ràdh gum bheil aon de shinnsir-eachd teaghlaich Earraighàidheal air àmhlaic 'an Innis-Éil. Tha deich-mile-fichead a dh' fhad 's an loch, agus mar a tha e a fosgladh sios tha na enuic mun cuairt da dol 'n as isle. An déigh dol mu 'n cuairt de

cheann an loch ghabh sinn seachad air Clàduich 'us bha grùnnnd glé bhriste againn, bha sinn a faicinn sléibhteann àrda a null uainn ag éirigh os cionn an fheadhain bu dlùithe. Bha beithe 's darach agus móran rainnich a fàs an so air na enuic agus a measg nan creag direach mar a bha iad 'an Inbher-Lòchaidh agus ri taobh Lochial. Bha grùn sluaigh an sud 's an so ach cha robh móran ann. Bha ceithir dhe na h-eich agam fhéin 'g ar feitheamh aig aite an iochdar Ghleann-Aora ris an abras Crois-nan-Sléuchdach, tha e mu shia mile bho bhaile Inbher-Aora agus 's ann an so a tha òighreachd an Diùc a' tòiseachadh. Bha Liùsaidh 'us Lathurna ann an so 'g ar feitheamh agus iad a' sealltuinn cho chiatach agus cho toilichte. Bha Lathurna a' marcachd agus lean Liùsaidh sinn anns a' charbad a th' aice air son nan each beaga. Thàinig sinn goirid an déigh sin gu bogha buadhach air an robh an Gàidhlig—"Ceud mile fàilte do 'n Bhan-rìgh a dh' Inbher-Aora." Thàinig boireannach anabarruch somalta—bean tuathanaich a chloinn 'ic Artair—far an robh mi le bad fhlùraichean, agus shin leanabh a bh' aice na gairdeanan dhomh e.

Ghabh sinn air adhart troimh Ghleann-Aora agus oir chraobhan air gach taobh dhe 'n rathad air an robh sinn mar a bha sinn a' dlùthachadh ris a' chaisteal. An uair a ràinig sinn a chadh'-chliath bha dithis dhaoine àrmuichte nan seasamh aice agus feedhan eile dhiubh an sud 's an so fad an rathaid a dh' ionnsuidh a' chaisteil. Bha féileachan orra a bhreacan nan Caim-bealach agus còtaichean donna air an robh bannan

dearga, bha uireabal coilich dhuidh 'am bonaid gach fir agus gas roid oir 's e sin suaicheantas nan Caim-bealach. Bha piobairean na 'n saighdearan saor-dheònach a mach leòtha. An uair a rèinig sinn an caisteal bha na saighdearan saor-dheònach iad fhéin an sin na 'm feileachan 's na 'n cotaichean dearga—agus muintir nan gunnaichean móra an éideadh gorm air an robh bannan airgid. 'S e Lathurna is còirneal orra agus bha iad air an tarruing an òrdugh 'g ar feitheamh agus bha móran eile ann a thàinig a ghabhail seallaidh. Bha Diùc 'us Ban-diùc Earraghàidheal le 'n siathnar nighean aig an dorus a chur fàilte oirnn: tha na céumanan staidhreach a bha air taobh muigh an doruis a nise fodh ghloine, tha tigh teth air son fhlùr-aichean air a chur thairis orra.

Thug an Diùc agus a' Bhan-diùc sinn gu 'r seòm-raichean fhéin agus tha páirt dhe 'n fheadhain aig Liùsaidh againn; tha iad glé chomhfhurtail cha 'n 'eil iad mór ach tha iad cho suilbhère agus sealladh cho breagha againn uatha de Loch-Fine. Rèinig sinn mu aon uair 'us ghabh sinn ar tràth-nòin aig dà uair, cha do shuidh leam ach Liùsaidh 'us Beatrais agus Lathurna, ghabh sinn e ann an seòmar-cuideachda grinn na Ban-diùc, tha e aig cosan na staidhreach agus obair ghréis air a bhalla aige. Fhritheil am Brùnach ormsa mar a lean e air a dheanamh aig na h-uile tràth fhad 's a dh' fhan sinn an so, agus chuidich dhà no trì de sheir-bhisich an Diùc e. An déigh ar tràth-nòin chaidh sinn do sheòmar cuideachda móra an tighe, 's ann 's an t-seòmar a tha 's an ath-dhorus ris a ghabh sinn ar tràth-

nòin an 1847, an uair a bha Lathurna mu dhà bhliadhna 'dh' aois. Tha mise air tilleadh an so mo chreach! gun fhear mo ghaoil na m' chuideachda agus Lathurna na chliamhuinn dhomh, "cha 'n 'eil carraig air nach caochail sruth!"

Tha Morair agus Ban-mhorair Dufferin a' fuireach 'an so an dràsda agus bha iad air thoiseach orm 'an seòmar-na-cuideachd an uair a chaidh mi ann, agus bha 'n Ridire Iain MacNeil ann agus a' bhean a' Bhan-mhorair Emma. 'S ise aon phiuthar an Diùc, agus is e seann duine ciatach a th' annsan, tha e ceithir fichead bliadhna a dh' aois bha e aon uair na' Theachdaire Rìoghail agamsa ann an Persia. Chaidh mi suas an staidhir an déigh sin a leigeal m' anail agus thug mi greis air tarruing monaidhean breagha Aird-Chona-ghlais, bha sealladh gasda agam dhiubh bho uinneag na turait sam bheil seòmar m' éididh, ghabh mi *tea* an déigh sin agus dh' fhalbh mi gu Croit-a-bhille le Liù-saidh agus Beatrais chaidh sinn troimh euid dhe 'n choille anns am bheil craobhan faibhili anabarruch breagha agus feedhain ghiuthais cuideachd ghabh sinn an rathad àrd air adhart seachad air Beallach-an-Fhuarain agus bha enuic uaine, 'us craobhan, darach 'us rainneach a measg talamh briste fad an rathaid mar a bha e aig taobh Lochial chaidh sinn seachd air baile beag Acha-nan-goll a tha ri bun enuic agus ràinig sinn àllt bras ris an abrar uisge Dhùghlais. Thill sinn 'us lean sinn an t-àllt bòidheach so air son greis gus an deachaidh sinn seachad air bothain agus air tuathana-chas bheag agus an sin ràinig sinn cladach maiseach

taobh Loch-Fine. Mar a chaidh sinn air adhart bha dol fodha na gréine a' tilgeadh dearg cho àillidh air na sléibhteann, bha dath an òir orra direach roimh sin agus cha b' urrainn dhomh a bhuaidh a bh' aige so innseadh, bha e cho breagha. Bha 'n sealladh cho àillidh suas 's a sios an cladach agus faileas gach ni ri fhaicinn anns an loch chìùin cho bòidheach.

Ghabh sinn dhachaidh roimh bhaile beag Inbher-Aora 'a tha làimh ri cadh'-chliathan a chaisteil, tha sealladh grinn againn dheth bho 'n uinneig agamsa. 'S ann aig a chithe beag a thàinig sinn air tìr 'an 1847, agus tha sean chrois Cheilteach a tha gu math neònach direach os a chionn 's e Baile-na-siorramachd e agus tha dà thigh-òsda ann trì eaglaisean agus priosan, ghabh sinn sràid anns a' ghàradh an déigh tilleadh agus chaidh sinn a stigh aig deich mion-aidean an déigh seachd. Leig mi m' anail greis, 'us thug mi tacan air sgriobhadh, ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an déigh h-ochd anns an t-seómar 's an do ghabh sinn ar tràth-nòin. Ghabh an Diùc 'us a' Bhan-diùc, Liùsaidh, Beatrais, agus Ban-mhorair Churchill, an dinneir leam, chaidh mi greis bheag do sheòmar-na-cuideachd 'us bha 'morair Cailein ann leis a' chòr dhe 'n teaghlaich, bha triùir mhinistearan ann—an Dr Macghriogair, an Dr Dòmhnall Macleòid, agus Mr Story, tha iad uile a fuireach s' a' chaisteal an dràsda, agus bha na daoine uaisle a leanas ann; Morair Ardmillan a tha 'n so air ceann na cùirte na bhreitheamh, Feargairm na siorramachd; Caimbeulach Acha-na-cloiche, agus Mr Eachunn MacNeil Ugadail agus a' bhean,

agus feedhain eile sheòl Mr MacNeil bràiste dhomh a fhuair aon de shinnnsireann bho Rìgh Raibeart Bruce, tha e coltach ris a' bhràiste Lathurnach.

*Diardaoin, an treas latha ficead de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

'S e 'n latha brònach so co-ainm an latha bho chionn tri bliadhna air an do chaill mise mo phiuthar, agus is goirt a tha mi 'g a h-ionndruinn.

Tha maduinn bhreagha ann, ghabh mi mo thràth-maidne le Liùsaidh agus Beatrais 'n am sheòmar suidhe fhéin aig ceathramh roimh dheich. 'S e 'n seòmar suidhe agamsa an seòmar cadail is àbhaist a bhi aig Liùsaidh ach chuir i fhéin an òrdugh e air mo shonsa, agus chuir a' Bhan-diùc dealbh Bhaile-Mhoireil ann an oisinn de—dealbh a leithid an fhir a rinn Becker. Tha 'n seòmar éididh is àbhaist a bhi aig Lathurna far an fhir so, tha e na sheòmar suidhe aig mo dhà bhean-fhrithealaidh agus tha Anna a' cadal ann. Tho mo sheòmar cadail an déigh sin agus a rithist an seòmar grinn a tha 's an turait le 'dhà uinneig, a h-aon dhiubh a' sealltuinn ri monaidhean breagha Aird-chonnaghlais agus an té eile a' sealltuinn ris an dorus bheòil, ris an drochaid—agus ris na craobhan breagha a tha sios fodh 'n tigh. Tha mo bhean éididh Aimili Dittweiler s' an ath sheòmar ris an fhear sam bheil mìse 'g cadal agus Beatrais 's an t-seòmar is fhaisge dhi—am fear is àbhaist a bhi na sheòmar suidhe aig Liùsaidh.

Chaidh mi 'mach aig beagan an déigh aon-uair-deug a ghabhail sràid le Beatrais agus Liùsaidh, thionndaidh

sinn a stigh do 'n choille agus ghabh sinn an rathad iosal gu cnoc a tha mu choinneamh an tighe ris an abrar Dùn-na-cuaich, cha mhór nach 'eil coille air gu ruig a mhullach, agus tha tùr air a thogail air, choisich sinn air adhart fodh sgàile chraobhan breagha 's e faibhili a bha 'm móran dhiubh agus bha craobhan giubhais ann a chuir pàirce Windsor agus Rheinhardts-brunn na' m' chuimhne, choisich sinn greis air adhart agus ràinig sinn tobar agus bothan beag anns am bheil cailleach chearc an Diùc a' fuireach. Thàinig boireannach sunndach air an robh coltas deadh nadur a mach far an robh sinn 's e Bean-mhic-Neacail a theirear rithe, phòg i làimh Liùsaidh agus an uair a chunnaic i mise thuit i air a glùinean 'us thuirt i ri Liùsaidh, "Ciamar a bhruidhneas mi rithe ?" Chaidh sinn a stigh do 'n bhothan agus tha sean bhoireannach eile ann a tha ceithir fichead bliadhna a dh' aois, bha i coimhead cho tóiseal għlan le a currachd geal boidh-each air a ceann, ghabh sinn beagan air adhart agus an déigh sin thill sinn ri taobl na h-aibhne, tha i làn éisg agus tha i a ruith a stigh do 'n mhuir glé dhlùth air a' chaisteal. Bha sinn air ais a stigh aig fichead mionaid roimh aon uair. Għabb sinn ar tràth-nòn aig dà uair dìreach mar a għabb sinn an dé e. Bha 'n lath trom ach bha e soilleir agus bha 'n turadħ ann. Thug mi greis a' tarruing dhealbh agus a' cur dhaitean orra.

Chaidh mi mach na' m charbad fosgailte fhéin aig ceathramh an déigh ceithir agus Bourner air cheann na sréine, bha Liùsaidh, Beatrais, 'us a' Bhan-diùc leam. An

déigh dhuinn gabhail greis air adhart air an rathad air an robh sinn an dé thionndaidh sinn a stigh air rathad coillteach Eas-a-chosain far am bheil caochladh sheòrsachan de chraobhan breagha giubhais. Chuir meudachd cuid dhiubh Eberstein a tha dlùth air Baden 'n am chuimhne, ghabh sinn air adhart air an rathad a chaidh a dheanamh air mo shonsa 'an 1871 agus ris an abrar "Rathad carbaid na Ban-rìgh" gus an d' ràinig sinn an Leachdain-mhór agus bho sin fhuair sinn sealladh ciatach air an loch agus air na sleibhteann a tha mu 'n cuairt dhe, Beinn Fhìn 's a Bheinnbhuidhe agus mar sin sios. Tha 'n rathad glé chas a dol gu lochan a th' ann air son cluich air an eigh agus gu Black Bull Cottage; ghabh sinn thar drochaid Charlonnain sios a dh' ionnsuidh an eas agus air ais gu ruig an Dubh-Loch fodh sgàile chraobhan faibhili a tha toinn-eamh am meòir na cheile os cionn an rathaid. Chaidh a h-aon-deug dhiubh a leagadh leis an stoirm bho chionn dà bhliadhna agus b' e mòr am bêud e! tha dà cheud bliadhna bho na chuireadh iad le Marcus Farraghàidh-eal. Thàinig sinn ann an tiota gun dùil ris am fradharc an Dubh-Loch, agus is bòidheach e, cha 'n 'eil coltas sam bith aige ris an Dubh-Loch againne. Tha am fear so air a' chuartachadh le enuic uaine choillteach agus Gleann Siora àillidh le choilltean dlùth a null ri 'chùl, ghabh sinn air adhart ri taobh na làimhe deise a dh' abhuinn Shiora gus an d' ràinig sinn tuathanachas an Druimliath a tha air a shuidheachadh gu bòidheach ri eudan enuic. Chaidh sinn seachad air aon no dhà eile dhe thighean thuathanach agus 's e seann tigh glé

neònach a bha 'n aon diubh. Bha ar *teat* deanta againn leinn 'us ghabh sinn ann an so i 'us thaitinn na h-uile goireas a bh' againn air a son gu math ri Ealasaid—a Bhan-diùc—thill sinn air ais air an rathad cheudna agus air adhart ri taobh a' chladaich. Fhuair sinn dachaidh aig deich mionaidean roimh sheachd. Bha turas toilichte againn ach bha gaoth àrd ann 'us i gu math fuar.

Shuidh Liùsaidh, Beatrais, 'us a' Bhan-diùc aig an dinneir leam, agus bha Morair agus Bhan-mhorair Dufferin ann agus an Ridire Iain MacNeil agus a' Bhan-mhorair Emma a bhean direach mar a bha iad an dé. Chaidh mi air son uine ghoirid an déigh sin do sheòmar-na-cuideachd agus rinn an Diùc euid de na h-aoidhean aithnichte dhomh. An siorram Mr T. Irvine bho Drum 'an Siorramachd Abareadhain, agus Mr I. Mac-Challum Pholtalloch, duine a tha glé bhreagha, ghabh a mhac—a tha na dhuine mór àrd—a dhinneir leinn an dé, tha an nighean aige an déigh mac do Gathorne Hardy a' phòsad. Bha 'n Ridire Seòrus agus Bantighearna Home ann, tha iadsan a' fuireach direach mu choinneamh a' bhaile; 's esan 'us fear-ionaid siorram ann agus is nighean peathar ise do 'n Ridire F. Grannt. Chaidh mise suas an staidhir le Beatrais agus Síne Churchill. Bha Liùsaidh daonna a fuireach gu h-iosal le càch.

*Dihaoine, an ceathramh latha ficead de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha dìle 'us doireann ann, ghabh mi mo thràth-maidne le 'm dhithis nighean ghaolaich. Thog an latha

'us chaidh mi a mach le Liùsaidh agus Beatrais, aig beagan an déigh dhà-uair-dheug ràinig sinn a chadh-chliath a th' aig na stàbuill a tha 'am "Pàirce na 'n Siristean" us sheall sinn air na h-eich againn fhéin 'us air an fheadhain aig Liùsaidh. Chunnaic mi cuileinn beag ann cuideachd agus bu nighean i do shean Frisky bhochd a bh' aig Liùsaidh ; ghabh sinn an déigh sin air adhart ri cùl nan stàbull far am bheil craobhan fior bhreagha de ghiubhas, ghabh sinn a rithist an rathad direach troimh 'n gharadh chàil agus seachad air craobh de ghiuthas nadarruch a tha anabarrach àrd agus garbh. Thill sinn a stigh aig fichead mionaid roimh aon uair. Bha 'n latha glé ghruumach dorcha.

An déigh ar *tea* aig ceathramh an déigh cóig dh' fhalbh mi le Liùsaidh, 'us Beatrais, agus Síne Churchill anns a charbad bha 'n t-uisge ann an uair a dh' fhalbh sinn ach thàinig e gu dortadh. Ghabh sinn an rathad uaigheach air an do choisich sinn roimhe agus ràinig sinn an t-eas is mothà a th' air abhuinn Aora. 'S e Linne 'Ghlutainn a theirear ris agus tha e glé bhòidh-each. Thàinig sinn as a' charbad an sin a choiseachd thairis air drochaid mhaide air nach robh Liùsaidh no càch toileach dol thairis anns a' charbad, thill sinn dachaidh air an rathad mhór. Bha 'n latha air togail gu breagha an sin agus ghabh sinn seachad air tigh-òsda Inbher-Aora, air adhart troimh chadh'-chliath a tha daonnan fosgailte agus suas an rathad ris an abair iad am Beurla an "Town Avenue." Tha e air cùl a bhaile, tha e dlùth air mìle 'dh' fhad agus craobhan breagha faibhili a' toinneamh am meòir 'na chéile os air

cionn. Thill sinn air an rathad a bha eadar na craobhan Teile ann am pàirce na 'm fiadh agus a stigh air cadh'-cliath a bha làmh ris an àilean a th' air son Fearaschuideachd na 'n uaislean, aig leth-uair an déigh sia uairean. Bha luchd na 'm pìcean air gheàrrd fad an latha, 's ann de thuath an Diùc iad.

Ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an deigh ochd air son a bhi deas a dhol gu dànnsadhbha ri bhi ann. Cha robh leam aig an dinneir ach Liùsaidh, Beatrais, agus Síne Churchill. Chaidh mi tiotan an déigh sin do shéomar na cuideachd agus rinn an Diùc aithnichte dhomh an Ridire Dònull Caimbeul Dhun-'s-da-Innis agus a' bhean agus Mr Caimbeul bho Inbheratha ùr, air Loch-Odha. Tha 'n Ridire Dònull Caimbeul ag giulan Iuchair mar shuaicheantas air e bhi na fhear gleidhidh air Caisteal Dhun-'s-da-Innis. Tha e eadar dà-fhichead 'us leth-cheud, agus bha e an làn éideadh Gàidhealach, mar a bha Mac-Challum Pholtal-lach cuideachd agus na uaislean eile a bha 's an làthair. Mu leth-uair an déigh deich chaidh sinn anns a' charbad a null do 'n Phàilliunn a bh' aca air a chur suas air son an tuath uile 'dhol a' dhànnsa ann. Chaidh Liùsaidh, Beatrais, agus Síne Churchill ann leamsa, ann an carbad an Diùc. An uair a ràinig sinn chuir an Diùc, Latharnu, agus Cailean, fàilte oirnn, agus bha a' Bhan-diùc le 'euid nighean 'us mnathan uaisle eile 'g ar feitheamh aig ceann shuas ùrlair àrd air an do shuidh sinn uile. 'S e seòmar mór fada breagha a bh' ann, tha mi cinnteach gu 'n robh e cèud agus deich troidhean ficead a dh' fhad. 'S ann an uair a' phòs

Liùsaidh 'chaidh 'chur suas. Bha e 'an òrdugh glé bhreagha le brataichean agus tha mi cinnteach gun robh eadar seachd 'us ochd ceud sluaigh ann, eadar an tuath 's a mnathan agus an clànn, agus na bh' ann de mhuinntir a' bhaile; ach an déigh uile bha de dhànnsaichean gallda aca agus nach robh an gnothuch coltach ris na bàlachan is àbhaist a bhi againne anns nach bi ni eile ach ruidhleachan. 'S ann a' Glascho a thàinig a chòisir-chìùil ach cha b' urrainn doibh ruidhle a' chluich agus b' fhéadar do na piobairean an cluich air an son, 's ann le ruidhle a dh' fhosgail am bàl. Dhànnss Liùsaidh leis a' Bhrùnach agus Beatrais le aon a dh' fhorsairean an Diùc; ged nach b' e an ceòl freagarach a' chluich a chòisir - chiùil dhoibh, chluich na piobairean an déigh sin 'us dhànnss Síne Churchill ruidhle leis a' Bhrùnach agus dhànnss Anna Dhònnullach le Frànnsaiddh Cléireach. Dhànnss Liùsaidh 'us Beatrais ruidhle eile le Mr Iain Caimbeul 'us fear-eigin eile. Bha "schottische" aca an déigh sin agus bha iad coltach ri bhi glé ghaolach air, bha tuilleadh ruidhleachan aca agus mu dheireadh dhànnss Liùsaidh 'us Beatrais "*tempête*" leòtha. An toiseach a' ghnothuich ghabh Mr Iain Caimbeul 'us feedhain eile òrain Ghaidhlig. Bha cuimhne agam air feedhain a chaidh a sheinn dhuinn an 1842 le luchd iomraidh a bhàta air Loch-Tatha. Thill sinn dachaidh an uair a sguir an dànnssadh aig leth uair an déigh dà-uair-dheug.

*Disathurna, an còigeamh latha fichead de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha 'n dile uisge ann. An tràth-maidne mar a b' abhaist le m' dhithis chloinne ghaolach—bha m' fheudail Liùsaidh cho chaoimhneil agus cho fritheilteach agus i cho iomaguineach air son mise agus mo sheir-bhisich a bhi air ar deanamh comhfhurtail agus i cho smuaineachail air gach ni. Thog an latha agus aig leth-uair an déigh aon-uair-deug chaidh mi mach a ghabhail sràid le Liùsaidh gu ruig Tigh-nan-con agus air adhart gu abhuinn Aora. Chaidh Beatrais a mach le Sine Churchill agus leis na caileagan òg eile. Bha 'n abhuinn glé iosal an uair a chunnaic sinn Diardaoin i, ach bha i' nise air at gu mór. Chunnaic sinn na coin agus an Iolair a th' aig Tig-nan-con; chaidh sinn bho sin a dh' ionnsuidh a għaraidh-chàil. Tha measan grinne 'us craobhan anabarruch breagha ann. Thill sinn dhachaidh aig fichead mionaid roimh aon uair, għabh sinn ar tràth-nòin uwar a b' àbhaist.

Thug Liùsaidh mi 'dh' fhaicinn sean mhaighdean uasal chòir de chloinn 'ic 'Għibean, a bha ro bhochd na slàinte air son tighinn a mach 'g am fhaicinnsa; chriottuich i guallain Liùsaidh agus thuirt i, "Tha sinn uile cho għaolach air a' Bhan-phrionnsa; tha i na peata againn uile." "'S e Latharnu am peata agaibhsa," arsa Liùsaidh ridhe. "'S e gu dearbh arsa ise agus leis a sin tha sibħse na 'r peata againn gu dübailte." Mo thruaighe dh' éug i beagan an deigh sin.

Chaidh Liùsaidh, Beatrais, agus an Diùc a mach leam

aig deich mionaidean an déigh cheithir nairean, bha 'm feasgar soilleir breagha agus ghabh sinn sgrìob chiatach, ghabh sinn an rathad air an robh sinn Diciadaoin agus latha no dha eile air adhart gu Beallach-an-Fhuarain chaidh sinn troimh phàircé na 'm fiadh agus bha móran chadh'-chliathan ri fhosgladh agus ri dhùnadh innte, oir tha iad uile air an cumail glaiste air eagal na 'm fiadh a dh' fhaotuinn a mach, ghabh sinn a mach as a' so taobh thall a' Chrom-uillt air rathad Chinn-loch-a-Gilp, agus ghabh sinn seachad air Dail-a-cheanna, Cill-Iain, Ach-nan-gobhal, agus Acha-an-droighinn. Tha sean chleachdadhbh a bha uair-eigin 's a Ghàidhealtachd, aca fhathasd 'an Acha-nan-gobhal agus 'an Acha-an-droighinn. Thug an Diùc dhomh an cùnnatas a leanas mu 'n chùis:—

Bha gus bho chionn glé ghoirid seann dòigh nèonach aca air roinn an fhearin ann an Gàidhealtachd na h-Alba. Bha iad a' togail an tighean nan grunnan an taice a chéile agus bha 'm fearann aig gach baile dhiubh so air an t-seann dòigh ris an abairte "An Roinn-ruith." Bha an t-aon mhonadh aca eatorra agus bha an euid spréidh ag ionaltradh air uile, an ceann a' chéile, agus bha croinn air an tilgeadh mu 'n talamh àitichte los gum faigh-eadh iadsan aig an an robh droch roinn am bliadhna eothrom fhaotuinn air earainn ni b' fèar an ath bhliadhna. 'S e fior sheann riaghait a tha 'n so ach cha 'n 'eil i na riaghait ro mhath air son an fhearin, chuir an Ridire Ionraic Mayne leabhar a mach bho chionn ghoirid mu 'n chùis so agus tha e' nochdadh ann gun robh an cleachdadhbh so aca aon nair feadh na Roinn-Eòrpa gu léir, agus gu 'm bheil e fhathast aca 's na h-Innsean. Tha na croitean aca a nise air leth anns a' Ghàidhealtachd, agus a thigh fhéin aig neach a'ir a chroit fhéin ged a tha iad fhathast an euid a dh' àiteachan ag ionaltradh an spréidh air an aon mhonadh.

'S e Ach-nan-gobhal dlùth air Inbher-Aora h-aon dhe na seann

bhailtean so agus 's ann an 1847 a sguir iad de chroinn a thilgeadh mun fhearrann. Bha sia teaghlaich dheug an uair sin 's a' bhaile agus fichead achadh beag sgaptà bho chéile aca air an àiteach. Cha robh e furasda a thoirt orra sgur dhe 'n t-seann dòigh so ach mu dheireadh dh' aontaich iad ris gach aon diubh a leantuinn ri earainn fhéin agus feuchainn ri' dheananmh ni b' fearr bho bhliadhna gu bliadhna. Tha na tighean aca fhathasd an taice' chéile mar a b' àbhaisd, so aon de 'n ghlé bheagan tha anns a' Ghàidh-ealtachd a nise de na seòrsa bhailtean sin.

Tha iad ag ràdh gur iad so na tha a nise 's a Ghàidh-ealtachd de na bailtean so. Tha 'n sluagh a tha fuir each anna a' pòsadhbh a measg a' chéile agus 'g an cumail fhéin air leth air càch.

Ghabh sinn air adhart eadar monaidhean iossal neònach agus iad ag éirigh suas cho uaine air gach taobh dhinn, bha 'n Diùc ag ràdh gu 'm bheil lochain am mullaichean cuid dhiubh air am bheil deadh bhric. Sheall e gach gleann agus gach tuathanachas a bha mun cuairt dhuinn agus bha naigheachd air choir-eigin aige mu gach àite a chunnaic sinn. Thionndaidh sinn an déigh sin ris an láimh chli a stigh troimh choille dharaich agus seachad air an obair fhùdar aig an Ridire S. Caimbeul agus a stigh troimh bhaile beag ris an abrar Coille-Bheannain. Cha 'n 'eil ann ach sreach de bhothain bheaga anns am bheil an fheadhain a' fuireach a tha 'g obair 's an obair Fhùdar, ghabh sinn bho so air adhart gu baile beag ris an abrar an Flùrnais anns am bheil an sluagh a' fuireach a tha ag obair ann an creagan móra a th' aig an Diùc ri taobh na mara. Theirear an Flùrnais ris an àite a chionn gun robh fùrnaisean air an cur suas ann anns a cheud bliadhna mu dheireadh

air son leaghadh luaidh a bha iad a' toirt a' Sasunn. Sheall an Diùc dhuinn an seann bhalla briste aig aon diubh agus chaidh sinn seachad air aon dhe na creagan. Bha 'n rathad air an deachaidh sinn air adhart ri taobh cladach Loch-Fine agus bha e cur na m' chuimhne taobh Loch-ial an déigh dol seachad air Banabhi bha de choille mu 'n rathad air gach taobh, craobhan daraich, uinnsinn, faibhili, agus gach seòrsa eile agus móran de fhrithechoille challtuinn 'us de phreasan smioran. Stad sinn aig rudha ris an abrar "A Phéighinn mhór" far am bheil Batairidh aig na Saighdearan saor-dheònach air am bheil Latharnu na chòirneal; agus fhuair sinn seal-ladh ciatach bho so de 'n mhuir sios ris na caoil Bhódach' agus na monaidhean cumadail bòidheach a tha mu 'n cuairt doibh. B' iad monaidhean Ardrishaig an fheadhain a b' fhaide air falbh uainn de na bha sinn a' faicinn. Thug mise greis air tarruing dhealbh an déigh dhuinn ar *tea* a' ghabhail. Ghabh sinn air adhart air rathad a Chinnmhóir, Cille-Bhrìde agus Dail-a-cheanna. Bha 'm feasgar aillidh 'us fiamh cho bòidheadh dhe na monaidhean fad air falbh agus dhe 'n choille a bha null ri cùl a bhaile. Tharruing mi dealbh eile de na bha na m' fhradharc bho 'n Tigh-scoil ùr aig a' Bhan-diùc ris an abair iad Scoil-a-Chreagain.

Fhuair sinn dachaидh aig leth-uair an déigh sia uair-ean. A thuilleadh air mo dhà nighean fhéin bha 'n Diùc agus a' Bhan-diùc a Bhan-mhorair Dufferin, agus Caillean Caimbeul aig an dinneir leam. Chaidh mi mar a b' àbhaist do 'n t-sèomar-cuideachd air son greis agus chaidh mi 'n déigh sin suas an staidhir gu 'm

sheòmar fhéin. Dh' fhan Beatrais le Síne 'us leam fhein.

Didònuich, an seàthamh latha fishead de mhìos meadhoin an Fhoghair.

Bha a' mhaduinn glé fhliuch, agus an déigh ar tràth-maidne grinn a ghabhail mar a b' àbhaist shuidh mi a sgrìobhadh 'us chuir mi romham nach rachainn a mach. Shearmonuich an Dr MacGhriogair dhuinn 'an seòmar mór fada na dinneir aig ceathramh an déigh dà-uair-dheug chaidh mi an déigh sin do 'n t-seòmar-cuideachd agus do 'n dà Leabhar-lànn, chuir Liùsaidh 'us Latharnu am fear is ùire dhiubh 's an òrdugh sam bheil e. Tha dealbhan glé bhreagha 'an seòmar-na-cuideachd, tha dealbh an Diùc dhe 'n deachaidh an ceann a thoirt ann, agus tha dealbh Field-Marshall Conway ann a bh' air a tharruing le Gainsborough tha dealbh an Diùc Gilleaspuig ann a thog an Caisteal, agus dealbh a bhoireannuich bhreagha a bu shean-mhathair do 'n Diùc so, bha i 'n toiseach pòsda aig Diùc Hamilton agus an déigh sin aig Diùc Earraghàidheal.

Ghabh sinn ar tràth-nòin mar a b' àbhaist, chaidh mi 'n déigh sin suas an staidhir agus aig fishead mionaid roimh cheithir chaidh mi 'ghabhail sràid le Liùsaidh, 'us Beatrais, agus Síne Churchill air adhart ri taobh na h-aibhne, thàinig i thairis air an rathad mhór feadh na h-oidhche leis an tuil a bh' innte, ràinig sinn an ceud eas, ris an abrar "Eas a muilear" ach cha 'n 'eil e cho breagha 'ri "Eas-a-gharbh-uillt." Thachair cuid de 'n bhuidheann oirnn a' tilleadh, agus an dèigh coiseachd

greis ri taobh 'na h-aibhne chaidh sinn do 'n charbad 'us ghabh sinn a dh' ionnsuidh an eas mheadhoin ris an abrar "Eas-a-chlaidheamh" far an d' thàinig sinn a rithist as a' charbad a dh' fhaotuinn sealladh math de 'n eas; ràinig sinn "Eas-a-ghlutain" an déigh sinn, agus be sin an treas fear, chaidh sinn suas greis de Ghleann-Aora an déigh sin seachad air Sròn-màgachain a dh' ionnsuidh na Tullaich agus air ais a rithist seachad air na stàbuil agus a stigh air an rathad a tha tighinn bho 'n bhaile agus bha sinn a stigh aig deich mionaidean an déigh sia.

Ghabh mi *tea* le Beatrais agus Liùsaidh, bha iad car fada gun tilleadh, thug mi greis an déigh sin air leughadh agus air sgrìobhadh. A thuilleadh air Liùsaidh's air Beatrais bha Latharnu, 'us Ealasaid Chaimbeul, Síne Churchill, agus Seanalair Ponsonby aig an dinneir leam. Chaidh sinn mar a b' àbhaisd air son ùine ghoirid do sheòmar-na-cuideachd.

*Diluain, an seachdamh latha ficead de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha 'n oidhche glé fhiadhaich, bha 'n dìle 's an doireann ann, agus bha iad ag innseadh dhuinn gun robh tein' athair 'us tàirneinich ann. Rinn mi beagan sgrìobhaidh an déigh ar tràth-maidne grinn, agus chaidh mi' mach le Liùsaidh an déigh aon-uair-deug 'us choinnich an Diùc 's a' chuideachd eile sinn goirid bho 'n tigh, agus chuir mise craobh òg de shéudar Lebanoin, thug a' Bhan-mhorair Emma NicNeill an siol as an do chinn i dhachaidh leatha as an àirde 'n ear. Ghabh

sinn air adhart bho sin a dh' ionnsuidh an rathaid a tha dol gu taobh na h-aibhne agus chuir mi craobh da ghiubhas geal direach mu choinneamh té anabarrach breagha dhe 'n do ghabh Ailbeart móran tlachd 'an 1847. Chaidh Beatrais a' ghabhail sràid gu mullach a chnuic bhoidhich a tha mu choinneamh a' chaisteil, ris an abair iad Dùn-na-Cuaich. Chaidh Síne Churchill agus Evelyn 'us Frannsag Chaimbeul leatha. Dh' fhalbh iad an déigh na craobhan fhaicinn air an cur agus bha Beatrais i fhéin ri té a' chur an uair a thilleadh iad. Chaidh mise le Liùsaiddh 's a' charbad seachad air Croit-a-bhille, agus air creag de chlach *granite*—ach cha b' i aon de na creagan móra a' chunnaic sinn ann am frith na 'm fiadh Disathurna—theirinn sinn as a' charbad 'an sin agus ghabh sinn suas rathad fada cas a bha dol troimh 'n choille, bha iad ag radh gu 'n robh sealladh breagha ri fhaotuinn bho mhullach a' bhruthaich ach cha n' fhaca sinn móran dhe. Tha mi cinnteach gu 'n do choisich sinn mile gu leth gu mullach na h-uchdaich so ach ged a bha e cho fada choisich mise gu math, cha robh e cho furasda a theirneadh, bha mi call mo chasan leis cho fliuch shleamhuinn 's a bha 'm feur 'us a choinn-teach, agus mi gun tacaidean na 'm bhòtainean, thuit mi dà uair air m' fhad air an talamh.

Thill sinn dhachaidh rathad Eas-a-chosain cho luath 's a b' urrainn duinn aig ceathramhl roimh aon uair. Tha' choille fior dhlùth 'an so agus móran frith choille is rainnich ann, cha robh a bheag a dh' uisge againn. Ghabh sinn ar tràth-nòin mar a b' àbhaist. Thug mi greis air tarruing dhealbh bha sealladh cho breagha bho

m' uinneig fhéin. 'N uair a bha mi 'eur uman gu dol a mach a rithist thug Liùsaidh a stigh an dithis chloinne àluinn aig Gilleaspuig Caimbeul. 'S e gille beag bòidh-each bàن a tha 'n Niall 's e mu thri bliadhna a dh' aois —tha e glé choltach ri athair an uair a bha e na leanabh. Tha Ealasaid na leanabh air leth breagha: tha a folt caisreagach donn, 'us sùilean móra gorm aice 'us roisg fhada dhorchha orra, tha sròn bhòidheach oirre, agus a beulan cho beag.

Chaidh mi mach anns a' charbad aig deich mionaidean roimh cheithir le Liùsaidh, Beatrais, agus Latharnu, ghabh sinn air adhart ri bun Dun-na-Cuaich seachad air an rathad a tha gabhail troimh na craobhan iuthair 'us gheanm-chnò, thairis air Drochaid a ghearrain, agus air adhart ri taobh an loch, air rathad gasda a bha dol troimh choille, agus dhe'n robh sealladh breagha againn de chladach an taobh thall, agus de mhonaidhean Aird-chona-ghlais, ghabh sinn seachad air Rutha-na-sròine, Acha-na-tràthad agus air ballachan briste an t-seana chaisteal aig Dùn-da-ràmh gus an d' ràinig sinn ceann Loch Fine. Bu le cloinn Mhic Neachdain Dùn-da-ràmh roimhe so, ach tha iad a nise bho cheann fhada a' fuir-each 'an Eirinn. Thionndaidh sinn ris an làimh chli agus ghabh sinn suas Gleann Fine, gleann cumhann fiadhaich gun choille sam bith ann agus abhuinn Fine a ruith troimhe. Bha na monaidhean àrda uaine le n' creagan sgorrach glas a' cur Spiteal Ghlinn-sìth na m' chuimhne agus an t-àite air òighreachd Morair Fife ris an abrar an Alltan-odhar. Ghabh sinn suas gu bothan-seilg beag 'us le Mr Callander, brathair céile a' Mhorair

Gilleaspuig. Tha gille-seilg a' fuireach ann agus bean glé laghach aige. Bha ar *tea* againn leinn deanta agus leis an uisce a bhi ann chaidh sinn a stigh 'g a gabhail do 'n bhothan sheilg, agus thug mise greis air tarruing dhealbh. Thug Sine—bean a' Mhorair Gilleasbuig Caim-beul—agus a dà phiuthar greis a' fuireach 'an so. 'S e an Diùc a bha gabhail cùram dhiubh. Thill sinn dachaidh air an rathad air an d' thàinig sinn, agus rug fras glé thròm oirnn agus cha do sguir i gus an robh sinn gu bhi dhachaidh. Ràinig sinn aig ficehead mionaid roimh sheachd. Bha leam aig an dinneir—a thuilleadh air Liùsaidh agus air Beatrais—an Diùc agus a' Bhan-diùc, an Ridire Iain MacNeill agus a' Bhan-mhorair Emma a' bhean. Dh' fhalbh Mr Dònull Macleòid; ach tha càch uile an so fhathasd.

*Dimàirt, an t-ochdamh latha ficehead de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha' mhàduinn grianar ach bha i frasach. Dh' fhalbh mi aig goirid an déigh aon-uair-deug amns a' charbad le Liùsaidh agus Beatrais, ghabh sinn air adhart ri taobh a' chladaich gus an d' ràinig sinn an rudha aig Uisge Dhùghlais, agus stad sinn an sin a tharruing dhealbh, eadar na frasan bha an sealladh cho àillidh agus bois-geadh na gréine cho bòidheach air gach enoc 'us glac.

Thill sinn dachaidh troimh 'n bhaile aig ceathramh roimh aon uair.

Thug mi tacan 'eur daithean air na dealbhan a tharruing mi. Ghabh sinn an tràth-nòin mar air gach latha eile agus thill mi rithist ris an obair cheudna. Dh'

fhalbh mi an déigh sin aig ceathramh roimh cheithir uair-ean ann an carbad fosgailte le Liùsaidh, Beatrais, agus Sine Churchill, bha fras ann 'n uair a dh' fhalbh sinn, ghabh sinn air adhart gu Gleann-Shìra. Ghabh sinn air adhart air an rathad a tha troimh na craobhan faibhili, dhe 'n deachaidh cho liugha a h-aon a leagadh bho chionn dà bhliadhna leis an stoirm. Ghabh sinn suas ri taobh na làimhe deise dhe 'n Dubh-loch a tha tri cheathramhan a mhìle air fad agus air adhart gu ceann Ghleann-Shìra, tha e suas mu sheachd mìle bho cheann an loch agus tha e glé bhreagha. Ràinig sinn suas Diardaoin so chaidh, cho fada ris an Druim-liath. 'S e gleann fior breagha a th' ann, tha e dùnadhs suas agus a dol nis creagaiche mar is fhaide theidear a stigh ann, tha creagan móra ri fhaicinn a' measg an fheòir uaine, agus tha mòran coille mu iochdar. Chaidh sinn seachad air dà thuathanachas agus ràinig sinn dùnadhs a 'ghlinne 'ns chunnaie sinn air bruthach ann an sin tigh gille-seilg agus shuas beagan ni b' fhaide bha lèrach tighe anns an robh Rob Ruadh a' fuireach greis am folach agus a luchd-leanmluinn am folach 'an Gleann-Shìra.

Thainig sinn as a' charbad 'an so a' shealltuinn eas a bh' air an abhuinn, tha e tuiteam bho àirde mhór agus tha iad air frith-rathaidean a dheanamh 'g a ionnsuidh. Ghabh sinn air adhart beagan ni b' fhaide anns a' charbad agus an sin stad sinn a' ghabhail ar *teas*. Stad sinn dà uair an déigh sin a tharruing dhealbh dhe 'n ghleann àilidh uaine so, a tha cho breagha, agus cho uaigneach. Tharruing mi ceann iosal an Dubh-Loch an déigh sin agus chuidlich Liùsaidh mi. Tha 'leithid de

thàlant aig mo dheadh leanabh gaoil agus tha mi cho duilich a bhi 'g a fàgail na 'm dhéigh. Tharruing ise dealbh a' ghlinne so cuideachd 'us thug i greis air tarruing 's a' mhaduinn an diugh. Bha 'm feasgar cho breagha an déigh do 'n latha togail, agus sgap na neòil dhorchair falbh an uair a' ràinig sinn ceann a' ghlinne. Fhuair sinn dachaidh aig fichead mionaid an déigh sia. Thug mi greis a' cur mo phàipeirean an òrdugh agus a' cur daithean air dealbhan 's mar sin sios, a thuilleadh air Liùsaidh 's air Beatrais, bha 'n Diùc 's a Bhan-diùc, Ban-mhorair Dufferin, agus Mr Iain Caimbeul aig a' bhòrd leinn gu 'n dinneir. Chaidh mi 'n déigh sin do sheòmar-na-cuideachd agus ghabh mi beannachd le Morair agus Ban-mhorair Dufferin, tha iad a' fàgail so a màireach. Tha esan a' falbh do Chanada air an oehdamh latha. Thàinig Liùsaidh mo ghaol do m' sheòmar fhéin leam 'us thug sinn greis a' bruitheann ann.

*Diciadaoin, an naothamh latha fichead de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Is e so co-ainm an latha air an d' thug Vický geall-tanas pòsaidh do Fritz—tha fichead bliadhna cheanna bho sin ! Gu 'n robh Dia 'g am beannachadh !

Dh' éirich mi roimh ochd uairean agus ghabh mi mo thràth-maidne mu dheireadh ann an so le Liùsaidh 'us Beatrais. Chaidh mi an sin 'n am éideadh turais mu leth-uair an déigh naoi uairean agus theirinn mi 'n staidhir. Moch 's a' mhaduinn bha coltas air latha breagha dheanamh ged a bha e dorecha ach thuit an ceò gu dumhail mu leth-uair an déigh oehd agus shil e. Chur

sinn romhainn na h-eich a chur air falbh dhachaidh rathad Dhailmhàili agus iad a stad a ghabhail tàmh na h-oidhche an Tigh-an-Droma oir fhuair iad a leithid a shàruchadh a tighinn air adhart 's ga 'n eur a mach 's a stigh do bhàtaichean-na-smùid. Bha sinn a' cur cairt na treallaich-turais dhachaidh air a' mhuir. B' fhéudar dhuinn cuid de na cisteachan móra a ghléidheadh leinn fhéin oir bha cuid 'g ar 'n uidheam éididh annta 's bha iad glé dhraghail. Ghabh mi beannachd leis an teagh-lach uile,¹ agus le cloinn 'ic Neill agus an sin le sac air mo chridhe dhealaich mi ri Liùsaidh mo rùin. Bha 'n dile uisge ann an uair a dh' fhàg sinn agus rinn sin air dealachadh ni bu chianala.

Dh' fhàg sinn Inbher-Aora aig leth-uair an déigh naoi a' gabhail a mach air a cheart chadh' chliath air an d' innrich sinn ach ghabh sinn air adhart an cois na mara an déigh sin gus an d' ràinig sinn ceann an loch. Lùb sinn air adhart an déigh sin ris an làimh dheis—ag cumail ri taobh an loch—dh' atharruich sinn eich aig tigh òsda beag a' Charn-duibh aig ficead mionaid roimh aon-uair-deug. Bha clann bheaga bhòidheach a' Mhorair Gilleasbuig aig an uinneig ann an so, tha iad a' fuireach ann an dràsda agus is àluinn iad. Bha beagan sluaigh cruinn ann an so agus b' fhéudar an àsainn agus na h-eich atharruchadh, dh' fhéum iad paidhir a dh' eich thoisich a chur 's a charbad gu 'r tarruing suas uehdach chas Ard-chonaghlais, chuir so moille dheich mionaidean no ceathramh na h-uaire

¹ Dh' éug Ealasaid Ban-diùc Earraghàidheal air a' chóigeamh latha ficead de' n chéitein, 1878.

oirnn. Bha uisge tròm ann agus bu dorrannach an ceò a bhi cho dùmhail air na monaidhean. Ghabh sinn seachad air Ard-chonaghlais àite Mhr Callander, agus thionndaidh sinn ris an làimh chli gu fàsach fhiadhaich Ghleann - chonaghlais. Bha na monaidhean uaine, àrda, gun choltas tìgh còmhnuidh ri fhaicinn a' eur Spiteal Ghlinn-sìth na m' chuimhne. Thog an ceò urrad 's gam faca sinn mullaichean na 'n sleibhteán air an robh sinn a dol seachad. Bha 'n rathad eas agus díreach mar a bha sinn a' faotuinn teamn air a mhullach dhiult na h-eich thoiseach céum a' dheanamh, bha iad a stad 's a breabadh 's a dol air adhart na leithid a dhòigh roimh so agus gun do shaoil leinn nach faigheamaid air adhart idir agus gum féumamaid fuirreach ré na h-oidhche 'an tigh òsda air choir-éigin. Stàd sinn 'us thug am Brùnach na h-eich thoisich as a' charbad ri taobh Loch Reisteil agus choisich e fhéin 'us Frànsaidh air adhart. Fhuair sinn an déigh sin air adhart móran ni b' fearr. Beagan mu 'n d' ràinig sinn mullach na h-uchdaich chunnaic sinn tighean còmhnuidh beaga thall 's a bhos. Bha 'n t-uisge glé thròm an uair a bha sinn 's an éigin bu mhotha ach riunn e turadh an uair a rainig sinn mullach a bhruthaich.

'S ann aig a mhullach 'an so a tha 'n t-àite ris an abrar "Leig t-anail 's bi tàingeil"—"Rest and be thankful," chaidh na focail sinn a ghearradh air cloich ann an so le aon de na saighdearan a bh' aig Marshal Wade leis an uair a chuir luchd riaghlaidh na dùthcha e a' dheanamh nan rathaidean móra air feadh na Gàidhealtachd. Tha a chlach na seasamh an so fhathast ach tha

na focail air cosd dhi. Thàinig sinn an so a stigh air a chathadh bhreagha ris an abrar Gleann Crò, cha mihör nach 'eil e cho fiadhuich ri Gleann Comhunn ach cha 'n 'eil e cho bhreagha ris agus tha 'n rathad móran nis caise. Bha e' cur na m'chuimhne Uileann an Deamhain, agus tha e car coltach ri Drochaid an Deamhain a tha ann an Göschenen Pass air an St Gothard. Bha 'n rathad cho lùbach 's gun d' thàinig sinn as a' charbad 'us choisich sinn e. Bha beagan sluaigh na 'n seasamh 'an sin. Tha 'n abhuinn 'an so a' ruith troimh iochdar a' ghlinne direach mar a tha abhuinn Chomhunn a ruith, bha tigh no dhà an so agus beathuicheadn cruidh ag ion-altradh thall 's a bhos. Thàinig a ghrian am fradharc gu boisgeil ann an so agus dhealraich i air a' gheann bhreagha, chaidh sinn air ais do 'n charbad aig iochdar na h-uchdaich agus dhòl sinn air slàinte Vicky agus Fritz.

Cha robh 'n t-uisge cho tròm an déigh sin agus ged a bha sgath-fhrasan a' tuiteam bha plathainean boisgeil de 'n ghréin againn nan déigh. Ghabh sinn air adhart eadar chraobhan agus chunnaic sinn mullaichean shléibhteann àrda air falbh uainn. Chunnaic sinn mullach Beinn Laoimean agus an déigh sin thàinig sinn a stigh air Loch Lòng. 'S e loch sàile a th' ann agus sheòl sinne suas air an 1847. Ghabh sinn air adhart greis ri taobh na mara agus bha sinn a' faicinn Arroch-air air an taobh thàll agus móran a thighean breagha mu 'n cuairt da. An uair a ràinig sinn ceann an loch bha Ban-mhorair Welby agus a euid cloinne an sin 'g ar feitheamh (b' e Victoria Wortley a b' ainm dhi

mu 'n do phòs i). Ghabh sinn air adhart fodh bhogha a bh' air a chur suas goirid bho 'n drochaid, agus troimh bhaile Arrochair a tha 'an siorramachd Dhunbreatunn agus fhuair sinn sealladh math de 'n Bheinn ainmeal ris an abair iad an Còblair no Beinn Artair. Fhuair sinn eich ùra aig an Tairbeart. Cha 'n eil ann ach baile beag ach bha bogha aca air a chur suas tar-suing an rathad, bha e air a dheanamh le flùraichean agus geugan laibhreis. Bha grùn math sluaigh 'an so agus bha iad a tighinn ro dhlùth oirnn. Rinn Seana-lair Ponsonby aithnichte dhomh ann an so Ard-oifeig-each Siorramachd Dhunbreatun Mr Crum Ewing. Ghabh e 'n rathad air thoiseach oirnn greis, 'na charbad, agus an déigh sin lean e sinn.

Thàinig sinn air Loch Laoimean an déigh dol seachad air an Tairbeart. Ghabh sinn greis air adhart ri thaobh agus gu dearbh b' àillidh an sealladh e. Bha na craobhan a' lùbadh thairis oirnn air gach taobh agus bha sinn an dràsd 's a rithist a' faotuinn caog-shealladh de cheann an loch agus de 'n chuid dhe a bha dlùth air an rathad air an robh sinn; bha na enuic a bha ag éirigh a null ri 'r laimh dheis a' cur na m' chuimhne a chuid a dh' Abar-Pheallaidh a tha goirid bho Loch-Àrd, agus iochdar Beinn Pilatus. Bha de chraobhan breagha 'an so, cha mhór nach robh na craobhan cuilinn a' cinntinn gu oir an loch agus bha de chamuis 's de rughachan beaga bòidheach ann a toirt air a chladach sealltuinn cho grinn! Bha gaoth àrd ann 'us coltas glé fhiadhaich air an loch, bha cathadh na mara a' seideadh mar gu 'm biodh meall

deathaich ann na aon smùid air a sguabadh seachad aghaidh nan tonn gorma. Bha craobhan air am briseadh le neart na gaoithe. Bha beagan fhrasan eutrom uisge againn ach bha 'ghrian a dearsadh air gach ni cho breagha. Bha e cur Switzerland na m' chuimhne. Bha sinn a' faotuinn sealladh móran ni b' feàrr de gach ni na fhuair sinn roimhe a' bàta-nasmùid. Mar a b' fhaide 'bha sinn a' dol air adhart bha na monaidhean a dol ni b' isle, agus an loch ni bu leathna agus mu dheireadh thàinig sinn am fradharc nan eileanan coillteach. Dh' athurraich sinn eich a rithist aig Lus, cha 'n 'eil ann ach baile beag, gu dearbh cha mhór nach feud mi ràdh gu 'm bheil an tigh-òsda na sheasamh leis fhéin. Chaidh an carbad againne a tharruing suas làimh ris, agus bha 'n sluagh a bh' air cruinneachadh ann a dùmlachadh air a chéile cho mhór 's gun robh clann a bha 'n am measg a' sgriachail leis an eagal, thug dithis de na bh' ann bad fhlùthraighean an té do Bheatrais 'us dhòmhsha agus thug sean bhoireannach a bh' ann paipear de rudan milis dhòmh.

Ghabh sinn bho so seachad air ceann ghlinn Luis 'us ghlinn Fionn-a-ghlais a tha ruith suas eadar na monaidhean breagha a tha ris an làimh dheis, bha 'n loch ri 'r làimh chli 'us móran coille mu 'n rathad. Tha creagan sgliata ann an so teann air Lus. Mu dhà mhile bho Lus chaidh sinn troimh Ros-dubh an t-àite aig an Ridire Séumas Mac-a-Chóimbaich agus tha sealadh breagha uaith de Bheinn Laoimean agus de 'n loch. Ghabh sinn a dh' ionnsuidh an tighe agus stad

sinn aige gun tighinn as a' charbad, bha na Saighdearan saor-dhèonach air an tarruing a mach 'g ar feitheamh agus thug nighean bheag an Ridire bascaid mheasan dhòmhσ agus thug e fhéin bad fhlùraichean dhomh. Chaidh athair a bhàthadh anns an loch bho chionn dà bhliadhna agus e tilleadh dhachaidh thairis 'am bàta an déigh a bhi 's a bheinn - sheilg, agus cha d' fhuaradh a chorp gu ceann ceithir-lath-'deug an déigh sin; chaidh na gillean - seilg aig a bhàthadh leis. Ghabh sinn air adhart bho so troimh mhóran a dh' àiteachan eile, agus bha anns gach baile boghachan air an cur suas le flùraichean agus le brataichean agus far nach robh bratach ni b' feàrr aig an t-sluagh bhochd bha iad ag crochadh neapaicean a mach. Bha carbadan gun aireamh 's iad làn sluaigh 'n ar déigh agus móran a ruith leinn da 'n cois 's bha na h' eich againne a falbh cho mall oir cha robh iad ro mhath. Thàinig sinn mu dheireadh gu Beallach ach cha deachaidh sinn troimh 'n bhaile, ghabh sinn direach gu carbad-na-smùid agus bha gach ni air a' dheanamh gu h-òrdail ged a bha móran sluaigh ann. Bha a' *militia* a' mach agus fhuair sinn gu furasda do charbad-na-smùid aig ceathramh an déigh tri uairean.

Chaidh bad 'fhlùraichean a thoirt dhomh an so a rithist agus chaidh Ball-Parlamaid na siorramachd Mr Orr Ewing a dheanamh aithnichte dhomh agus Fear-gairm na siorramachd Mr Smollet a' chunnaic sinn air bòrd bata-na-smùid bho chionn shia bliadhna. Tha móran dath ga dheanamh 'am Beallach agus tha ceangal 'an rathad gnothuich 'us oibre eadar e 's Glaschu.

Ghabh sinn ar tràth-nòin de bhiadh fuar mun gann a chaidh sinn do charbad-na-smùid.

B 'e Sruithleadh an ath àite 's an do stad sinn, bha dùmladas mór sluaigh a mach bha àite-an-stad air a chur an òrdugh gu breagha aca. Bha 'm feasgar ciatach, an dùthaich cho maiseach mu 'n cuairt agus an spéur cho bòidheach. Thuit an oidhche glé ealamh an déigh so. Stàd sinn aig Peairt agus aig Drochaid Dùin, ann an sin thàinig Sìne Churchill do 'n charbad againne 'us fhuair sinn ar *tea*; stad sinn a rithist aig Abareadhoin 's bha 'n dile uisge ann. Ràinig sinn Bailatair aig fichead mionaid roimh dheich 'us chaidh sinn gun mhoille sam bith do 'n charbad 'us fhuair sinn dachaidh do Bhaile-Mhoireil aig còig-mionaidean-fichead roimh aon-uair-deug.

TIODHLACADH GAIDHEALACH.

*Diardaoin, an t-aona latha fiehead de mhìos
mu dheireadh an Fhoghair, 1875.*

Is brònach leam a leithid dhe latha fliuch a bhi aca air son tiodhlacadh athair a' Bhrùnaich¹ oir tha 'n gnothuch muladach sin ri tachairt an diugh. Cha 'n 'eil coltas turaidh sam bith air, agus is e 'n diugh an naothamh latha bh' ann a dh' uisge gun stad! Cha chualas riamh roimhe a leithid! Chunnaic mi mo

¹ Dh' éug e air an ochdamh latha deug aig Miocrais air taobh thall na h-albhne mu choinneamh Obair-Gheallaidh, bha e ceithir fichead bliadhna agus a sia, a dh' aois.

dheadh Bhrùnach air son tiota roimh m' thràth-maidne agus e' falbh do Mhiocrais. Dh' fhalbh mise ann a rithist aig fichead mionaid roimh dhà-uair-dheug agus Beatrais 'us Síne Ely anns a' charbad leam, agus gu mi-shealbhar bha 'n dile uisge ann. Thachair an Dr Robustan oirnn air an rathad agus bha móran sluaigh air adhart goirid bho 'n tigh—bha 'm Brùnach ag ràdh riun an déigh sin gu' n robh mu cheud ann.

Bha na gillean seilg agamsa uile ann agus bha an gobha Mitchell ann a Clach-an-tuирn, bha Symon ann agus an Granntach, agus bha còignear ann eadar bhrathraichean athar 'us bhrathrean màthar a' Bhrùn-aich, Leys, MacThómais (am *postmaster*), am Forsair agus sluagh bho Abairàrdair agus iochdar Mhiocrais bha na gillean agamsa ann uile; bha Heale ann 'us bha Löhlein ann ged nach d' rinn e ach tilleadh an diugh an déigh a bhi air falbh air chead ré seachduinn, agus bha Cowley, Jarret, an Rosach agus Collins an t-àrd ghille-bùird ann. Bha 'cheathrar bhrathrean¹ leis a' Bhrùnach agus na' measg bha Dònall nach d' rinn ach tighinn an raoir, 's ann gu Bush, tigh Uilleam a bhràthar a ghabh e an uair a thàinig e agus chuir e seachad an oidhche 'an sin. Thug iad sinne do cheann-ceatharna an tighe far an robh an t-sean bhean ghràdhach na suidhe fodh thròm bhròn ri taobh an teine, agus ged a bha i duilich bha i cho chiuin agus a' sealltuinn cho eireachdeil; bha bean Uilleam glé chaoimhneil freasdalach rithe, agus bha a sean phiuthar-cheile 'us a h-ighean 'g an euid-

¹ Bha 'n còigeamh bràthair Uisdean an uair sin 'an New Zealand. 'S e 's gille-frithealaidh Gàidhealach dhòmhais bho 1883.

eachadh ; a chòr air na dh' ainmich mi bha 'n t-Urramach M. West ann, Mr Sahl, Dr Marshall agus Dr Profeit, agus bha Mr Begg agus an Dr Robustan ann. Bha na mic anns an t-seòmar anns an robh a' chiste-luidhe agus bha feedhain ann leòtha air an d' thug am Brùnach an ceann 's an robh sinne do 'n tigh fhàgail. Tha trànnisa beag, air am bheil aon dorus an tighe a' ruith eadar an seòmar agus an ceann-ceatharna daonnan anns na seann tighean tuathanachais so. Sheas Mr Càimbeul ministeir Chràthie anns an trànnsa so air taobh a stigh an doruis agus an còrr dhe 'n t-sluagh cruinn air a thaobh muigh. Cho luath 's a thòisich e air an ùrnuigh dh' éirich an t-sean bhean ghràdhach 'us sheas i làimh ri umsa—chluinneadh i 'n ùrnuigh ged mo thruaighe ! nach bu leir dhi leus, leig i 'taice air cathair fhad 's a bha Mr Caimbeul ris an ùrnuigh a bha cho druiteach agus cho chiatach. An uair a bha sin seachad thàinig am Brùnach agus ghuidh e air a mhàthair i a dheanamh suidhe, agus thug iad an sin a mach a' chiste-luidhe agus bha na bràithrean uile 'g a giùlan, lean càch an sin uile iad agus chaidh sinne na 'n déigh 'us chunnaic sinn iad 'g a cur a stigh anns a' Charbad - dubh, chaidh sinn an déigh sinn gu mullach tuim a bha dlùth air an tigh agus chunnaic sinn an còmhlan brònach a gabhail an rathaid gu socrach cianail. Dhean-ainn a mach na h-uile h-aon de na bràithrean le iad a bhi làimh ri m' dheadh Bhrùnach, a bha mi' faicinn 'na fhéile cuaiche ri taobh a' Charbaid-duibh. Bha na daoin'-uaisle 'an carbadan 'us càch uile da 'n cois. Gu fortanach rinn e turadh an sin. Thill mise do 'n tigh

a dh' fheuchainn ri còmhfhurtachd a thoirt do 'n t-sean bhean, thug mi bràiste dhi anns an robh dual a dh' fhalt an duine aice, a chaidh a ghearradh dhe an dé, agus bheir mi glasag air son an uaireadairean do gach aon dhe na mic.

An uair a thog iad a chiste-luidhe chaoin 'us dh' ailleagaich a' bhàintragh bhochd gu goirt.

Ghabh sinn beagan uisge bheatha 'us uisge an ceann a cheile, agus crioman càis a reir a chleachdaidh a tha air feadh na gàidhealtachd uile, agus an déigh sin ghabh sinn beannachd leis an t-sean bhean-nasal chòir, agus ghuidh mise oirre a misneach a chumail suas. Thuirt mi rithe nach robh an dealachadh ach air son uine bheag. Chaidh sinn dachaidh a rithist le cabhaig agus chunnaic sinn iad a dol a stigh do 'n chladh, agus le còmhlnadh mo ghloinneachan amhaire chunnaic mi iad a' giùlan na eiste a stigh. Bha mi cho duilich nach b' urrainn domh a bhi anns a chladh leòtha.

Chunnaic mi mo Bhrùnach eòir aig beagan roimh dhà uair. Thuirt e gu 'n deachaidh na h-uile ni leòtha gu math ach bha e a' sealltuinn cho brònach mo thruaighe! Bha e tilleadh a rithist gu tigh a mhàthar far an robh na càirdean uile ri bhi cruinn aig an *tea*. Bha so glé dheuchaineach air an t-sean bhàintragh ghràdhach, ach cha ghabhadh e cuideachadh. Bha cuid dhe na coimhearsnaich agus na mnathan aca aig an *tea* aice an dé. Bha na h-uile cho chaoimhneil agus cho làn co-fhaireachdain, agus thug e toileachadh mór do 'n Bhrùnach a bhi faicinn na chaidh a chur de mheas air fhéin agus air a theaglach an diugh.

TOIRT A' CHÒMHDUICH FAR IOMHAIGH A' PHRI-
ONNSA-CÉILE 'AN DUNÉIDEANN, 1876.

LÙCHAIRT AN RÒID-NAOIMH,
*An seachdamh latha deug de cheud mhìos
 an Fhoghair, 1876.*

'S e so co-ainm latha breith mo mhathar ghaoil. An uair a b' àbhaist dhi dol a dh' Abair-Gheallaidh is minic a bha i dhà na thri làitheanan anns a' bhaile so air a falbh 's air a tighinn agus bha i daonnaン cho ghaolach air!

Thàinig sinne an so an dé aig ochd uairean. Bha 'n deadh oidhche againn. Bha sinn cho duilich nach b' urrainn dhuinn sealladh fhaotuinn air ni sam bith leis cho dùmhail 's a bha 'n ceò agus bha frasan uisge ann cuideachd. Thàinig mo rùn geal Artair gu' thràth-maidne leinn agus e 'n deise na Reiseamaid aige,¹ agus lean e air tighinn ga 'r faicinn anns an éideadh sin. Chaidh mi 'mach aig aon-uair-deug agus shuidh mi fodh sgàileagan, agus am fasgadh chùirteinean a null ris an taobh dhe 'n Abaid is dlùithe air Arthur's Seat. Thug mi greis air sgriobhadh agus ag cur m' ainm ri paipearan sònruichte agus am Brùnach 'g am chuideachadh a thiormachadh gach ni sgrìobh mi.

Léugh mi na pàipearan-naigheachd cuideachd agus thug an 'Courant' cùnnatas glé ghrinn mu na thachair an dé. Chuir móran nithean stad orm. Bha 'n latha a dol ni b' feàrr. Bha móran sluaigh a tighinn do 'n bhaile as gach àite, reiseamaidean a màrsadh, 'us cois-riean ciùil ag cluich agus othaill air gach neach dìreach

¹ Bha e 'n uair sin na Mhàidseir anns na seachdamh Hussars agus a' fuireach ann an Cairtealan na Reiseamaid aige a mach bho Dhunéideann.

mar a bhitheas iad 'n Lunnain an uair a bhitheas gnothuch mòr air choireigin ri tachairt.

'S ann an Dunéideann a bha m' fhéudail Ailbeart air ceann gnothuch follaiseach air son an uair mu dheireadh: an uair a leag e clach stéigh a' Phost-office air an treas latha thar fhichead de mhìos mu dheireadh an Fhoghair 1861, direach sia seachdainean mu 'n d' thainig a Chrioch. Sheall mise 'mach air an uinneig as a dhéigh agus e falbh an greadhnachas rioghail anns na carbadan Lunnaineach agus dh' fhalbh a' chlann leis a dh' fhaicinn a ghnothuich. 'S ann an so a chunnacas mo mhàthair mu dheireadh cuideachd am follais—an uair a bha i leamsa a' sealltuinn na 'n Saighdearan saor-dheònach an uair a thàinig iad 'n am làthair 'an 1860 agus bi sinn a' cheud sgriob a ghabh i am follais leam ré fhichead bliadhna !

Bha Artair mo ghaol air ceann a dhleasdanais agus leis a sin cha b' urrainn e tighinn gu thràth-nòin leinn. Dh' fhalbh sinn a mach aig leth-uair an déigh tri agus bha tri carbadan aig a bhuidheann againn: bha Beatrais, Leopold, 'us mise anns an treas fear; agus bha 'm Brùnach na na làn deise Ghàidhealaich agus Collins leis air a chùl; bha Leopold na dheise Ghàidhealaich cuideachd; bha mo rùn Artair a' marcachd ri m' thaobh 'us e air ceann làn fhreiceadan rioghail de na seachdamh Hussars.

Ghabh sinn a mach ris an làimh dheis—seachad air Cnoc-na-h-Abaid, Rathad an Regent, 'us Sràid a Phri-onnsa thionndaidh sinn uaith sin a stigh gu Cearnag Naoimh Aindreis, agus air adhart air Sràid Dheòrsa gu Cearnag Tearlag. Bha am mór-shluagh nan grunnan 's gach àite, air mullach Cnoc-a-Chaltoin, agus air gach

carragh-cuimhne àrd bho 'm faigheadh iad seàlladh. Bha na sràidean 'us na tighean air an deanamh fior mhaiseach. Bha croinn Venetian air an còmhduch gu breagha le brataichean na 'n sreathan air gach taobh de Shràid Naoimh Aindreis agus de Shràid a' Phrionnsa. Bha Cearnag Naoimh Aindreis air a' deanamh fior-mhaiseach cuideachd agus bha na sgiobhainean a bh' air gach ni fior fhaireachdail agus freagarach. Bha latha breagha ann, ged bha beagan tromadas 's an iarmaitl 's e sin a b' feàrr na ghrian loisgeanta a bh' ann an dé ged nach faiceamaid ni ro fhada nainn. Bha am mór-shluagh ana-barruch dealasach fad an rathaid ach bha 'n dùmhlas bu mhotha dhiubh mu 'n cuairt de 'n àite 's an robh 'n ionhaigh. Bha Diùc Buccleuch 'g ar feitheamh an sin, agus bha cùram a ghrùinnd air Buidheann Rìoghail nam boghachan saighead.

Threòraich iad sinn gu ùrlar a bh' air a chur an òrdugh gu breagha air ar son. Sheas Beatrais 'us Leopold beagan a null ri m' chùl. Cha d' thàinig Artair leam an so, bha e cho toileach a dhleasdanas a dhéanamh 's gun d' fhan e air muin an eich air ceann a dhaoine goirid bho 'n charbad agam. Bha na h-uaislean againn fhéin 'us Mr Cross Rùn-chléireach na Rìoghachd na 'n seasamh a null air an èulsan, agus bha Luchd-riaghlaidh na buidlheann a chuir suas an ionhaigh na 'n seasamh gu h-iosal 'us Diùc Buccleuch air an ceann. Bha móran de 'n luchd àmhairc bu shònruichte na chéile air an taobh stigh de a chuireadh suas a chumail a' mhór-shluagh gun bhrùchdadadh a stigh oirnn. Chunnaic mi Ban-diùc Athuill ann, agus Ban-diùc Roxburgh agus a' bhàntrach aig sean Mhorair Ruthven 'us an Ridire Tómas Bid-

dulph. Bha na mnathan frithealaidh againn ann ach cha 'n fhaca mise iad.

Thòisich gnothuch sònruichte an latha le Dr Milligan, aon de Dheadhain a' Chaibeil Rìoghail a chur ùrnuigh suas, cha robh i ach goirid agus cha chualas gu math i leis a ghaoir a bh' aig a' mhór-shluagh. Sheinn iad an déigh sin am fonn cho-sheirmeach aig m' Ailbeart gaoil, agus na briathran aige cho coltach ri Laoidh Rioghachdail. Bha a cho-sheirm air a seinn gu binn le còisir-chiùil agus Àrd-fhear-teagaisg a chiùil an Oil-thigh Dhunéideann, Mr Oakely air an ceann, agus bha iad air an cuideachadh le luchd cluich na 'n inneal ciùil aig Reiseamaid Ailean an Earrachd. Rinn Diùc Buccleuch an déigh sin Luchd-Riaghlaidh a' Chomuinn aithnichte dhomh. 'S e fhéin a b' fhear-cathrach dhoibh agus am measg bha 'n Ridire Iain MacNeill, G.C.B., an Ridire Uilleam Gibson-Craig, an Ridire Dònull MacNee, Dr Lyon Playfair, agus Mr Uilleam Mac-an-Fhùcadair. An déigh sinn léugh an Diùc òraidi thaitneach anns an d' thug e iomradh air mo Chompanach gaolach agus air mo Mhathàir ghràidh, agus leugh mise freagairt do 'n òraidi.

Thuirt Mr Cross an sin gu 'm b' i mo thoilsa an còmhduch a bhi air a toirt far na h-Iomhaigh agus chaidh sin a' dheanamh ann an tiota gun ní' dhol air aimhreit. Tha 'n caragh cuimhne gu léir—an Iomhaigh, an t-each agus na h-iomhaighean a tha na 'n seasamh mu na h-oisinean glé bhreagha, chaidh Port-Marsaigh Coburg,¹ a' chluich an déigh sin, agus cha 'n eil uair a chluinneas mi na

¹ B' àbhaist do 'n phort so' bhi daonnan air a chluich air son Ailbert, agus rinneadh an toiseach e air son brathair-ar sean-athar, Prionnsa Frànnsaigh, Iosias bho Saxe-Coburg-Saalfeld.

poncan air an robh mi cho eòlach nach eil iad a' toirt na m' chuimhne nan làithean sona a dh' falbh.

Rinneadh Mr Steel a shmaidh an Iomhaigh aithnichte dhomh, agus an déigh sin chaidh laoidh cho-sheirmeach eile a sheinn. 'S e Mr Oakely a chuir ri chéile na briathran taitneach agus am foun ris an do sheinneadh i. Tha e na fhear-ciùil barruichte agus ro-mhath air an *organ*, chaidh sinne an déigh sin mu 'n cuairt dhe 'n Iomhaigh a shealltuinn air na dealbhan grabhailte a bh' air àite-seasamh an eich agus lean mo luchd comhaideachd sinn'us Luchd-Riaghlaidh a' Chomuinn agus Mr Steel. Chaidh an triùir luchd snaithidh a ghearr na grunnan dhealbh a th' aig na h-oisinean a' dheanamh aithnichte dhomh. Lean am Brùnach sinn mu 'n cuairt cuideachd, bha e na sheasamh ri 'r cùlthaobh fad na h-ùine agus thug an fhaoilte a chaidh dheanamh rinn tolinntinn mhòr dha.

Thill sinn troimh cheann deas Sràid Tearlag sios gu Sràid a Phrionnsa. Bha na h-eich aig Reiseamail na 'n Tuathanach uasal glé mhifhoiseil agus an fheadhain aig na Hussars cuideachd agus bha 'n leumnaich 's an dol mu 'n cuairt 's an ùpraigd a cur eagail air na h-eich againne. Bha aon fhear dhe na Hussars a chuir 'am fior chumart sgiorraidh sinn le dol a stigh eadar na h-eich againn. Bha e deich mionaidean gu còig an uair a fhuair sinn dhachaidh.

Sheall sinn a mach air an uinneig a dh' fhaicinn Artair¹ a' marceachd air falbh, agus an déigh sinn rinn

¹ Bha Còirneal Pickard, R.H.A., 'am frithdealadh air Artair, bha e leis bho 1867, bha e an caochladh phostachan ann an seirbheir-na

mi Ridire de Mhr Steel. Agus bha e a' sealltuinn cho toilichte. Is duine còir caoimhneil e—tha falt fada liath air a nise. Rinn mi Ridire de Mhr H. Oakely an déigh sin, dh' éirich sgiorradh dha bho chionn beagan bhliadhna chan ann an Switzerland agus tha e crùbach fhathast na dhéigh. Bu bhan-Mhoir-each a mhàthair—nighean do 'n Mhorair Tearlach Moireach-Aynsley—agus bu phiuthar màthar i do bhean Drumman Megginch, agus phòs a phiuthar brathair athar do Fanny Drumman. Bha móran meas aig mo chaomhag ghràidh Augusta Stanley air.

Bha cuideachda mhór agam gu an dinneir anns an t-sean shéomar dinnear a tha gu h-iosal agus cha do ghabh mise an tràth sin roimhe ann bho na ghabh mi e le m' fheudail Ailbeart 'an 1861. Shuidh mi anns a' mheadhoin mu choinneamh far am b' àbhaisd dhomh suidhe. Thug Artair mise a stigh agus shuidh e ri' m' thaobh agus bha Leopold 'us Beatais ann agus na h-uaislean againn uile. Shuidh Diùc Buccleuch goirid uamsa, agus bha a nighean aige—a Bhan-mhorair Màiri Seot ann agus an duine aig a piuthar Morair Lothian, bha Morair Dhail-Cìde ann, agus Morair òg Eilginn 'us Morair Rosebery, bha sean Bhan-mhorair an Duimhòir ann agus a' Bhan-mhorair Adine Moireach, Morair agus Ban-mhorair Elphinstone, an Ridire Iain MacNeill, agus a' Bhan-mhorair Emma a' bhean, Mr Cross, an t-urramach B. Primrose, Maidseir-Seanalair

Ban-righ ann an 1878, 's e duine grinn ceanalta a bh' ann agus bha e glé ghaolach air Artair 'us ormsa. Dh' éug e leis a chaitheamh aig aois dà fhichead 'an Cannes anns a Mhàrt 1880, gu mòr bròn gach neach dha 'm b' aithne e.

Stiùbhart, agus Còirneal Hale nan seachdaimh Hussars,—an Reiseamaid 's an i bheil mo ghaol Artair. Bha còisri chiùil na Reiseamaid sin a' cluich fhad 's a bha sin ri' r dinneir agus chluich an Rosach fhad 's a bha sin ag itheadh nam measan an déigh na dinneir, agus fhritheil am Brùnach¹ dhòmhsa.

Bha coltas cho toilichte air gach neach, agus bha iad uile a' bruitheann air mar a chaidh an latha leinn. Bha Mr Cross ro aoibhneach mu 'n chàis. Dh' fhan mi greis a còmlradh riuth an séomar-na-cuideachd, agus chaidh mi an déigh sin suas an staidhir agus thug Beatrais 'us mi fhéin greis a' gabhail beachd air an soillseanan aighir a bh' air an tilgeadh do 'n spéur. Bha a leithid de ghàir air an t-shràid agus de ghleadhraich bho na carbadan smuid!

A TOIRT BHRATAICHEAN ÚRA DO REISEAMAID
NAN SCOTACH RÌOGHAIL, 1876.

BAILE-MHOIREIL,
*An siathamh latha ficead de mhìos meadhoin
an Fhoghair, 1876.*

Ghabh sinn ar tràth-nòin ni bu luaithe na 'n uair àbhaistich. Bha coltas togail air an latha agus cha robh an t-uisge a chòir cho tràm. Thog sinn oirnn

¹ Bha e glé chruidh dha a bhi làthair aig an fhéisd so, agus gun ach ceithir-lath'-deug bho na chaochail a mhàthair ghràidh ; ach dheanamh csan a dhleasdanas ge be ciamar a bhiodh a chridhe fhéin.

aig trì uairean. Dh' fhalbh na h-uaislean againn 'an carbadan air thoisearch oirnn, chaidh móran de na seir-bhisich cuideachd air adhart gu Bailatair oir bha gnothach an latha na shealladh ùr dhoibh. Thug Uilleam Brùn a' bhean ann a chionn i ràdh an dé gu 'm bu toigh leatha 'dhol ann a thaobh nach fac i riamh roimhe àireamh cho mór a shaighdearan cruinn; thug Uisdean Brùn a' bhean fhéin leis. Bha Bean Profeit¹ ann agus a euid cloinne. Bha Alice, Beatrais, agus Artair anns a' charbad leamsa. Chaidh sinn 'an carbad dùinte gu Bailatair, agus chum e na thuradh, bha 'm Brùnach agus Collins air cùl a' charbaid. Dh' fhosgail sinn an carbad aig ceann a' bhaile. Cha deachaidh sinn a stigh do 'n bhaile idir, ghabh sinn air adhart troimh choille ri làimh chli an rathaid iaruinn. Ghabh Captain Teàrlach Phipps (a bha 'n sin mar fhear-cuideachaidh an Adjutant-Quartermaster-General) air thoisearch oirnn a dh' ionnsuidh an fhos-glaidh anns an robh an sluagh cruinn. Bu bhreagha an t-àite e 's e ri taobh Creag-an-dàraich, cnoc àrd ciatach 'us Cathadh Bhailatair ri iochdar agus páirc' Tigh Mhonaltri agus enuic eile mu choinneamh. Cha b' urrainn àite 'bhi ni bu bhreagha. Bha móran sluaigh cruinn, bha iad ag innse dhòmhhsa gun robh dhà no trì mhìltean ann; ach cha robh neach dhiubh 'an deiseachan suaicheanta sam bith. Bha Alix an sin ann an carbad agus Bertie 'us na gillean beaga leatha na 'n deiseachan Gàidhealach agus bha Prionnsa Iain bho Glucksburg (brathar athar na Ban - phrionnsa),

¹ Bean an fhir a tha 'n ùghdarris agam 'am Baile-Mhoireil.

leòtha da chois. Sheas iad goirid uamsa. Bha Artair na dheise Ghàidhealaich cuideachd agus theirinn esan as a' charbad 'us sheas e an sin leòtha. Chuir iad Fàilte Rioghail ormsa, agus an déigh sin chaidh iad troimh na cleachduinean a tha àbhaisteach 'an 'am a bhi faotuinn bhrataichean ùra agus bha a' chòisri chiùil a' cluich nan sean phort màrsaidh breagha "*The Garb of old Gaul*" 'us "*Dumbarton Drums*," agus thuig mi gur ann mar urram dhomh fhéin a chluich iad am port màrsaidh bho "*Fille du Régiment*" mar gum biodh iad ag ràdh gu 'n d' rugadh mise 's an Reiseamaid a chionn gu 'n robh m' athair na Chòirneal oirre 's an àm sin, chaidh an sin na Drumachan a' chàradh air muin a chéile agus rinn Mr Middleton, ministear Bhailatuir ùrnuigh agus chaidh an déigh sin na Brataichean a' shìneadh dhòmhsha. Thug mise air ais iad do 'n dà oifigeach 's iad air an gluinean làimh ri um agus thuit mi riuthe mar a leanas:—

“ Tha e toirt mór thoileachadh dhòmhsha 'an àm a bhi 'g earbsa nam Brataichean so ribhse—a bhi cuimhneachadh a thaobh m' athair a bhi na Chòirneal oirbh—gu 'n robh ceangal eadar mise agus bhur Reiseamaid bho cheud làithean mo bheatha anns an t-shaoghal. Bha m' athair glé mhór as a bhi na' shàighdeir agus theagaisgeadh dhòmhsha riamh a bhi 'g am chùnntas fhéin 'n am nighean sàighdeir. Tha e' toirt aoibhneas dhomh mar-an-céudna gu 'm bheil mac agam a tha cur roimhe a bheatha chaitheamh anns an arm, agus tha mi làn chinnteach 'an àm féum gu 'n dearbh se e féin toilltinn-each air a bhi na shàighdeir Breatumach. Tha mi nise

a' toirt nam brataichean so dhuibh ann an làn dearbh-eachd air sibh a chumail suas anns gach àm an sean ainm glòrmhor, agus am mór-mheas a bha riamh aig ceud Reiseamaid nan saighdearan coise, mo Scotaich Rìoghail."

Thuirt an Còirneal MacGuire beagan fhocal am freagairt rium, agus thug e na sean bhrataichean 'g am ionnsuidh 'us ghuidh e mi 'g an gabhail uatha. Ghabh mi iad agus thuirt mi ris gu 'n tugainn leam do Windsor iad agus gu 'm biodh iad air an cur suas an sin mar chuimhneachan orra fhéin 'us air an Còirneal. Mhàrs iad an sin seachad orm gu breagha—tha iad nan daoine mòra foghainteach, eireachdail—agus an déigh dhoibh an Fhàilte Rìoghail a losgadh a rithist thog iad àrd iollach air mo shonsa trì uairean. 'S e buidheann de Reiseamaid Ailean an Earrachd a bha cumail òrdugh an sin agus 's iad a ghabh, cùram air mo shonsa de na sean Bhrataichean. Dh' fhalbh sinn dhachaidh mun gànn a bha 'n gnothuch thairis.

Thainig an t-uisge gu dortadh an uair a thòisich a' ministear air an ùrnuigh 'us lean e air sileadh gun sgur; gidheadh chum sinne an carbad fosgailte, agus ràinig sinn an tigh aig leth-uair an déigh eóig.

Bha mise glé luaisgeanach fhad 's a bha mi 'bruidh-eann.

TURAS GU LOCH MARUIDHE.

*Diciadaoin, an dara latha deug de mhios
meadhoin an Fhoghair, 1877.*

Bha maduinn dhorcha ann, ach bha i glé chiùin. Cha do chuir mise an oidhche seachad ro mhath idir. Dh' éirich mi aig ceathramh an déigh ochd, agus ghabh mi mo thràth-maidne aig ceathramh roiinh naoi. Chuir am Brùnach agus mi fhéin mo phàipearan agus gach ni eile a bhuiteadh dhomh anns na cisteachan móra mun do ghabh sinn ar tràth-maidne air Dìluain, leis gu 'n robh an treallaich-turais ri' bhi air a cur air adhart air thoiseach oirnn. Dh' fhàg mi Baile-Mhoireil aig ceathramh an déigh naoi uairean agus bha Beatais 'us Ban-diùc Roxburgh leam. Bha Leopold a' fágail aig deich uairean leis fhéin a dhol gu Dun-Chailinn. Bha 'm Brùnach air cùl a' charbaid, bha a chas¹ ni b' fearr, ach tha i air a thoirt a nuas glé mhór. Thòisich an t-uisge ri sileadh an uair a dh' fhàg sinn an tigh, agus lean e air gus an d' ràinig sinn Bailatair, far an deachaidh sinn a stigh do charbad-na-smùid. Thachair Seanalair Ponsonby agus an Ridire Uilleam Jenner riù ann an so. Chaidh Wilmore, Morgan, Cannon, agus Heir leinne agus Frànnsaidh Cléireach aig an

¹ Thuit e troimh àite fosgailte a bha 'n turait an "Thunderer" an uair a chaidh sinn air bàrd oirre aig Osborne air an dara latha deug de 'n mhios so chaidh, agus leoin e faobhar na lurga, mhill e rithist i 's e leum bhar a' charbaid an uair a bha i 'dol ni b' fearr, bha i glé dhona an déigh dhuinn dol do Bhaile-Mhoireil 'us b' éigin da fois a ghabhail leatha, air son beagan àine mu 'n deachaidh sinn air an ath thuras.

robh mo chù gaolach Noble fodh 'chùram. Dh' fhalbh Anna Dhònullach, Hollis an còcaire, agus Lockwood, air adhart air thoisearch oirnn Diluain. Chaidh Seymour a thàinig an àite Goddard bochd leòtha agus Ealasaid Stiùbhart a' mhaighdean sheòmair.

Thog an latha an déigh sin 'us thàinig e uigh air 'n uigh gu bhi glé bhreagha, ghabh sinn troimh Abar-eadhoin 's bu chiatach a bha e sealltuinn 's an dol seachad, chunnaic sinn tùr a chuireadh suas air oilthigh a th' ann 'us thaitinn e rinn glé mhath. Bha sinn aig àite-coinneachidh na 'n rathad iaruinn aig Dyce aig naoi - mionaidean - deug roimh dhà - uair - dheug. Tha 'm fògharadh gu math tràth aca 'an so a reir coltais oir chunnaic sinn arbhar aca air a bluain goirid bho Abar-eadhoin. Chaidh sinn seachad ri bun Beinn-a-chaoindh agus tha am fraoch anabarruch breagha anns gach àite. Ghabh sinn ar tràth-nòin aig aon uair agus bha Noble a stigh leinn agus e cho math agus cho stolda. Stad sinn aig Keith aig còig-mionaidean-fichead an déigh aon uair—far an do stad sinn 'an 1872 a dh' fhaotuinn dhaoine a dh' fhosgladh an doruis a dh' fhartluch oirnn fhéin.¹ Bha na Saighdearan saor-dheònach agus móran de shluagh eile 'g ar feitheamh ann an so. Bha 'n t-arbhar na 'luidhe gu dona ann an so ach bha e ni b' feàrr air adhart ri Eilginn. Thàinig sinn goirid an déigh sin am fradharc monaidhean bòidheach a' Chaolais Mhoirich—agus tha iad ga rìreamh breagha : tha 'n loch cho gorm, agus e dùinte a stigh le enuic, air an robh craobhan 'us badain choille, na achaidhean buidhe le

¹ Faic ar Turus gu Dun-Robain, clàr 160.

arbhar agus iad thall 's a bhos 'g a bhuan, bu bhòidh-each an sealladh e. Chaidh sinn seachad ris an làimh dheis air ballachan briste sean eaglais ris an abrar Abaid Chinnlois, agus seachad air Farrais aig ochdmionaidean deug an déigh dà uair. Thàinig sinn air Narainn an déigh sin, tha e 'na luidhe iosal ri taobh a' Chaoil ach tha na enuic mun cuairt de 'toirt air sealltuinn bòidheach. 'S ann dlùth do 'n àite so a dh' éug Cecilia Brinckman piuthar Síne Churchill bhochd, chaochail i air an t-siathamh latha deug de 'n mhios so 'chaidh agus 's e sin an t-aobhar a tha air Síne 'bhi air falbh uamsa an dràsda. Bha dath cho fior-dhearg 'us cho àillidh air an fhraoch agus ged a bha a mhuir greannach bha i cho bòidheach ghorm agus bha na caochladh dhaitean a' coimhead cho breagha; bha 'n rainneach agus na craobhan mar a bha iad againn fhéin, an déigh tuar an fhoghair a' ghabhail. Tha am bàrr glé bhreagha mun cuairt dhe so uile. Ghabh sinn seachad air Ard-nan-Saor àite bòidheach air cladach a Chaoil, agus seachad air Cuilfhodair ach cha do stad sinn aig a li-aon diubh. Chaidh sinn seachad air Inbhernis aig trì mionaidean an déigh trì agus bha móran sluaigh a mach ann, ghabh sinn a rithist le sgrìob seachad air a' Mhanachain. 'S e 'n rathad so air adhart gu ruig Inbher-Feòthrain air an deachaidh sinn gu Dùn-Robain an 1872. Ràinig sinn Inbher-Feòthrain aig fichead mionaid roimh cheithir, tha e air a shuidheachadh gu bòidheach ann an gleann àillidh stad sinn aige agus bha àireamh mhór sluaigh a mach ann gu 'r feitheamhl.

Bha 'n Ridire Coinneach MacChoinnich Triath Ghéarrloch agus a' Bhain-tighearna 'g ar coinneachadh an so le 'n triùir chloinne—dà mhac agus nighean. Is duine taitneach eireachdail e agus bha e 's an éideadh ghàidhealach. Tha òighreachd mhór aige ann so agus 's e fearann chlann Choinnich a tha mun cuairt an so uile. Is piuthar a Bhain-tighearna aige do Bhan-mhorair Granville agus tha i fior choltach rithe. Ghabh sinn ar *teac* beagan an déigh so agus dh' ùraich i sinn gu mór. An àite tionndadh gu Baile Dhuthaich bho Inbher-Feòbhrain 's ann a ghabh sinn air adhart ris an làimh chli gu Srath-Feòthair a tha cho ainmeil agus cho bòidheach le coille agus tighean grinne 'us bothain bheaga thall 's a bhos ann; chaith sinn air adhart bho sin troimh ghleann fiadhaich, cnocach, creagach, 'us feur 'us fraoch 'us rainneach 'us craobhan a' cinntinn suas air feedh nan stacan. Tha 'n rathad iaruinn a gabhail a mach ri aodunn a mhonaидh os cionn a' bhaile agus air adhart gu Srath-Bhrathain agus Loch Luicheart. Bha corra fhras uisge ann 'us plathainean dhe 'n ghréin againn eatorra.

Dh' fhàg sinn carbad-na-smùid aig Achadh-na-sìne aig ceathramh romh chóig nairean cha 'n 'eil ann ach ceann uighe glé bheag 'us tigh na dhà mun cuairt da. Chaith sinne na 'r triùir do 'n charbad aganusa agus shuidh am Brùnach agus Cannon air a' thoiseach. Lean an dà dhuin'-uasal agus na trì mnathan frithhealaidh sinn ann an carbad eile, agus bha càch nan déigh-san. Thàinig Triath Ghéarrloch air adhart gu ruig so leinn, agus bha Fàilte dhuinn sgriobhta an gàidhlig air a

cheann-uighe 'us breacain-uachdair air an crochadh an òrdugh air mar urrann dhuinn, ged a bha gu mishealbhar frasan uisge troma ann, bha turas taitneach againn troimh an fhichead mìle a chaidh sinn air adhart de dhùthach fhiadhaich fhàsail gun aon tigh còmhnuidh ri fhaicinn. Chaidh sin an toiseach air adhart ri taobh Loch-a-Chroisg a tha' ruith gu fada aimhleathan eadar mhonaidhean a tha glé choltach ris an fheadhain a th' aig a' Spiteal agus aig Loch Muic. Le sealltuinn air ais chunnaic sinn na tri mullaichean ris an abrar Sgùran-a-Mhuilinn. Tha 'n rathad ag gabhail air adhart ri taobh loch beag eile an déigh sin, agus bho mhullach a' bhruthaich ghabh sinn sios gleann Dochairt agus 'us breagha e, goirid bho sin thainig Loch Maruidhe àillidh anns an fhradhare agus cha b' fhada gus an d' ràinig sinn e. Fhuair sinn eich ùra aig Ceann-Loch-Iù far am bheil tigh-òsda beag agus bothan seilg goirid uaithe a bha greis air mhàl aig Mr Clowes, cliamhainn Ban-mhorair Waterpark b' àbhaisd dha fhéin 'us dha bhean móran fuirich a dheanamh ann. Tha iad a nise a' fuircach 'an Flowerdale tigh-seilg eile a th' aig an Ridire Coinneach Mac-Choinnich dlùth air Geàrrloch.

Chaidh sinn air adhart deich mìle ri taobh Loch Maruidhe mu 'n d' rainig sinn an tigh-òsda agus bu bhreagha an rathad e. Tha na monaidhean ris an làimh dheis air adhart bho Cheann-Loch-Iù air leth breagha, tha iad cho àrd agus cho sgorrach agus coille mu iochdar euid dhiubh. Tha aon bheinn àrd ag éirigh os cionn chàich agus cha 'n eil i eu-coltach ri Pilatus 'na cumadh. Tha an sealldadh a th' agaim dhi bho 'n tigh-

òsda glé choltach ris mar a chitheamaid Pilatus bho Pension Wallis. Tha 'n rathad a' lùbadh air adhart cho breagha agus sinn a' faotuinn sealladh an sid 's an so dhe 'n loch a tha air a għlasadh a stigh gu tur a measg na 'm beann. Tha craobhan de għach seòrsa mu 'n cuairt dhe, ach 's iad an fheadhain is pailte a th' ann beithe, giubhas de sheòrsa na dhà, 'us fearna, agus tha moran de rainnich agus de fhraoħ àrd bòidheach a fäs ann gu pailt agus creagan fiadhaich ag éirigh suas os cionn għach ni eile. Chithear 'an corra àite craobh bhreagħa de għiubħas nàdurra air a toinneamħ agus a stoc 's a ceann coltach ris a' chlach-ghiubħas a' ciñntinn as a' chreig a sios do 'n loch agus i sealltuinn an aghaidh an speur għuirm mar gum biodh i 'n dealbh Eadailteach. An déiġi a choille fhàgħil tha 'n rathad a ruith ri taobh mill mhόra de chlachan gun chàrnadh sam bith orra ach direach mar gun tuiteadh iad as an athar, no mar gu 'm biodh iad air an tilgeadħ suas le crith-thalmhainn. Bha frasan uisge gu math tròm ann agus rinn so bogħa-froise glé bhreagħa, agus bha fear eile ri fhaicinn bho 'n ath-shoillseachadh aige air an spéur. Thàinig turadħ an déiġi sin agus bha 'n spéur cho àillidh le dol fodha na gréine agus bha a sòllse a' dearsadh dearg air mullaichean nan sléibħtean. Bha Beinn Slioch air a' lasadh suas mar a chunnaic mi Beinn Nibheis agus na monaidhean eile a tha mu 'n cuairt a dh' Inbher-Lòchaidh.

Bha e goirid an déiġi seachd an uair a ràinig sinn dhachaidh, tha 'n tigh-òsda na sheasamh ri taobh an loch agus craobhan mu 'n cuairt dhe. Cha 'n 'eil cadh'-

chliath idir air a bheulthaobh. Cha 'n eil ach balla iosal mu 'n cuairt dhe 'n tigh agus e fosgailte air gach taobh air son carbadan a leigeadh a stigh. 'S e tigh beag grinn a th' ànn agus e air a dheadh airneiseachadh. Tha dà sheòmar suidhe ris an làimh chli mar a theidear a stigh tha sinn a gabhail ar tràithean anns an fhear is mothà agus na daoin'- uaisle 'g an gabhail 's an fhear is lugha. Tha seòmraichean beaga glé chlùmhar mar a theidear suas staidhir ghoirid shocrach a tha ris an làimh dheis. Tha an seòmar aig Beatrais ris an làimh chli agus am fear aig a Bhrùnach direach mu choinneamh ris an làimh dheis. Tha trànnsa beag suas trì céumanan staidhreach as a' sin ; agus aig a' cheann thall aige ris an làimh chli tha 'n seòmar suidhe beag bòidheach agamsa agus tha e seal tuinn ris an loch 'us ri Beinn Slioch agus ris an rathad mhór ; tha e gu math làn leis na goireasan a thug mi leam. Tha mo sheòmar cadail aig a' cheann eile agus tha dà sheòmar beag anns a' mheadhoin aig Wilmore agus aig Anna.

An uair a ràinig sinn so chuala sinn gun robh na Ruiseinich a' séisdeadh Plevna air an naothamh latha, agus gun do chuir iad an ruaig air buidheann de na Turcaich le call mór. Lean an séisdeadh air an ath latha agus bha Skobeloff an seilbh air na mullaichean. Ghabh mise mo dhinneir le Beatrais us leis a' Bhan-diùc. Leugh a' Ban-diùc an déigh sin an cùntas a th' air a sgriobhadh mu bheatha Thiers. Fhritheil am Brùnach dhòmhsha mar a b' àbhaist 'us thug e ghloinne uisge 'g am ionnsuidh mar a chleachd e dheanamh. Bha mi faireachdain glé sgith.

Is e so co-ainm latha breith Louis Hesse—'g am beannaicheadh Dia e !

*Diardaoin, an treas latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Bha uisge tràm ann ré na h-oidhche agus bha a' mhàduinn gruamach. Fhuair mi deadh chadal. Ghabh Beatrais 'us mise ar tràth-maidne agus ar tràth-nòin còmhlaadh shios an staidhir. Thug mi greis air tarruing cha robh solus an latha ro fhreagarach air a shon ; ged a bha bheinn mbóir bhreagha glé shoilleir. Ghabh mi sràid le Beatrais aig aon-uair-deug. Ghabh sinn mu nìhile air adhart air rathad Chinn-Loch-Iù agus bu bhreagha a bha na monaidhean a' sealtuinn 'n ar falbh 's 'n ar tilleadh. Tha bothan beag brònach ri ceann drochaid Talladail agus sean duine 'fuireach ann, bha còta air agus ad àrd dhubbh agus bha e glé thoilichte coltas ri mise fhaicinn, thuirt e nach móran Beurla aige, agus 's ann mar sin a thachair do 'n chuid is mothà de shluagh an àite so. Chaidh am Brùnach a' thoirt ni-eigin dha agus dh' fheòraich e ainmeanan nam beann dhe.

Bha bruthainn anabarruch ann. Thill sinn a stigh aig leth-uair an déigh dà-uair-dheug agus thug mise greis air tarruing dhealbh agus air cur dhaithean orra. Bha teas mór 's an iarmait, ach thionndaidh an latha gu sileadh. Thug mi greis eile air na dealbhan agus air leughadh 's air sgriobhadh agus an déigh sin fhuair sinn ar *teas*, dh' fhalbh mi le Beatrais 'us a' Bhan-diùc anns a' charbad aig leth-uair an déigh cóig, agus bha

ain Brùnach agus Frànnsaidh nan suidhe air a thoiseach agus ghabh sinn air adhart troimh choille ghiuthais a bha lùbadh ri taobh an loch fad dhà mhile air adhart gu drochaid na Garbhaig, theirinn sinn bruthach bho sin gu Slatairdail, agus dhirich sinn uehdach a bha ris an làimh chli uaithe sin. Tha na monaidhean gu math ni 's isle 'an so agus iad mar gu 'm biodh iad air an tilgeadh air a chéile cho neònach. Tha feur 'us rainneach 'us fraoch a' fàs suas ri 'n taobhan, agus creagan géura scorrach air na mullaichean aca.

Chaidh sinn seachad air lochan beag ris an abrar Bad-na-sgallaig as am bheil Allt Chearraidh a ruith a stigh do lochan beag eile. Tha 'n rathad a' lùbadh air adhart 'an so glé choltach ris mar 'tha iad an Switzerland, agus bruachan àrda cas air gach taobh dhe. Ghabh sinn seachad air dha na trì easan a th' air a' Chearraidh 'an so, 's iad a' ruith troimh chreagan breagha 'us bruachan coillteach mar gu 'm biodh iàd a' deanamh rathaid a dh' aindèoin trompa. B' fhior do 'n Bhrùnach a ràdh gun robh an t-àite so coltach ri Gleann Feisidh; ach nach 'eil ach frith-rathad an sin, agus nach 'eil ach beul-àth a dol thar an uillt ann. Le sealltuinn air ais bho so fhuair sinn sealladh ciatach do Bheinn Eidh. Ghabh sinn sios an gleann gu Dail-Chearraidh agus is bòidheach an t-àite a th' aig an drochaid an so air an rathad gu Geàrrloch 'us enocean naine coillteach ann. Thill sinn a chionn e bhi cho fada 's an latha 'us ghabh sinn an rathad air an d' thàinig sinn a mach, ràinig sinn dhachaidh aig leth-uair an déigh seachd. Bha feasgar gruamach fann dorcha ann ach fhuair sinne a stigh mu 'n

do shil e air an uisge. Chuir a' Bhan-diùc erioch air leughadh dhuinn mu bheatha Thiers.

*Dihaoine, an ceathramh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha uisge 's gaoth uamhasach ann fad na h-oidhche agus neart de 'n mhàduinn. Ghabh sinn ar tràth-maidne mar a ghabh sinn e 'n dé. An déigh greis chaidh Beatrais 'us mise air adhart mu mhile air an rathad air an deachaidh sinn anns a' charbad an dé. Tha na enuic chreagach os cionn an rathaid le 'n craobhan breagha agus an fhrith-choille mu 'n iochdair a' cur Eudann an Leòmhain na m' chuimhne, agus an Tròisich agus Lochial. Rinn e turadh 'us thàinig an latha gu bhi glé bhreatha ach gun robh bruthainn 'us mùchadh mór ann. Thill sinn a stigh aig fichead mionaid roimh aon uair. Tha sealladh àillidh agamsa bho m' sheòmar-suidhe; tha Beinn Slioch air an dara taobh agus an loch bòidheach, agus sleibhtean àrda creagach, 's an t-eilean uaine air an taobh eile. Dhùraichdinn suidhe tharruing dhealbh fada 'n latha. Thàinig *telegram* no dhà eile 'g am ionnsuidh.

Dh' fhalbh sinn a mach 'an dà charbad aig leth-uair an déigh trì uairean, bha Beatrais 'us a' Bhan-diùc còmhladh riùmsa agus am Brùnach, bha 'n dà dhuin' uasal 's a' charbad eile 'us Frannsaidh leòtha. Ghabh sinn an ceart rathad air an deachaidh sinn an dé ach an déigh eich ùra fhaotuinn aig Drochaid Chearraidh thionndaidh sinn ris am làimh chli air adhart greis air droch rathad agus an déigh sin troimh choille dharaich

gu Sildeag far am bheil tigh beag agus gàradh grinn an cois na mara aig Morair Bristol agus Mr Bateson. Cha 'n eil an rathad air an robh sinn dol seach so, agus b' eigin dhuinn tilleadh air ais a rithist. Ghabh sinn thar na drochaide agus tha 'n abhuinn bheag a ruith troimh choille bhòidhich de ghiubhas-leireig agus de chraobhan eile, dhirich sinn bruthach an sin 'us ghabh sinn seachad air Flowerdale air adhart gu Geàrrloch a tha ri taobh na mara. Cha 'n eil ann a dh' àiteachan còmhnuidh ach tigh beag thall 's a bhos, agus tha eaglais ann 'us tigh-ministear agus banc 'us tigh-òsda a tha air a thogail air an ruinn 'us àirde dheth. Tha 'n camus glé bhreagha ach cha 'n éil na cnuic a tha air gach taobh dhe ro àrd. Tha sléibhteann àrda coillteach a null re cùl Gheàrrloch, agus tha e fosgailte ri Cuan mór na h-àirde 'n iar. Thill sinn an so air ais agus thàinig na bha shluagh 's an àite mach a chur fàilte oirnn. Bha ar *tea* againn leinn deanta agus stad sinn 'g a gabhail an déigh dol seachad air Drochaid Chearraidh. Bha 'm feasgar glé bhreagha. Fhuair sinn dachaidh aig ceathramh roimh sheachd uairean. Tha na lit-richean againn a' tighinn aig ceathramh roimh cheithir agus aig leth-uair an déigh naoi. Tha 'n t-àileadh an so gu math tròm neoshunndach. Ar dinneir mar is àbhaist. An déigh na dinneir chluich mi 'm *piano* còmhladh ri Beatrais.

NOBLE.



*Disathurna, an còigeamh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha maduinn bhreagha ann. Fhuair mi deadh oidhche cadail agus dh' éirich mi tràth. Tha plàigh na dunach de choinn-speachainn an so. B' fheudar dhuinn éndach tana a tháirneachadh ri taobh a stigh nan uinneag 'g an cumail bho thighinn a' stigh an uair a bhiodh na h-uinneagan fosgailte agus tha an t-sìde cho blàth 's gu 'm féum iad a bhi fosgailte gu math tric. B' fhéudar dhòmhsa éideadh tanna a chur a rithist orm le teas na h-aimsir. Bha mi eadar dhà chomhairle mu dhéighinn c' àite an rachainn an diugh ach bha iad uile ag ràdh gu 'n robh Toirreasdan cho bhreagha 's gun d' rinn mi suas m' inntinn gu dol ann. Bha fras uisge gu math tràm ann mu 'n d' fhàg sinn an tigh, agus thug mise greis air tarruing dhealbh agus a cur dhaitean orra.

Thog sinn oirnn aig leth-uair an déigh dà-uair-dheug, ann an carbad fosgailte, bha Beatrais còmhlaigh riù agus a' Bhan-diùc—a tha air a togail leis gach àite a tha i 'faicinn—bha Seanalair Ponsonby 'us am Brùnach na 'n suidhe air toiseach a' charbaid. Bha 'n latha breagha; cha robh againn thar dhà na thrì fhrasan uisge agus cha do mhair iad ach beagan mhionaidean. Ghabh sinn air adhart gu Ceann-Loch-Iù agus dh' atharruich sinn eich ann an sin, agus gu dearbh bu bhreagha a phaidhir bhuidhe a bh' againn. Bha a' ghrian a' dearsadh cho àillidh agus a gathan soilleach a' lasadh suas na dùthcha le leithid de mhaise. 'N uair a bha sinn aig leth an rathaid chaidh sinn thar Drochaid Ghrùdaidh fluair

sinn deadh shealladh air Beinn Slioch. 'S e àllt glé bhras a tha 'n so, agus craobhan breagha giubhais mu 'n enairst dhe, agus gleann àillidh a ruith suas ris an deas. Bho Cheann - Loch - Iù thionndaidh sinn suas ris an làimh dheis ri taobh abhuinn Gharraidh 's na beanntan a tighinn 's an fhradharc aon an déigh aon, na 'm mill mhóra àrda. Chaidh sinn seachad ris an làmh chli air lochan beag bòidheach ris an abrar Loch Clàr tha e 'ruith a null 'an gleann coillteach agus ri iochdar stùchdan àrda. Tha tigh-seilg aig an Ridire Ivor Guest ann an sin agus chunnaic sinn tigh beag shuas anns a' choille.

Goirid an déigh so dh' fhosgail sinn gleann breagha Thoirreasdan a tha cho uamhasach fhiadhaich agus ballachan dorcha na 'n creag aig a bheinn mhóir ris an abair iad an Liaruch. 'S mór an t-ioghnadh a chuir i oirnn na 'r dol seachad ri h-iochdar. Ged nach 'eil monaidhean fior àrd an so ach Beinn Slioch fhéin anns am bheil 3216 de throidhean tha 'n caisead a toirt orra sealltuinn nis àirde na an fheadhain againne 'an siorr-amachd Abareadhain, agus cha 'n 'eil an dùthaich fhéin dad 's ceud troigh os cionn na fairge an so agus tha Baile-Mhoireil oehd ceud troidh nis àirde na mhuiir. Tha na sléibhteann mn 'n enairst do Loch Maruidhe 'us do 'n ghleann so agus anns a' choimhearsnachd gu leir cho sgorrach agus cho creagach. Tha Beinn Liaruch a sealltuinn cho neònach leis cho dorcha 's a tha i agus na creagan uainhasach ag éirigh ri h-aghaidh mar gu 'm biodh barra-bhallaich gearasdain ann suas os cionn a chéile—anabarrach neònach gu dearbh; tha 'n gleann

fhéin cho chòmhinn agus na monaidhean ag éirigh cho cas air gach taobh dhé. Tha dà thigh an so agus tha gille-séilg a' fuireach 'am fear dhiubh. Chunnaic sinn beathach no dha cruidh aca, agus bha móran mònadh air a gearradh aca.

Thàinig sinn gu Loch Toireasdan àrd, cha mhòr nach eil e air a għlasadħ a stigh leis na beanntan agus tha e glé bhoidheach, chunnaic sinn uaith so sléibhtean an eilean Sgiathanaich air falbh a null uainn. Cha 'n 'eil baile beag sam bith an so agus ged a tha tigh-ċċsa ann, cha 'n 'eil ann ach tigh aon ûrlais, tha e air aoladh air an tigh muigh agus tha uinneagan beaga air. Għabb sinn air adhart gu àite uaignejah far nach robh tigh na duine, agus an déigh bruach bheag a streap shuidh sinn aig ficead mionaid roimh thri a għabha ar tràth-nòin, agus bha 'n deadh chàil againn air a shon. Bha 'n t-àileadh a bha tighinn oirnn thar na mara cho chaoin agus cho ùrachail. Dh' fhan sinne le chéile greis a' tarruing dhealbh oir bha 'n sealladh mun cuairt cho breagħa. Bha na monaidhean Sgiathanaich ri flaicinn a null ris an làimh dheis 's iad ag éirigh os cionn an fheadhain dhù-dhearg a bha dùnadh a stigh an loch. Bha 'Chomraich ris an àirde deas direach mu choinneamh far an robh mise na m' shuidhe, 's le Morair Middleton e 'nise ach bu le cloinn Choinnich e roimhe so, bha na mullaichean àrda aig Beinn-na-h-Eaglais 'us Beinn-nan-Damh a null uainn agus sgorran geala na Beinne Liaruich. Thug sinn uair 'n ar suidhe ann an sin agus cha robh sinn toileach fhàgail bha 'n t-àite cho breagħa ach cho fiadhaich agus cho fas agus gu 'n robh sinn a

faireachdan mar gu 'm biodhmid an déigh ceann an t-shaoghaile a ruigheachd. Bha tigh-sgoil an sin na sheasamh leis fhéin gun tigh na chòir. Cha 'n 'eil ach goirid bho na chaidh a thogail. 'S ann le duin'-uasal ga 'n ainm Darach a tha 'n òighreachd so, agus chaidh dà mhae òg leis seachad oirnn dà uair 's iad a marcachd 'us gille leòtha. Chaidh sean duine breòite bochd seachad air an àite 's an robh mise na m' shuidhe 'us dh' iarr mi air Ban-diùc Roxburgh dol a bhruitheann ris; 's e coigreach a bh' ann a thàinig a America, thuirt e gun robh e dol do Shasunn agus gur e àite grànnnda a bha 'n so!

Choisich sinn greis air adhart agus thàinig an sluagh 'mach ga 'r faicinn, chaidh sinn a stigh do bhùth agus cheannaich sinn rudan beaga ann, cha robh ann ach bùthan beag coltach ris an fhear aig Edimonston agus bha 'n duine a bh' ann air a chur cho mhór mu 'n cuairt 's gur gann a b' urrainn dha air seirbhiseachadh. Thilg e na h-uile ni sios dhuinn. Cheannuich mise comhfhurtairean amhach a bha glé mhath, agus dà bheannag a bh' air am figheadh de shnath clòimhe agus cleòca beag glé ghrinn.

Bhruidheann sinn ri boireannach an sin ach cha robh aon diog Bheurla aice agus cha do thuig i sinn ach fhuair i té eile a b' òige 'us chuidich i leatha. Suas far an rathaid agus ri eudann a' bhruthaich bha còig na sia de bhothain bheaga bhrònach agus clann chas-ruisgte air dhroch éudach mu 'n cuairt doibh, agus na mnathan truaghna 'n suidhe air an talamh. Bha 'n sluagh ri iollach agus coltas a bhi cho toilichte orra, cha mhór

gu 'm bheil neach sam bith a tighinn an rathad so. B' fhéudar dhuinn dol air ais do 'n charbad 'an so agus bha fear dhe na h-eich a bha diultadh dol air adhart; thugadh gu socair e agus fhuair sinn air adhart gu gasda an déigh sin, agus sinn ro-thoilichte le 'r sgrìob. Fhuair sinn sealladh taitneach a ritist 'n ar tilleadh dhe 'n bheinn bhreagha; agus bha sinn ro-thoilichte le 'r turas. Bha aon fhras uisge againn ach cha b' fhada a sheas i, fhuair sinn eich ùra a ritist aig Ceann-Loch-Iù agus ràinig sinn ar dachaidh bheag laghach aig beagan roimh sheachd uairean, agus rinn Beatrais 'us mise toileachadh ri 'r *tea* fhaotuinn. Fhuair sinn ar dinneir àbhaistich na b' fhaide air adhart 's an fheasgar; chluich Beatrais am *piano* air son greis, agus beagan an deigh sin chluich sinn le chéile e.

*Didònuich, an siathamh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Tha maduinn bhreagha shoilleir ann ach gu 'm bheil beagan ceathaich air eudan Beinn Slioch 'us tric leatha neul a bhi mu' ceann. Thàinig fras thròm agus gun dùil sam bith againn rithe. Ghabh sinn sràid a mach aig leth-uair an déigh aon-uair-deug agus an déigh dol air adhart mu thrì cheud slat thionndaidh sinn gu frith-rathad a bha ruith ris an làimh dheis far rathad Cheann - Loch-Iù, ghabh sinn air adhart fodh sgàile chraobhan daraich 'us caorainn agus troimh fheur fliuch agus rainneach gu àite 's an robh là bhothan iosal bhochd coltas. Thug sinn sùil a stigh do fhear diubh agus thàinig boireannach glan tòiseil a mach as

ach 's gànn a thuigeadh na' bhruidhmeadh i focal Beurla. Thug sinn suil an déigh sin a stigh do 'n fhear eile; 's ann a tha a leabuidh aig Baldry againne; bha eabar gu ruig dlùth air an dorus agus bha e iosal muchta ach bha e 'n òrdugh glé ghrinn. Bha coltas snasail poncail air bean-an-tighe, cha robh a bheag sam bith de Bheurla aice-sa nis mothà. 'S e MacRath a tha 's an duine aice agus thuirt i gur e Sliaruch as ainm do 'n àite. Dh' innis am Brùnach dhi gur i' Bhan-rìgh agus a h-ighean a bha 'n sid agus thug sinn beagan airgid dhi.

Thill sinn air ais air an rathad cheudna agus an déigh sràid mhath a ghabhail air adhart an rathad eile thill sinn a dh' ionnsuidh an tighe aig fichead mionaid roimh aon uair. Leugh sinn na h-ùrnuighean agus mar sin sios. Cha 'n 'eil eaglais nis dlùithe air a so na Ceann-Loch-Iù agus Geàrrloch, agus bha 'n sluagh a dol seachad air a so air an rathad gu Geàrrloch cho tràth ri leth-uair an déigh seachd agus iad da 'n cois. Dh' fhalbh Beatrais, a' Bhan-diùc agus mise aig leth-uair an déigh ceithir a dhol gu Eilean Maruidhe chaidh ceithir-ramhach leinn agus bha i air a stiùradh le Hornsby fear an tighe-òsda duine laghach sàmhach gu math ògail coltach. Cha 'n fhaicear an t-Eilean so bho 'n tigh oir tha e air fholach leis na h-eileanan is mothà. Is e so eilean is lugha dhiùbh ged a tha na Leabh-raichean Treòrachaидh ag ràdh nach e. Tha e glé thait-neach a bhi 'am bàta a mach air an loch chiùin ghorm, air feadh nan eileanan uaine coilltich, agus gun ni ri chluinntinn ach diosgan nan ràmh—na monaidhean àillidh dearg 'us gorm ri fhaicinn air aon taobh, agus

sgùran breagha Bheinn Slioch agus monaidhean eile air an taobh thall.

Chaidh am bàta a' sparradh gu cladach, agus an déigh dhuinn faotuinn a mach aisde chaidh sinn air adhart troimh fhrithchoille, agus troimh dhoire dlùth de chraobhan daraich, cuillinn, beithe, uinsinn 'us faibhili agus gach seòrsa a tha cinntinn air an eilean gu ruig an tobar. Bha an tobar so aon uair ainmeal air son leigheas na feadhnaich air am biodh an cuthach ach cha mhór nach eil e tioram a nise. Tha sean chraobh 'na seasamh làimh ris agus be an cleachdad aig gach neach a thigeadh 'an so 's an aimsir a dh' fhalbh gun cuireadh iad bonn copair gu cruaidh teann le òrd eadar a chraobh agus an rùsg, bha so mar thabhartas do Mhaolruabh, an naomh aig an robh a' chòmhnuidh 'an so anns an ochdamh ceud. Dh' éug an naomh so dlùth air a' Chomraich anns a' bhliadhna 722 agus tha creag dlùth air Toireasdan fodh 'm bheil iad ag radh an do leig e anail. Tha cuid ag ràdh gur ann bho Mhaolruabh so a tha an loch agus an t-eilean a tarruing an ainm Maruidhe agus tha cuid eile ag radh gur ann bho 'n ainm Màiri a tha e air a' thoirt. Chuir sinne ar sgillinean a stigh do 'n chraoidh leis an òrd mar chàch, agus chunnaic sinn mìrean de ribeanan agus a dh' eudach air an ceangal air meòir na craobhe. Chaidh sinn an déigh sin a' shealltuinn air leachdan a tha air sean uaighean a tha 'n sin: buinidh dithis dhiùbh de dh' uaigh Ban-phrionnsa Lochlainnich agus tha sean eachdraidh iongantaich aig an t-sluagh mu déighinn. Tha móran a dh' uaighean ùra ann agus cha 'n 'eil thar ochd bliadhna bho na thiodhlacadh aon a

Chloinn-a-Leathainn ann, 'g am buin an cladh so. Tha pàirt de shean bhallaich an Tigh-mhannaich ri fhaicinn an so fhathast. Cha 'n 'eil an t-eilean so ach mu leth-mhile mu 'n cuairt, agus cha 'n 'eil ann ach mu cheathramh a mhile aig a chuid is leithne dhe. Tha féidh air an fheadhain is mothach na h-eileanan. Thug sinn greis a' coiseachd mu 'n chladach agus an déigh éiteagan bòidheach a thional chaidh sinn do 'n bhàta is dh' iomradh air ais sinn dìreach mar a thàinig sinn. Bha ceithir tuathanaich eireachdail air na ràimh bha aon fhear diùbh gu sònruichte a bha glé bhreagha, ghabh iad mu fhichead mionaid ga 'r toirt gu tìr. An déigh faotuinn gu tìr chaidh sinn an carbad fosgailte air adhart mu dhà mhile seachad air an tigh-òsda gus an drochaid a tha 'n taobh thall de far am bheil a choille sgur air an rathad gu Gearrloch. Ghabh sinn ar *tea* 'an sin agus streap sinn suas bruthach a' shealltuinn air eas beag bòidheach ach nach 'eil idir cho breagha ris an fheadhain a th' aig Baile-Mhoireil; thill sinn a dh' ionnsuidh an rathaid a rithist agus ràinig sinn dachaidh ceathramh an déigh seachd uairean.

Thug mi greis air leughadh, 'us greis air sgriobhadh. Tha seòmar glé ghrinn aig Beatrais, ach gu 'm bheil e ro bhlàth le 'bhi os cionn àite-na-còcaireachd. Tha seòmar beag glé ghrinn dìreach mu choinneamh an fhir sin, aig a' Bhrùnach agus cha 'n 'eil an teas cho mór ann. Thug Ban-diùc Roxburgh greis air leughadh nam pàipeireannaigheachd dhomh an déigh na dinneir. Chunnaic mi an Ridire Uilleam Jenner an déigh sin.

*Diluain, an seachd-damh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha 'mhaduinn cho soilleir bhreagha 's gur ann a shaoileadh neach gu 'm b' e deireadh an t-shàmhruidh e. Tha mo dheadh leabaidh fhéin agam leam agus fhuair mi fois cho mhath na h-uile h-oidhche bho na' thàinig mi an so. An déigh ar tràth-nòin thug mi greis a tarruing dhealbh agus a cur dhaibhean orra. Chaidh mi 'mach aig deich mionaidean an déigh aon-uair-deug a ghabhail sràid le Beatrais dìreach mar a rinn sinn an dé, thionndaidh sinn ris an làimh dheis 'us chaithd sinn a' shealltuinn air an tuathanachas agus air an àite sam bheil eich carbaid na 'n luchd turais air an cumail. 'S e carbad mór fosgailte a tha 'n so. Agus tha e 'm bicheantas làn sluaigh; tha e 'tachairt oirnne gach maduinn an uair a bhitheas sinn ag gabhail ar sràid. Ghabh sinn a rithist an déigh sin suas seachad air Talladail far am bheil an sean duine 'fuirreach, ris an robh sinn a bruidhean Diardaoin. Chunnaic sinn e tighinn as a charbad turais 's e air a thilleadh bho bhi 'n dé an eaglais Gheàrrloch. Is aon de na Foirfich innte e. Bha triùir na cheathrar de chloinn bheag air dhroch eudach na 'n suidhe 's na 'n seasamh mu 'n cuairt 'us thug sinn briosgaidean doibh 'us aran 'us feòil as na bh' againn air son ar tràth-nòin. Bha na meanbh-chuil-eagan anabarruch geur, bha sinn air ar 'n itheadh leòtha. Thill sin a stigh aig fishead mionaid roimh aon uair. Thug mi greis air tarruing cuid dhe na seallaidhean breagha a chitear bho uinneag seòmar - na - dinneir,

agus tharruing mi a bheinn àillidh a tha mu 'r coinneamh.

An déigh ar tràth-nòin bha sinn an ioma-chomhairle mu 'n rathad a ghabhadh-mid. Agus mu dheireadh rinn sinn suas ar n' inntinn gun dol air adhart gu Pol-Iù taobh thall Gheàrrloch mar a bha dùil againn a dheanamh, ach gun rachadh-mid gu Drochaid Chearraidh a choinneachadh na 'n daoine còire a dh' iarr cead gu tighinn a Steòrnabhaidh an Leòbhas a dh' fhaicinn "am Ban-rìgh ghaoil." Thug mi an sin greis eile air tarruing. Aig deich mionaidean an déigh ceithir dh' fhàlbh sinne le chéile 'us Ban-diùc Roxburgh ann an carbad fosgailte agus Seanalair Ponsonby agus am Brùnach air a thoiseach. Ghabh sinn an rathad lùbach bòidheach air an deachaidh sinn air adhart roimhe: cha robh a chòir urrad de thuil an easan Chearraidh 's a bh' annta an déigh an uisge a bh' ann air Dihaoine.

An uair a ràinig sinn dlùth air an drochaid chunnaic sinn grùn sluaigh 'g ar feitheamh agus an uair a ràinig sinn far an robh iad stad sinn an carbad. Rinn Seanalair Ponsonby aithnichte dhomh Mr Greenfield am ministear a bha leòtha. Sheinn iad "A Dhia gléidh a Bhan-rìgh." Agus sheinn iad gu dealasach e; thug an éudainn chàirdeil, agus an iollach bhlàth-chrìdheach a thog iad ri 'r tighinn 's ri 'r falbh mór thoilinntinn dhomh. Ghabh iad tri uairean an uaireadair a tighinn a nall, agus bha iad a falbh a rithist direach air ais. Bha dà cheud gu leth ann diùbh uile, agus bha iad as gach inbhe ann àrd 'us iosal, agus móran a dh' iasgairean na 'measg. Thachair moran iasgairean oirnn Disathurna,

bha cuid dhiùbh 's a charbad turais; us feadhain eile dhiubh dha 'n cois 's iad an déigh an cuid éisg a reic. Choinnich an carbad móir sinn air ar tilleadh agus is gànn a b' urrainn duinn faotuinn seachad air.

Bha ar *tea* againn leinn deanta agus stad sinn 'g a gabhail air mullach enuic a bhà os cionn an eas, ach bha sinn air ar 'n itheadh beò leis na meanbh-chuileagan, ghabh sinn air adhart seachad air Slatairdail bho 'n d' fhuair sinn an deadh shealladh air an loch agus air Beinn Slioch; agus bha na monaidhean eile mu 'n cuairt cho bòidheach dearg. Chaidh sinn uaith sin a dh' ionnsuidh an eas bhig aig an robh sinn an dé agus thill sinn dachaidh uaighe sin agus ràinig sinn aig leth-uair an déigh seachd. Thill Seanalair Ponsonby da chois. Thug mi greis air sgriobhadh is greis air léughadh. Fhuair mi tuilleadh teachdaireachd leis an *telegraph*. Ghabh Seanalair Ponsonby agus an Ridire Uilleam Jenner an dinneir còmhlaadh ruinn.

Fhuair mi beagan rudan a Gèarrloch air son cuimh-neachain air ar sgriob a thoirt do m' sheirbhisich ach cha robh móran ri fhaotuinn ann. Bha mi cho tàingeil nach robh cas a' Bhrìnaich ro dhraghail da ged a bha uighir de sheasamh aige ri 'dheanamh oir bha e' feitheamh oirnn aig na h-uile tràth agus bha e a' deanamh na *coffee* agamsa na h-uile maduinn. Bha mi duilich gu 'm b' i so an oidhche mu dheireadh againn an so, agus gu dearbh dhùraichdinn fuireach oidhche na dhà ni b' fhaide; ach tha m' fhéudail Artair 'am Baile-Mhoireil bho Dhisathurna, agus féumaidh e 'fhàgail a rithist air an naothamh latha fishead. Ghabh

mi mór thaitneas 'n am fhuireach 's an dùthaich àillidh so. Bha 'n tigh beag cho clùmhòr, agus e cho sàmhach, agus gun ni a cur dragh oirnn de na nithean a bhios gu tric a tachairt aig ar dachaidh fhéin. B' e an t-aon an-shocair a bh' againn 'an so mo ghaol Beatrais a bhi gu dona leis an lònайдh. Tha àite grinn aig fear Mr Banks mu 'r coinneamh, ris an abrar Leitir-Iù agus tha e a mach air mhàl aige.

*Dimàirt, an t-ochedamh latha deug de
mhìos meadhoin an Fhoghair.*

Bha maduinn fhlúich cheòtar ann, agus cha b' urrainn duinn aon sealladh fhaotuinn de na enuic na de na sléibhteann mu 'n cuairt. Dh' eirich mi tràth 'us ghabh sinn ar tràth-maidne aig leth-uair an déigh ochd agus dh' fhàg sinn aig ceathramh roimh naoi tigh-òsda beag clùmhar Loch Maruidhe agus gu dearbh bha mise duilich fhàgail agus tha mi 'n dòchas ri fhaicinn lath-eigin fhathas. Fhuair sinn eich ùra aig Ceann-Loch-Iù, ged a chaidh an latha ni b' feàrr mar a chaidh sinn air adhart cha do thog e air chor 's gu 'm faiceamaid an dùthaich mu 'n cuairt. Mu leth-uair an déigh aon-uair-deug ràinig sinn Achadh-na-Sìne, agus ann an sin thachair Mr Alasdair MacMhathainn ruinn b' e Fear-cathrach comunn an Rathaid iaruinn e agus tha òighreachd aige air falbh nis faide ri tuath. Chaidh Ridire a dheanamh dhe uaith sin agus tha e na Bhàll-Parlament. Chaidh sinn ann an sin do charbad-nas-mùid agus ghabh sinn air adhart gun stad gu Inbher-Feòbhrain; chaidh sinn seachad air Srath-Feòbhair agus

air caisteal na Ban-diùc Chataich agus bha iad a' sealltuinn glé bhòidheach a' measg nan craobh. Bha Loch Luicheart 'us Loch Gharbh a sealtuinn cho breagha 's an dol seachad. Stad sinn aig Inbher-Feòbhrain, aig Keith agus aig àite coinneachaidh na 'n rathad iaruinn aig Dyce. Ghabh sinn ar tràth-nòin aig aon uair dìreach mu 'n d' ràinig sinn Keith agus fhuair sinn ar *tea* an déigh dol seachad air Dyce. Bha Noble còir cho math air an turas agus cho modhail an uair a thigeadh e stigh is sinn aig ar biadh; ach bha sior ionndrain aige air a chompanaich.

Ràinig sinn Bailatair aig sia uairean. Bha coltas glé bhagarach air an fheasgar. Bha na neòil cho dorcha agus cho gruamach ach bha na bu lugh a cudthrom air an iarmuilt na bh' againn aig Loch Maruidhe. Ràinig sinn Baile-Mhoireil aig ceathramh roimh sheachd uairean. Bha mo rùn Artair aig an dorus 'g ar feitheamh, dhirich e'n staidhir leinn agus dh' fhuirich e greis còmhlaadh riùmsa. Bha e mach 's a bheinn sheilg bho chionn dà latha gun urrad agus damh a leagadh.

TURAS GU BROXMOUTH.

*Dihaoine, an treas latha fishead de cheud
mhìos an Fhoghair, 1878.*

B' fhéudar an dinneir a' ghabhail aig leth-uair an déigh coig. Aig sia uairean gu 'm mhòr dhuilichinn

dh' fhàg mi Osborne gaolach agus còmhlaadh ri Beatrais agus ri Leopold chaidh mi air bòrd an Alberta aig Cithe Trinity. Bha 'n deadh sgrìobh againne ach bha coltas bagarach air an t-side air falbh a mach a null ris a' chuan. Anns an dol seachad air an "Osborne," chunnaic sinn Bertie, Alix, na gillean beaga agus Rìgh Lochlain na 'u seasamh air a chlàr-uachdair. Chunnaic sinn cuideachd an "Eurydice" bhochd na luidhe anns an àite 's am faca sinn i air latha an *Review* agus ise mo thruaighe mar chlosaich mharbh làimh ris an luingeis àluinn eile a bha na n làn òrdugh cho bhreagha! Ghabh sinn 's a mhionaid do charbad-na-smùid; agus bha 'n Ridire I. Garvoock ro bhochd na shláinte air son tighinn far an robh sinn. Stad sinn aig Banbury a dh' fhaotuinn greim ri itheadh agus chaidh mise a luidhe aig mu aon-uair-deug. Eba sinn aig Carlisle eadar còig 's a sia dh' uairean 's a' mhaduinn agus dh' fhàg Morair Bridport agus Harriet Phipps sinn a dhol air adhart gu Baile-Mhoireil—cha d' rinn iad ach tachairt oirnn aig Banbury. Chaidh Fraülein Bauer agus dithis do na mnathan frìthealaidh agamsa air adhart leòtha. Chaidh Sine Ely air adhart leamsa gu Broxmouth agus Seanalair Ponsonby 'us an Ridire Uilleam Jenner, Mr Yorke, agus am Brùnach 'us Aimili 'us Anna agus triùir ghillean coise.

*Disathurna, an treas latha fichead de
ehead mhios an Fhogharaidh.*

Cha d' fhuair mi fois na h-òidhche ro mhath agus bha mi 's a' mhaduinn gu dona le guallainn rag. Bha a' mhaduinn glé fhliuch. Bha ceann-uighe carbad-na-smùid aig Dunbar air a chur gu maiseach an òrdugh agus bha Diùc agus Ban-diùc Roxburgh an sin 'g ar feitheamh aig ceathramh roimh naoi uairean. Bha 'n Ridire Grannt Suttie agus a' bhean leòtha agus am Probhaist agus Morair Haddington àrd oifigeach Riagh-laidh na Siorramachd. Chaidh mise do aon de m' charbadan dùinte fhéin agus chaidh Beatrais, Leopold, agus Ban-diùc Roxburgh còmhlaadh rium, lean càch sinn 'us ghabh sinn troimh phàirt de Dunbar. Mharcaich Morair Haddington air adhart gu Broxmouth a tha mu mhile agus ceathramh bho Dunbar. Bha sluagh a mach 'g ar feitheamh fad an rathaid, bha boghachan suas aca agus na tighean air an deanamh boidheach 's gach ni eile a b' urrainn dhoibh a' dheanamh a' chur failte oirnn.

Tha' phàirce glé bhreagha 'us craobhan ciatach innte 'us rathadan gasda a dh' ionnsuidh an tighe cha 'n 'eil an tigh ach mu cheathramh a mhile bho 'n mhuir agus chunnaic sinn i fada uainn mar a bha sinn a dol air adhart. Cha 'n 'eil gnothuch mòr sam bith ri 'fhaicinn mun tigh, tha 'n taobh a muigh aige coltach ri Claremont ach nach 'eil e cho fior bhreagha, agus nach 'eil staidhir a dol gu dhorus. Chaidh seòmraichean a chur ris uair na dhà agus an uair a bha màthair an Diùc a'

fuireach ann rinn i ni bu bhreagha an ioma doigh e 'us dh' airneisich i as ùr e. Tha e air a thogail air aghaidh bruthaich; agus leis a sin tha ùrlar a chòr air an dara taobh na a th' air an taobh eile. Tha trànnsa beag ann troimh am bheilear a dol a stigh do 'n tigh agus air adhart bho sin fear eile is cuimhinge agus uinneagan air an dara taobh agus dorsan air an taobh eile. A dol direach air adhart ris an làimh chli tha an seòmar suidhe is àbhaist a bhi aig a Bhan-diùc ach tha e agamsa an dràsda. 'S e seòmar glé chomhfhurtail a th' ann agus tha uinneagan bogha air sios gus an t-ùrlar. Tha seòmar-cuideachd an tighe air a thoirt do Bheatrais—seòmar fior bhreagha—tha e làimh ris an t-seòmar agamsa ach cha 'n 'eil e' fosgladh a stigh ann. Tha seòmar-na-dinneir air taobh eile an trànnsa agus tha e glé laghach 's air a dheadh airneiseachadh ach cha 'n 'eil e ro mhór. Tha 'n staidhir direach mu choinneamh seòmar Beatrais. Cha 'n 'eil i ro mhór, agus 's ann aig a bun a tha 'n seòmar a th' aig Leopold. Tha trànnsa coltach ris an fhear iosal aig bràighe na staidhreach. Tha mo sheòmar cadail-sa os cionn mo sheòmar suidhe, agus tha seòmar éididh beag laghach làimh ris—an seòmar is àbhaist a bhi aig a' Bhan-diùc. Tha seòmraichean na 'm mnathan frithealaidd agamsa làimh ris an fhear agam fhéin agus an fheadhainn aig Sine Ely, agus aig Beatrais an taobh thall dhe sin, agus tha rithist àite na 'm mnathan fritheilidh aca; agus tha 'm Brùnach ri ceann a mach an trànnsa. Tha na h-uile ni cho chomhfhurtail againn. Theirinn sinn an déigh ar seòmraichean fhaicinn agus ghabh sinne 'n ar triùir an

deadh thràth-maidne a bh' air ullachadh air ar son an seòmar-na-dinneir. Fhritheil an Brùnach dhuinn agus Cannon an gille-coise a thàinig air adhart air thoiseach oirnn. Thàinig Tearlach MacThómais, Lockwood, agus Shorter an gille-coise ùr air adhart leinn fhéin.

Cha deachaidh mise mach idir leis cho tròm 's a shile air an uisge. Chaidh mi greis an àird an staidhir agus chuir mi eudach eile orm, agus an déigh teirneadh a rithist leig mi m' anail air son greis, agus léugh mi tacan agus an déigh sin sgrìobh mi. Chunnaic mi a' Bhan-mhorair Siùsaidh Suttie agus a dithis nighean bhòidheach. Tha Harriet glé choltach ri Siùsaidh Dalrymple ach gu 'm bheil i nis dorcha. Luidh mi tacan a ghabhail fois air cathair sheimheanachd agus an uair a bha mi an sin fhuair mi naigheachd brònach, b' e sin naigheachd bàis Madame Van de Weyer ghràdhach agus chùir e mulad mór orm. Cha 'n eil *telegraph* idir aca 's an tigh a so agus leis a sin chaidh a' naigheachd a thoirt dhomh fhéin gun neach ga bhriseadh dhomh. Cha b' urrainn so tachairt a stigh agam fhéin. Chuir mi fios a dh' ionnsuidh a Bhrùnaich agus bha e air a chur mu 'n cuairt gu mór mun chùis.

Cha robh i' riamh anns an dàimh dhuinne anns an robh a companach gaoil; ach chunnaic sinn i cho bich-eanta còmhlaadh ris bho 1840 agus gu sònruichte an uair a bha iad aig Abar-Gheallaiddh 'an 1867, 1878, agus 1870. Bha iad riamh cho caoimhneil rinn fhéin 'us ri 'r cuid cloinne. Agus chinn an euid fhéin cloinne 'us an fheadhain againne suas còmhlaadh; agus an uair a thuit mo thròm bhròn ormsa co a bha ni bu chaoimh-

eala na M. Van de Weyer gràdhach. Agus an sin an déigh dhàsan agus ga mhac Ailbeart caochladh rinn ise i fhéin cho saor rium agus dh' fheuch mise ri comhfhurtachd a thoirt dhi. Lean e riamh air a bhi na thoileachadh dhòmhsha dol do New Lodge¹ bòidheach a bha daonnan air a chumail 's an òrdugh 's an d' fhàg esan e, bha mi faireachdain mar gu 'm biodh ath-shòillse orm an sin bho na làithean sona a dh' fhalbh, an uair a bha esan an sin a toirt sòlais do gach neach. Bha mo chridhe air a ghluasad gu mór le 'bhi smuaineachadh gun robh so thairis gu brath tuilleadh. Tha dul eile air a briseadh anns a cheangal a bh' agam ris na bliadhna chan nach pill ?—ri céile lurach mo ghaoil, ri Leopold deadh bhrathair mo mhathar, agus ri Belgium ! Tha mi bho lath gu lath a faireachdain nis coltaiche “ri Oisein an déigh na Feinne.” Liùsaidh bhochd a bha na comhfhurtachd cho mhór 'g a màthair bho na chaochail Ailbeart a mac—agus Eilidh, tha mi cho duilich air an son ! Cha d' rinn am piuthar Alice ach pòsadh air an t-siathamh latha deug ri Mr Brand bràthair an duine aig Victoria bhochd.

Ghabh mi *tea* le Beatrais agus aig ceathramh an déigh cóig thog am feasgar agus chaithd mi mach leatha fhéin 'us le Ban-diùc Roxburgh agus le Leopold ; bha Ban-mhorair Ely, an Diùc, Seanalair Ponsonby, agus Mr Yorke, anns an dara carbad, agus Morair Haddington leinn a' marcachd agus e an deise shuaicheanta na h-oifig aige. Ghabh sinn air adhart troimh Dunbar agus bha fréiceadan coimhdeachd leinn de Reiseamaid each

¹ Tha e dlùth air Windsor.

nan tuathanach uasal bho Lothian an ear. Bha 'm baile an òrdugh greadhnach agus e air a chumail anns an deadh riaghait. Bha móran bhoghachan buadhach suas aca, agus sgriobhainean ro chaoimhneil orra uile, ghabh sinn a stigh do 'n phàirce a tha air taobh beòil an tighe anns an robh Morair Lauderdale a' fuireach bho sheann, tha 'm beagan a tha lìthair de shean chaisteal Dunbar dìreach mu choinneamh. 'S ann an sinn a thug Bothwell Ban-rìgh Màiri 'na priosanach an déigh Darnley bhi air a mhort. Tha acarsaid làimh ris ach cha 'n 'eil i ach beag. Ghabh sinn seachad air Cnoc-na-h-aire air am bheil sean tùr agus bha na *gipsies* an déigh càmpachadh mu thiomchioll—thàinig iad bho Norwood agus bha bhan-rìgh aca leòtha; bha móran de bhoireannaich dhormha bhreatha dhiùbh na 'n seasamh ri balla an tùir, agus iad an deadh éideadh.

Chaidh sinn troimh bhailtean beaga Belhaven 'us West Barns agus seachad air togalaichean móra breagha na' m muillean pàipeir. Thionndaidh sinn an déigh sin bhó 'n rathad mhór aig an tigh eadh'-chliath 'n iar aig Beil àite na Ban-mhorair Màiri Nisbet Hamilton—a' phiuthar is sine aig mo bhan-charaid ghràidh a' Bhan-mhorair Augusta Stanley—chaidh sinn seachad air an tigh agus cha 'n 'eil air ach coltas gruamach ach tha phàirce breagha. Ghabh sinn an déigh sin troimh Belton àite Mhr Baird Hay agus direach air ais gu Broxburn. Ràinig sinn dachaidh aig seachd uairean. Bha driùchd tròm ann agus nadur de chiùchranach uisge mar gu 'm biodh e tighinn oirnn bho 'n mhuir, agus cha bu léir dhuinn ni leis.

Cha robh aig an dinneir leinn ach an Diùc a' Bhan-diùc agus Sine Ely. Ghabh sinn i anns an t-seòmar àbhaistich agus fhritheil am Brùnach agus dithis eile de na gillean againn fhéin, agus aon de ghillean an Diùc. Chaidh mise goirid an déigh sin 'g am sheòmar fhéin. Sgriobh mi litir agus chaidh mi laidhe mu 'n robh e ach da-uair-dheug.

Didònuieh, an eòigcamh latha fishead de cheud mhìos an Fhoghair.

Bha maduinn bhreagha bhlàth ann. An déigh ar tràth-nòin ghabh mi sràid le Beatrais sios fodh sgaile nan craobh ris an làimh chli. Ghabh sinn air adhart air rathad farsuing tha ri taobh an uillt a' gabhail gu ruig balla' ghàraidh, tha ròsaichean a' fàs air a bhalla agus tha e direach an cois na mara a tha cho bòidheach ghorm. Tha na creagan a tha 'n so glé chunnartach air son na 'm bàtaichean iasgaich. Tha rathad ris an abair iad na dulachan ag gabhail air adhart an so air mullach nan creag a tha ag éirigh os cionn na fairge. Tha 'n rathad so a' gabhail air adhart gu Dunbar a tha na luidhe cho àrd agus gu 'm bheil an eaglais bhreagha a th' ann na comharradh fearainn do 'n luchd mara a bhitheas a' seòladh seachad, chith sinne bho so i. Thill sinn air ais agus shuidh mise greis air an fheur dlùth air an tigh. Bha aon de na sgàileagain còmhduich a thug sinn leinn bho 'n tigh thairis orm agus chuir mi m' ainm ri pàipearean 'us thug mi greis air sgriobhadh ann an sin. Shearmonaich Mr Mac-a-Chananaich bho Dunbar dhuinn ann an seòmar-na-

dinneir aig dà-uair-dheug, bha am ministear so greis na fhear-teagaisg aig a' Mhorair Teàrlach Càr. Bha Beatrais 's an làthair agus Sìne Ely, an Diùc 'us a' Bhan-diùc, Seanalair Ponsonby, Mr Yorke, agus àrd-sheirbhisich an Diùc. Bha an t-seirbheis glé ghrinn air a comhlionadh. Sgriobh mi greis a rithist agus an sín leig mi m' anail. Thagh mi cuimhneachain a bheirinn do sheirbhisich an tighe agus fhuair mi rudan a' Dunbar air son an t-sluaigh agam fhéin.

Chaidh Beatrais, a' Bhan-diùc, agus Sìne Ely a mach leam 'an carbad na 'n ceithir each an déigh ar *tea* aig ceathramh an déigh còig. Bha am feasgar soilleir breagha. Chuir sinn air 'n aghaidh ri Sasunn agus ghabh sinn air adhart air ruith na mara, ged a bha sinn fada a stigh naipe. Bha fiamh cho gorm de 'n mhuir ach bha ceò na luidhe oirre cho tròm 's nach faiceamaid ro fhada air falbh. Ghabh sinn seachad air Cnoc Baring—àite an Ridire Uilleam Muillear air adhart gu Dùn-glas—àite an Ridire Basil Hall agus gu dearbh tha e breagha 'us craobhan àluinn ann tha na craobhan giùthais a th' ann coltach ris an fheadhain ann am Belvidere 'am Pàirce Windsor agus tha *sycamore*, faibhili 'us darach ànn. Tha 'n rathad a dol air adhart os cionn gleann doimhinn agus am Brox a ruith troimh iochdar agus chunnaic sinn ballachan briste seann Abaid no caisteal ann an sin. Stad sinn beagan mhionaidean a bhruidheann ris an Ridire Basil agus ris a' Bhan-tighearna. 'S e tigh mór cloiche a th' aca agus e glé aonaranach neo-shuilbhhere coltach. Féum-aidh gu 'm bu le teaghlaich Home e uair-eigin. Bha de

cheò ann 'n ar dol air adhart agus gur gann 'bu léir dhuinn "Ceann Naomh Abba" no an rudha a tha air "Creag-a-mhaduidh Alluidh" air am bheil iomradh anns an leabhar ris an abrar 'The Bride of Lammermoor.' Ghabh sinn cuairt ni b' fhaide a stigh an dùthaich air ar tilleadh dhachaidh agus chaidh sinn troimh bhailtean beaga laghach Brankeston agus Innerwick.

Thill sinn dachaith aig leth-uair an déigh seachd. Bha ar dinneir mar a bha i an dé bha an Diùc 'us a Bhan-diùc leinn, agus bha Morair Haddington agus Sean-alair Ponsonby còmhlaadh ruinn cuideachd. Bha athair Morair Haddington na fhear de na morairean frithelaith agamsa air son tìne ghoirid. B' i té 'g a pheathraichean a bhean àillidh a bh' aig mo charaide gràdhach sean Mhorair Bhraid-Albainn—'s i té eile dhiùbh a Bhàntrach aig Morair Abareadhoin—an treas té Ban-mhorair Polwarth nach marionn agus 's i a' Bhantrach aig Morair Ashburnham an ceathramh piuthar.

Chaidh na daoine uaisle eile a bh' ann a' dheanamh aithnichte dhomh 'an déigh na dinneir agus na 'm measg bha Mr Mac-a-Chananaich air am bheil coltas duine glé ghrinn. Chaidh mi an déigh sin do m' shèomar fhéin agus dh 'fhan Sine Ely greis còmhlaadh riùm.

*Diluain, an siathamh latha ficead de
cheud mhìos an Fhoghair.*

Tha 'n latha gaolach beannuichite so air tighinn mu 'n cuairt a rithist agus mise as éugmhais m' fhéudail de ua fir!—ach cha 'n 'eil e uair sam bith as mo chridhe.

An uair a theirinn sinn gu 'r tràth-maidne thug mi do

Bheatrais dealbh an Tighadhlaceaidd againn agus e air a dhealtradh gu finealta, agus bànn airgid air son a crios a dh' obair Montenegrin. An déigh air tràth-maidne thug mi bocsa bhriosgaidean airgid do 'n Bhrùnach agus putain *onyx* air son a léine. Bha e ro thoilichte leis a' bhocsá agus thuirt e 's na deòir na shùilean, "Tha so tuileadh 's a' chòir." Tha fios aig Dia nach 'eil e tnill-eadh 's a chòir air son aon cho dileas anns gach seòl agus cho frithealtach. Thug mi cuid de na nithean beaga a cheannaich mi 'an Dunbar, do na mnathan frithealaidh agam; thug mi gibhtean do Shìne Ely, do na daoin'-uaisle, agus do na seirbhisich, gu 'bhi nan cuimhneachan air an latha phriseal so agus air an àite anns am bheil sinn.

Chaidh mi mach a' ghabhail sràid le Beatrais 'us leis a' Bhan-diùc aig leth-uair an déigh deich, chaidh sinn a shealltuinn air a' ghàradh-chàil bhreagha agus air na tighean teth agus gu dearbhl tha dearcan-fiona fior chiatach a' fàs annta, agus measan finealta eile. Choisich sinn a rithist bho so a dh' ionnsuidh na mara agus chaidh Rex an cù-chaorach laghach aig a' Bhan-diùc leinn. 'S e 's lugha na Noble agus tha ceann breagha air. Chunnaic sinn an "Lord Warden" thàinig i 'n so an dé bho Spithead far am faca sinn i am measg nan luingis-chogaidh eile 's e Freemantle a tha na sgiobair oirre. B' i 'n long gheàrrd an uiridh i.

Tha sealladh grinn ri fhaicinn bho 'n rathad so a dh' ionnsuidh na mara tha lochan beag 'us badain choille ann agus chithear Dunbar air falbh a null uainn. Shuidh mise a mach greis a' sgriobhadh anns a' ghàradh

An uair a thill Beatrais 'us a' Bhan-diùc bho 'n sràid ri taobh na mara chaidh mi a' shealltuinn uaigh an Ridire Uilleam Dùghlas cha mhór nach eil na preasan a' folach na lice-lighe shios air taobh beòil an tighe. Chaidh Blàr Dunbar a chur air an treas latha de mhìos meadhoin an Fhoghair, 1650, goirid bho Broxmouth. Tha 'n Ridire Walter Scott ag ràdh gu 'n robh an càmp aig Cromwell anns a phàircée; ach tha ag aig feadhain 's a chùis sin oir tha iad a' ràdh gur a th' ann air taobh tuath Broxburn a chuireadh am Blàr. Bha 'n càmp aig Leslie air a chnoc àrd ris an abrar an Dùn a chitear gu soilleir fad mhiltean mu 'n cuairt. An uair a dh' fhàg an t-arm Albannach an t-àite làidir anns an robh iad air a' chnoc, thàinig iad a dh' ionnsuidh an talamh iosail a tha goirid bho bhalla na pàircée. Tha iad a' ràdh gur ann air a' chnoc air am bheil an tòr a nise air a thogail anns a' phàircée a sheas Cromwell, agus leis a sin féumaidh gu 'n robh am Blàr air a chur goirid bho chadh'-chliath na pàircée a th' ann an dràsda. Chuir mise craobh an déigh sin 'an làthair an Diùc agus na Ban-diùc.

Chaidh sinn a stigh goirid bho aon uair, an déigh ar tràth-nòin chunnaic mi Siùsaidh Suttie agus an dithis chloinne is òige a th' aic, tha Victoria aona-bliadhna-deug agus an gille beag naoi bliadhna. Thainig an déigh sin Morair agus Ban-mhorair Bowmont le 'n dithis chloinne chiataich Mairearad trì bliadhna agus Victoria naoi miosan. Cha d' thàinig an leanabh gille aca leòtha.

Dh' fhàlbh mi aig leth-uair an déigh trì an carbad nan ceithir each, agus chaidh Beatrais, Leopold, agus a' Bhan-diùc leam ann. Chaidh an Diùc, Ban-mhorair

Ely, Seanalair Ponsonby, agus Mr Yorke air adhart 'an carbad eile agus bha Morair Haddington a' marcachd fad an rathaid leinn. Ghabh sinn troimh ceann an iar Dunbar agus bha móran sluaigh a mach ann, agus thilg mnathan - uaisle òg agus caileagan de bhadan fhlùr-aichean oirnn, agus gu 'n do lion iad an carbad leòtha; chaidh sinn greis seachad air baile beag Belhaven, aig Cnoc-na-dail bha romhainn na làn uidheam Ban-rìgh nan *gipsies*, bha i a suas gu math an aois, agus bha cleòca scàrlaid oirre agus neapaicin bhuidhe mu' ceann, bha fior choltas a dream oirre. Bha té eile a bha ni b' òige agus i fior dhorcha agus deise bheilbheid oirre agus breacan-uachdair dearg 'us bha boireannach eile leatha. Bha cotaichean deurga air na fir aca agus iad a' sealltuinn cho dorcha 's a chraiceann sheas iad air àite àrd 'us chrath iad a neapaiceanan ruinn. Cha b' iad an fheadhain Albannach a bha 'n so ach an fheadhain Shasunnach bho Norwood.

Bha móran sluaigh a mach aig na mùillean-pàipeir an àm dhuinn dol seachad agus gu dearbh cha robh baile beag na àite air an rathad anns nach robh iad a' dùmhlichadh a mach 'g ar faicinn. Dh' fhàg sinn an enoc àrd ris an abrar Traprain Law ris an làimh chli agus thionndaidh sinn ris an làimh dheis agus ghabh sinn thar an Tyne agus a stigh gu páirce àillidh Tynningham àite Morair Haddington. Bha craobhan breagha an so a rithist agus rathaidean a dh' ionnsuidh an tighe fodh sgàile chraobhan faibhili, agus *sycamore* agus bha aon sreach bhreagha ann de chraobhan cuilinn. Tha mhuir ri' faicinn bho so ach cha bu léir dhuinne i ro

mhath leis a cheò. Ghabh sinn seachad làimh ris an tigh agus tha e glé breagha, tha an seòrsa de thogail air a buineadh do linn Bàn-righ Ealasaid agus turraitean Albannach. Tha coltas gàradh ciatach ann ach cha d' thàinig sinn as a' charbad idir. Chuir a' phàirce Windsor na m'chuimhne agus bha air adhart bho sin coltach ri frìdh Windsor agus air fàgail sin na 'r déigh thàinig sinn a rithist air an rathad mhór agus ghabh sinn seachad air sean eaglais mhór bhreagha ris an abrar Whitekirk. Bha grùn math sluaigh cruinn an so a rithist agus an déigh so chunnaic sinn a null uainn troimh 'n cheò cnoc àrd an North Berwick Law agus e' sealltuinn mar gu 'm biodh e 'g éirigh as a chuan. Thàinig sinn 'an tiota an déigh sin air sean chaisteal briste Tantallon a tha gu h-àrd air creag os cionn na mara. Chaidh sinn a null air an fheur 'g a shealltuinn agus gu dearbh 's e àite mór a bh' ann uair-eigin. Bha an Ridire Uisdean Dalrymple dha 'm buin e 'g ar feitheamh ann an sin, agus threòraich e sinn thairis air an t-sean chlais-uisge agus bha bhratach rioghail suas aca air a chadh'-chliath. Bha Bhain-tighearna an sin cuideachd 's e Arkwright a b' ainm dhi mu 'n do phòs i. Cha robh neach eile ann a bhàrr oirnn fhéin ach an Ridire Dàibhidh Baird a' mharcach greis de 'n rathad 'n ar cuideachd. B' e an caisteal so bho shean an daingneach làidir aig na Dùghlasaich agus chaidh an Ridire Uisdean air fheadh leam 'g a shealltann dhomh. Bhuineadh e aon uair do Jarla Angus a' phòs Ban-righ Mairearad, bàntrach an IV. Righ Séumas, thug na Cùmhnaontaich a mach e mu dheireadh.

Bha e gu mifhortanach cho ceòthar agus nach bu léir dhuinn Creag a' Bhass, ged a tha i cho dlùth air làimh agus gu 'm faicear am bicheantas i bho so; agus bha sgàile air an dùthaich bhreagha uile a bha mu 'n cuairt duinn air chor's nach b' urrainn duinn a' faicinn. Bha gloin'-àmhaire aca ach bu léir dhuinn nì leatha; agus co dhiù bha i air a suidheachadh ro ional aca. Ghabh sinn ar *tea* 'n ar suidhe air cathraichean dlùth air oir na creige. Agus bha coltas cho fiadhaich air an t-seal-ladh mu 'n cuairt. Chabhagaich sinn dachaидh an déigh sin oir cha d' fhàg sinn an sean chaisteal gu déigh shia uairean. Thill sinn air ais a rithist troimh choille Binning—an t-àite aig Morair Haddington—a tha cho coltach ri frìdh Windsor ach cha b' urrainn duinn faotuinn troimpe, agus ghabh sinn ath-ghoirid air adhart bho bhaile Tyningham gu Bellowford far an d' fhàg sinn an rathad tarsuing. Ràinig sinn Broxmouth aig còig-mionaidean-fichead roimh ochd, agus mharcaich Morair Haddington leinn fad an rathaid.

Ghabh sinn ar dinneir aig leth-uair an déigh ochd, an Diùc 's a' Bhan-diùc agus sinn fhéin. Dh' fhàg sinn Broxmouth eadar deich 's aon-uair-deug, agus bha sinn glé dhuilich a bhi 'g a fhàgail 'an déigh nan làithean toilichte a chaidh sinn ann. Dh' fhalbh a' Bhan-diùc còmhla dhruinn anns a' charbad a bh' againn a mach roimhe, agus bha na h-eich cheudna againn a bha mach leinn air gach latha agus a ghabh a' chuairt fhada leinn an diugh cheanna. Agus bu chiatach a bha MacThómais an gille-greisidh a' marcachd. Bha Dunbar agus na mùileamn-pàipeir air an lasadh suas gu

bòidheach. Ghabh sinn beannachd leis an Diùc¹ chaomh agus leis a' Bhan-diùc le mór dhuilichinn oir rinn iad ar fuireach leòtha glé thoilichte dhuinn. Chaidh na h-uile ni leinn cho mhath.

BÀS AN RIDIRE TÓMAS BIDDULPH AIG MÒINTEACH OBAIR-GHEALLAIDH.

AN T-OCHDAMH LATHA FICHEAD DE MHÒS MEADHOIN AN FHOGHAIR, 1878.

Diciadaoin, an còigcamh latha fichead de mhòs meadhoin an Fhoghair, 1878.

Dh' fhalbh mi bho 'n tigh 'an carbad fosgailte aig fichead mionaid roimh chóig uairean, chaidh Bandiùc Roxburgh 'us Harriet Phipps còmhlaadh riùm agus ghabh sinn ar *tea* aig Airidh ghlinn Ghealadair; chaidh sinn as a sin air adhart gu mòinteach Obair-Gheallaidh a shealltuinn an Ridire Tómas a bha tinn fad seachdain roimhe sin. An déigh ruighinn chaidh mise suas an staidhir agus chunnaic mi a bhean. Thàinig an Ridire Uilleam Jenner do sheòmar-na-cuideachd agus thuirt e gu 'n robh an Ridire Tómas toileach m' fhaicinn. Dh' fhalbh mi leis agus fhuair mi an duine bochd 'na leabaidh dìreach mar a bha e air Disathurna an uair a bha mi 'g a shealltuinn, rachadh aige air bruidheann gu math àrd ach cha robh air ach fior choltas na trioblaid. "Cha 'n 'eil mise ach glé fhad 'air ais," thuirt e riùm

¹ Dh' éug e air an treas-latha-fichead de 'n Ghiblean, 1879.

sheas mi' sealltuinn air agus an sin an uair a rug mi air làimh air, thuirt e "Tha sibh glé chaoimhneil riumsa" d' fhàisg mi 'n làimh aige 'us fhreagair mi e ag ràdh, "Bha sibhse daonnaн caoimhneil riumsa." Dh' fhalbh mi an déigh sin 'us gheall mi tighinn a rithist 'g a fhaicinn.


Disathurna, an t-ochdamh latha ficead de mhìos meadhoin an Fhoghair, 1878.

Dh' fhalbh mi bho 'n tigh le Beatrais aig aon-uair-deug a dhol gu mòinteach Obair-Gheallaidh a dh' fheòr-aich air son an Ridire Tómas. Chaidh mi suas an staidhir agus thàinig Blake an t-sean bhan-altrum a bh' aca a stigh far an robh mi agus deuchainn oirre air son a thrioblaid a bhi cho tróm. Dh' fheóraich i am bu toigh leam sealladh fhaotuinn dhè agus thuirt mi gu 'm b'eadh agus sheall mi air bho dhorus an t-seòmair. Thàinig tioma air Beatrais 'us orm fhéin. Thill sinn dhachaidh a' cur roimhinn tighinn air ais feasgar 's bha sinn am Baile-Mhoireil mu cheathramh roimh dhauair-dheug. Shuidh mi greis a' sgriobhadh 's an tigh bheag a tha 's 'a ghàradh agus aig ceathramh roimh aon uair thàinig am Brùnach an sin le litir 'g am ionnsuidh agus e' caoineadh 's ag ràdh, "Tha 'n gnoth-uch thairis a nise!" 'S ànn bho 'n Ridire Uilleam a bhà an litir a dh' innseadh gu 'n do dh' éug an Ridire Tómas aig ficead mionaid an déigh dà-uair-dheug. Bha a bhean agus a chlànn leis gus an d' thàinig a chrioch air. Bha sinne cho duilich nach d' fhan sinn leòtha, agus bha a leithid de dheuchainn air a'

Bhrùnach, tha e cho làn caiomhneis agus cofhaireachd-aín. Is gnothuch cruaidh e agus call móir! Bha e na dhuine cho còir agus cho ciatach bha e cho treibh-dhireach agus cho neofhéineil anns gach dòigh agus cho dileas dhòmhsa agus ga m' theaghlaich. Cha robh móran cur a mach ànn ach bha e fior chaoimhneil agus teò-chridheach 's e 'n call uamhasach e do a bhean bhochd agus ga chuid cloinne a bha cho ghaolach air!

*Diarduoin, an treas latha de mhìos mu
dheireadh an Fhoghair, 1878.*

Bha latha àillidh ann agus e cho blàth 's gu 'n saoil-eadh neach gu 'm bu latha sàmhraidh e. Dh' fhalbh mi aig ceathramh an déigh deich anns a' charbad a dhol gu mòinteach Obair-Gheallaidh agus chaidh Beatrais, agus Ban-diùc Roxburgh leam, ghabh Harriet Phipps, Fraülein Bauer, agus na daoin' uaisle air adhart romhainn. Chaidh sinn a stigh do sheòmar-na-dinneir agus bha a chiste-luidhe air a cur ann an sin. Thachair Màiri Biddulph bhochd agus a dithis chloinne oirnn 'an sin. Thàinig a bràthair Captain Conway Seymour agus ban-seirbhisich an tighe a' stigh agus bha sinne ann 'us na mnathan uaisle uile. Dh' fhuirich na daoine uile a mach anns an trànnsa agus dorus an t-seòmair air fhàgail fosgailte. Thàinig Mr Càimbeal beagan an déigh sin agus rinn e seirbheis ghoirid dhrùightich, léugh e earrann ghoirid de 'n sgriobtar agus rinn e ùrnuigh anabarruch breagha. Thug iad a' chiste-luidhe a mach 's a mhionaid an déigh sin, agus Captain Conway Seymour aig a ceann. Bha Bertie agus a thriùir



dhaoin'-uaisle ann, Morair Bridport, Seanalair Ponsonby, an Ridire Uilleam Jenner agus Dr Profeit,¹ agus chaidh iadsan uile air adhart gu Bailatair 'an carbadan, agus chaidh Morair Macduff, agus an Còirneal Mac-Fhearchair leòtha.

Shuidh sinn greis le Màiri bhochd agus an sin thill sinn dhachaidh. Dh' fhalbh a Bhain-tighearna an déigh sin agus chaidh i fhéin 'us a cuid cloinne air adhart gu Windsor an cois a chuirp phriseal aig a companuch gaoil.

CROIS - CHUIMHNEACHAIN A CHUIREADH SUAS
AIR SON BAN-PHRIONNSA ALICE, ÀRD BHAN-
DIÙC HESSE.

BAILE-MHOIREIL,
An dara latha thar fichead de
'n chéitein, 1879.

Ràinig sinn Baile-Mhoireil aig ceathramh an déigh trì uairean ghabh mi sràid le Beatrais aig ceathramh romh shia uairean a shealltuinn na Crois a tha mi an déigh chur suas mar chuimhneachan air m' Alice ghaoil. 'S e *granite* Abaireadhain a th' innte agus tha i dà throidh dhéug 'us trì oirlích a dh' àirde. Tha i glé bhreagha agus tha 'm sgriobhadh a leanas oirre:—

¹ Am fear-gnothuich agamsa bho cheud mìos a' Gheamhraidh 1875, duine gasda, agus gach neach gràdhach air.

AN CUIMHNE GHRÀDHAIICH

AIR

ALICE, ÀRD BHAN-DIÙC HESSE,
Ban-phrionnsa de Rìoghachd Bhreatainn 'us Éirinn,

A RUGADH AIR A CHÓIGEAMH LATHA FICHEAD DE 'N
 GHIBLEAN, AGUS A DH' ÉUG AIR A' CHEATHRAMH
 LATHA DEUG DE 'N DÙDLACHD,

THA SO AIR A CHUR SUAS LE
 A MÀTHAIR BHRÒNUICH,

B A N - R Ì G H V I C T O R I A.

“Mairidh a h-ainm beò, ged nach eil i' an so nis mò.”

Choisich sinn an déigh sin gu tigh Dhònnil Stiùbhait
 'us chaidh sinn a stigh ann ; ghabh sinn a rithist gu tigh
 a' Ghranntaich. Bha ar faicinn a' eur mulaid orra uile
 an déigh bàis Alice mo ghaol. Thòisich an Granntach
 bochd¹ ri gal agus cha b' urrainn da tighinn a stigh do
 'n t-seòmar anns an robh sinn cha robh againn ach tigh-
 inn dachaidh glé chianail an diugh do Bhaile-Mhoireil,
 agus bha gach bròn a thàinig orm air an ùrachadh
 dhomh. An iomaguin a bh' oirnn mu Ernie beag²

¹ Dh' éug an Granntach air an t-seachdamh latha deug de cheud
 mhios a' Gheamhraidh, 1878, agus e trì fichead bliadhna agus a deich a
 dh' aois. Fhuair e *pension* 'an 1875 agus chaidh e a' dh' fhuireach do
 àite dlùth air Baile-Mhoireil ris an abrar an Rudha-breac agus b'
 àbhaisd dhuinne dol an sin gu tric 'g a amharc agus bha mise a' dol
 'g a fhaicinu na h-uile latha an uair a bha e air leabaidh a bhàis. Agus
 bha mi 's an tigh aige an uair a dh' fhàlbh iad leis 'g a thiodhlacadh
 anns a' Bhraighe-mhór.

² Mac Alice a bha 'n a luidhe le *diphtheria* aig a' cheart am ri
 pheathraichean 'us ri athair.

ar mulad mu Mhàiri bhig m' fhéudail¹ agus ar cùram mu chàch agus an sin a chrùnadh gach bròin eile Alice mo ghaol air a toirt uainn agus na déigh, mo luaidh beag Waldie.²

BÀS PRIONNSA IMPIREAL NA 'M FRANGACH.

CAISTEAL BHAILE-MHOIREIL,
Diardaoin, an naothamh latha deug de
'n mhlos Bhuidhe, 1879.

Bhuail am Brùnach aig mo dhorus aig ficead mionaid roimh aon-uair-deug, agus an déigh tighinn a stigh thuirt e gu 'n robh droch naigheachd aige; agus an uair a dh' fheòraich mi le clisgeadh gu dé bh' air aimhreadh thuirt e gu 'n robh am Prionnsa òg Frangach air a mhar-bhadh; cha b' urrainn domh bhriathran a' thuigsinn no 'ghabhail a stigh agus dh' fheòraich mi a rithist agus a rithist dhe gu dé a bha e' ciallachadh, agus an sin thàinig Beatrais agus an *telegram* aice 'na làimh agus i ag ràdh, "O tha 'm Prionnsa Frangach air a mhar-bhadh!" Gu dearbh tha gaoir a' dol troimh m' fheòil a nise an uair a tha mi cuimhneachadh na 'm briathran.

¹ An leanabh a b' òige a bh' aig mo rùn Alice, dh' éug i le *diphtheria* air an siathamh latha déug de mhlos meadhoin a' Gheàmhraig, 1878. Fhuair sinn an naigheachd mu 'n d' fhàg sinn Baile-Mhoireil.

² Prionnsa Waldemar a mac a b' òige aig Ban-phrionnsa Crùin na Gearmailt, dh' éug e le *diphtheria* air an t-seachdamh latha ficead de 'n Mhàrt.

Thog mise mo dhà làimh ri m' cheann agus ghlaodh mi, "Cha 'n 'eil! Cha 'n 'eil! Cha 'n urrainn e bhi!" Bho mo luaidh Beatrais a caoineadh gu goirt—agus gu dearbh is mòr a' rinn mi fhéin dhe—agus thug i an *telegram* a leanas ri' leughadh dhomh, thàinig e bho Bain-tighearna Frere:—

BAILE 'CHIP,
*An naothamh latha deug de 'n
mhìos Bhuidhe, 1879.*

A' dh' ionnsuidh an Ridire IONRUIC PONSONBY Caisteal Bhaile-Mhoireil. A chum fios a thoirt do a' Mòrachd Rìoghail a' Bhan-righ.

Thàinig am fios brònach mu Phrionnsa na Frainge a' bhi air a mharbhadh, bho Natal leis an *telegraph*. Chaidh e mach air sgriob bho chàmp ChòrNeil Wood agus an uair a' thàinig e fhéin agus na bha leis bhar nan each a leigeadh an anail agus a bhiathadh nan each thàinig buidheann dhe na Zulus orra a bha 'm folach goirid bho làimh agus mharbh iad esan. Cha d' thàinig teachdaireachd shònruichte mu 'n chùis an so fhathast bho neach sam bith ann an dreuchd. Chaidh corp a' Phrionnsa fhaotuinn agus chaidh a thiodhlacadh le làn urram an aim aig a' chàmp an Itelezi agus an déagh dha bhi air ullachadh le spiosraidh théid a chur air adhart do Shasunn. Tha 'n fios so air a chur air adhart do 'r n' ionnsuidh uair air thoiseach air e bhi air a chur a dh' ionnsuidh nam pàipeirean-naigheachd. Chuir mi fios gu Morair Sydney e a bbriseadh an sgeòil bhrònnich do 'n Bhan-impireadh —na 'n gabhadh e deanamh dha mu 'm faigheadh na pàipearean fios air.

O! a' Bhan-impireadh bhochd a chaill na bh' aice ris an t-saoghal, agus a h-aon duine cloinne a' chall anns an dòigh uamhasaich chruaidh so! Mu thruaighe i! B' e am mifhortan ga rìreamh e! Chuir an naigheachd cruaidh mi fhéin na m' dhearg bhreislich; agus cha

'n urrainn sinn ar h-inntinnean a' shuidheachadh bho sin air ni sam bith eile.

Chuir sinn a dh' iarruidh Síne Ely a bha anns an tigh an uair a rugadh e, bha i gaolach air agus b' fhiach e fhéin sin, bu ghrinn e! O mo chreach 's mo léireadh se 'n cruaidh fhortan e! Mar is fhaide a smuainicheas neach air s' ann is goirte e! Bha mise fodh thròm bhròn, agus bha deuchain cho mhór mun chùis air a' Bhrùnach, agus bha na h-uile neach cho duilich. Bha briseadh an latha ann mu 'n deachaidh sinn a luidh! Agus ged a chaidh mise do m' leabaidh cha d' rinn mi móran cadail.

*Dihaoine, an ficheadeamh latha de
'n mhìos bhuidhe.*

Bha oidhche luasganach gun fhois agam agus an sgeula cruaidh so ri aghaidh m' inntinn, agus mi a smuaineachadh gun robh mi faicinn nam béistean Zulu oillteil fodh 'm chomhair, agus mi cho bhrònach air son na Ban-impireadh 's i, gun fhios aice fhathast air na th' air a cùl. Bha mi air mo chois 'an deadh àm.

Tha dà fhichead bliadhna agus a dhà an diugh bho na shuidh mise air an Righ-chaithir: ach 's beag guth a th' agam air agus am bròn so againn uile.

Chuir mi móran fhiosan air falbh an raoir leis an *telegraph* agus thàinig teachdaireachd anns a' mhaduinn an diugh bho Morair Sydney a' ràdh gu 'n robh e dol sios tràth a bhriseadh an sgeula uamhasaich so do a' mhàthair thruagh. Marbhaisg air an olc! Fhuair mi fiosan bho 'm chuid cloinne uile agus bha iad air an leòn mu 'n chùis. Fhuair mi fios bho 'n Ridire Staf-

ford Northcote gu 'n d' thainig teachdaireachd gu Tigh na Pàrlamaid uime; agus gu 'n robh na h-uile neach duilich air son na thachair. 'S ann gu Còirneal Stanley a thàinig am fios. Chuir mise teachdaireachd gu móran chàirdean mu 'n sgeula bhròn.

Chuir am Brùnach 'us mi fhéin gach ni anns na cisteachan. Cha b' urrainn dhomh innse an t-uamhas a bh' orm. Cha' n' eil toiseach sàmhraídh an uair a tha sinn an so nach eil fios bàis neach rioghail air choir-eigin a tighinn 'g ar 'n ionnsuidh, air chor 's gu 'm bheil againn ris na féisdean stàtail a chuir dhe.

Chaidh mi gu ruig tigh Dhònuil Stiùbhairt anns a' charbad aig fichead mionaid an déigh aon-uair-deug a' ghabhail beannachd leòtha. Chaidh sinn air adhart bho sin gu tigh Profeit. Stad sinn aig dorus bùth Shimoine 'us ghabh sin beannachd leis a' bhean agus chaidh sinn an déigh sin gu tigh a' Bhrùnaich los beannachd fhàgail aig muinntir Uisdean. Thill sinn dachaidh aig fichead mionaid an déigh dà-uair-dheng agus thug mise greis air sgriobhadh.

Fhuair mi fios bho Morair Sydney ag ràdh gu 'n d' innis e sgéula a chruadail do 'n Bhan-impireadh ghao-laich. Cha b' urrainn dhi 'chreidsinn an toiseach ach an uair a thuig i gu 'n robh e tuilleadh 's fior bhris a cridhe. Och 's e 'n deuchainn mhór e !

Ghabh mise 'us Beatrais ar tràth-nòin ann an seòmar mo ghaoil Ailbeart. Bha Beatrais fodh throm bhròn 's gu dearbhì bha sinn uile sin. Bha eadhoin an fheadhain dha nach b' aithne iad làn cofhaireachdinn air son gnothuch cho cruaidh. Bha e na ghille cho grinn, agus

bha de ghaol aig gach neach air. Tha e na rud cho iongantach gu 'm bheil sinn a' fàgail an àite so bho bhliadhna gu bliadhna le naigheachd bròin a' cur duthachais oirnn. Cha 'n 'eil uair a dh' fhàg sinn e bho chionn cheithir bliadhna nach d' fhuair sinn fios mu bhàs caraid no aon 'g ar luchd eòlais a' measg na 'n daoine mòra.

Dh' fhàg sinn Baile-Mhoireil aig leth-uair an déigh aon uair, bha Síne Ely 'us Leila Errol leinn agus iad làn cofhaireachdainn. Bha sinn duillich a bhi' fàgail an àite direach an uair bu bhreagha e. Bha craobhan na 'm flùraichean sàmhraiddh a tighinn fodh bhlàth. Chaidh sinn seachad air craobh de *lilac* geal fodh bhlàth dlùth air Bailatair. Bha 'n stùr uamhasach draghail dhuinn. Cha robh mòran blàth air a chouinusc no idir air a bheallaidh bhòidhich a b' àbhaisd sealltuinn cho breagha bho 'n rathad iaruinn aig an àm so' bhliadhna. Ràinig sinn Abareadhain aig fichead mionaid roimh cheithir agus beagan an déigh sin ghabh sinn ar *tea*.

Fhuair sinn pàipeirean-naigheachd aig Drochaid Duin anns an d' fhuair sinn an sgeula cruaidh so ni bu mhionaidiche. Ghabh sinn an déigh sin seachad air Arbroath—air adhart ri taobh na mara—agus air East Haven 'us Carnoustie far an d' fhàs Symon cho tinn 's gu 'm b' fhéudar dha tilleadh dhachaidh. Tha na h-àit-eachan so uile na 'n luidhe glé iosal agus dailtean air son cluich *golf* goirid bho gach baile dhiùbh. Bha 'n rathad iaruinn a' gabhail air adhart troimh thalamh feuraich agus torrain us lagain ann mar a chitear air

am fàgail leis a' mhuiр an talamh iosal gainmhich gun chreagan; ach tha éirigh 's a ghrùnnnd air adhart ri Dundeadh.

Ràinig sinn ceann-uidhe Drochaid Tatha aig sia uairean. Bha dùmhlas mòr sluaigh a mach 'us brataichean a snàmh air a ghaoithe ris gach taobh; ach mu thruaighe bha ar cridheachan ro thròm air son sòlais sam bith. Thàinig am Probhais a thoirt òraíd dhomh agus e air a sgèudachadh ann an éididh àillidh agus thug mnathan-uaisle badan fhlùraichean do Bheatrais 'us dhòmhsa. 'S ann am mìos meadhoin an Fhoghair, 1844, a bha mise 'an Dundeadh mu dheireadh. Bha sin beagan an déigh dhomh Affie a bhi again, thàinig sinn air tir 'an so air ar rathad gu Blàr-an-Athull, cha robh againn leinn de 'n chloinn ach Vickie agus cha robh i ceithir bliadhna a dh' aois 's an àm, ghiulain Renwick¹ i troimh 'n mhòr-shluagh, chaidh sinn air bòrd na luinge an so a rithist air ar tilleadh.

Rinn sinn stad mu chóig mionaidean 'an so agus an déigh sin ghabh sinn thairis air drochaid mhiorbhuitteach na Tatha.² Thoisich iad air a togail 'an 1871 agus tha mu mhile gu leth innse air fad. Bha e glé dhuilich dhoibh an steigh aice a leagadh agus chaill euid dhe na bha 'g obair oirre am beatha. Chaidh a criochnachadh 'an 1878.

B' e Mr Bouch a chaidh a dheanamh aithnichte dhomh an Dundeadh a b' fear deilbh dhi, ghabh sinn

¹ An t-àrd ghille-coise 's an àm sin, dh' éug e 'an 1871.

² Thuit an Drochaid so ri stoirm mhòir air an naothamh latha fichead de 'n Dùdlachd, 1879, agus chaidh na carbadan-smùid a bha dol thairis oirre 'us ceithir fichead sluaigh a chall.

mu ochd mionaidean a' dol thairis oirre. Bha 'n sealladh mu 'n cuairt glé bhreatha.

Bha gillean beaga na long-oileanachaidh a' sealltuinn glé mhath le 'n còisir-chìùil fhéin air an ceann. Bha an rathad air an robh sinn a' dol tròimh choilltichean uaine Fife anabarruch bòidheach, bha e fior bhòidheach gu dearbh an déigh dhol seachd air àite coinnichidh nan rathad iaruinn aig Ladybank. Stad sinn ann an sin beagan mhionaidean agus thug Mr Balfour a' Balbirnie bascaid fhlùraichean dhomh. Choinnich sinn e fhéin agus a' Bhan-mhorair Georgiana, a bhean roimhe 'an Albainn 'an 1842. Ghabh sinn seachad air Loch Liobhunn far am bheil fhathasd ballachan briste a' chaisteil anns an robh Ban-rìgh Màiri bhochd ann am priosan. Chaidh sinn seachad air roimhe 'an 1842. Stad sinn tiotan 'am fradhare nan Lomonds agus an sin ghabh sinn seachad air Dollar agus Tillicoultry a tha air an suidheachadh gu bòidheach 'an gleann uaine a null ri bun na 'm beann, bha iad ag cur na h-Eadailte agus Switzerland na m' chuimhne, ghabh sinn an déigh sin seachad air Sauchie agus Alloa — bailtean 's am bheil móran oibreichean a dol air adhart, agus chaidh sinn seachad ri bun a chnuic air am bheil carragh cuimhne Wallace. Ràinig sinn ceann-uighe an rathaid iaruinn aig Sruithleadh aig ochd mionaidean deug an déigh ochd, agus bha sluagh mòr a mach agus iad uile cho dealasach. An déigh sin fhàgail ghabh sinn dinneir glé mhath de dh' fheòil fhuar, bha i 'cur na 'm chuimhne nan tràthan grinne a b' àbhaisd dhuinn a' ghabhail air ar turas taitneach anns an Eadailt.

Bha sinn a' faotuinn nam paipeirean-naigheachd Al-bannach na 'r dol air adhart agus bu ghoirt a bhi a leughadh cùnnatas mu 'n bhàs chruadalach so. Bha na fiosan air an cur le *telegraph* bho Natal gu Baile-Chip agus le luingeis bho sin gu Madeira agus bho sin gu ruig a so a rithist le *telegraph*. Cha robh sinn ga fhaotuinn mionaid as ar 'n inntinn. Thàinig Sine Ely far an robh sinn aig Beattock Summit agus dli' fhan i leinn gu Carlisle. Sheall i dhuinn paipeir-naigheachd a' Dundeadh ris an abrar 'The Evening Telegraph' anns am bheil an cùnnatas is mionaidiche do 'n chùis a' chunnaic sinn fhathast. 'S uamhasach an gnothuch an t-òganach gaolach so a bha mar chlach a sùl ga' mhàthair, agus air àrach 'an sògh rioghail a bhi air a chur gu bàs cho brùideil, tha e cruaidh ga rìreamh; agus cha ghabh e tuigsinn dòmhsa ciamar nach do thionndaidh càch a chogadh air a shon. Tha e thar labhairt dhomh.

TIGHINN-DHACHAIDH A MHÓRACHD RÌOGHAIL DIUC GHALLABH LE A MHNAOI ÒIG.

CAISTEAL BHAILE-MHOIREIL,
*Dihaoine, an còigcamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1879.*

Dh' fhalbh mi bho 'n tigh le Beatrais us' Sine Ely ann an carbad cheithir each, bha na gillean greasaidh 'an deiseachan gorma agus na marcaichean a bha leinn 'an

deiseachan deurga, bha 'm Brùnach na làn dheise Ghàidhealaich agus e air cùl a' charbaid làimh ri Power. Chaidh an Ridire Ionruic Ponsonby agus Seanàlair Gardiner air adhart air thoiseach oirun gu Bailatair. Ràinig sinne aig ceithir mionaidean roimh thrì uairean agus dh' fhuirich sinn anns a' charbad gus an cuala sinn an carbad-smùid a bh' acasan doibh féin a' tighinn. Agus an sin theirinn sinn. Bha iad againn an tiota an déigh sin agus leum mo ghaol Artair, agus Liùsaidh Maireadarad na 'm choinneamh 'us thug sinn failte chritheil dhoibh. Thug mise bad fraoich dh' ise agus fhuair i badain eile bho chàch. Bha freiceadan de na Scotuich Rìoghail na'n coinneamh.

An uair a ràinig sinn drochaid Bhaile-Moireil ghabh sinn air adhart gu socrach fodh 'n bhogha a bh' air a chur suas de fhraoch 's de choinnteach, bha "*Welcome to Balmoral*" air a chur air aon taobh le flùraichean agus "Ceud mìle Fàilte" air an taobh eile agus "A. W." 'us "L. M." air gach taobh. Sheas an sluagh agam fhéin ann an sin—luchd nam féileachan cuaiche. Bha na h-uaislean againn ann cuideachd agus nam measg bha Morair Chelmsford agus Mr Cross, bha an dithis mhac aig Eilidh, Christian Victor agus Ailbeart ann, agus na mnathan uaisle òg Pitt.

Thuirt Artair beagan fhocal gun an carbad fhàgail agus fhreagair Dr Profeit e gu h-aithghearra agus an déigh sin shéid na piòbairean suas agus chaidh iad air adhart air ceann na cuideachd agus luchd na 'n deiseachan Gàidhealach ri 'n cùl, lean càch iad agus ghabh

sinn 's an órdugh sin air adhart a dh' ionnsuidh a' chaisteil air ar socair.

Thàinig triùir chaileag beaga bòidheach far an robh sinn aig a chadh'-chliath agus thilg iad badain fhlùr-aichean do 'n charbad agus bha aon diubh de *marguerites*. Bu le Còirneal Cléireach fear coimhead na 'n each aig Bertie an triùir nighean beaga agus tha iad a' fuireach 'am Birkhall. Bha na h-uile h-aon a bha leinn a' dol air adhart da 'n cois.

Cha d' thàinig neach leis a' càraid òig ach Captain Fitzgerald.

An uair a thàinig sinne as a' charbad agus a bha gach neach cruinn thog Dr Profeit deoch-slàinte na càraid òige agus dh' òl iad uile i le àrd iollach. Thug Artair taing dhoibh. Chaidh sinn a stigh an déigh sin agus ghabh iadsan agus an là gràilleach an tea leinn anns an leabhar-lànn.

CÀRN A MHÒRACHD RÌOGHAIL DIÙC GHALLABH.

*Diluain, an t-ochdamh latha de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1879.*

Bha maduinn àillidh ann. Ghabh Artair 'us Liùs-aidh an tràth-maidne le Beatrais 'us leamsa ann am bothan beag a' ghàraidh, agus thog sinn oirnn aig aon-uair-deug a dhol gu càrn Artair, bha mise mar-

cachd mo làir bheag Sesidh ach dhirich Beatrais da cois. Thachair Artair 'us a bhean oirnn air an rathad agus ghabh sinn taobh na làimhe deise de cheum a' Chainbeulaich gus an robh sinn goirid bho 'n chàrn. Thàinig mise far muin an eich; agus bha na h-uaislean uile cruinn ann an sin roimhinn, bha Dr Profeit cuideachd agus na gillean-seilg 'us seirbhisich eile an àite le 'n teaghlaichean agus a' chuid mhór de sheirbhisich an tighe. An uair a bha sinn air a' mhullach làimh ris a' chàrn le ar gloineachan làn thog Dr Profeit slàinte na càraid agus thuirt e beagan fhocal molaidh mu Artair. Dh' òl iad an deoch le iollach aoibhneach àrd—trì uairean a trì. Fhreagair Artair gu deas-bhriathrach agus thug e buidheachas dhoibh 'an òraid ghoirid. Dh' òl iad mo shlàinte-sa an déigh sinn le àrd iollach; agus thuirt am Brùnach gu' m bu chòir dhoibh deoch-slàinte na Ban-phrionnsa Beatrais òl, thog Cowley i agus dh' òl iad i gu cridheal le mór iollach. Bha Fern 'an sin leis na coin eile agus cha robh an iollach a còrdadh ris idir agus bha e a sior-chofhartaich. Chuir sinn uile clach anns a' chàrn agus tha an sgrìobhadh a leanas air—

PHÒS ARTAIR DIÙC GHALLABH AGUS
SHRATHÉIREANN,

A BHAN-PHRIONNSA LIÙSAIDH MAIREARAD A' PRUSSIA,

Air an treas latha deug de 'n Mhàrt, 1879.

Thill sinn dachaidh an déigh sin agus choisich mise fad an rathaid gu tigh Dr Profeit, stad sinn ann an sin agus chaidh mise a rithist air muin na làire bige.

SGRIOB GU AIRIDH GHLINN GHEALADAIR.

BAILE-MHOIREIL,


*An siathamh latha de mhìos mu dheireadh
an Fhoghair, 1879.*

Chaidh mi mach anns a' charbad aig deich mion-aidean an déigh ceithir, bha a' Bhan-impireadh Eugenie còmhlaadh rium, thàinig i 'nall bho Obair-Gheallaidh¹ a dhol leam gu Airidh na Ban-rìgh mar a their iad rithe. Bha 'm feasgar grianar, soilleir, blàth, breagh. Thaitinn an Tigh-àiridh beag gu math ris a' Bhan-impireadh. Cha 'n eil ann ach dà sheòmar agus àite na còcaireachd. Tha e air a thogail air àite fiadhuich aonaranuch a' sealntuinn suas ri Loch-na-gàir, tha beanntan Loch-na-gàir ag éirigh na 'm mill os cionn an tighe ach tha greis mhath astair dh' ionnsuidh an loch fhéin. Ghabh sinn sràid air adhart mu mhile gu leth air frith-rathad a bha ri taobh na h-aibhne agus lean na coin sinn, rinn a Bhan-impireadh móran còmhraidih rinn mu na làithean a dh' fhalbh.

Bha sinn mu uair air falbh agus fhuair sinn ar *tea* an uair a thill sinn. Dh' iasguich am Brùnach bric chiatach dhuinn agus rinn e deas iad ann am min-choirce, agus thaitinn iad cho math ris a' Bhan-impireadh ghaolaich agus gu 'n d' rinn i a dinneir

¹ Bha a' Bhan-impireadh a' fuireach an Obair-Gheallaidh, chuir mise impidh oirre gu tighinn ann air son sàmhéhair agus a dh' fheuch an deanadh an t-àile glan féum dhi an déigh a cruaidh-fhortan móir.

GETTER, SIELE.



dhiùbh. Bha am feasgar àillidh, bha na monaidhean cho dearg agus an iarmailt cho soilleir.

Thill sinn dachaidh aig fichead mionaid an déigh sià, agus ghabh a' Bhan-impireadh agus a bean choimh-eadachd air adhart gu Obair-Gheallaidh.

BUAIDH TEL-EL-KEBIR, AGUS TIGHINN-DHACHAIDH
A' MHÓRACHD RIOGHAIL DIÚC ALBANI LE A
MHNAOI ÒIG.

*Diluain, an t-aona latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair, 1882.*

Fhuair mi *telegram* ann an litreachas diomhair bho an Ridire Iain Mac-Neill a thoirt dhomh fios gun robh iad a cur rompa dol le buidheann mhóir a thoirt aghaidh air a' nàmhaid air Diciadaoin. 'S ann aig Dia amhàin 'tha fios gu dé cho iomaguineach 's a rinn so sinne; ged a bha an dàil a bha air a chur 's a chùis bho latha gu latha glé mhishocrach leinn. Gun fhios aig neach ciod a thachradh agus sior dhuil ri ni-eiginn a chluinntinn.

*Dimàirt, an dara latha deug de mhìos
meadhoin an Fhoghair.*

Chaidh mi 'mach anns a' charbad aig deich mionaidean roimh chóig, bha Beatrais, bean Artair, agus Harriet còmhlaadh rinn agus ghabh sinn gu "Airidh na Ban-rìgh."

Fhuair sinn ar *tea* 'an sin agus thug mise greis air tarruing dhealbh. Bha 'n spéur cho bòidheach, choisich sinn dhachaидh agus ràinig sinn an tigh aig fichead mionaid an déigh seachd. Cha ruig mi leas innse mu 'n iomaginn a bh' oirnn; ach dh' fheuch sinn ri cumail oirnn fhéin. Cha robh aig bòrd na dinneir leinn ach na mnathan uaisle.

Bha mise ag ùrnuigh gu dùrachdach air son mo leinibh gaoil agus fadail orm air son tighinn an latha màireach. Leugh mi an laoidh bhreagha aig Körner “Gebet vor der Schlacht,” “Vater, ich rufe Dich” (“An ùrnuigh roimh 'n chogadh,” “Athair, mo ghlaodh tha riut”). B' àbhaist do m' chompanach gaoil a seinn gu tric, cha b' urrainn domh m' inntinn a thogail bho 'n Eipheit agus na bha ri tachairt a' màireach.

*Diciadaoin, an treas latha deug de mhios
meadhoin an Fhoghair.*

Dhùisg mi glé thràth 's a' mhaduinn, bha 'n latha gu math tràm dorcha. Ghabh mi mo shràid ghoirid agus ghabh sinn ar tràth-maidne 's an tigh bheag. Fhuair mi *telegram* ag ràdh gun do mhàrs an t-arm a mach an raoir. Cha 'n urrainn domh staid mo chridhe innse! Ghabh sinn gu ruig am bogha bòidheach a th' air a chur suas air son tighinn dachaidh Leopold, tha e aca rud-eigin na 's dlùithe air tigh Middleton no 'bha càch, thill sinn a rithist do 'n tigh bheag 'us shuidh mise ann a' sgrìobhadh agus a' cur m' ainm ri pàipeirean agus mar sin sios.

Fhuair mi *telegram* eile ag ràdh gu 'n robh an cogadh

a dol air adhart agus gu 'n deachaidh an ruaig a chur air an nàmhaid le càll mór aig Tel-el-Kebir. Bha mi cho troimh chéile.

An déigh dol a stigh fhuair mi fios bho an Ridire Iain MacNeill ag ràdh, "Buaidh mhór; an Diùc slàn agus gu tearuinte." Chuir mi gach fios 's a mhionaid gu bean Artair. Bha sin uile cho troimh chéile. Bha mise air mo lionadh le aoibhneas agus le buidheachas do Dhia air son a mhaitheis agus a mhór throcair.

Thàinig an naigheachd cendna bho Morair Granville agus bho Mr Childers ach cha d' thàinig fios fhathast bho 'n Ridire Garnet Wolseley, ach began roimh dhà uair thàinig am fios toilichte a leanas uaithe:—

ISMAILIA,
*An treas latha deug de mhìos meadhoin
an Fhoghair, 1882.*

TEL-EL-KEBIR.

Bho WOLSELEY a dh' ionnsuidh na BAN-RÌGH ann am Baile-Mhoireil.

Bhuail sinn air èamp Arabi an diugh aig còig uairean 's a' mhaduinn. Thug na gearr-dachan agus na saighdeirean coise an aghaidh gu fearail foghainteach air na h-àiteachan anns am bu làidire a shuidheachadh agus dh' oibrich saighdeirean nan each agus nan gunnachan móra mun cuairt ri taobh na láimhe clì. Bha na h-uile mir dhe chàmp na m' lamhan roimh sheachd uairean. Fhuair sinn móran dhe na carbadan-smùid a bh' aige air son na treallaich agus iad làn ghoireasan air son an airm. Tha an ruaig air an nàmhaid le càll mór; agus tha mi duilich a ràdh gu 'm bheil càll goirt oirnn fhéin cuideachd. Tha Diùc Ghallabh gu math agus rinn e gu ciatach an diugh. Chaith e air adhart air ceann a chuid daoine do 'n bhlàr.

Thug am Brùnach an *telegram* so 'g am ionnsuidh agus lean e mi do sheòmar Beatrais, bha Liùsaidh an

sin leatha agus sheall mi an deadh naigheachd dhi, rug mi eadar mo dha làimh oirre agus thuirt mi rithe gu dé an sòlas agus an t-aobhar gairdeachais 'us tàingealachd a bh' againn—esan air gaol geal a bhi gu tearuinte agus air a mholadh cho mór air son a thréunadais. Tha mi cho tàingeal toilichte 's gur gann tha fios agam gu dé 'tha mi deanamh, ged a tha mi duilich air son na thuit 's an àr-fhaich agus gu dearbh tha mi toilichte 'chluinntinn nach eil urrad air a' marbhadh 's a shaoil leòtha an toiseach. Bha sinn le chéile air ar gluasad gu mór.

Chaidh sinn gu 'r tràth-nòin an déigh so. Fhuair mi móran fhiosan agus chuir mi na h-uighir air falbh. Aig deich mionaidean an déigh trì chaidh mi 's a charbad le Beatrais 'us Ban-mhorair Southampton agus chaidh sinn air adhart gu Bailatair. Thàinig sinn as a' charbad agus ann a' mionaid thàinig carbad-na-smùid agus leum Leopold 'us Eilidh a mach na 'r coinneamh; bha deise għlas oirre agus ad de 'n aon dath.

Bha freiceadau a mach de Reiseamaid Chlann Choinnich—an Reiseamaid aig Diùc Albani—agus bha móran sluaigh ann chaidh a chàraid òg do 'n charbad còmhla dhruinne le chéile agus ghabh sinn direach air adhart gu Baile-Mhoireil. Bha Liùsaidh agus Horatia Stopford ann an carbad air an rathad agus lean iad sinne, mar a bha sinn a gabhair air adhart fodh 'n bhogha—direach an déigh dol thar na drochaide stad sinn agus chuir Dr Profeit ann am beagan fhocal failte air a' chàraid òig, agus thug Leopold taing dhà. Bha an sluagh uile

cruinn ann an so na h-uaislean againn fhéin agus an fheadhain a thàinig bho Birkhall agus bho Obair-Gheallaidh, agus bha tuath nan trì òighreachdan ann agus na seirbhisich againn uile.

Ghabh na pìobairean an ceum toisich ag cluich “Mac Iain Ghasda” bha am Brùnach agus a’ chuid eile de ghillean an fhéilidh air thoiseach air a’ charbad agus mun cuairt dhe agus càch uile nan déigh agus cha b’ e am beagan a bh’ ann diubh. Thàinig sinne as a’ charbad aig an dorus agus bha an sluagh againn uile a mach na ’n sreath agus na Gàidheil air an ceann. Bha bòrd ri taobh an tighe air an robh uisge-beatha agus gloineachan agus bha na h-uaislean nan seasamh mu ’n cuairt dhe. Thog Dr Profeit deoch-slàinte na càraid òige agus an déigh dhoibh sin òl thàinig am Brùnach air adhart agus thuirt e mar a leanas: “A mhathan uaisle agus a dhaoin’-uaisle togamaid iollach mhath Ghàidhealach air son Diùc agus Ban-diùc Albani; gu ma fada beò iad, agus bàs sona dhoibh!” thaitinn na briathran sin ris gach neach a bha ’s an làthair agus thog iad iollach chaithreamach.

Dh’ iarr mise air Leopold e thogail deoch-slàinte an airm a bha cho buadhar anns an Eipheit agus slàinte mo luaidh Artair, dh’ òladh an deoch sinn gu cridheil agus thàinig tiomadh air Liùsaidh. Thog Dr Profeit slàinte Ban-diùc Ghallabh an déigh sin, agus an déigh do ’n Bhrùnach labhairt ris thog e a rithist deoch-slàinte na Ban-phrionnsa bige. Bha an gaol beag a gabhail beachd air na thachair agus i aig Chapman a banaltrum air a gairdean agus an luchd frithealaidh eile

aice goirid uatha, bha iad uile dlùth air làimh an uair a chaidh a slàinte òl.

Chaidh sinn a' stigh an déigh sin agus ghabh sinn ar *tea* anns an t-seòmar agamsa gu h-àrd an staidhir—’s e sin Liùsaïdh, Beatrais, agus mi fhéin. Fhuair Liùsaïdh litir fhada thoilichte bho Artair anns an robh e 'toirt cùnnntais mu 'n mhàrsadh thròm a bh' aca air a' chòigeamh latha fichead, thòisich e air an litir air an t-siathamh latha fichead ach 's ann an déigh sin a chriochnuich e i. Thàinig *telegram* air adhart a chuir an Ridire Garnet Wolseley gu Mr Childers agus bha cùnnntas ni bu mhionaidiche ann mu na thachair. Tha mi 'toirt buidheachais do Dhia! nach 'eil an càll cho mhór 's a shaoil sinn an toiseach. Dh' òrduich mise teine-aighir a' bhi air a' lasadh air Creag-Ghobhann aig naoi uairean, dìreach far an robh am fear a chaidh a lasadh an 1856 an déigh dhuinn sgéul fhaotuinn air tuiteam Sebastopol agus chaidh mo ghaol Ailbeart suas ga ionnsuidh agus Bertie 'us Affie còmhlaadh ris. Bha sin air an deicheadamh latha de mlios meadhoin an Fhoghair, dlùth air sia bliadhna fichead gus an àm so.

Chaidh mi gu Liùsaïdh 'us leugh i pàirt de 'n litir fhada aig Artair dhomhl agus bha mi air mo léireadh mu 'n chùnnntas a thug e air fhulangais fhéin agus nan oifigeach eile cho math ris na saighdearan bochda.

Cha do shuidh a dh' ionnsuidh na dinneir ach sin fhéin; agus aig naoi uairean dh' fhalbh Beatrais 'us Liùsaïdh agus Ban - mhorair Southampton a dhol gu mullach Creag-Ghobhann, bha na daoin'-uaisle againn leòtha agus chaidh móran de 'n t-sluagh ann agus pio-

bairean a' cluich fad an rathaid aca—bha mi fhéin ga shaoilsinn cunnartach dhoibh dol snas 's an dorcha. Chaidh Leopold, Eilidh, 'us mise suas gu seòmar Beatrais agus chunnaic sinn iad as a sin a' eur lasair ris an teine. An déigh dha gabhail bha sinn a' faicinn an t-sluaigh air ais 'us air adhart eadar sinn 's an lasair, agus bha sinn a' cluinntinn na gàir, agus ceòl na pìoba. Cha robh iad fada gun tilleadh agus chaidh mise a shuidhe greis leòtha do sheòmar Liùsaidh far an robh i fhéin 'us Beatrais agus Ban-mhorair Southampton a' gabhail an suipeir.

Bha *telegram* an déigh *telegram* a' tighinn gun cheann gun chrioch! Bha e na latha sonais agus taingealachd ged a bha ar sòlas air a mheasgadh le bròn air son na bha air an leòn agus a dol gu bàs, agus air an son-san a bha caoidh luchd an gaoil a bha air am marbhadh!

AN CO-DHUNADH.

'S fhéndar dhomh beagan fhocal a ràdh ann a bhi co-dhùnadadh an leabhair so.

Cha 'n 'eil am fear frithealaidd dileas a th' air ainmeachadh cho tric anns na "Duileagan" so nis faide aice-sa dha 'n d' rinn e seirbheis cho firinneach, cho dileas agus cho neo-sgithichte.

Ann an tréin a neart agus ann an lànachd a shlàinte,

agus gun e bhi ach trì latha gu tinn, chaidh a thoirt air falbh bho 'n bheatha fhéumail a bha e' caitheamh, air an t-seachdamh latha fichead de Mhàrt na bliadhna so. Bha mór-mheas agus gràdh aig gach neach air dha 'm b' aithne a luach agus caoimhneas a chridhe, agus tha gach neach a bha eòlach air ri fior chaoidh air a shon.

Cha ghabh a chàll deanamh suas dhòmhhsa 's mi cho bochd na m' shlàinte leis an tachartas a dh' fhàg air cho bheag comais mi 's an àm. Agus cha ghabh e eur an géill dhomh mar a tha mi ga ionndrainn oir bha mi eur mo lèn earbsa ann; tha mi ga ionndrainn air gach latha, agus air gach uair de 'n latha, agus ré mo bheatha bitidh mi cuimhneachadh le taingealachd dha, air a chùram gun lasachadh, a fhritheilteachd, agus a dhilseachd dhòmhhsa.

“Cha tug cridhe buille riamh ann an broilleach duine,
A bha ni b' fhirinniche, ni b' uaisle, na ni b' earbsaiche.
No cridhe ni bu rioghala, no ni bu ghràdhhaiche.”

BAILE-MHOIREIL,
Ceud mhìos a' gheamhraidih, 1883.



